———ach, -aiche, *a.* Abounding in hawks or falcons. 2 Like, or pertaining to, a hawk or falcon.
———ail, -e, *a.* Falcon-like, hawk-like, fierce.
———air, -ean, *s m.* Falconer.
———aireachd, *s.f.ind.* Falconry, business of a falconer.
———an,** -ain, *s.m.* Call of a hawk. 2 Place where hawks are kept.
seabhag-dhearg-chasach,¶ *s. f.* Red-footed falcon—*falco rufipes.*
seabhag-fheasgair,¶ *s. f.* Hawk-owl, see seabhag-oidhche.
seabhag-ghèarr, *s.f.* Ger-falcon, see gèarr-sheabhag
seabhag-ghorm,¶ *s. f.* Peregrine falcon, see seabhag.
seabhag-ghorm-an-fhraoich,¶ *s.f.* Merlin hawk, see m irneal.
seabhag-lochlannach,¶ *s.f.* Iceland falcon—*falco islandicus.*
seabhag-mhór,¶ see glas-sheabhag. 2 see gèarr-sheabhag.
seabhag-mhór-bhàn,¶ see seabhag-mhór-na-seilge.
seabhag-mhór-ghorm,¶ see seabhag. 3 see seabhag-lochlannach.
seabhag-mhór-na-s-ilge,¶ *s.f.* Ger falcon—*falco groenlandicus.*
seabhag-na-miseag,¶ *s.f.* Hobby falcon, see gor-mag.
seabhag-na-seilge,¶ *s. f.* Peregrine falcon, see seabhag.
seabhag-oidhche,¶ *s.f.* Night-hawk, see sgraichean-oidhche. 2 Hawk-owl—*surnia funerea.*
seabhag-riabhach,¶ *s. f.* Goshawk, see glas-sheabhag.
seabhag-sealgair, see seabhag.
seabhaid, -e, -ean, *s. f.* Error. 2 Wandering, going astray. 3**Range. Air s., *astray.*
seabhail, *v.a.* Wander, go astray. 2 Run hither and thither.
———each, -eiche, *a.* Wandering, excursive. 2 Apt to wander or go astray, straying. 3 Errant, erratic.
———eachd, *s.f.ind.* Habit of wandering. 2 Aptness to wander or go astray. 3 State of being astray.
seabhaidich, see seabhaid.
———e, -an, *s.m.* Wanderer.
seabhais, see seabhas.
seabhaiseach, see seabhasach.
———d, see seabhasachd.
seabhaltrach,* *s.m.* Straggler.
seabhas, -ais, -an, *s.m.* Wandering. 2 Fatigue, weariness. 3**Labour. 4**Strolling, stroll.
sèabhas,(CR) *s.m.* Meaningless talk, nonsense.
———ach, *a.* Meaningless.
seabhasach, -aiche, *a.* Wandering, straying. 2 Weary, fatigued. 3**Laborious. 4**Discursive. 5**Meaningless.
seabhasachd, *s.f.ind.* Wandering. 2 Aptness to go astray. 3 Weariness, fatigue. 4** Laboriousness. 5**State of being astray. Tha mi sgith le s., *I am tired of wandering.*
†seabhrach, *a.* Certain, sure, true.
seac, *pr.pt.* a' seacadh, *v.a. & n.* Wither, cause to wither or fade. 2 Scorch, dry, parch. 3 Wither, become withered, fade, decay, waste, blast. Tha e air seacadh, *it is withered.*
seac, -a, *a.* Withered, decayed, shrivelled. 2 Blighted, scorched, dried, parched. 3 Sapless, without substance. Meanglan s., *withered branches.*
seac, *s.* Blight.
seacach, -aiche, *a.* Withering, causing to wither. 2 Apt to wither. 3 Withering, fading. 4 Parched.
seacachadh, -aidh, see seacadh.
seacachd, *s.f. ind.* State of being withered, dried up, scorched or parched. 2 Dryness.
seacadh, -aidh, *s.m.* Withering, act of withering or causing to wither. 2 State of withering or fading. 3 Scorching, act or state of scorching, drying up or parching. 4 Wasting, state of wasting or decaying. 5**Scorching heat. 6** Scorched or withered part. A' s—, *pr. pt.* of seac. Air s. nan raon, *on the withered surface of the upland fields;* air s., *withered.*
seacaich, *v.* see seac.
seacaichear, *fut.pass.* of seacaich.
seacaichte, *past pt.* of seacaich, see seacta.
seacaidh,(DU) *a.* Withered. Buntàta s., *a withered potato.*
seacaireachd,(MS) *s.f.* Dryness.
†seacamh, -aimh, -an, *s.m.* Helmet, headpiece.
seacanta, -aiute, *a.* see seacach & seacta.
seacantachd, *s. f.* see seacachd. 2 Aptness to wither.
seach, see seachd & seac.
seachlach, see seacach.
seachladh, see seacadh.
seachdaich, see seacaich.
seachdaichte, see seacaichte.
seach, -a, -an, *s.m.* Turn, alternation. Fa s., or mu s., *alternately;* gach aon mu seach, *each one alternately.*
seach, *adv.* Past, gone by. 2 Away, aside. 3 In comparison of. 4 In preference to. Chaidh e mu seach orm, *I missed it; it did not occur to me;* tha mise los sin uile a thoirt leam, s. a bhi 'fagail pàirt dheth 'nar déidh, *I intend*

Digitized by Microsoft®

to take all this with me, rather than leave part behind us ; deò-gréine a chaidh s., *a sunbeam that has gone by.*

seach,** *v.a.* Shun, pass by.

seach, *prep.* Past, beyond, farther than. 2 More than, rather than.

S an dorus, *past the door ;* cha téid e s seo, *he will not pass this,* or *here ;* s. aon eile, *rather than anyone else ,* s. leigeil da dol seachad, *rather than he should pass by ;* do aon s. aon, *to one more than to another ;* s. a chéile, *one from another , 2 one past the other ;* fear s. fear, *one man more than another;* cha'n aithne dhomh aon seach a chéile, *I do not know one from the other;* s innseadh air, *rather than inform against him ,* cha téid e s. am baile seo, *he will not go beyond this village;* s. e fhéin a mhilleadh, *rather than spoil himself ;* tha sinne gu math dheth s. sluagh bochd nan Innsean, *we are well off in comparison to the poor people of the Indies ;* fear mu s., *man by man, one by one, each in rotation ;* uair mu s., *time about ;* grathuinn mu s., *while about ;* a là, *still alive ;* am bheil e seach la fhathast ? *is he still alive ?—Suth'd. Seach* is used as a *prep.* in two ways as Seach gu'n iarradh iad i, *seeing that they would look for her ;* and, s. iad 'ga h-iarraidh, *rather than that they should look for her—Celtic Review, xii. 357.* [Followed by the *nom.* case.]

seachad, *adv.* By, along, on, onward, forward. 2 Aside. 3 Out of the way. 4 Past. 5 Beyond, more. 6 Gone by.

A' dol s., *passing by* or *along ;* a' dol s. air t' ais 's air t' aghaidh, *not calling, passing and repassing;* an la a' dol s., *the day passing ;* a' cur s. na h-ùine, *passing the time :* cuir s. seo, *put this by ;* s. oirnn, *past us ;* na cuir s. orm e, *do not put it by me, 2 give me the option (of refusing it) ;* cha chuireadh e olc seachad orm, *he would always charge me with wrong-doing ;* thig e s. orm-sa, *he will come past me ;* leigidh sinn sin s., *we will let that pass ,* cuir s. airgiod, *hoard money ;* theirig s., *pass by ;* cha'n 'eil s. air fichead ann, *there are not more than twenty in it;* s. air mile, *more than a thousand, more than a mile ,* tha e deich bliadhna agus s., *he is more than ten years of age ;* is math s. e, *it is as well to be done with it ; it is well to have it laid by ;* tha e deich bliadhna agus s., *he is more than ten years of age ;* labhair 's an dol s., *speak in passing.*

seachad ! *int.* By with you ! away with you !

seachad, *pr.pt.* a' seachadadh, *v. a.* Hoard, lay by. †2 Deliver, surrender.

seachadach, -aiche, *a.* Hoarding, laying by, frugal, parsimonious. 2** Traditionary.

seachadachd, *s.f.ind.* Hoarding, laying by. 2 Disposition to hoard or lay by. 3 Frugality, parsimony. 4 Tradition.

seachadadh, -aidh, *s. m.* Hoarding. 2 Act of hoarding or laying by. †3 Tradition. A' s—, *pr.pt.* of seachad.

seachadaich,** *v. a.* Put aside. 2 Avoid. 3 Hoard.

seachadail, -e, *a.* Past.

seachadas,** -ais, *s.m.* Tradition. 2 (MS) Preteritoness. S. dhaoine, *the traditions of men.*

seachaid,** *pr.pt.* a' seachaideadh, *v.a.* Lay by, store, hoard. 2 Deliver, surrender.

————each,** *a.* Laying up, storing. 2 Frugal. 3 Delivering, surrendering.

————eachd,** *s.f.* Disposition to hoard. 2 Frugality. 3 Hoarding.

seachain, *pr.pt.* a' seachnadh, *v.a.* Avoid, shun. 2 Spare, dispense with. 3 Want. 4 Lend. 5 Abstain. 6 Stay, *prov.* 7*Keep at a distance from. S. an t-olc, *avoid evil ;* an s. thu seo ? *can you spare or dispense with this ?* mholainn dhuit mis' a sheachnadh, *I would advise you to keep meat arms' length.*

seachdain,** *s.pl.* Idle tales. 3 Allegory.

seachainte, *a. & past pt.* of seachain. Shunned, avoided. 2 see seachanta.

————, *comp* of seachanta.

————ach, -eiche, *a.* see seachanta.

†seachan, *prep.pron.* Beyond me, past me. *Emphatic,* seacham-sa.

seachamh-inntinn,(CR) *s.* Gratification, satisfaction. Thug siod s. gu leòir dha, *that satisfied him fully.*

seachanta, -ainte, *a.* Shunning, avoiding. 2 To be shunned or avoided. 3 Shunned, avoided. 4 Unlucky. 5 Allegorical. 6 Dismal, ominous. 7 Evitable. 8 Wandering, straying. 9* Avoidable, guarded against. Là s. na bliadhna, *Childermas day ;* là s. na seachduin, *Friday.*

seachantach, -aiche, *a.* see seachanta. S. air òl, *guarded against drunkenness.*

seachantachd, *s.f.ind.* Shunning, avoiding. 2 *Avoidableness. 3 Unluckiness, unpropitiousness. 4 Tendency to wander. 5* Continued precaution to avoid.

seacharan, -ain, -an, see seachran.

seachdno, see seachtach.

seach-bhriathar,** *s.m.* Allegorical saying.

seachd, *v. & a.* see seac.

seachd, *a* Seven. Rè sh. bliadhna, *during seven years ;* gabhaidh tu nan seachdaibh iad, *thou shalt take them in sevens ;* seachd fir fhichead, *twenty-seven men ;* s. sgith, *completely tired.* [should be *seac-sgith.*]

seachdach, -aiche, *a.* see seacach.

seachdachadh, see seacachadh.

seachdadh, see seacadh.

seachdaich, *v.a.* see seacaich. 2 Arrange in sevens, septimate, septuplicate.

seachdaichear, *fut. pass.* of seachdaich.

seachdaichte, *past pt.* of seachdaich.

seachdain, see seachduin.

————each, see seachduineach.

seachdadaireachd, see seacaireachd.

seachdamh, *a.* The seventh. [7mh.] 2 *s.* The seventh part. An s. la, *the seventh day.*

seachdamh-deug, *a.* The seventeenth. [17mh.] 2 *s.* The seventeenth part. An seachdamh-taigh-deug, *the seventeenth house.*

seachdaran,(MS) *s.m.* The bear (constellation.)

seachdarran,(MS) *s.m.* Pleiades.

seachd-deug, *a.* Seventeen. Seachd craobhan deug, *seventeen trees.*

seachd-dùbailt,** *a.* Septuple, sevenfold.

seachd-fillte, *a.* Seven-fold.

seachd-fillteach, *a.* see seachd-fillte.

seachd-mhios, -a, *s. m.* The seventh month, July. [* gives "September," but the seventh month is always understood to mean July now in spite of the literal meaning of the name.]

seachd-mhiosach, -aich, *s.m.* Child born in the seventh month of pregnancy.

————, *a.* Born in the seventh month of pregnancy. Leanabh s., *a seventh-month child.*

seachdnar, *s. coll.* Seven (applied to persons only. Followed by the *gen.pl.*)

seachdran,†† -ain, *s.m.* The Pleiades.

seachd-reultach, (an t-) *s.* see seachd-reultan.

seachd-reultan, (na) *s.pl.* The Pleiades.

seachd-rinn, see seachd-reultan.

seachd-searbh, *a.* Nauseating, utterly disagreeable.

seachd-shlisneach, *a.* Heptagonal.

————, -eich, -ean, *s.f.* Heptagon.

Digitized by Microsoft®

seachd-shlisneag, -eig, -an, *s.f.* Heptagon.
seachd-tonna,(AC) The seven elements (fire, air, earth, water, ice, wind and lightning.)
seachd-thaobhach,* see seachd-shlisneach.
seachdnan,** -ain, *s.m.* Fold.
seachduin, -e, -ean, *s.f.* Week, seven days. S. bho'n dh'fhalbh, *this day se'ennight (forwards)*; s. gus an dé, *yesterday se'ennight (past time)*; uair 's an t-s., *once a week*; s. mu seach, *week about, a week in rotation*; gach dara s., *every alternate week*; s. na luaithre, *ember week*; eadar seo agus ceann seachduin, *in a week's time.*
seachduineach, -eiche, *a.* Weekly. 2**Heb lomadal.
seach-labhair, *v.a.* Allegorize, speak allegorically.
seach-labhairt, -e, *s.f.* Speaking allegorically. 2 Act of speaking allegorically, allegorizing. 3 Allegory. A' s—, *pr.pt.* of seach-labhair.
seach-labhrach, -aiche, *a.* Allegorical. 2 Speaking allegorically. 3 Prone to speak allegorically.
seach-labhradh, -aidh, -aidhean, *s.m.* Allegory, allegorical speaking.
seachlach, -aich, *s.f.* Cow that has been two years without a calf. 2 Heifer that continues barren when of the age to have a calf.
seachlag,** *s.f.* Park.
seachlaimh, -a, *a.* Remaining, "bydand,"—the motto of the Gordon Highlanders. 2*In store.
————, -e, *s.f.* That which has been preserved or saved, savings.
seachlan, -ain, *s.m.* Any insignificant worthless thing. 2 Warren.
seach-laoghach, -aich, -aichean, *s.* see seachlach.
seach-luidh,** *v.n.* Lie apart, lie aside.
————-e,** *s.n.* Lying apart.
†seachmhal, -ail, -an, *s.m.* Forgetfulness, oblivion. 2 Digression. 3 Partiality.
†seachmhalla, see seachmhallach.
seachmhallach, -aiche, *a.* Forgetful, oblivious. 2 Digressive.
seach-mhallachd,** *s. f.* Oblivion, forgetfulness.
seachmh-inntinn,(CR) *s.m.* Gratification, satisfaction—*Suth'd.* (seachdamh-inntinn)
†seachn-ab, -a, *s.m.* Prior.
seachnach, -aiche, *a.* Avoiding, shunning. 2 Avoidable.
†seachnach, -aich, see seicneach.
————ath, Same meanings as seachnadh. A' s—, *pr. pt.* of seachnaich.
seachnadh, -aidh, *s. m.* Avoiding. 2 Act of avoiding or shunning. 3 Lending. 4 Act of lending. 5 Wanting, missing. 6*Sparing. 7* Act of sparing. A' s—, *pr. pt.* of seachain.
seachnaich,** *pr. pt.* a' seachnachadh, *v. a.* Avoid, shun. 2 Miss. 3 Escape.
seachnaicte, *past pt.* of seachnaich. Avoided, shunned. 2 Lent.
seachnair,** *s.m.* Avoider.
†seachrach,** *a.* Dirty.
seachrain, *v.n.* Err, go astray, wander.
————, *gen. sing.* of seachran.
seachran, -ain, -an, *s.m.* Wandering, going astray. 2 Transgression, error. Air s., *astray, out of one's course*; s. a' mhiann, *the wandering of desire*; mo sh., *my error.*
seachran, -ain, *s.m.* Wandering. 2 Act of wandering, going astray or erring. 3‡‡Transgression. A' s—, *pr.pt.* of seachrain.
seachranach, -aiche, *a.* Straying, going astray, wandering. 2 Apt to wander or go astray. 3 Misleading, causing to wander or stray. 4 Erring, sinning. 5 Apt to err or sin. 6 Causing to err or sin. 7 Wrong, erroneous. 8 Private, unfrequented. Rathad s., *a by-road*; dh' imich an luchd-turuis air rathadaibh s., *the travellers walked through by-ways*; reultan s., *wandering stars; comets.*
seachranach,†† -aich, *s.m.* Wanderer.
seachranachadh,(MS) *s.m.* Bearing in hand.
seachranachd, *s.f.ind.* State of being astray. 2 Aptness to stray. 3 Error, proneness to error or sin.
seachranaich, -ean, *s. m.* Wanderer, one who strays or is strayed. 2 One apt to go astray. 3 Sinner, one that errs.
seachranaich, *v.a.* Bewilder.
seach-rathad, -aid, -an, *s.m.* By-way.
————————ach, -aiche, *a.* Abounding in by-ways.
seach-ròd, -òid, see seach rathad.
seach-ròdach, see seach-rathadach.
†seacht, see seachd.
†seachtar, see seachdnar.
seach-theinn, see seac-thinn.
seac-mharbh,(DU) *a.* Completely dead, in a condition of *rigor mortis.*
————,* *v.a.* Kill outright. S. e i, *he killed her outright.*
seac-thinn, -e, -ean, *s.f.* Severe illness, disease, mortal sickness. 2 Consumption.
————, *a*, Mortally sick. 2 Severely indisposed.
seac-thinneach, -eiche, *a.* Severely ill. 2 Labouring under a chronic illness. 2 Consumptive. 3 Causing a severe or wasting sickness. 4 Mortally sick.
seac-thinneas,** -eis, *s.m.* Severe illness, mortal sickness
seachuin, see seachain.
seacta, *past pt.* of seac. Withered, dried up, shrivelled, parched. 2 Wasted, decayed.
séad, -a, -an, see seud, seòd & séada.
†sead, *s.m.* Likeness of a thing. 2 Seat.
séad, *s.m.* Way, road.
seada,(AF) *s.m.* Deer.
seadair,** *s.m.* Dolt. 2 Sneaking fellow.
seadaireach, *a.* Sneaking.
seadaireachd,** *s.f.* Sneaking.
†seadal, -ail, *s.m.* Short space of time.
†sead-gabhla, *s.m.* Increase.
seadh, *int.* Yes, it is, just so, just as you say. 2 Yes, indeed, truly, furthermore. S., a Thighearna, *yes, Lord!* s. gu dearbh, *yes, just so*; seadh, seadh; *just so! truly! really!* ma seadh, *if so, if it be so, likewise*: Moire s., *yes, indeed, by Mary it is so.*
seadh, -a, -an, *s.m.* see seagh.
†seadh, -a, *a.* Strong, stout, able.
†seadh, -a, *s.m.* Strength.
†seadh,** *v.a.* Esteem, prize, value. 2 Saw. 3 Plane.
seadhach, -aiche, *a.* see seaghach.
seadhachadh, see seaghachadh.
seadhachail, see seaghachail.
seadhachas, see seaghachas.
seadhaich, see seaghaich.
seadhail, see seaghach.
seadhalachd, see seaghachas.
seadhan,* -ain, *s.m.* Rogation. 2 (DMy) Puffing with exertion. Thug siod s. ort! *that made you puff!*
seadhar, see seaghach.
————arachd, see seaghachas.
seadhmhor, see seaghach.
seadh-sulridh, see seagh-sulridh.
seafald,(AF) *v.* Heifer.
seagad,** *a.* Sixty.
seagaid, see seachlach.
seagair,¶ *s. m.* Kittiwake—*larus tridactylus.*
seagal, -ail, *s.m.* Rye—*secale cereale.*
seagalach, -aiche, *a.* Abounding in rye. 2 Per-

Digitized by Microsoft®

taining to rye.
seagh, -a, -an, *s.m.* Meaning, sense, purport, import 2 Discourse, dialogue. 3 Sense, understanding. 4 Cause, reason, purpose. 5 Esteem, value, respect. 6 Crop of a bird. Dè is s. dha ? *what is the purport of it ?* s. na lice seo a dh'fheòraich, *to enquire into the import of this tombstone ;* gabh s., *pay attention.*
[*Seadh* is the form used in the Bible and in the dictionaries, but *seagh* is better.]
seagha,** *a.* Curious, ingenious.
seaghach, -aiche, *a.* Discreet, sensible, prudent. 2 Weighty, important, having much meaning. 3 Sagacious. 4 Fit, proper. 5 Courteous, respectful, of gentle manners. 6** Attentive, heedful.
seaghachadh, -aidh, *s.m.* Act or state of signifying. 2 Holding forth, showing, importing, meaning. A' s—, *pr.pt.* of seaghaich.
seaghach,(AF) *s.m.* He-goat.
seaghachail, -e, *a.* Implicative.
seaghachas, -ais, *s.m.* Sense, intellect, understanding. 2 Sagacity, acuteness, penetration. 3 Courtesy, gentleness. 4 Attentiveness.
seaghaich, *v.a.* Signify, import, imply.
seaghail, -e, *a.* see seaghach.
seaghalachd, *s.f.* see seaghachas.
seaghar, -aire. see seaghach.
seaghas, see seaghachas.
seaghas,** -ais, *s.m.* Wood.
seaghlan,** *s.* Column, post. 2 King.
seaghlan,** *s.m.* Old man. 2 Infirm person. 3 Pithless person.
seaghlanach,** *a.* Infirm, stiff. 2 Columnal.
seaghmhor, -mhoire, see seaghach.
seaghmhorachd, *s.f.* see seaghachas.
seagh-suiridh, -a-, -an-suiridh, *s.f.* Love-token.
seagsaid, see seasaich.
seaguil,* see seagal.
seal, -a, -an, *s.m.* While, space of time, season 2** Glimpse. 3 Course, turn. 4 Spot. 5 see seul. 6 (MS) Mean. Car s., *or* rè s., *for a while.*
sealach, -aiche, *a.* Momentary, of short continuance, transitory.
sealacha,(CR) *s.pl.* Seals.
†**sealadach**, -aiche, *a.* Alternate, by turns. 2 Transitory.
sealaidheach,** *a.* Transitory.
sealaidheachd,** *s.f.* Transitoriness, alternation. 2 Vicissitude, change.
sealan, -ain, -an, *s.m.*,*dim.* of seal. Little while. 2 Halter or rope for execution.
sèalan, -ain, -an, *s.m.* Sheep-louse, tick.
sèalanach, -aiche, *a.* Abounding in sheep-lice or ticks.
sealanach,** -aich, *s.m.* Executioner. 2 Villain. 3 Meagre man or beast.
sealanach,†† *a.* Of short duration.
sealanta,**a.* Rigid.
sealantas, -ais, *s.m.* Rigidness.
sealastair,(DC) *s.f. Uist* for seilisteir.
sealbh, **seilbh**, -an & -ean,*s.m.* Possession. 2 Inheritance. 3 Cattle, drove, stock. 4 Field. 5 Luck, good luck. 6 (AC) Corn. 7 *rarely*, Pretence, colour. Gach s. a th' agam, *every living creature I possess ;* fhuair e s. *he got possession ;* fad-sealbh, *infeoffment ;* thoir fad-sealbh, *infeoff ;* gu 'n gléidh an S. mi ! *fortune preserve me !* s. chaorach, *a stock of sheep ;* s. chrodh, *a possession of black cattle.*
sealbhach, -aiche, *a.* Fortunate, lucky. 2 Prosperous. 3 Possessive.
sealbhachadh, -aidh, *s. m.* Possessing, act of possessing, enjoying. 2 Act of acquiring or winning property, inheriting. A' s—, *pr. pt.* of sealbhaich.
sealbhachail, -e, *a.* Inheritable.
sealbhachas, -ais, *s.m.* Luckiness, state of being lucky, fortunate or prosperous. 2††Stock.
sealbhachd, *s.f.* see sealbhachas.
sealbhadair, -ean, *s. m.* Possessor, owner, proprietor. 2 Occupant.
———————eachd, *s.f.* Ownership, possession.
sealbhadh,** -aidh, *s.m.* Possessing, inheriting. 2 Possession.
sealbhag,§ -aig, -an, *s. f.* Common sorrel, see samh.
sealbhagach, -aiche, *a.* Abounding in sorrel. 2 Of, or like sorrel.
sealbhag-na-fiodha,§ *s.f.* Wood-sorrel, see seamrag.



677. Sealbhag-nam fiadh.

sealbhag-nam-fiadh,§ *s.f.* Mountain sorrel—*oxyria reniformis.*
sealbhag-nan-caorach, *s f.* Sheep-sorrel.
sealbhaich, *pr.vt.* a' sealbhachadh. *v.a.* Possess, inherit. 2 Enjoy, own. 3 Gain, acquire, win.
sealbhaiche, -an, *s.m.* see sealbhadair.
sealbhaichear, *fut.pass.* of sealbhaich.
sealbhaichte, *past pt.* of sealbhaich. Possessed. 2 Won, acquired.
sealbhaidh,** *s.f.* Encounter, encountering.
sealbhan, -ain, -an, *s.m.* Herd, drove, number of cattle, or of small cattle (sheep, goats, &c.) 2 Multitude, company. 3 The throat, throttle. 4(AF) Tocher, possession of cattle. 5 Little possession, little inheritance. An s. a chéile air uchd an t-srutha, *at each other's throats on the breast of the stream ;* bha e s. uairean an seo, *he was here several times.*
sealbhanachadh, -aidh, *s. m.* Act of seizing by the throat, throttling. A'[s—, *pr.pt.* of sealbhanaich.
sealbhanaich,*pr.pt.* a' sealbhanachadh,*v.a.* Seize by the throat, throttle.
————————te, *past pt.* of sealbhanaich. Seized by the throat, throttled.
sealbhar, -aire, *a.* see sealbhmhor.
sealbharach,** *s.m.* Prosperousness, propitiousness, good luck. 2 Possession of property.
sealbharachd, see sealbhmhorachd.
sealbh-dhlighe, *s.f.* Inheritance.
sealbh-ghlacadair, -ean, *s.m.* Impropriator.
sealbh-ghlacadh, -aidh. *s.m.* Occupancy.
sealbhmhor, -oire, *a.* Having many or great possessions, rich. 2 Prosperous, enjoying prosperity. 3 Lucky, propitious. Ged a bhithinn cho s. ris, *though I were possessed of as much property as he.*
sealbhmhorachd,*s.f.ind.* State of being wealthy or rich. 2 Wealth, riches. 3 Prosperity, state of being prosperous. 4 Fortune, good luck, propitiousness. 5 State of being lucky or fortunate. 6**Possession of property.
seal-coise, *s.m.* Foot-board or treadle of spin-

Digitized by Microsoft®

ning-wheel.

sealg, *pr.pt.* a' sealg, *v.a.* & *n.* Hunt, chase, fowl, hawk. 2 Lay snares for, lie in wait. 3* Watch narrowly. S. dhomh sithionn, *hunt venison for me.*

sealg, -eilg, *pl.* -a & -an, *s. f.* Hunt, hunting, fowling, hawking, the chase. 2* Milt of swine. 3 Spleen of man or beast. 4 Bellyache. Is aoibhinn an obair an s., *the chase is a joyous occupation.*

sealgach, -aiche, *a.* Hunting. 2 Hawking. 3 Fond of hunting or fowling. 4** Having spleen, splenetic.

sealgadh, -aidh, *s.m.* Same meanings as sealg. A' s-, *pr.pt.* of sealg.

sealgag,§ *s.f.* Common sorrel, see samh.

sealgair, -ean, *s.m.* Hunter, huntsman. 2** Fowler, falconer. 3 Sportsman. 4 Gamekeeper. 5 Forester. 6 Falcon, see seabhag. 7* Sneaker. S. a theab, *an unsuccessful hunter.*

sealgaireach, ** *a.* Like, or pertaining to, a hunter or huntsman.

sealgaireachd, *s.f.ind.* Hunting, hawking, fowling. 2 Business of a huntsman, gamekeeper, hawker or fowler. 3* Watching narrowly.

sealgair mór, (an), *s.m.* The constellation Orion. The cross (Orion's belt) is made up of three stars of a good second magnitude. A' bhiodag, (the dirk), is slung from two of these; it shows as three small stars with a larger one at the end of the sheath. An sporan, is suspended from the other, and Am breacan-guailne is blowing away on the breeze to the left.

sealg-bhata, -aite, -aichean, *s. m.* Hunting pole.

sealghag, *Lewis* for sealgag.

seal-iomairt, -e, -ean, *s.f.* Temporary convenience.

seal-iomairteach, -eiche, *a.* Affording temporary convenience.

seall, *pr.pt.* a' sealltainn, *v.a.* See, look, behold. 2 (CR) Show—*W. of Ross.* Seallaidh mi dhuit e, *I will show it to you;* seall orm, *look at me;* Dia s. oirnn! *God have mercy on us!* am fear nach s. roimhe, seallaidh e as a dheidh, *he who will not look before him must look after him.*

seall! *int.* Look! see! behold! S. an gaisgeach treun a' teachd, *see the conquering hero comes!*

seallach,†† *a.* Seeing, viewing.

sealladh, -aidh, -ailhean, *s.m.* Sight, spectacle, view. 2 Compass of vision, extent to which one can see. 3 Sight, eye-sight, power of vision. 4 Look, cast of the eyes. 5 Sight, glance. 6 Vision, dream. 7** Supernatural sight. 8** Short while. †9 Cell. 10(MS) Air. Fear-sealladh, *a seer;* s. cúil, *a back-look;* s.-taoibh, *a side-look, side-glance;* le s.-taoibh bu mhór an aire, *with side looks they watched attentively;* s. annasach, or s. nòsach, *a rare show;* s. gobhlach, *a squint;* a' dol as an t-sealladh, *going out of sight;* as mo sh., *out of my sight;* s. nan sùl, *eye-sight;* a réir an t-sealladh seo nithe, *according to all this vision;* s.-cùil, *a back look, looking behind;* chaill e a sh., *he lost his eye-sight;* fad mo shealladh, *the extent of my view.*

seallagan, -ain, -an, *s. m., dim.* of sealladh. Peep, glance, glimpse, view.

seallam, *1st.pers.sing.imp* of seall. Let me see.

seall-fhios, ** *s.m.* Ocular proof, certainty. Tha s. agam air, *I am quite certain of it.*

seallan, see sealain.

sea -mara, *s.* Space from which the tide has receded. 2(DM) The period of about six hours of flowing to ebb and *vice versa.* A' dol do 'n t-sea-mara, *going to look for whelks, seaware, &c.*

seallach, ** *a.* Looking, gazing, staring. 2 Cautious, circumspect.

seallainn, *s.m.* Looking, act of looking, seeing, viewing. 2 Observation, view.

————ach,†† *a.* Careful.

sealtuidh, ** *s.m.* Sheltie, Highland pony.

†**sealtuir,** ** *s.m.* Sword.

†**sealuidheachd**, *s.f.ind.* Course of time.

sèam, -a, -an & **-annan**, *s. m.* Hook, peg, pin. 2 Mote.

sèam, *pr. pt.* a' sèamadh, *v.a.* Forbid, prohibit. 2 Enjoin, warn, caution, bridge.

sèam, *s.f.* Entreaty, earnest petition, request. Is iomadh s. a thug mis' air, *many an earnest request I made.*

seam, ** *s.m.* Mote, atom. 2 Any small object.

sèamach, ** *a.* Warning, hinting, winking.

seamadair,* **-ean**, *s.m.* Petitioner.

sèamadh, ** **-aidh**, *s.m.* Caution, warning, winking. 2 Act of warning or cautioning. 3 Forbidding. 3 Act of forbidding or prohibiting. A' s—, *pr. pt.* of sèam. Tha mi a' s. dhuit, *I give you warning;* thug mi s. dhuit, *I gave you warning.*

seama-guad,* *s.m.* Shuffle, quibble.

seamaide,§ *s.* Blades of grass.

seamair,* *s.f.* see seamrag.

seamair Muire,§ see seamrag Muire.

sèaman, -ain, -an, *s.m.* Little stout person. 2 Small nail riveted. 3** Pin. 4** Nail. [also seaman.]

————ach, **-aiche**, *a.* Stout. 2 Jolly, cheer-3** Rivetted, as a nail.

————ach, *s.m.* One sturdily indifferent to the rights of others. S. balaich, *a rough, churlish bullying character.*

seamanach,(AF) *s.m.* Wasp.

sèamanachd, *s. f. ind.* Stoutness. 2 Jollity, cheerfulness. 3††Inattentiveness.

seamann,(AF) *s.* Small snail.

seamar, see sèomar & seamrag.

seamasan,* **-ain**, see seamsan.

————ach,* aiche, *a.* see seamsanach.

————achd,* see seamsanachd.

————achadh, see seamsanachadh.

————aich,* see seamsanaich.

sèamh, -a & **sèimhe**, *a.* Peaceful, quiet, tranquil, calm. 2 Mild, modest, gentle. 3 Small, slim, slender, tender. 4* Enchantment to make one's friends prosper. [**seamh.]

sèamhach, -aiche, *a.* see sèamh.

————d, *s.f.ind.* Peacefulness, tranquility, quietness, mildness, modesty, gentleness, calmness. 2 Smallness, thinness, slimness, tenderness. 3 **Comeliness.

**sèamhaich,†† *pr. pt.* a' sèamhachadh, *v. n.* Become calm. 2 Calm, tranquillize.

sèamhaidh, -e, *a.* Discreet, prudent. 2‡‡Slender. 3**Subtle. 4 see sèamh.

————eachd, *s.f.* see sèamhachd.

sèamhail, -e, *a.* see sèamhaidh & sèamh.

sèamhalachd, see sèamhachd.

sèamhas, -ais, *s.m.* Good luck, chance, prosperity.

————ach, **-aiche**, *a.* Fortunate, lucky, prosperous.

————achd,** *s.f.* Luck. 2 Continued good luck.

————air,** *s.m.* Lucky or fortunate man.

————ar,** *a.* Lucky, fortunate. 2 Bringing good luck. 3 Boding good luck. Gu s., *luckily.*

seamh-mheas, ** *s.m.* Mellow fruit.

seamhrag, ** **-aig**, *s.f.* Small nail. 2 Small peg. 3 see seamrag.

seamhsail, -e, *a.* see sèamhasach.


Digitized by Microsoft®

seamhsail,* -e, *a.* Fortunate, lucky.
sèamhsalachd,** *s.* Fortunateness, luckiness.
seamhsar, -aire, *a.* see sèamhasach.
seamlach, -aich, -aichean, *s. f.* Cow that gives milk without her calf beside her. 2* Cow that allows another cow's calf to suck her. 3 Impudent, troublesome fellow. 4 Silly person, one easily imposed upon.
seamlachas,* -ais, *s.m.* Imposture. Chuir thu an orra-sheamlachais orm, *you duped me.*
seamlachadh,* -aidh, *s. m.* Duping, imposing upon. A' s—, *pr.pt.* of seamlaich. 'Gam sh., *duping me.*
seamlaich,* *v.a. & n.* Dupe, impose upon.



618. Seamrag (2.) *619. Seamrag bhàn.*

seamrag, -aig, -an, *s.f.* Shamrock, trefoil, clover. Breac le seamragan is neòineanan, *studded with clover and daisies.* 2§ Wood-sorrel—*oxalis acetosella.*
———ach, *a.* Abounding in shamrock. 2 Pertaining to shamrock.
seamrag-an-deocadain, see seamrag-an-deocain.
seamrag-an-deocain, (AC) *s.f.* Four-leaved or five-leaved shamrock, see seamrag-nam-buadh.
seamrag bhàn,§ *s. f.* White or Dutch clover—*trifolium repens.* [This name is never applied to wood-sorrel.]



620. Seamrag bhuidhe.

seamrag bhuidhe,§ *s. f.* Yellow clover or hop trefoil—*trifolium porcumbens.*
seamrag chapuill,§ *s. f.* Red clover, purple trefoil—*trifolium pratense.*
seamrag còig-bhileach, see còig mheòir Muire.
seamrag chré,§ *s. f.* Common speedwell, see lus chré.
seamrag dhearg, *s.f.* Purple clover—*Colonsay.*
seamrag gheal, *s.f.* White clover—*Colonsay.*
seamrag Muire, *s.f.* Wood loose-strife or yellow pimpernel—*lysimachia nemorum.*
seamrag-nam-buadh, *s.f.* Four-leaved clover. 2



621. Seamrag chapuill. *625. Seamrag Muire.*

(AC) Five-leaved clover.
seamrag-nan-each, *s.f.* (AC) Four- or five-leaved clover, see seamrag-nam-buadh. 2 Knapweed, hard-heads—*Colonsay.*
seamrag-nan-searrach, (AC) see seamrag-nan-each.
seamsag,** -aig, *s.f.* Small nail or peg. 2 Wood-sorrel—*oxalis acetosella.*
seamsan, -ain, -an, *s m.* Hesitation. 2 Delay. 3 Sham. 4 Quibble, to gain good time or ends, quirk, stupid evasion. 5 Laziness, indolence.
———ach, -aiche, *a.* Hesitating. 2 Delaying. 3 Lazy, indolent. 4 Evasive, tricking. 5* Absurd in the extreme.
———achadh, -aidh, *s.m.* Tricking, deceiving. A' s—, *pr.pt.* of seamsanaich. 'Gam sh. air an dòigh sin, *tricking me like that.*
seamsanachd,* *s.f.ind.* Evasiveness, quibbling, quirking. 2 Shamming habits.
seamsanaich,* *v.a. & n.* Sham. 2 Shuffle, evade. 3 Coax one out of his right.
———, -e, *s. f.* Hesitation. 2 Delay. 3 Laziness, indolence.
sean, *1st. comp.* sine, *2nd. comp.* sinid, *3rd. comp.* sinead. Old, aged, ancient. C' ar son a dh' fhàsas iad s. ? *why do they become old?* an a sruthan sin, *that ancient stream*; o sh., *anciently, of old*; fhuair e bàs 'na sheann duine, *he died an old man*; cha sean do m' shean agus cha 'n òg do m' òg thu, *you are neither old with my old nor young with my young*—i.e. as you are not related to me I will have nothing to do with you. [*Sean* does not aspirate a word following if it begins with *d, s* or *t.* It is pronounced and spelt *seann* when preceding a noun beginning with *d, s, t, l, n,* or *r,* but spelt *sean* and pronounced *seann* when placed before a noun beginning with any of the other letters.]
†**sean,** -a, *s.m.* Supper.
†**sèan,** *s.m.* Prosperity. 2 Happiness. Cuir a sh., *squander.*
sèan, -a, -an, *s.m.* see seun.
——, *v.a.* see seun.
seanacach, -aiche, *a.* Sagacious. 2 Knowing, crafty, wily.
seanacaidheachd, *s.f.* Sagacity. 2 Craftiness, wiliness.
seanacar, -air, *a.* Sagacious. 2 Old-looking, old-fashioned. 3** Prospective.
———achd, *s.f.ind.* Sagacity. 2 Oldness of appearance.
seanacas, see seanachas.
seanach,** *a.* Crafty. 2 Lucky.
seanachadh, *s. m.* State of becoming old. A' s—, *pr.pt.* of seanaich.
seanachaidh, -ean, *s.m.* Reciter of tales or stor-

Digitized by Microsoft®

les. 2 Antiquarian, one skilled in ancient or remote history. 3 Historian. 4 Recorder. keeper of records. 5 Genealogist. Bha e 'na sh., *he was a recorder.*

————each, -eiche, *a.* Versed in tales, history or antiquities. 2 Fond of, or reciting, tales or antiquities. 3 Like a reciter of tales or stories. 4 Skilled in genealogy.

seanachar, see seanachar.

——————achd, see seanacarachd.

seanachas, -ais, -an, *s.m* Tale, story, narration 2 Conversation, discourse, talk. 3 Speech, language. 4 Tradition, chronicle, history. 5 A history. 6 Antiquities. 7 Genealogy. 8* Biography. 9* Talk about old stories. Tha droch sh. aige, *he uses bad language;* cron seanachais, *an anachronism.*

seanachasach, -aiche, *a.* Abounding in conversation, talkative, having many tales, narrative. 2 Of, or belonging to, speech. 3 Conversable. 4 Skilled in history, genealogy or antiquities. 5 Fond of reciting tales, stories or genealogies. 6 Traditionary.

seanachasail, see seanachasach.

seana-cheann, -chinu, *s.m.* Wise or experienced person. 2 Ludicrously applied to extraordinary intelligence or sagacity in early youth. 2 Precocious person.

————————ach, -aiche, *a.* Wise, sagacious. 2 Experienced. 3 Precocious. [ness.

seanachd, *s.f.ind.* Antiquity, ancientness, old-

seanachd see seunachd.

seanachrionta,* *a.* Long-headed, wise, sagacious. 2 Experienced. 3 Precocious, old-fashioned, too wise for one's years.

seanadair, see seunadair.

——————eachd, see seunadaireachd.

seanadh, see seunadh.

seanadh, -aidh, -aidhean, *s.m.* Senate, synod.

seanagar,(CR) *a.* see seanacar.

seanagarra, -aire, *a.* Old, old-like. 2††Sagacious, wise.

————————chd, *s.f.ind.* Old appearance or look. 2††Sagacity.

seana-ghille, -an, *s.m.* Old bachelor. 2 Youth arrived at the age of puberty.

————————achd, *s.f.ind.* Bachelorship.

seanaich, *pr. pt.* a' seanachadh, *v. n.* Become old.

seanaiche,** *s. m.* Senator, member of parliament. 2 Member of a synod. 3 Antiquarian

seanaid,** *s.f.* Synod. 2 Senate.

——————each, *a.* Senatal. 2 Synodal.

seanail, see seunail.

seanailtireas, -eis, *s.m.* Decree.

sean-ainsir,** *s.f.* Olden time.

————————eil,** *a.* Old-fashioned. 2 Antique.

seanair, -ean, *s. m.* Grandfather. 2 Elder. 3 **Ancestor. 4 Presbyter. 5 Member of Parliament, senator. 6 (MS) Alderman. 7 Ancient bard. 8** Druid. S. an t-seanair, *a great great grandfather.*

seanaireach,** -eich, *s m.* Presbyterian.

————————, -eiche, *a.* Senatorial. 2 Presbyterian.

————————d, *s.f.* Presbytery. 2 Presbyterianism. 3 5th. stage of human life, from 54 to 84 years of age. 4**Bird-catching. 5**Ancestry. 6 (MS) Primogeniture.

seanait,** see seanaid.

seanalair,* -ean, *s.m.* General.

seanamhair, *s.m.* see seanmhair.

seanan, see seunan.

seanan,(AF) *s.m.* Kite.

seananach,** -aich, *s.m.* Wasp.

sean-aois, -e, *s.f.* Old age. 'Na s., *in her old age.*

sean-aosach,(MS) *a.* Antic.

seau-ar ** *s.m.* Old land.

sèanar, *s. m.* Six. [Applied only to persons and is followed by the *gen. pl.*] S. mhac, *six sons.*

seanarasg,** -aisg, *s.m.* Proverb, old saying.

seanas, -ais, *s.m.* Cicely.

seanas, see seun.

seanas,** -ais, *s.m.* Shortness of sight.

——————ach,** *a.* Genealogical. 2 Skilled in genealogy.

seanasan,** -ain, *s.m.* Etymology.

sean-athair, -athar, -athraichean, *s.m.* see seanair.

————————eachd, see seanaireachd.

sean-bhean, mhnà, *dat.* -mhnaoi, *n.pl.* -mhnathan, *s.f.* Old woman. 2 Often applied to the oldest woman in a village. An t-sean-bhean bhochd, *poetical name for Ireland; 2 name of a patriotic Irish song.*

sean-bheanachd,** *s.f.* Anility.

seanchaidh, -ean, see seanachaidh.

seanchar, -aire, see seanachar.

seanchas, -ais, -an, see seanachas.

——————ach, see seanachasach.

sean-cheann, see seana-cheann.

————————ach, see seana-cheannach.

sean-chomharra,** *s.m.* Old token. 2 Monument. [** gives sean-chomhar, *gen.* -air.]

sean-chuimhne, *s.f.* Tradition. 2 Genealogy.

sean-chuimhneach,** *a.* Traditional. 2 Genealogical. 3 Having old acquaintanceship.

seanda, see seanndaidh.

seandachd, *s.f.ind.* see seanndachd.

seandaidh,* *a.* see seanndaidh.

seanndaidheachd. see seanndachd.

seanfhacal, -ail, -an, *s.m.* Old saying, proverb, by-word, adage.

seanfhaclach, -aiche, *a.* Of, or belonging to, proverbs, proverbial. 2 Fond of proverbs.

sean-fhasanta, *a.* Old-fashioned.

sean-fhasantachd,(MS) *s.f.* Antiqueness.

sean-fhear,** -fhir, *s.m.* Old man. 2 Elder. 3 Presbyter 4 Dotard.

————————achd,** *s.f.* Presbyterianism. 2 Dotage. 3 Senility.

seang,(AC) *s* Roebuck, deer.

seang,** *v.a. & n.* Make or grow slender or slim.

seang, -a, *a.* Slender, lank, slender-waisted. slim. 2 Hungry. 3 Lean, hungry-looking, gaunt. 4** Small-bellied. 5**Nimble, agile. A choin sh., *his lean dogs;* a s. chorp, *her slender body;* each s., séiteach, *a small-bellied, snorting steed;* cha tuig an sàthach an s., *the well-fed do not understand the feelings of the famished.*

seangach,** *a.* Slender in body. 2 Slim. 3 Causing bodily slenderness.

seangachadh, -aidh, *s.m.* Act of making slender or attenuating. 2 State of becoming slender. 3**Reducing in shape. A' s—, *pr.pt.* of seangaich.

seangachd. *s.f ind.* Slenderness. 2 Leanness. 3 Hungry look.

seangaich, *pr.pt* a' seangachadh, *v.a. & n.* Make slender or slim. 2 Reduce in bodily bulk. 3 Become slender, grow gaunt.

seangaichte, *past pt.* of seangaich. Made slender, attenuated.

tseangal, *a.* Wise, prudent. 2 Shrewd.

seangan, -ain,*pl.*-an & -ain, *s.m.* Ant, pismire. 2 Mean fellow. 3 Cross fellow. 4 Cloven stick placed on the tail of a dog suffering from rabies. 5 *in derision,* Slender person. 6 † Small yellow clover—*trifolium minus.* Imich chum an t-seangan, *go to the ant.*

seanganach, -aiche, *a.* Abounding in ants or in

Digitized by Microsoft®

2 Small yellow clover. 3 Like an ant. 4 Of ants.
seangalachd,(MS) *s.f.* Slenderness.
†seangan-mhàthair, *s.f.* Great-grandfather's or or great-grandmother's mother.
seangant, *a.* Wily.
seangarra, -airre, *a.* Old-like, having an old appearance. 2 Becoming old. 3 Sagacious. 4*Withered in person.
seangarrachd, *s.f.ind.* Oldishness, old appearance. 2 State of becoming old. 3 Sagacity.
seang-bhoc,(AC) *s.m.* Roebuck.
seang-fhiadh,(AC) *s.m.* Roebuck.
†seanghain, *s. m.* Conception, child near the time of its birth.
sean-ghàll,(DU) *s.m.* Wiseacre.
sean-ghille,* see seana-ghille.
————achd, see seana-ghilleachd.
sean-ghnàthach,(MS) *a.* Antique.
sean-sgeulach,(MS) *a.* Antique.
sean-ghin, *s.m. & f.* Child begotten in old age.
sean-lith, *s.* Happiness.
seanmhair, -ar, -airean, *s.f.* Grandmother. 2 2 Aged mother. 3 In some places applied to a brood sow. Am fear a dh' itheas a sheanmhair, faodaidh e a h-eanraich òl, *he that eats his grandmother may sup her broth.* When Farquhar the leech had tasted the "bree" of the serpent, his master, who knew that his apprentice now had his eyes opened to see the secrets of nature, and his ears to understand the language of birds, threw the pan at him in wrath, crying, "Ma dh' òl thu an sùgh, ith an fheòil," *if you have supped the juice, eat the flesh*—N.G.P.
seanmhàthair, -arach & -ean, *s. f.* see seanmhair.
sèanmhor, see seunmhor.
seann, *a.* Old, aged, ancient, antique. [Always precedes its noun, see note under sean.]
seannach, -aich, *s.m.* see sionnach. Cha mhair an s. ri shìor ruith, *the fox cannot hold out a chase for ever.*
seannachaich,** *v.* Play the fox.
seannachail, -e, *a.* see sionnachail. 2**Meagre.
seannachan,** -ain, *s. m.* Wily fellow, term of personal contempt. 2(AF) Young or little fox.
seannail,** *a.* Sweepy.
seannda, *a.* see seanndaidh.
seanndachd,** *s.f.* Antiquity. 2††Seniority. 3* Aged appearance or look, oldness.
seanndaidh,** *a.* Old, antique, old-fashioned. 2 Oldish.
————eachd, see seanndachd.
seann-duine,** *s.m.* Old man. 2 The oldest man in a village. Na seann-daoine, *the old men; 2 men of old;* tha e 'na sheann duine, *he is an old man.*
seann-nòs,** *s.m.* Old custom, old habit or usage.
seann-nòsach, -aiche, *a.* Old-fashioned, fond of old customs, retaining old habits.
seann-radh,** *pl.* seann-ràite, *s. m.* Old saying, a lage, proverb.
seann-ràite, *s.pl.* Old sayings. 2 The Book of Proverbs.
seann-ràiteach, *a.* Proverbial.
seanns, see seamhas.
seannsa,** *s.m.* Luck.
seann sail, -e, *a.* see seamhasach.
seannsar,** *a.* Lucky, prosperous.
seannsair, *s. m.* Chanter. 2** Drone of a bagpipe. 3 Pipe. A' gleusadh 'sheannsairean, *tuning his pipes—Donn. Bàn.*
seannsaireach, *a.* Supplied with chanters.
————d,** *s.f.ind.* Chanting.
seannsalair,** *s.m.* Chancellor.
————eachd.** *s.f.* Chancellorship.
seann-sgeul,** -sgeòil, *s.m.* Old tale, legend.
seann-sgeulach, -aiche, *a.* Legendary. 2 Archæological. 2 Of, or belonging to, old tales or legends. 4 Skilled in old tales. 5 Fond of reciting old tales or legends.
seann-sgeulachd,** *s.f.ind.* Old tale, tradition, legend. 2 Archæology.
seann-sgeulaiche,** *s.m.* Archæologist.
seanntachd, see seanndachd.
seann-talamh, -aimh & talamhainn, *s.m.* Fallow field, land long unploughed, "old lea."
Seann-Tiomnadh, -aidh, *s.m.* The Old Testament.
seann-turach, -aiche, *a.* Well acquainted. 2 Frequenting a particular place.
sèanta, see seunta.
seantaidh, *a.* Senile. 2**Primeval. 3**Primitive.
————eachd,** *s.f.* Primitiveness.
seanntur, -uir, -an, *s.m.* Old acquaintance. 2 Old acquaintance or familiarity. 3 Frequenter of a place.
seap,(MMcD) *s.m.* Gaelic spelling of *shape.*
sèap, *v.a. & n.* Flinch. 2 Sneak, slink. 3 Drag or draw off privately. 4** Pursue closely. 5 **Crouch. Sh. e air falbh, *he slunk away.*
sèap, -a, -an, *s.m.* Long tail. 2 Animal's tail hanging down, as a dog's when cowed. 3* Stealthy, skulking. 4 (DU) Slow person. 5* Skulking or slinking out of battle. Nach b' e tu an s.! *what a slowcoach you are!* [‡seap.]
sèapach, -aiche, *a.* Having a long or hanging tail. 2 Tawdry, slovenly. 3 Sneaking, slinking. 4 Sly. 5 Clandestine. 6**Crouching. 7**Flinching. 8 (DU) Slow.
sèapach,* -aich, *s.f.* Sly, slinking female. 2 *s.m.* Sly, slinking fellow.
sèapachas, -ais, *s.m. & f.* Tawdriness, slovenliness in dress. 2 Habit of sneaking or slinking.
sèapachd, *s.f.* see sèapachas.
sèapadh, -aidh, *s.m.* Flinching, act of flinching. 2 Act of sneaking or slinking. 3 Act of dragging away by stealth. 4**Crouching. A' s—, *pr.pt.* of sèap.
seapail, Gaelic spelling of *chapel.*
sèapair, -ean, *s.m.* Sneaking, slinking fellow. 2 Mean, sheepish fellow. 3 Crouching fellow 4*Poltroon, deserter. A sh! *thou slinking fellow!* cha'n fhuirich ach s., *none but a slinking fellow will stay.*
sèapaireachd, *s.f.ind.* Habit of sneaking or slinking. 2 Meanness.
sèapaiche, *s.f.* see sèapachas.
seapan, see seipeinn.
sear, *s.m.* see ear.
searach,†† -aich, *s.m.* Six-months old beast.
searadair, -ean, *s.m.* Towel. 2 Hand-napkin. 3* Drudge. A' brath s. a dheanamh dhiom, *meaning to make me his drudge.*
sea-ràmhach, see sè-ràmhach.
†searb, seirb, *s.m.* Theft, larceny.
†searbaid,* *s.f.* Boat-thwart.
searbh, *v.a. & n.* Sour, embitter, acidulate. 2 Grow sour.
searbh, -a & -eirbhe, *a.* Bitter. 2 Disagreeable, intolerable. 3 Grievous, distressful. 4 Sour, pungent, acrid, tart. 5 Disgusted. 6 Sharp, severe, harsh. 7 Sarcastic. Measan searbha, *bitter fruits;* tha e s., *it is pungent or acrid;* gnothach s., *a disagreeable business;* tha mi s. dheth, *I am disgusted with it;* 'nuair a bu sh. leam èisdeachd ris, *when I found it intolerable to listen to him.*
searbhach,** *a.* Causing sourness or bitterness.

Digitized by Microsoft®

2 Sharp, severe.
searbhachadh,** -aidh, *s.m.* Act of making bitter. 2 State of becoming bitter. 3 Act of making or growing sharp or severe. A' s—, *pr.pt.* of searbhaich.
searbhachd, *s.f.ind.* Bitterness, acidness, sourness. 2 Harshness, severity. 3(MS) Gall.
searbhad, -aid, *s.m.* Degree of bitterness, sourness, harshness or severity. A' dol an s., *growing more and more sour.*
searbhadh, -aidh, *s.m.* see searbhachadh.
searbhadair, -ean, see searadair.
searbhadas,(MS) -ais, *s.m.* Gall.
searbhadas, -ais, *s.m.* Bitterness, sourness. 2* Disgust, dislike, displeasure. 3 Severity, sharpness. 4 Harshness of taste or sound. Piob ri s., *a pipe making a harsh sound.*
searbhag,(CR) *s.f.* Small-pale-green, sorrel-tasting trefoil growing in cool, shady places—*W. of Ross-shire.*
searbhag, -aig, -an, *s.f.* Bitter draught. 2 Refuse of liquids. 3 Acid. 4* Pickle. 5**Bitter, sarcastic female. 6 (AH) Toil, travail, struggle, difficulty, tough job, perplexity.



623. Searbhag mhilis.

searbhag mhilis,‡ *s.f.* Woody nightshade, bitter-sweet—*solanum dulcemona.*
searbhaich, *pr. pt.* a' searbhachadh, *v.a. & n.* Make bitter, embitter. 2**Acidulate. 3 Become bitter. 4*Disgust. 5 *Tease. Sh. e mi, *he disgusted me, teased me or embittered my life.*
searbhaichte, *past pt.* of searbhaich. Embittered, made bitter, become bitter. 2*Teased.
searbhain muc,§ *s.* Endive, see eanach-ghàraidh.
searbhalachd, see searbhachd.
searbhan,** *s.pl.* Oats. 2 (WC) Disgust. Chuir e s. orm, *he disgusted me.*
searbhan, -ain, *s.m.* Tribute. 2(DU) see searbhachd.
searbhan-muice, see eanach-ghàraidh.
searbhanta, -n, *s.f.* Servant. 2 Maid-servant, indoor or outdoor. S. Mhic Dhòmhnuill Dhuibh, (Lochiel's servant)—a name applied to those dry easterly winds which often prevail in September, and are such a good send to the farmer whose harvest is late. The origin of the connection with Lochiel is not clear.
————chd,* *s.f.ind.* Service. 2 Office of a maid servant. 3** Handiwork of a female servant.
searbhas, see searbhachd.
searbhasachd,** *s.f.* Sourness, bitterness, asperity. 2 Harshness, severity.
searbh-bhriathar,** -air, *s.m.* Bitter saying. 2 Sarcasm.
searbh-bhriathrach,** *a.* Bitter in language. 2 Sarcastic.
searbh-chainnteach, -eiche, *a.* Maledicent.
————d,** *s.f.* Maledicency.
searbhdaich,* *v.* see searbhaich.
————te, see searbhaichte.
searbh-dharach, -aich, *s.m.* Cerrus.
searbh-ghlòir, -e, *s.f.* Vain-boasting, vain-glory. 2 Raillery, sarcastic language, cacophony.
————eachd, *s.f.ind.* Habit of boasting.
searbh-ghlòrach, -aiche, *a.* Boasting, vain-glorious.
searbh-ghuthach, -aiche, *a.* Absonous.
searbhlachd, *s.f.* see searbhachd.
searbh-luibh,§ *s. f.* Wormwood, see burmaid. Formerly used instead of hops to increase the intoxicating quality of malt liquors. Chuir e air mhisg mi le searbh-luibhean, *he made me drunken with wormwood.*
searbhòs,** -òis, *s.m.* Deer, roe, stag.
searbh-radh,** *pl.* -raite, *s. m.* Bitter saying, sarcasm, cacophony.
searbh-ràiteach,** *a.* Bitter in language. 2 Sarcastic.
searbhta, *past pt.* of searbh. Soured, embittered, acidulated. 2 Pickled.
searbhtach,** *a.* Causing sourness, embittering, acidulating.
searbh-ubhal,** -ubhlan, *s.m.* Tart apple, crab-apple, coloquintida.
searbòs, see searbhòs.
searc, -eirc, see seirc.
†searc, *v.a.* Love.
searcadh, -aidh, see seargadh.
searcag, -aig, -an, *s.f.* see seirceag.
searcail, see seirceil.
searcall, -aill, *s.m.* Flesh. 2 Delicate meat, best part of flesh-meat.
searcan, -ain, -an. *s.m.* see seircean. 2(AC) see seircean-mór.
searcoll,(AF) *s.m.* Flesh of the woodcock.
seardair, see searadair.
†searg, *s.* Consumption.
searg,* *a.* Dry, withered, shrivelled.
searg, -eirg & -a, *pl.* -an, *s.m.* Trifling, insignificant or puny man or beast. 2 Person or beast shrivelled with age or infirmity. 3*Shrivelled or decayed person. 4 (DU) (an t-searg) Disease common to sheep.
searg, *pr.pt.* a' seargadh, *v.a. & n.* Dry, wither, fade, scorch, cause to dry, wither or fade. blast with heat, drought or cold, decay, shrivel. 2 Fade, wither, pine away. Sh. na lusan, *the herbs withered.*
seargach, -aiche, *a.* Fading. 2 Causing to fade or wither, blasting, scorching, withering. 3 Apt to fade wither or become blasted. 4†† Withered.
seargachadh, -aidh, *s.m. & pr. pt.* of seargaich, see seargadh.
seargadair, -ean, *s.m.* Languisher.
seargadh, -aidh, *s.m.* Withering, act of withering or causing to wither, fade, decay or pine away. 2 Blasting, as of corn. 3 Scorching. 4* Fading, pining. A' s—, *pr. pt.* of searg. Air s., *withered;* tha 'n duine sin a' s. air falbh, *that man is pining away.*
seargaich, *pr.pt.* a' seargachadh, *v.a. & n.* Same meanings as searg.
————ear, *fut.pass.* of seargaich.
————te, *past pt.* of seargaich.
seargair,* -ean, *s. m.* Pining person, withered or puny person.
seargan, *s.m.* see searg.
seargan ach, -aiche, *a.* Withered, dried up. 2 Causing to wither, that withers.
seargan ach, -aich, *s.m.* Person of shrivelled appearance.
searganta,†† *a.* see seargan ach.

Digitized by Microsoft®

seargte, *past pt.* of searg. Dried up, withered, faded, consumed, blasted, shrivelled. Fraoch s., *withered heath.*

searmag, *W. of Ross* for seamrag.

searmaid, see searmon.

searmon, -oin, -an, *s.f.* Sermon, discourse, lecture, pleading. Cionnas a ni iad s ? *how can they preach ?*

searmonach,†† *a.* Abounding in sermons.

searmonachadh, -aidh, *s.m.* Preaching, act or business of preaching. A' s—, *pr. pt.* of searmonaich.

searmonaich, *pr.pt.* a' searmonachadh, *v.a.&n.* Preach, perform the act or office of preaching, lecture, discourse. 2 Harmonize.

searmonaiche, -an, *s.m.* Preacher.

searmonaichte, *past pt.* of searmonaich. Preached.

searn,** *v.a.* Loose, untie.

——,** *s.m.* Youth, stripling.

†**searnach,**** *a.* Dissolvent. 2 Separable.

†**searnadh,**** -aidh, *s.m.* Dissolution, separation, loosening. 2 Yawning, stretching of the limbs, extension.

searpan,** -ain, *s.m.* Order. 2 Custom. 3 Swan.

searr, -a, -an *s.f.* Sickle, reaping-hook. 2 Scythe. 3 Saw. 4**Phial. [** gives *s.m.*]

seàrr, *pr. pt.* a' seàrradh, *v. a.* Cut, hack, as with a knife. 2 Reap, mow, shear. 3 Slaughter, kill, make havoc, massacre. 4**Yawn. 5** Stretch the limbs.

searr, (AF) *s.m.* see searrach.

searrach, -aich, *s. m.* Foal, colt. 2 (DC) Colt till housed—*Uist.* 3 Filly. [A Gael considers it a bad omen to have a back view of the first foal or young of any grazing quadruped of that season he sees in any year.] Deich searraich, *ten foals ;* càmhail le 'n searraich, *camels with their foals ;* chunnaic mi s. 's a chulaibh rium, *I saw a foal with its back to me.*

searrach,** *a.* Edged, pointed, sharp, like a hook or scythe.

searrach-ruadh, (AF) *s.* Buzzard.

searrachach, -aiche, *a.* Abounding in foals, colts or fillies. Cuire s. uanaen, *a dell where foals and lambs abound.*

searrachail, -e, *a.* Like a foal. 2 Slim, small. 3 Slender-footed, as a foal. 4 Abounding in foals.

siabair, -ean, *s.m.* Wiper, one who wipes or rubs. 2 Snatcher, one who snatches. 3 Awkward fellow. 4 Cleanser. 5 **Sarcastic fellow.

siabaireachd, *s.f.* Wiping, rubbing. 2 Awkwardness.

siaban, -ain, *s.m.* Sand-drift, *prov.* 2 Sea-spray. 3 ††Slight shower. The dry sand in which the muran (sea-maram) always grows is called s. when it drifts in a storm. The breaking of sea waves in a storm drifts in the same manner, and is called " s. nan tonn móra."

siabh, -a, -an, *s.m.* Dish of stewed periwinkles. —*Hebrides.* 2††Broth of grouse.

siabh,‡ *v.* see siab.

——ach, see siabach.

siabhadh, see siabadh.

siabhair,* *v.a.* Tease, weary out.

——eachd,†† *s.f.* Skimming about like a swallow.

siabhrach,‡ -aich, -aichean, *s. m.* Fairy. 2†† Ghost. [also siabhraich, *s.f.*]

siabhas, -ais, -an, *s.m.* Idle ceremony.

siabhasach, -aiche, *a.* Idly ceremonious.

siabuinn, *gen.sing.* of siabunn.

siabunn, -uinn, *s.m.* Soap.

siabunnach, -aiche, *a.* Soapy.

siabunn-nam-bau-sith, *s.m.* Milkwort—*Colonsay.*

siacair, see siachair.

siach, *v. a.* Sprain or strain a joint. 2 (CR) Avoid—*Strathtay.* 3**Filter.

siachadh, -aidh, *s.m.* Sprain, spraining, act of spraining. 2 Scratch on the skin. 3**Filtering. A' s—, *pr.pt.* of siach.

siachair, -ean, *s.m.* Pithless wretch.

siachaireach, -eiche, *a.* Pithless, contemptible.

siachaireachd, *s.f.ind.* Pithlessness, want of spirit.

siachaireil, -e, *a.* Selfish.

sia-chasach, *a.* see sè-chasach.

sia-chearnach, *a.* sè-chearnach.

sia-chearnag, see sè-chearnag.

siach-inntinn, see seacha-inntinn.

's iad, *contr.* for is, *v.*+iad, *pers.pron.* It is they. 2 They were the persons. [they.

's iad, *contr.* for is, *conj.*+iad, *pers. pron.* And siad, *pers.pron.* This pronoun is another form of *iad*, but it is not, like *iad*, employed to denote an object after an active verb. *S.* is used in such expressions as, Mharbh s. iad, *they killed them.* [The Gael never say, mharbh iad siad.]

siad, see seòd.

siad,* *v. n.* Sheer, go obliquely. 2**Sneak, skulk.

siad, -a, -an, *s.m.* Stink. 2 Laziness, sloth. 3 ‡‡Filthiness. 4 Fusty smell.

siadach †† -aiche *a.* Having a fusty smell.

siadair, -ean, *s.m.* Stinkard. 2 Filthy person. 3 Lazy fellow, shuffler. 4 Sneaking fellow. 5 Buzzard. 6* Sly, skulking fellow. 7**Booby. numskull.

siadair,* *v.n.* Stink.

siadaireachd, *s. f.* Filthiness. 2 Laziness. 3 Slinking, shuffling, sly conduct, sneaking. 4 Meanness. 5 Stupidity.

sia-deug, see sè-deug.

siadha,(AC) Testicle. S. coin-ghèarr, *the testicle of the wolf.*

siadnail,** *s.f.* Sloth, sluggishness.

siadhan, -ain, *s.m.* State of confusion.

siadhan,** *a.* Confused, topsy-turvy.

siadhach, *a.* Harum-scarum—*Arran.*

siaman, see sioman.

siamarlan,** -ain, *s.m.* Gaelic spelling of *chamberlain.* 2 Factor. 2 Land-agent.

sian, -ine, -tan, *s. m.* Shriek, scream, roar. 2 *Squeal. 3**Voice. 4 (AC) Soft, sorrowful music, generally applied to the music heard in a fairy knoll. 5* Drawling scream. 6(DC) Appearance. S. fala mu d' shùilean, *an appearance of blood about your eyes.*

sian, -a, -tan, see seun.

——, *v.a.* see seun.

sian, *pr.pt.* a' sianail, *v. n.* Scream, cry, shriek. 2*Squeal. 3 Yell, bellow. 4 Scream tediously, raising one's voice gradually.

sian, -ine, -an, *s. m.* Pile of grass. 2 Beard of barley.

sian, *s.m.ind.* see sion.

sian, -ine, *pl.* sianan, siantaidh & siantaidhean, *s.f.* Any storm, as wind, snow or rain. 2 Season. 3 *in pl.* The elements. An dèidh tàirneanaich a' gheamhraidh thig aon ch iad sian ro mhath no side nan seachd sianan, *after winter thunder, comes either very good weather or the weather of the seven elements*—that is the roughest weather that could possibly come—a mixture of wind and rain, snow and frost, thunder and lightning, and hailstone. 4** Blast. 5 (DC) Age, period. Gu sian-saoghail, *to the world's end.*

sianach,** *a.* Screaming, shrieking, yelling, roaring. 2 Stormy, showery. 3 see seunach.

sianach,(AF) *s.m.* Monster.

sianachd,** *s.f.ind.* Screaming, shrieking, yelling. 2 Storminess, continued showers or blasts.

sianadh, -aidh, *s.m. & pr.pt. Prov.* for seunadh.

sianaiche,** *s. m.* One who shrieks, screams, roars or yells. 2 (DC) Changeling, fairy-child.

sianail, -e, *s.f.* Screaming, crying, shrieking, squealing, yelling. 2 Act of squealing or yelling. 3* Drawling, squealing. A' s—, *pr. pt.* of sian.

——,** *a.* Screaming, shrieking, yelling. 2 Stormy. 3 Showery.

sianan, see seunan.

sia'nar. see sèathnar.

sianar,** *a.* Stormy. 2 Showery.

sianas,** -ais, *s.m.* Hate, hating.

——ach,** *a.* Harmonious, melodious, pleasant. 2 Doleful.

sian-steud,** *s.m.* Driving blast. A' casgadh sian-steuda nan speur, *calming the driving blasts of the sky.*

sian-bhuailte, *past pt.* Weather-beaten.

——-——ach,** *a.* Exposed to the weather.

sian-bhualadh,** -aidh, *s.m.* Beating of wind or weather.

siann, *a.* see sionn.

siannt, *a.* see sionn.

sianntan, see seantan.

siansadh,** -aidh, *s.m.* Harmony, melody. 2 Pleasantness.

siansan,** *s.* Hum.

siant, *(poetical) n.pl.* of sian.

siantach,** *a.* Stormy, rainy, showery, snowy.

——l,** *s.f.* Storminess. 2 Showiness.

Digitized by Microsoft®

siantaidh, *n.pl.* of sian.
-———, -ean, *s.m.* Hardy man, hero.
siantan, *pl.* of sian
siab,* *v.n.* see sèap & siab.
siabach, see siabaich.
siapadh, see siabadh.
siapunn, see siabunn.
siar, *a.* The west, westward. 2 Back, backward, behind. 3 Sideways, aside. 4** Onwards. Gu tràigh s., *to a western shore;* ruith e s. le tartar, *he rushed onwards with a noise;* siar ort, *to the westward of you.*
——,†† *a.* Oblique.
siar, *pr.pt.* a' siaradh, *v.a.* & *n.* Cast awry, move or throw obliquely or awkwardly. 2* Lurch. 3††Waste. 4 Decay. 5 (CR) Sprain—*Skye.* Sh. mi mo chas, *I sprained my ankle.*
siarachd, *s.f.* Melancholy.
siaradh, -aidh, -aidhean, *s.m.* Casting. 2 Act of casting obliquely. 3††Oblique line. 4†† Decaying. 5 (MS) Caracole. 6 (DC)Obliquity of vision—*Gairloch.* A' s—, *pr.pt.* of siar. Tha leann dubh air mo sh., *melancholy is wasting me.*—R. 71.
siaraich, *v.* see siar.
siaraidhean,(CR) *s.pl.* Rheumatism,'(*lit.* contortions)—*Suth'd.*
siarainnich, *pr.pt.* a' siarainneachadh, *v.n.* Languish, pine away. 2††Turn, become sour, as milk.
sia-ràmhach, see sè-ràmhach.
siaranachadh, -aidh, *s.m.* Languishing. 2 State of languishing or pining away. A' s—, *pr.pt.* of siaranaich.
siaranaich,*pr.pt.* a' siaranachadh, *v.n.*Languish, pine away.
siar-shùil, -shùla, -shùilean, *s.f.* Squint-eye. 2 **Oblique or side look.
-———-ach, -eiche, *a.* Looking awry. 2 Squint-eyed.
sias, (for sios.) Cha bhi slat a sias (sios) o chrùn deth, miann gach sùl e anns an fhaidhir, *not a yard of it will be less than a crown, 'twill be sought by everyone at the market—Donn. Bàn. p. 155.*
†siasar, -air, *s.m.* Session, sitting of a court assizes.
sia-shlisneach, see sè-shlisneach.
sia-shlisneag, see sè-shlisneag.
siasnadh, *s.m.* Wasting, decaying, fading away, —*Rob Donn.*
siat,** *s.m.* Tumour, swelling, puffing up.
——,** *v.n.* Swell, puff up.
siatai lh *int.* Puss ! (call to a cat.)
siatag, *s.f.* Sciatica, rheumatism.
siathamh, see sèathamh.
sibean, see sioban. 'Nuair a chuir iad sinn air tìr ann measg sibein (siabain) is murain, *when they landed us 'mid sand-drift and sea-bent—Dùanaire,71 ;* thog barr-ghlucag fairge gu sibean (siaban), *the foam of the sea rose to spindrift—Sgeulaich-na-mara, p. 101.*
sioh, *pers. pron. 2nd. pers. pl.* Ye, you. [Used instead of *thu*, when addressing a person older or of higher social rank than the speaker, also when speaking to more than one person collectively of any age or rank. In *Arran*, the use of *thu* and *sibh* is determined solely by number, and never by age or rank, except that old people say *sibh* to a minister—CR.] *Emphatic forms,* sibh-se, sibh-séin, *yourself, yourselves.* 'Dé a ni sibh ? *what will ye do ?*
sibhe,ag,(DC) *s.f.* Wick of a lamp—*Uist.*
sibhealta -eilte, *a.* see siobhalta.
-———chd, see siobhaltachd.
sibheile, see siobhailt.
——— -eachd, see siobhaltachd.
sibhin,§ *s.* Bulrush, see luachair-ghobhlach.
siobhreach,* -eich, -an, *s.m.* Fairy, spectre, apparition.
sibhreachail,* -e, *a.* Fairy-like.
sibhreag, CR) *s.f.* Fairy.
sibh-se, *emphatic form* of sibh.
sibht,* Gaelic spelling of *shift.* Plan, contrivance, subterfuge.
sibhteach,** *a.* Full of shifts, schemes or plans, contrivant.
sibhtealachd,*s.f.* Providentness. 2**Contrivance. 3 Cunning, craftiness.
sibhteil, -e, *a.* Shifty, inventive. 2 Provident, thrifty.
sic, -e, -ean, *s.f.* The prominence of the belly. 2 Peritoneum. 3 The inner skin which is next the viscera in animals. 4 (AC) see sicean. Buris an t-sic, *the inner skin broke;* màm-sic, *rupture, hernia.* 5 see seic.
sic,(CR) -e, -eau, *s.f.* Snatch. 2 Attempt. 3 Sudden effort to take hold of one. 4** Sudden personal onset, swoop. 5** Firmness, strength. 6**Inside of the skull. Rug e le s, *he grasped suddenly ;* thug an cù s. air, *the dog snapped at him ;* thug e s. as a dhéidh, *he made a snap after him. All from Perthshire.*
sic, *v.n.* Dash to, lay hold of.
†sic, *a.* Dry, parched, droughty.
sice,§ *s.f.* see craobh-shice.
sicean (AC) *s.m.* Particle, grain, infinitessimal quantity. S. sil, *a small grain of seed.*
sichd, -e, -ean, *s.f.* see sic.
sichd,* *v.n.* see sic.
siciamin,§ *s.* Mulberry, (sycamine in Bible), see maol-dhearc.
sicir, -e, *a.* Shrewd, sagacious, wise. 2**Acute. 3 Prudent, steady, firm, sure. 4 Accurate. 5 **Advisable. 6**Advised. 7**Not easily imposed upon.
——eachd, *s.f.ind.* Accuracy, acuteness. 2 Management. 3 Considerateness. 4 Advisableness. 5 Prudence, sagaciousness.
sid,‡ see siod.
sid, -e, *s. f.* Weather, good or bad. 2 Abatement of a storm. 3 Abatement of rage, pacification, cessation. 4** see sioda. 5* Mood, humour. [McL & D gives *s.m*] 'Nuair a ni e sid, *when the storm abates;* dé an sid a th' ort ? *in what humour are you ?* am bheil s. air a nis ? *is his rage abated?* sid mhath, *good weather ;* droch shid, *bad weather.*
sid,** *s.m.* Lair, as of a bear.
sideach,** *a.* see siodach.
———d,** *s.f.* see siodachd.
†sideadh, -idh, -idhean, *s.m.* Blast, as of wind.
sideil,* -e & sideiliche, *a.* More moderate, as wind. 2 In good humour, in good temper, as a person.
sidhe,** *s.f.* see sidheadh.
-———ach,(AF) *s.m.* Wolf.
sidheadh,** -idh, *s.m.* Blast.
†si lheang, *s.m.* Infamy.
†sidhich, *v.a.* Prove. (suidhich.)
sid-naich, (an), *emphat. form* of sid—*Badenoch & Glen Urquhart,* (siodanaich.)
sifhag,(CR) *W. of Ross* for siobhag, (wick.)
sifhan,(DU) *s.f.* see sithfean.
sifir, } (AC) *s.m.* Male fairy.
sifire, } (sibhreach)
sifreach, }
sigeach,* -eich, *a.* Slim. 2 Slimy. 3 (DC) Sly.
sigean, -ain, -an. *s. m* Diminutive creature. 2 Silly person or thing. 3 (*sigeann) Pleasant countenance.
———a, -einte, *a.* Diminutive. 2 Silly. 3 Delightful, pleasant. 4* Cheerful.
———achd, *s.f.ind.* Diminutiveness. 2 Silli-

Digitized by Microsoft®

ness. 3 Delightfulness. 4* Cheerfulness. 5 Affability, complacency.

sigh,* *v.n.* Glide, skip, dash forth, dart. A' sigheadh air mullach nam beann, *skipping on the top of the hills*; sh. i seachad, *she glided by.*

sigh, see sith.

sigheach, see sitheach.

sigheadh,* -eidh, *s.m.* Gliding, vanishing, skipping. see sitheadh. A' s—, *pr. pt.* of sigh. Thug e an s. ud, *he made such a bolt.*

sigheann, see sithionn.

sighear,** -eir, *s.m.* Mountaineer.

sighich, *s.m. & f.* see sithich.

sighideach,* -eich, *s. m.* Spectre. 2 Fairy. 3 Person taken away by the fairies. [**s.f.*]

†sighin, Gaelic spelling of *sign.*

———ich, *v.a.* Sign, mark.

†sigir, *s.f.* Silk.

sigirean,(AF) *s.f.* Silk-worm.

†sigle, *s.f.* Seal.

†signead, -eid, Gaelic spelling of *signet.*

sil, *pr. pt.* a' sileadh, *v.a. & n.* Drop, distil. 2 Drop, drip, shed, let fall in drops 3 Cause to drop. 4 Rain 5 Shower. Shil e, *it rained*; a' sileadh o 'n taigh, *dripping from the house*; mu 'n s. e, *ere it rain*; a' sileadh nan deur, *shedding tears*; tha e a' sileadh, *it is raining*; silidh an là, *it will rain.*

sil, -e, -ean, *s.m.* Drop, see sile. S. nan sùl, *a tear*—a dropping of the eyes.

sil,** -e, *s.f.* Shower, heavy rain.

sil, *gen.sing.* of siol.

silc,(AC) see sicean.

silcean,(AC) see sgcean.

sile,(AC) *s.f.* Nectar. 2(AF) Milk. Blas na s. 'nam bhile, *the taste of nectar on my lips.*

sile, -an, *s.m.* Spittle, saliva 2 (AC) Salve. 3 **Issue.

sileach, -eiche, *a.* Spitting, that spits. 2 see silteach.

sileach,** *a.* Rainy, showery. Aimsir sh., *showery weather.*

sileachadh, -aidh, *s.m.* Spitting, act of spitting or slavering. A' s—, *pr.pt.* of silich.

sileadach, -aich, -ean, *s.m.* Handkerchief.

sileadan, -ain, -an, *s.m.* Spittoon.

sileadh,(AC) -lidh, *s.m.* Stem-platform in a boat.

sileadh, -idh, -ean, *s.m.* Dropping, act or state of dropping, distilling 2 Raining, dripping of rain through a roof during a shower. 3 *Dispensation, economy. 4 Shedding. 5 Issue, issuing. 6 Drop, drip. A' s—, *pr.pt.* of sil.

Mar shìor-shileadh uisge tha aimhreitean mnà, *as the continual dropping of waters are the contentions of a woman*; fo sh. an t-soisgeil, *under the gospel dispensation*; fo sh. an t-Seann Tiomnaidh, *under the Mosaic dispensation*; gach s., *every drop*; s. na h-oidhche, *dew*; s. nan speur, *rain*; s. nan sul, *tears*; a sùil a' s., *her tears falling—lit.* her eyes shedding.

sileadh, *3rd.pers.sing. & pl.imp.* of sil.

———-sùth,(DMK) *s. m.* Rain percolating through the sooty thatch of a house and falling in large black drops indelibly staining everything it comes in contact with—*Caithness.*

sileag, -eig, -an, *s.f.*, *dim.* of sil. Little drop.

———ach, -aiche, *a.* Falling in small drops, dripping.

silean,(AC) see sicean.

silean, -ein, -an, *s.m.*, *dim.* of siol. Small single grain. 2 The worst part of grain. 3 Stunted grain.

———ach, *a.* Abounding in small grain.

sile-reann, see sile-rann.

sile-ronn,* *s.m.* Salivation.

silich, *pr.pt.* a' sileachadh, *v.n.* Spit, slaver.

siliche, -an, *s.m.* Spare, meagre, lean, pithless creature.

silidh,** *s.* Breed, pedigree, genealogy, lineage, race.

silidh, *fut.aff.a* of sil. Shall or will drop.

silimeag, *W. of Ross* for seamrag.

silin,§ see craobh-shiris.

silmeag,(CR) *s.f. W. of Ross* for seamrag.

sil-shùil, *s.f.* Watery eye.

———each, -eiche, *a.* Fearful. 2 Watery-eyed, blear-eyed.

silt, -e, -ean, *s.f.* Drop. 2 Spittle. 3 Issue. [** gives silte for *nom.*]

silte, *past pt.* of sil. Dropped, distilled.

——ach, -eiche, *a.* Dropping, that drops, dripping, oozing, moist. 2 Issuing, as matter from a sore, running, as an ulcer. 3 Scrofulous. 4 Tearful. 5**Thin, fading. 6* Often raining. 7* Discharge. Suil s., *a tearful eye*; uair sh., *showery weather*; cneadh s., *a scrofulous issue.*

——ach, -ich, -ichean, *s.f.* Issue, discharge. 2 *pl.* Scrofula. 3**Flowers. 4**Person afflicted with scrofulous sores. Ma dhùinear a suas 'fheòil o 'shilteach, *if his flesh be stopped from his issue*; laithean a siltich, *the days of her menstruation*; air son a shiltich, *on account of his issue.*

silteachail, -e, *a.* Ichorous.

silteachan,** -ain, *s.m.* Still. 2 Distiller.

silteachd, *s.f.ind.* Constant dropping. 2 Ulcerous habit. 3*Raininess.

siltichean, *s. pl.* Scrofula.

simeacha-guaid,(AH) *s.f.* Falseness, fraud, deceit, guile.

simear,(DMK) *s. m.* Long rafter of a kiln—*Caithness.*

simid, -e, -ean, *s.m.* Mallet, beetle, batlet. 2 **Rammer. 3 Rolling-pin. 4 (AF) Beetle (insect.) ? 5 (DMy) Potato-masher. 6 (DMy) Tail-half of fishes. Ceann-simid, *a tadpole*; s. an truisg, *the tail-half of the cod*; s. na bioraich, *the tail-half of the dog-fish.* [** gives *nom.* simide & *s.f.*]

simideach, -eiche, *a.* Formed like a mallet or beetle, or rolling-pin. 2 Of a hammer or rammer.

simidean,* *s.m.* see simid. 2††Tadpole.

simileach,†† -ich, -ichean, *s.m.* Coward.

———d,†† *s.f.* Cowardice.

similear, -eir, -an, *s.m.* Chimney, vent. Gaelic form of *chimney.* Ceann-simileir, *a chimney-stalk*; troimh an t-simileir, *through the vent.*

similearach, -aiche, *a.* Of, or belonging to, chimneys.

simileraich, *v.a.* Put a chimney on.

———te, *past pt.* Chimneyed.

similidh, -e, *a.* Cowardly, dastardly. 2 Feeble, silly.

simisd,(CR) *s.f.* Beam, of which there were three, laid across a corn-kiln to support the "sticlean breaga," see stuil.—*W. of Ross-shire.*

simleag, -eig, -an, *s.f.* Silly woman.

simonach,** *a.* Simoniacal.

———d,** *s.f.* Simony.

simoniche,** *s.m.* Man guilty of simony.

simplich,** *v.a.* Simplify.

simplidh, *a.* Simple, single-hearted, artless. 2 Silly. 3**Plain, meek, mean. 4**Unalert.

———eachd, *s.f.ind.* Simpleness or singleness of heart, plainness, honesty. 2 Silliness. 3 Unaffectedness, meekness. 4 Unalertness. 5 **Meanness. Na bìodh s. oirbh, *let there be no unalertness in you.*

sin, *demons.pron.* That, those. Na daoine sin, *those men*; an duine sin, *that man*; an t-àm sin, *that time*; mar sin, *in that manner*; 'se sin ri ràdh, *that is to say*; an sin, *then, on*

Digitized by Microsoft®

that occasion ; there, in that place ; an sin fhéin, *at that very time ; in that very place ;* sin mar a thàinig e, *it was in that manner he came ;* mar sin sios, *and so on ;* o sin, *since.*

sin ! *int.* There ! Well done ! Sin ! sin ! *enough ! enough ! ;* sin thu, a laochain ! *well done, my good fellow !* as an sin thu ! *be off with you ;* sin agad sin ! *there it is for you !* sin thu-fhéin ! *well done yourself !*

sìn, *pr.pt.* a' sineadh, *v.a.* Stretch. 2 Increase in length, stretch out. 3 Hand, reach anything to another. 4 **Prolong. 5* Pursue, chase. 6**Grow in stature. 7* Lean or lounge on a bed. 8 Lie at full length. 9††Extend. 10 (DU) Begin, commence.

S. dhomh sin, *hand me that ;* s. do làmh, *stretch out your hand ;* s. do làmh dha, *extend your hand to him ; drub him :* tha e a' sineadh, *he is growing ;* ma shineas Dia mo làithean, *if God prolong my days ;* sh. sinu orra, *we pursued them with all our might;* an déidh sinidh, *having commenced ;* sh. i ris, *she was seduced by him ;* s. air, *chase him ;* tha e 'n shineadh, *he is leaning* or *lounging on the bed ;* sh e as, *he hurried off—W.S. 2. 216 ;* shininn mo làmh, *I would stretch my hand ;* sinidh e a làithean, *he will prolong his days.*

sìn, *pr.pt.* a' sineadh, *v.* see tòlsich.

sìn, -e, siantan, *s.f.* see sian.

sindeagaich, *v.a.* Pace.

sine,** *s.f* Age, oldness. A' shine chas-aodainneach, *wrinkled age.*

sine,* -an & -achan, *s. f.* Teat, dug, nipple. 2 (AF) Udder.

sine, *comp.* of sean. Older, elder.. 2 Oldest, eldest. Cò dhiubh a's sine ? *who of them is the elder,* or *eldest ?*

sìne, *gen.* of sian & sion. 2 *gen.* of sithionn.

sine, *s.f.* Blast, stormy weather, see sian.

sineach, -eiche, *a.* Having large dugs.

sineachan, *pl.* of sine.

sineachd,(MS) *s.f.* Seniority.

sineachd-sinn, (an sineachdainn) *adv. emphat.* form of sin—*Badenoch & Gairloch.*

sinead, -eid, *s.m.* Seniority, degree of seniority. Air a sh.. *let him be ever so old ;* an s. 's an donad, mar a bha cuilean a' mhadaidh ruaidh, *the older the worse, like the fox's whelp.*

sìneadair, *s.m.* Stretcher, see bàta, No. 38, p.76.

sineadh, -idh, *s.m.* Stretching, act of stretching or extending. 2 Increasing in length, act of stretching out. 3 Act of reaching anything to another. 4 Lying at full length. 5 Prolonging, act of prolonging, prolongation. 6 Length, stretch, pursuit. 7 Pursuing. 8 Holding at full length, as of wool when it is being spun. 9 Reclining. 10 Delaying 11 (DU) Beginning, commencing. A' s—, *pr. pt.* of sìn. S. làithean *length of days ;* 'na shineadh dlùth dhìth, *stretched beside her.*

sineag, *s.f.* (AC) Handful of corn cut at one stroke of the reaping-hook. 2 Wick made from a rush by peeling off the green covering. 3 (DC) Wick of a lamp—*Uist.* 4(CR) Rusn—*Dornoch, Creich.* 5 (DU) Teat of a child's feeding-bottle.

sineal § -eil, *s.m.* Stinking mayweed—*anthemis cotula.* [Not found in the Highlands, but common in Ireland.] illust. 636.

sineran, see speal†.

sine-shog,(AF) *s.f.* Soft crab.

singil,** *s.* Bastinade.

sìngil,** *v.a.* Dress flax, prepare flax for the hatchel (seicil.) 2 Belabour, give a thrashing.

singil,** *v.* Swinge.

singil, *a.* see simpidh.

singilear,** -eir, -an, *s.m.* One who prepares flax for the hatchel.

singilearachd,** *s.f.* Preparation of flax for the hatchel.

singilte,** *a.* Single, alone. not double. 2 Having one pleat. 3 Not mixed.

———,** *past pt.* of sìngil. Dressed or prepared for the hatchel, as flax.

singleadh, -idh, *s.m* Preparing of flax for the hatchel (seicleadh.) 2 Belabouring, thrashing.

singlidh. *fut.aff.a.* of singil.

sinidh, *fut. aff.a.* of sìn.

sinn, *pers.pron* We, us. *Emphatic forms,* sinne, sinn-féin. Rinn sinn e, *we did it, we made it;* their sinn, *we shall say ;* sinn-fhìn is sinnfhìn, Cloinn Cholla (*locally,* Cl. Tolla) Ghlasdruim, dh' fhalbh am pràbar ud, *ourselves and ourselves, the MacColls of Glasdrum, that rable has gone*—a saying current in the Appin district, and often used to point out specially noticeable clannishness ; it is also used as a rallying-shout when playing games ; bhuail e sinn, *he struck us.*

sinne, *emphat. form* of sinn.

sinne, see sine.

———ach, see sineach.

sinneach,** -ich, *s.f.* Wen.

sinneach, *a.* Mammal.

sinnean,** -ein, *s.m.* Little dug, teat or udder.

sinn-seanair, -ean, *s.m.* Great-grandfather.

sinn-seanmhathair, -thar, -thraichean, *s.f.* Great grandmother.

sinnseanach, (seann sionnach)(AF) *s.m.* Fox.

sinn-seachad-sinn-seanair,* *s. m.* Great-great-great-grandfather.

sinn-seachad-sinn-seanamhathair,* *s. f.* Great-great-great-grandmother.

sinnsear, -ir, -irean, *s.m.coll.* see sinnsir.

———, -ir, -an, *s.m.* Elder, the eldest.

———achd, see sinnsireachd.

sinn-sinn-seanair, *s.m.* Great-great-grandfather.

sinn-sinn-seanamhathair,* *s.f.* Great-great-grandmother.

sinnsir, -sre & -e, -ean & -srean, *s.* [*sing.* in number, *coll.* in meaning.] Ancestors, fathers.

sinnsireach, -eiche, *a.* Patrimonial.

———-———d, *s.f.* Right of succession. 2 Ancestry. 3 Genealogy, account of families. 4 Customs of ancestors. 5 see sinnsir. 6**Seniority, eldership. 7**Descent. 8**Progeny. Mo sh., *my ancestry, my fathers;* gun s., *without descent.*

sinnsireil, -e, *a.* Ancestral.

sinnsre, see sinnsir.

———adh, see sinnsir. [across the *slugan.*

sinridean,(AF) *s.pl.* Pieces of wood in kiln, laid

sinte, *past pt.* of sìn. Stretched. 2 Increased in length. 3 Prolonged, extended. 4* Reached. 5 Grown in stature. 6 Couchant, in *heraldry.* 7*Fetched. S. r' a thaobh, *stretched*



636. Sineal.

Digitized by Microsoft®

by his side.

sinte, -an, *s.m.* Traces by which a horse draws a plough.

sinteach, -ich, -ichean, *s.f.* see sinte.

———, -eiche, *a.* Straight, long, extending far, extended, tall. 2* Prostrate. 3 Stretching. 4 With long steps. 5** Growing fast in stature.

sinteag, -eig, -an *s.f.* Skip, bound hop. 2 Pace, stride. 3** Straight line. 4 Stepping-stone. 5 ††Stroke in swimming. Cha ghabh mi na sinteagan, *I will not go the way of the stepping-stones.*

——— ach, -aiche, *a.* Skipping, bounding. 2 Striding, making long strides or paces. 3 Bouncing.

sinteagaich,** *v.* Pace.

sinteag-fèidh, *s.f.* (stag's leap.) Old Highland linear measure equal to 30 English feet.

sintean (for sian an) *n pl.* of sian.

sintea'achd,(MS) *s.f.* Tractability.

siob,* *s.* see slab.

siobadh, -aidh, *s.m.* see sabadh.

siobag, -aig, -an, *s.f.* Blast of the mouth, whiff, puff.

siobaid,** *s.f.* Scallion, onion, see uinnean. 2 The plant cibol.

———-each,** *a.* Abounding in scallions, onions or cibols.

siobail,* *v.* see siab.

siobain, see siabainn.

siobain,(AH) -ain, *s.m.* Spindrift, see siabain.

siobann,§ *s.* Onion. see uinnean. 2** Cibol.

siobhach,§ *s.* Darnel rye-grass. see breòilleun.

siobhag, -aig, -an, *s.f.* Straw. 2* Pile of rye-grass. 3 Wick of a lamp or candle.

———ach,** *a.* Abounding in, or like straws.

siobhaide, *a.* Blighting. Le saighdean s. siubhach 'gam leòn, *wounding me with blighting swift arrows - Dàin I. Ghobha.*

siobhailt, see siobhaltа.

siobhailteachd, see siobhaltachd.

siobhalta, -ailte, *a.* Civil, courteous. 2 Peaceful, mild, placid. 3 Obliging, kind, urbane. (also siobhalt.)

———- chd, *s.f.ind.* Civility, courtesy, peacefulness.

-———s, -ais, *s.m.* see siobhaltachd.

siobhas, -ais, *s.m.* Rage, madness, fury.

———ach, -aiche, *a* Furious, frantic, mad.

siobhrag,** *s.f.* Elf.

†**siobhraich**, -e, -ean, *s.f.* Fairy work, magic, enchantment.

sioblach,* -aich, *s.m.* Streamer. 2 Long person. 3†† see sioblaith. 4 (DU) "Cast" of a fishing-line or tackle.

siobladh, -aidh, *s.m.* Fishing with the boat under weigh. 2 Time of tide suitable for fishing. 3†† Result of one's rod-fishing. A's —, *pr. pt.* of siobail. 4 (DU) Fishing by trailing the flies on the surface of the water.

sioc ! *int.* Call to a goat—*W. of Ross.*

†**sioc**, *s.m.* Frost. 2 The umbilical region.

†**sioc**, *v.a.* Freeze. 2 Dry up, grow hard.

†——a'chte, *past pt.* Frozen. 2 Dried up, grown hard. 3 Obdurate.

siocair,** *s.m.* Motive, reason. 2 Natural. 3 Opportunity.

sioch,* *v.* see siach.

sioch,* *s.f.* Peace, quiet, repose, comfort.

siochadh,* -aidh, see siachadh.

siochaich,** *v.a.* Assuage, compose, settle, calm. 2 Grow composed or calm.

siochadh,(CR) *s.m.* Peace—*Perthshire.*

siochail,* -e, *a.* Peaceful, quiet. 2 Causing peace or quietness. 3 Prosperous. Gu s., *peacefully.*

siochaiche,** *s.m.* Peace-maker.

siochaileachd, see siochalachd.

siochaint, -e, *s. f.* Peace, peacefulness, quiet, repose. 2 Assuagement.

———-each, -eiche, *a.* Peaceful, tranquil. 2 Silent. 3** Silencing. 4* Undisturbed, unmolested.

———-eachd,* *s.f.ind.* Peacefulness quietude. 2 Appeasableness. 3 Happy repose and peace.

siochair, -e, -ean, *s. m.* Dwarf. 2 Fairy-like person. 3 Contemptible fellow, trifling person, brat.

siochainteil,(MS) *a.* Appeasable.

siochaintiche, *s.m.* Peace-maker.

siochaireach, -eiche, *a.* Dwarfish. 2 Mean, contemptible.

siochaireachd, *s.f.ind.* Dwarfishness. 2 Contemptible habits. 3 Personal insignificance. 4 Pusillanimousness. 5* Trifling conduct, quantity or consideration.

siochaire-baic,(AH) *s.m.* Boy who, when peats are being cut, lifts on to the bank any that may accidentally fall off the peat-spade.

siochalachd,* *s. f.* Peacefulness, quietude. 2 Peaceableness. 3 Peace-making.

siocharra,(AC) *s.pl.* Fairy darts

siochchath,** *s.f.* Peace, tranquility, abstainment from war. 2 Silence.

siod, *demons. pron.* Yon, that, there. An siod, *yonder, there;* s. an duine, *yonder is the man;* an siod 's an seo, *there and here;* s. e, *yonder he is;* siod agad siod, *there is your match;* s. fhèin, *for every reason, because I thought it proper;* mar s. 's mar seo, *that way and this way;* s. an t-àite, *yonder is the place;* 'dé bha'n s. ? *what was that ?;* c' ar son s. ? *why yon way ?* an téid thu an s. ? *will you go yonder ?* chaidh e an s., *he went yonder;* s. mar a dh' iomchair e 'chluiche, *yon is the way he played his cards;* an deach thu an s. ? *did you go yonder, to yon place ?;* s. an làmh a thogas au t-sleagh, *there is the hand that can play vengeance with the spear;* s. mar a chiteadh an Greugach, *thus was the Grecian seen;* s. mar a thachair dhuinn, *so it happened to us.*

sioda, -chan, *s.m.* Silk. Trusgan de shioda, *a garment of silk.*

——,* *a.* Silken, of silk.

——ch, -aiche, *a.* Silky, silken.

——chail,** *a.* Silken.

——chan, *emphat.* of siod.

——chd,** *s.f.ind.* Silkiness.

——il, -e, *a.* Silky, like silk.

siodail,††*pr.pt.* a' siodal, *v.a.* Milk the last drop. 2 (DC) Nag, importune—*Argyll.*

sioda-lus,§ *s.m.* Ragged robin—*lychnis flos-cuculi.*

sioda-monaidh, *s.m.* Cotton-grass, mountain silk —*eriophorum.*

siod-chruimh, -e, -ean, *s.f.* Silk-worm, see cruimh-shioda.

siodha,(AC) *s.* Fay, fairy.

siodhach,(AC) *s.m.* Fay, fairy.

siog,* *s. f.* Cadaverous appearance.

sioga,* *s.m.* Weakling.

sioga, *s.m.* Streak. 2 Rick.

siogach, -aiche, *a.* Pale, ill-looking, ill-coloured.

siogach, -aiche, *a.* Inactive, lazy. 2 Greasy, slimy. 3** Streaked. 4 ** Ill-shaped. Eòrna s., *barley not well-filled in the grain,* or *reaped before it was ripe.*



637. Sioda-monaidh.

siogach,(AF) *s.m.* Wolf.

siogada-sinn-seanaireach,(AC) *a.* Sly, old-fashioned. Cno siogada-sinn-seanarach ri sionnach

Digitized by Microsoft®

na Maoile (Maol Chinntire), *as great-great-great-grandfatherish as the fox of the Mull (of Kintyre.)*

siogaid, -ean, *s m.* Lean, dwarfish, weakly fellow. 2 Starveling.

———each, -eich, *s.m.* see siogaid.

———each, -eiche, *a.* Lean, cadaverous, famished looking. 2 Dwarfish, bony, ill-made—*Sar-Obair.*

siogaidh,** -ean, *s.m.* Fairy. 2 Pigmy.

siogaidh, *a.* Twining—applied to the motions of a serpent, and hence to music, which twines and coils round the heart. It is translated *calming* in *W. H. Tales.*

†siogail,** *a.* Streaky, striped.

siogaiseach,** *a.* Shapeless and long in person. 2 Having long limbs. 3 Tough.

————d,** *s.f.* Shapelessness of person. 2 Toughness.

siogan,** -ain, *s.m.* Gizzard.

siograchadh, -aidh, *s.m.* Milking or sucking to the last drop—*Sleat.*

siogladh, -aidh, *s.m.* Sucking an udder to the last drop.

siogar, Gaelic form of *cigar.*

siogaran, *s.m.* Cigarette.

siol, sil, *s.m.* Seed of any kind. 2 Progeny, descendants. 3** Ancestry. 4 Tribe, clan. 5 Spawn or roe of fish. 6**Corn. 7**Oats. A shil nam fonn ! *O children of song !*—i.e. bards. [Generally aspirates a proper name following it, except one commencing with *T.*] Siol Dhiarmaid—*also* Siol Diarmaid (ua Duibhnich,) *the Campbells ;* Siol Torcuil, *the MacLeods of Lewis ;* s. gruinnd, *seed for sowing.*

siol ! * *int.* Mode of calling geese.

siol, *s.m.* Sprat (fish)—*clupea sprattus.*

siol,** *v.a. & n.* Sow. 2 Drop, spill, drivel.

siola, -chan, *s.m.* [*f.* in *Badenoch*]. Gill, gill measure. 2 *pl.* Wooden hames for plough-horses. 3**Prow of a boat. 4 Syllable, see sioladh. 5 (DMy) Milt of male fishes, in herring termed *mealg.* [** gives *nom.* siol for Nos. 1, 3 & 4.]

siolach,* -aich, *s.m.* Breed, brood, offspring, particularly applied to cattle, birds, &c. 2 Descendant. S. aluinu nan speur, *the beautiful offspring of the skies.*

———, *a.* Having progeny, prolific. 2 Having seed, spermatic.

siolach, see sioladh.

siolachadh, -aidh, *s. m.* Propagating, propagation, breeding, generating. 2 Increasing in number, multiplying. 3 State of being multiplied. 4 Filtering, clarifying. 5 Clarification, colation. A' s—, *pr.pt.* of siolaich.

siolachan, -ain, -an, *s.m.* Filter, strainer, colander.

———, *pl.* of siola.

sioladair,** -ean, *s.m.* Sower. 2 Seedsman.

————eachd,** *s.f.* Employment of sowing seed. 2 Business of a seedsman.

sioladh, -aidh, *s.m.* Subsiding. 2 State of subsiding. 3 Straining. 4 Act of straining or filtering. 5 Sinking. 6 State of sinking. 7 Propagation. 8 Dropping. 9**Breeding, generating, sowing. 10**Race, offspring. A' s—, *pr. pt.* of siolaidh. A' s. a' bhainne, *straining the milk ;* tha a' gnaoth a' s., *the wind is subsiding ;* tha 'n t-uisge a' s., *the water is filtering, the sediments in the water are subsiding ;* a' s. as, *passing quietly away.*

sioladh, see siolaidh.

sioladh,* -aidh, -aidhean, *s.m.* Syllable. 2 Gill. 3 Prow of a ship.

———ach, -aiche, *a.* Syllabic.

siolag, -aig, -an, *s. f, dim.* of siol. Seedling. 2 Small or stunted grain of corn or potato. 3 Breeding-sow—*Perthshire & Sutherland.* 4 Young pig—*E. Ross.*

siolag,** -aig, -an, *s. f.* Strainer. 2 Gill (measure.)

siolag,(DC) -aig, -an, *s.f.* Viper-fish. Supposed to be the male of the sand-eel or launce—*ammodytes lanceolatus.* This little reptile comes to the shallow fords of Uist in myriads, and is largely used as food.

siolagach, -aiche, *a.* Abounding in seedlings.

siolagach,** *a.* Abounding in gills. 2 Fond of drams, tippling.

siolagag, see siolag.

siolagag, see siolag.

siolaich, *v.a. & n.* Propagate, breed, multiply, engender, beget, be fruitful. 2 Spring from, as seed. 3 Abound. Sh. iad, *they increased* or *multiplied ;* siolaichibh is fasaibh lionmhor, *increase and multiply ;* o Dhiarmad sh. clann nach gann, *from Dermid sprung a numerous progeny.*

siolaich, -ean, *s.m.* Propagator. 2††Stallion.

siolaichidh, *fut.aff.a.* of siolaich.

siolaidh, *pr.pt.* a' sioladh, *v.a. & n.* Subside, compose, settle down, strain, filter, cause to subside, cleanse, as a fluid. 2 Sink, lower. 3 Grow less. 4 Become composed. 5(MS) Reside. Sh. an soirbheas, *the wind subsided ;* sh. confhadh lot gu sith, *the rage for wounds subsided into peace ;* sioladh m' anam o stri, *let my soul subside from struggle ;* s. am bainne, *strain the milk ;* leig leis sioladh, *let it subside.*

siolaidh, *fut.aff.a.* of sioladh.

siolaidh, *gen.sing.* of sioladh.

siolaidh,(MS) *v.a. & n.* Avail.

siolaidh,** *s.f.* Race, offspring. 3 Stallion.

siolaigh,(CR) *s.m.* Stallion—*Arran.*

siolan,** -ain, -an, *s. m.* Strainer, filter. 2 see siolag.

siolar,** *a.* Abounding in seed. 2 Prolific, productive, generative, fruitful.

siolarnach,** *a.* Snoring, snorting.

siolastar,§ *s.m.* Yellow flag, see bog-uisge. (seilastear.)

siolc, *v.a.* Snatch, seize upon. 2 Pilfer. 3 Wink. 4††Slip, bound. 5* Seek.

——ach, -aiche, *a.* Snatching, seizing upon. 2 Pilfering. 3 Winking.

——adh, -aidh, *s.m.* Snatching. 2 Act of snatching or seizing upon. 3 Pilfering. 4 Twinkling. 5 Act of twinkling. 6†† Quick motion, bound, skip. A' s—, *pr.pt.* of siolc.

siolcair, -ean, *s.m.* Rogue, light-fingered fellow. 2††One that skips off.

————eachd, *s.f.* Petty theft.

siol-chonnlach, -aich, *s.f.* Unthreshed straw, given as fodder.

siol-chur, *pr.pt.* a' siol-chur, *v.a.* Sow seed.

————te, *past pt.* Sown.

siol-chur, -a, *s.m.* Sowing seed. 2 Act of sowing seed. A' s—, *pr.pt.* of siol-chuir. [**yen.* s-chuir.]

siol-coise, *s. m.* Footboard on the treadle of a spinning-wheel, No. 17, p. 290.

siol-cuir, *s.m.* Sowing-seed, seed to sow.

siol-cura, see siol-cuir.

siolgach, -aiche, *a.* Lazy, spiritless, sorry, pitiful, dwarfish.

siolgair, -ean, *s.m.* Spiritless, mean sluggard.

————eachd, *s.f.ind.* Inactivity, tardiness, laziness. 2 Meanness.

siol-ghobach, -aich, *s.f.* Sand-eel. 2(DJM)Pipefish.

siol-ghinidh,** sil-, *s.m.* Seed of copulation.

sioll,* *s.m.* Turn, rotation. S. mu seach, *time about, in rotation, alternately ;* s e seo mo sh-sa, *this is my turn ;* an d' thainig do sh-sa a

Digitized by Microsoft®

stagh fhathast? *has your turn come round yet?*
siolla, see siola.
siollaidh, -aidh, -aidhean, *s. m.* Syllable, see sioladh.
siollaimeach,(MS) *s.m* Prevaricator.
siollan,** -ain, *s. m.* Skinny, meagre creature.
siol-lann,** *s.m.* Granary.
siolman, -ain, -an, *s.m.* Seedling. 2 Refuse of corn. Cha'n 'eil ann na's miosa na s., *there is no refuse worse than that of the corn-pickle*—said of mean gentry.
siolmheinn, see siolmhuinn.
siolmhoire, *comp.* of siolmhor.
————achd, see siolmhorachd.
siol-mhór, CR) *s.f.* Eel resembling the sand-eel, but growing to a length of two feet, usually found in the company of the gurnet—*West of Ross-shire.*
siolmhor, -oire, *a.* Prolific, fertile, generative, fruitful. 2 Abounding in seed. 3 Productive, substantial, as corn.
————achd, *s.f.* Fertility, fecundity, productiveness. 2 Impregnation.
siolmhuinn, *s. f.* Progeny, stock, race. 2 Fecundating substance—*Dain I. Ghobha.*
siol-oladh, *s.m.* Spermaceti.
siolp,(CR)*n.* Slip in or out unperceived, skulk. —*Skye.* 2 (DU) Pilfer. 'Dé tha thu a' siolpadh? *what are you sneaking off?*
——adh, CR) *s.m.* Pilfering.
——air,(CR) *s.m.* Pilferer.
——an,(DMK) *s.m.* Constable's baton—*W. coast of Ross.*
siolradh, -aldh, *s.m.* Breed, race, offspring.
siolraich, *v.a.* Breed, generate, propagate.
siol-reicear, -ir, -an, *s.m.* Corn-chandler.
siol-roinn,** *s.* Diæresis.
siolruin, see siol-roinn.
siolta, *pl.* sioltaidhean, *s.f.* Teal, small wild duck, see craun-lach.
——— -bheag,¶ see lach-fiacailleach.
sioltach, see seamlach.
sioltachan, -ain, -an, see siolachan.
sioltachd, *s.f.ind.* Propagation, the multiplying of a stock.
siolta dhearg,¶ *s.f.* Red-breasted merganser—*mergus serrator.*
sioltaich, -ean, *s. m.* Red-breasted merganser, see siolta dhearg. 2 see siolaich. 3 see lach-fiacailleach. 4* Stallion. 5*Propagator. [* gives sioltaiche for Nos. 4 & 5.]
——— breac,¶ *s.m.* Smew—*mergus albellus.*
siol an,¶ -ain. *s. m.* Red-breasted merganser, see siolta dhearg & lach fiacailleach.
——— bàn,¶ *s.m.* Smew, see sioltaich breac.
——— breac,¶ *s.m.* see sioltaich breac.
siol-treubh** -treibh, *s.m.* Family. [*siol-triabh.]
†siolt-shuileas,** -eis, *s.m.* Running of the eyes.
siom, (AF) *s.m.* Whistle.
siomagaid, *s.m.* Shuffle, evasion, subterfuge.
————ach,** *a.* Evasive, shuffling, equivocating.
————achd,** *s.f.* Habit of evading or shuffling.
siomaid, see simid.
————each,** see simideach.
siomaiden,* see simid.
siomain, see sioman.
siomal, -ail, *s.m.* Ceiling.
siomaltach,(MS) *a.* Merry.
siomain, -ain, -an. *s.m.* Rope of twisted straw or hay. 2 Rope of twisted heather—*Skye.* 3** Rope,cord. 4 *in derision,* Tall, shapeless fellow. Corr-shiomain, *bent stick, used for making straw-ropes;* cho mear ri c ann-siomain, *as merry as a rope's end.* (*Scots,* thraw-crook.)
——— ach,** *a.* Like a rope of straw, hay or heather. 2 Having ropes of straw, hay or heather, as a rick.
——— aiche** *s.m.* One who makes ropes of hay, straw or heather.
——— -barraich, (DU) *s. m.* Rope of twigs, withes.
siomain-ordaig,(DMK) *s.m.* Rope made of straw or hay twisted with the thumb—*Caithness, Argyll. &c.*
siomlach -aich, -aichean, *s.* see seamlach.
————d,* *s.f.* Chicken-heartedness, sheepishness, cowardice.
siomlag,* -aig, -an, *s.m.* Great coward.
siomlaidh, -e, *a.* Chicken-hearted, sheepish, spiritless, heartless.
siomlainn, see simlear.
siomlair,* see simlear.
siomrag, see seamrag.
sion, -tan, *s.m.* Something, anything. 2 *with a negative,* Nothing. 3(MS) Atom. 4*Climate. 5 Element. 6 Air, blast. 7 Drift. Cha'n 'eil s. agam *I have nothing;* gach s. a th' agam, *every particle I possess;* cha'n 'eil s. math air, *it is worth nothing;* a' dol an aghaidh an t-s., *going against the blast;* an s. 'na chùlaibh, *the drift of the rain at his back;* tha na siontan air atharrachadh, *the climate has changed;* fo m' shiontan dùthchasach, *under my native climate, in my native atmosphere;* mar chritheach 'san t-s., *like the aspen in the blast;* tamhasg air éileadh le siontaibh, *a spectre shrouded with the elements.* [** *s.f. & gen.* sine.
†sion, sine, -e, *s.f.* Chain, bond. 2 see sioun & sian.
sion,** *s.m.* Whisper. 2 Phenomenon. 3 Brightness. 4 Warning.
sion,(AF) *s.m.* Craw-fish, cray-fish.
†siona, *s.m.* Delay.
sionadh, -aidh, -aidhean, *s. m.* Lord, noble, chief, prince. [** *nom.* sionaidh.]
sionail,** see sianail.
sion-bhuailte, see sian-bhuailte.
sion-bhuailteach, see sian-bhuailteach.
sion-bhualadh, see sian-bhualadh.
†sionguilte, see singilte.
sion-giomach,(AF) *s.m.* Craw-fish, cray-fish.
†sionn, *adv.* In this place, here.
sionn, *s.m.* Foxglove, see lus-nam-ban-sith 2 (AC) Light, brightness, lurid light. 3 (AC) Region of lurid light.
sionn,(AC) *a.* Mysterious. 2 Phosphorescent. 3 Lustrous.
sionn, *s.m.* Phosphorous—*Dain I. Ghobha.*
sionnach, -aich, *s.m.* Fox. 2 Bagpipe-reed. 3 Wind-valve of a bagpipe. 4 Wind-valve of smith's bellows. †5 Tub, keeve.
————air,** -ean, *s.m.* Fox-hunter.
————an, -ain, *s.m.* Will-o'-the-wisp. 2(DU) Phosphorus. Teine sionnachain, *phosphorus;* tha s. 'sa mhuir, *the sea is phosphorescent.*
————as,** -ais. *s.m.* Craftiness, low cunning.
sionnachla,(AF) *s.* Weather gaw, seagull.
sionnadh,** -aidh, *s.m.* Reproof, rebuke, scoff.
sionnaich, (AC) *a.* Bright. Domhnach s., *a bright Sunday.*
sionsa, see sionnsar.
sionnsair, see sionnsar.
sionnsar, -air, -an, *s.m.* Chanter. 2 Gaelic spelling of *censer.* [** *nom.* sionnsair.] *Prov.* for seannsair.
————ach, -aiche, *a.* Having a chanter. 2 Like a chanter. 3 Furnished with censers. 4 Like a censer. [seannsireach is best form.]
————ach i, see seannsaireachd.
sionradhach,** *a.* Single.
†sionsa, *s.m.* Censer.

Digitized by Microsoft®

sìon-steud, see sian-steud.
siontach, see siantach.
————d, see siantachd.
siontaibh, *dat. pl.* of sìon.
siontan, *n.pl.* of sìon.
siop. Cuir an siop, *despise, turn tail on—Dàin I. Ghobha.*
siopunn, see siabunn.
————ach, -aiche, *a.* see siabunnach.
sìor, *a.* Continual, long, perpetual. 2 Persevering. [Always placed before the noun or verb qualified.] A' s.-amharc orm, *eternally staring at me ;* a' s.-mhagadh air, *perpetually gibing him.*
——,* *s.m.* Time, circuit of time. Gu s., *for ever ;* thuit mo ghrian gu s., *my sun has set for ever.*
sìorachd, *a.* Melodious, plaintive.
sìor-atharrach, -aiche, *a.* Variable, inconstant.
————————ach, -aidh, *s.m.* Variableness, continual variation or shifting.
————————ail, -e, see sìor-atharrach.
sìorbhal,** *s.m.* Theft.
sìor-bheò,** *a.* Everlasting, eternal. 2** Evergreen.
sìor-bhraighlich,** *s. f.* Continued loud noise, constant rattling or clattering.
sìor-bhualadh, -aidh, *s.m.* Continual striking, beating or thumping.
sìor-bhuain,** *v.a.* Cut, shear or mow frequently.
sìor-bhuan,** *a.* Everlasting, eternal.
————————as, -ais, *s.m.* Perseverance.
————————tachd,** *s.f.* Eternity of being, eternity of existence.
————————tas,** -ais, *s.m.* Durableness.
sìorcall,** -aill, -an, *s.m.* Gaelic form of *circle.*
————ach,** *a.* Circular, circled.
————aich, *v.a.* Circle, encircle.
————aichte, *past pt.* Circled, encircled, surrounded.
sìor-chainut,** *s.f.* Garrulity, constant prating.
————————each, -eiche, *a.* Prating, garrulous, continually talking.
————————each, -eich, *s.m.* Babbler, constant talker.
sìor-chas,** *v.n.* Turn to and again.
————ach, *a.* Running to and fro. 2 Walking frequently.
sìor-cheangaltachd, *s.f.ind.* Indissolubility.
sìor-chleachd,** *v.a.* Exercise often, train to.
————.. ————adh,-aidh, -aidhean, *s.m.* Constant habit, regular practice.
siorda,** -ai, *s.m.* Great favour or present.
siordan,** -ain, *s.m.* Rattling noise, rustling noise.
————ach,** *v.* Making a rattling noise. 2 Rustling.
sìor-éighe,** *s.f.* Continued crying, shouting or shrieking.
————ach,** *a.* Continually crying, shouting or shrieking.
sìor-euchd, *s.f.* Softness—R. 8.
sìor-ghàir,** *s.f.* Continued laughter, noise or clamour.
sìor-ghlac,** *v. a.* Grip. 2 Handle roughly. 3 Grasp frequently.
————,** -aic, *s.m.* Grip. 2 Rough handling. 3 Frequent grasping.
sìor-ghnàth, *s.m.* Continual use, constant habit.
————————ach, *a.* Habitual, having a continual habit.
————————achd, *s.f.ind.* Perpetuity.
————————aich, *v.a.* Practice much or often. 2 Use frequently.
sìor-ghnothachair, *s.m.* Amateur.
sìor-ghuidhe, *v.* Desire.
sìor-iarr, *v.a.* Importune.
sìor-iarraidh, *s. f.* Importunity, constant or urgent petitioning.
————————each,** *a.* Importunate, troublesome by means of frequent requests or petitions.
————tach, -aiche, *a.* Importunate.
sìor-imrich,** *s.f.* Transmigration.
sìor-làmhach,** *a.* Long-handed.
sìor-loisg,** *v.a.* Burn perpetually or eternally.
sìor-losgach,** *a.* Burning perpetually or eternally.
sìor-losgadh,** -aidh, *s.m.* Continual burning. 2 Eternal fire.
siormag, *N. Argyll* for seamrag.
sìor-mhaireannach,** *a.* Everlasting, eternal. 2 Immortal. 3 Durable.
————————————d, *s.f.ind.* Perpetuity, durableness. 2 Immortality, state of being everlasting or eternal.
sìor-ól,** *s.m.* Hard drinking, frequent drinking.
sìor-osd,** *v.n.* Gape or yawn frequently.
sìor-phlucas, -ais, *s m.* Lientery.
sìorr,* *v.n.* Scud, slip in or out.
siorra, see siorram.
siorrachd, see siorramachd.
siorradh, -aidh, -aidhean, *s.m.* Deviation, excursion. 2 Onset, attack. 3 Darting. 4 Dart. 5 see siorram.
siorrainn, -ean, see siorram.
siorralach, *s.m.* Broom-rape—*orobanchaceæ major & o. minor.*



633. Siorralach.

siorram, -àim, -an, *s.m.* Sheriff.
————achd, *s.f.* Sheriffdom, county. 2 Office of sheriff.
siorruich,** *v.a.* Eternize, immortalize, perpetuate.
siorruidh, *a.* Eternal, everlasting. Gu s., *for ever.* Gu suthain siorruidh, *for ever and ever.*
siorruidheachd, *s.f.ind.* Eternity. 2 Immortality. 3 Perpetuity.
siorsan,** -ain, *s.m.* Pleasant or good news.
————ach,** *a.* Slow, tedious.
————ach,** -aich, *s.m.* Slow, tedious person.
sìor-sheasmhachd, *s.f.* Immovableness.
sìor-shileach,** *a.* Dropping or dripping continually.
sìor-shileadh,** -eidh, *s.m.* Continual dropping.
sìor-shìolaidheach, -aiche, *a.* Insensible.
†sìort, *v.a.* Strike.
†sìortair, -ean, *s.m.* Executioner.
sìor-thoireas,** -eis, *s.m.* Request.
sìor-uaine, *a.* Evergreen.
————, *s.m.* Evergreen.
sìor-uisge,** *s.m.* Running stream. 2 Perennial fountain. 3 Constant rain.
————————ach,** *a.* Abounding in running streams or perennial fountains. 2 Raining continuously.
sìos, *adv.* Down, downwards (from one)—down

Digitized by Microsoft®

towards one is *nuas*. 2 (shios) Resting below.

In *W. of Ross* shios and sios naturally mean west and westward respectively, that is, down the course of the streams and valleys, and shuas and suas, east and eastward. Yet, shios rathad Chataibh, *down the way of Sutherland*, is the usual way of speaking of the part of Sutherland on the Moray Firth. These meanings of *sios* and *suas* are now perpetuated in a curious way in the east of Ross-shire when speaking English; *e.g.* "go east to the kitchen," "go west to the byre," &c., expressions that strike anyone as very comical till he understands how they originated and that they have no connection with *ear* and *iar*. This does not apply exclusively to Ross-shire.

In *Gairloch*, shios and shuas mean practically north and south. South Earradale, for example, in the south of the parish, is called Earradal shuas and Earradal a deas, and North Earradale is Earradal shios and Earradal a tuath. Am baile shuas and Am baile shios at Red Point, furnish another instance —CR. in *Gael. Soc. of Inverness, xxiv, 369.*

In *Perthshire*, East, eastward. 2**Future.

S. ud [*or* s. an siod], *down yonder*; a' dol s., *going down, setting, as the sun*; o shiùbhal s. agus suas, *from going down and up*; s. agus suas, *eastwards and westwards*; "*but and ben*" *of a house*; falbh suas do 'n t-seòmar, *go "ben the hoose"* (in some places, *go west to the room*); cluinnidh aimsir sios ar clìù, *future times shall hear our praise*; cuir s., *send eastward* or *downward*—*Perthshire.*

In *Sutherland*, it is invariably "tha a' ghaoth à shuas," for westerly wind, and "a' ghaoth à shios" for easterly wind.

In *all parts*, the use of sios and suas is regulated by the direction in which the water flows, thus, it is customary to say, "a' dol suas gu ceann an loch," *or* "suas do 'n eaglais," if in a contrary direction to the general flow of the surrounding streams, even although the journey may be dowhill all the way from where the speaker stands.

‡siosa, *s.m.* Court, parliament.

siosacot, *s.m.* Doublet.

siosar, -air, -an, *s.m.* Pair of scissors or shears.

———ach, -aiche, *a.* Of, or belonging to scissors or shears. 2 Abounding in scissors or shears. 3 Like scissors or shears.

siosarnaich,** *s.f.* Hissing.

siosdan,** -ain, *s.m.* Hunter's cry.

siosma, *s.* Gaelic form of *schism*. 2 Private conference, whisper.

———ch,** *a.* Schismatic. 2 Conferring privately, whispering.

siosmair,** -ean, *s. m.* Seceder, schismatic. 2 Whisperer.

———eachd,** *s.f.ind.* Schismatising, seceding. 2 Whispering.

siostacota,* *s.m.* see siosacot.

siostair,** *s.m* Barrator.

siota,‡ *s.* Blackguard. 2 Pet. 3 Ill-bred or spoilt child. 4 (AF) see seota.

siotach,** *a.* Ill-bred, as a petted child. 2 Pampered.

———,** *s.m.* Ill-bred person, pampered person.

siotaidh,** *s f.* Trifle, jot.

sioth, see sith.

siothach, see sitheach.

siothach, see sith.

siothachadh (MS) Appeasement.

siothachair, *s.m.* Pacificator.

siothadair, *s m.* Pacificator.

siothadh, -aidh, *s.m.* see sith.

siothaich, see sithich.

siothaimh (MS) *s.* Ataraxy.

siothalachd, *s f ind.* Peacefulness.

siothamh, -aimh, *s. f.* Peace, rest. Seallaidh siothaimh, *sights of peace.*

siothann, see sithlonn.

siothchnaich,** *v.* see sithich.

siothchail, see sitheil. 2 Prosperous.

siothchaileachd, see siochalachd.

siothchaimh, see siothaimh.

siothchaint, see siochaint.

siothchainnt, see sithchaint.

sioth-chainnteach, also siochainnteach.

siothchainnteach, see sithchainnteach.

sioth-chainntiche, also siochainntiche.

siothchath, see siochath.

sioth-choimheadaiche, see sith-choimheadaiche.

siothlachan,(DC) see siolachan.

siothladh,** *s.m.* Clarification.

siothlag,** *s.f.* Filter.

siothlaich, *v.a.* Drain.

siothlaidh, see siolaich.

siothlaidh, *v.* see siothlaich.

siothlan,** *s.m.* Strainer. 2 Sack.

sioth-shaimh
———·——each, } see sith-thàmh, &c.
———·——eachd, }

sioth-thaimh, see sith-thàmh.

————each, see sith-thàmhach.

————eachd, see sith-thàmhachd.

sir, *pr. pt.* a' sireadh & a' sireachd, *v.a.* Seek, search. 2 Seek, ask, request. 3 Want. S. e, *seek it*; dé tha thu a' sireadh? *what do you want? what are you seeking?* esan a shireas, *he that seeks*; s. air, *ask of him*; sh. i oirbhse, a fhlatha, *she asked of you, ye nobles.*

sir,** *a.* see sior.

sir-bhuain, see sior-bhuain.

sir-bhualadh, see sior-bhualadh.

sir-chaint, see sior-chainnt.

————each, see sior-chainnteach.

sir-chleachd, see sior-chleachd.

sireach,** *a.* Seeking, searching, prying, scrutinous. 2 Lean, poor.

sireachd, *s.f. & pr.pt.* Same meanings as sireadh.

siread,** -eid, *s.m.* Ferret.

———ach,** *a.* Like, or abounding in, ferrets.

sireadair, -ean, *s.m.* Questant, inquirer.

sireadan,** -ain, *s.m.* Sound, probe, in *surgery*.

sireadh, -idh, *s.m.* Searching, act of searching. 2 Seeking, act of seeking. 3 Asking, requesting, demanding, begging. A' s—, *pr. pt.* of sir.

stairn, -e, *s.f.* Noise as the tread of horses' feet. 2 Violent push or throw. 3††Brain-swimming from liquor. 4**Loud noise, clamour, confusion. 5 Tramping. 6††Rumbling, fall of stones. 7(WC) Pride, haughtiness. 8 (DC) Rank thick grass growing in fresh-water lochs.
stairneach, -eiche, *a.* Making a loud noise, noisy, clamorous. 2 Pushing violently.
———, *s.m.* see stàirn.
stàirneal, see stearnal.
stairneil, -e, *a.* Foppish, conceited, forward, often ostentatious. 2**Obstreperous.
stairneil, MS) *s f.* Fuss, noise.
stairneineach,†† -ich, *s.m.* Robustious fellow.
tairs ach, see stairseach.
tairsneach, -aich, -aichean, *s. f.* Threshold. 2 Bar, barrier. 3(AC) Stone step. 4 Obstacle, impediment. 5 MS) Rub. 'Na s. (*starrsach*) an sod *as a barrier yonder.*
stairt,* *s f* Trip, considerable distance.
———eadh (DMv) *s.m.* Going to a place and returning without delay, as a hasty call at a house on one's way.
stàit,* -ean, *s.m.* Magistrate, great man of a place or city. Stàitean na tire, *the great men of the country*; stàitean a' bhaile, *the magistrates or chief men of the town.*
stàiteal,* *a.* Magisterial, portly.
———achd,* *s.f.* Magisterial conduct or gait, stateliness.
stal,** -ail, *s.m.* Stallion.
stalac, see stalc.
———ach, see stalcarh.
stalag,(DMy) *s.f.* Drink as long as one's breath will allow. Stalagan, *drinks between breaths.*
stalan, -ain, -an, *s.m.* Stallion, entire horse.
———ach,†† *a.* Abounding in stallions.
stalc, *v.a. & n.* Stiffen, make stiff. 2 Become stiff. 3 Tie or dress a fishing-hook. 4 Walk with a halting gait. 5 Starch. 6* Tap. 7* Gaze store. 8* Dash your foot against—*Islay.* 9††Stalk, as in hunting deer. 10*Thump.
stalc, (CR) *s.m* Stout burly man.
———,** -aic, *s.m.* Starch. 2 Stare. 3(DC)Thick food, as soup or porridge. S. lite, *a plate of thick porridge.*

Digitized by Microsoft®

stalc.(AF) *a.* Falcon. 2 Starling.

stalcach, -aiche, *a.* Stiffening, making stiff. 2 Hobbling, walking awkwardly. 3‡‡Stalking. 4††Gazing, staring. 5**Starching.

stalcadair, -ean, *s.m.* see stalcair. 2‡‡Starch.

stalcadh, -aidh, *s.m.* Stiffening, act of stiffening or making stiff. 2 State of becoming stiff. 3 Act of tying or hooding a fishing-hook. 4 Hobbling, act of walking awkwardly. 5 Dashing, thumping. 6 Starching. 7‡‡Stalking. 8 ‡‡Gazing, staring. 9 Fowling. A' s—, *pr.pt.* of stalc.

stalc dich, *v.a.* see stalc.

stalcair, -ean, *s.m.* One that hobbles or walks awkwardly. 2 Dresser of hooks. 3 Starch. 4 Blockhead. 5‡‡ Hunter, fowler, deer-stalker. 6‡‡ Gazer, starer. 7** Arrow-maker. 8**Pacing-horse. 9 Bully. 10 Robust fellow.

stalcaireachd, *s f.ind.* Stupidity. 2 Occupation of a fowler. 3 Deer-stalking. 4 Habit of staring. 5 Frequent staring or gazing. 6 Business of dressing fishing-hooks. 7 see stalcadh.

stalcanta, -ainte, *a.* Firm, thick, stout, stiff. 2 Rigid. 3 Starched. 4‡ Strong.

————chd, *s.f.ind.* Firmness, stoutness, robustness, thickness. 2 Stiffness.

stalda,** *a.* Stale.

stall,(CR) *s. m.* Bandage or swathe over the crown of the head and under the chin—*W. of Ross.* 2(DMy) Edge of the floor next the byre in old thatched houses.

stall,‡ *s.m.* Peat-bank.

stàll, *s m.* Rearing, trim, proper state. Cha'n urrainn mi a thoirt gu s., *I cannot bring it into proper trim.*

stall, *v.a.* Dash violently against.

stalla, -chan, *s.m.* Overhanging rock, lofty precipice, craggy steep. 2††Sea-rock. 3(DMy) Ledge on the face of a rock.

stalla, *a.* Craggy, steep.

stallacaire, -an, *s.m.* Blockhead. (stalcair)

————achd, see stalcaireachd.

stallach,†† *a.* Abounding in sea-rocks.

stallachdach, *a.* Stupidly deaf. 2 Careless. *Argyll.* 3††Foolish.

stalladh, -aidh, *s.m.* Dashing, thumping, dash thump. 2 DC) Solid rock underground. *Uist.*

stallag,(CR) *s.f.* Bandage over the cheeks, as for toothache—*Stuth'd.*

stallan, *s.m.* Gaelic form of *stallion.*

stamac, see stamag.

stamag, -aig, -an, *s.f.* The stomach. 2 Appetite.

stamb, see stàmp.

————adh, see stàmpadh.

————te, see stàmpte.

stamh,§ **-imh,** *s.m.* Sea-girdles, tangle—*laminaria digitata.* Barr-staimh & bragair are the broad leaves on the top. 2(DC) Stalks of the oar-weed—*Uist.* 3* Bull's —— dried for the purpose of lashing horses.

stamha,** *s.m.* Vase.

stamh, *pr.pt.* a' stamhadh. *v.a.* Subdue, train, tame, subject, reduce to order. 2 Break a young horse. 3 Drub lustily. 4* Press down, compress.

————adh, -aidh, *s.m.* Taming, training or breaking, as of a young horse. 2* Subjection.

stamhnadh,** **-aidh,** *s.m.* Managing. 2 Taming or breaking, as of a young horse. 2 Making pliable.

stamhnaich, *pr pt.* a' stamhnachadh, *v.* see stamh.

stamhnaidh, -e, *a.* Manageable. 2 Pliable. 3 Tame.

stàmhor, -oire, *a.* Useful. [stàthail]

stàmp, *pr.pt.* a' stampadh. Gaelic form of *stamp.* 2 Trample.

stàmpadh, -aidh, *s.m.* Stamping, act of stamping. 2 Trampling, act of trampling. 3"Trumping" blankets. A cure for leum-droma (lumbago ?) was for a person of different sex to kneel on the patient's back and walk over him on all fours. This was called stàmpadh —DU. A' s—, *pr.pt.* of stàmp.

stàmpta, *past pt.* of stàmp. Stamped. 2 Trampled.

stàmpte, see stàmpta.

stàn, (i.e. a stàn) *adv.* Thig a stàn, *come down —Suth'd.* 2 Down, downwards—*Rob Donn.* [Down, below, *form of* a bhàn —‡]

stàn, -àin, *s.m.* see staoin & stain.

stàn, *pr.pt.* a' stànadh, *v.a.* Make awry, bend, stànadair, *s.m.* Tin-smith, tinker.

stanard,** **-aird, -an,** *s.m* Stint. 2 Yard-wand. 3 Yard. 4 Upright piece of wood to which is affixed the rock of a spinning-wheel. Gun s., *without stint.*

stang, -aing -an, *s m.* Pool, standing water. 2 Ditch, trench. 3‡‡Sting. 4**Peg, pin. 5* Tank.

stang, *v.a.* Sting as a bee.

————ach, -aiche, *a.* In pools. 2 Full of pegs. 3 Prettish. 4 Having upright horns. 5 Full of ditches or trenches. 6 Drained, trenched, as land. Gabhair nan adhairceas, *the upright-horned goats.*

stangach (AF) *s.m.* Beast with upright horns.

stangaich,** *v.a.* Dig a ditch or trench.

stangail, *v.a.* Fit a hook to a fishing-line. *prov.*

stangan, -ain -an, *s.m., dim.* of stang. Little pool or ditch.

stanganach, -aiche, *a.* Abounding in little pools or ditches.

stangar,†† **-air** *s.m* Stickleback.

stangarum, -aim. *s. m.* Stickleback, stinger—*Dàin I. Ghobha.*

stangarra,(AF) see s'angar.

stann, -a, -an, *s. m.* Tub, vat. 2 Meal-tub. 3 Stall, stand, stance, as at a market. [stanna —McL & D.]

stannach,†† *a.* Abounding in large vats.

stanna-cléithe, -n- *s. f.* Worm-stand. 2 Tub, vat, worm-tub. (p. 731.)

stannadh, *Hebrides* for stamhnadh.

stannair,e),(AF) *s.m.* Buzzard.

stannart, airt, -an, *s.m.* Stint, limit, bound. 2 Yard in measure. 3 Measuring-wand. 4 Affected shyness, coyness. 4††Gauge. 5 Gaelic form of *standard.* see stanard.

————ach, -aiche, *a.* A**ffected, coy, shy. 2 Pertaining to standards or gauges.

————ach d, *s.f.* see stannart.

stannd, *s.m.* see stanna.

stannt, see stanna.

staof,** *a.* Gaelic form of *stiff.*

staofainn,** *s.f.* Starch. Gaelic form of *stiffen.*

staoig, -e, -ean, *s.f.* Collop, steak, piece of flesh, cutlet. 2 DC) Senseless woman—*Uist.* 3 Pax. S.-ruthaid *blackmail—Perthsh.*, (cis-mhaoinn in *Argyll.*)

staoig,* *v.a.* Cut into clumsy steaks or lumps.

staoigeach, -eiche, *a* Abounding in collops. 2 Like a collop or steak.

staoigich,(MS) *v.a.* Hack.

staoile, see staoileadh.

staoileadh, s. m. Title, style. Staoileadh Eirinn, stéidh na creidimh, *Ireland's title Faith's defender—Donn. Bàn, p. 30.* Se Gleann Urchaidh do staoile(adh), "*Glenorchy*" *is your style or title—Donn. Bàn, p. 36.*

staoin, *a.* Awry, oblique, bending, crooked. 2 Shallow. 3 (DU) "Soft," silly, applied to a person lacking in perspicacity. Truinnsear s., *a shallow tin plate—Dàin I. Ghobha.*

Digitized by Microsoft®

staoin, -e, *s.f.* Pewter. 2 Tin. 3 *in derision,* Soft, inactive fellow. 4 Lazine s.

staoin,§ -e, *s.f.* Juniper, see aitionn. 2 see eidheann tha'mhainn. Caorunn staoine, *juniper berries.*

staoineach, -eiche, *a* Abounding in pewter. 2 Like pewter. 3 Like tin. 4 Lazy, inactive.

———-d, *s.f.ind.* Laziness, inactivity.

staoineag, -eig, -an, *s.f.* Juniper-berry. 2 Silly or foolish woman.

staon, -a, *a.* Awry, askew, oblique, inclined, crooked, bent.

staon, *v.a.* see staonaich.

staonach, *a.* Crooked, wily—*Dìin I. Ghobha.* 2 **Apt to bend or turn. 3 Oblique. 2 see staon.

staonachadh, -aidh, *s.m.* Bending, act of bending or making awry. 2 Curbing, act of curbing or restraining. 3 Bending, obliquity. 4 Bias, inclination. A' s —, *pr.pt.* of staonaich.

staonadh, -ai th, *s m. & pr.pt.* see staonachadh.

staonag,* -aig -an. *s f.* Slaver, sottle, snot.

———ach,* -aiche, *a.* Catarrhal, abounding in spittle, snotty.

staonaich, *v. a.* Bend, incline, make awry. 2 Curb, restrain.

———te, *past pt.* of staonaich. Bent, made awry, inclined. 2 Restrained, curbed.

staonard,** -aird, *s.m.* Crick in the neck.

staonta, *past pt.* of staon, see staonaichte.

staonuin, -uim, *s.m.* Bending of the body to one side.

staop,** -a, -an, *s.m.* Step, as of a stair. 2 Step of a dance. 3 Step, pace.

stapach,** *a* Having steps. 2 Stepping, pacing.

stapag, -aig, -an, *s.f.* Mixture of meal and cream, milk or cold water, crowdie.

stapagach, *a.* "Duthaich nan stapag," or "am fearann stapagach," is the name given to Trotternish, (Skye) by the MacLeods. The compiler has lively recollections of partaking of stapag uachdair in Trotternish over 20 years ago.

stapal, -ail, *s.m.* **Lamp. 2 see stapull.

staplaich, -e, *s.f.* Loud noise. 2 One of the noises of the sea.

staplainneach, -eiche, *a.* Noisy.

staplan, -ain, *s.m.* Noise of the sea.

stapull, -uill, *s.m.* Bar, bolt, staple. 2**Link. 3 Torch. 4 see stabull. S. nan spèilearan, *runner-staple of a cart.*

stapullach, -aiche, *a.* Of, or belonging to, bolts, bars or staples. 2 Like a bolt, bar or staple.

starach,(CR) *a.* Sagacious, wily, cunning, artful—*Suth'd.*

———d,* *s.f ind.* Romping, blustering.

staraidheachd, *s.f.ind.* Chicane.

stararaich, see darririch.

starbanach,* *s.m.* Stout fellow.

starbhan,** -ain, *s.m.* Noise. 2 Rustling noise.

———ach, -aich, *s.m* Strong, robust fellow. Dithis s., *two robust men.*

———ach, -aiche, *a.* Firm, steady. 2 Robust. 3 Noisy, rustling.

starbhanachd,** *s f.ind.* Stoutness, robustness. 2 Steadiness, firmness.

starbhanaich,** *s.f.* Continued noise. 2 Continued rustling noise.

starcaich, -aiche, *a.* Firm.

starcaiche, *s.f.ind.* Firmness.

stard,* *s.f* Mooneye.

stard-shuileach,* -eiche, *a* see starr-shuileach.

staro,* -airn, -airnean, *s.m.* Upstart.

———(DU) *s.f.* Pride, haughtiness, conceit.

starnach,** *a.* Like an upstart.

starr,* *v. n.* Shove violently, dash. 2 Propel, push with a jerk. (sparr)

starr,* *s.m.* Sort of grass.—*Lewis.* [seasg in *Argyll.*]

starrach,** *a.* Propelling, pushing. 2(DMK)see starach.

starrachd, *s. f.* Roaming—*Skye.* 2 Taking a walk—*Skye.*

starradh, -ai th, -aidhean, *s.m.* Sudden and violent motion. 2 Whim, freak, odd fancy. 3 Failing; imperfection. 4 Fit of anger, passion. 5 Tramping. 6‡‖Leap, start. 7‡ Pushing violently, dashing against. 8 (DMy) Twist of the head and neck to one side. Cnap-starradh, *a stumbling-block, obstruction ; ball on the end of a spear.*

starrag,¶ *s.f.* see feannag ghlas. Hooded crow —*Harris.*

starrag,†† -aig, -an, *s.f.* Wry-neck, twist.

———ach, *a.* Having a wry-neck, twisted.

starraich,* *s.f.* Complete intoxication.

starrair,** *s.m.* Historian.

starram,†† -aim, *s.m.* Noise, din, tramping.

starran, *s. m.* Place for crossing a river or soft ground on stones, stepping-stones—*Lewis.*

starran, -ain, -an, *s m.* Old dwarf.

starr-chosail, -e, *s.f.* Staggering.

starr-fiaeacail, -cla, -an, *s.m.* Tusk, gag-tooth.

starr-fhiaclach, -aiche, *a.* Having gag-teeth.

starrs,* *s.m.* Gaelic form of *starch.*

starrsach,* *s.f.* see s airsneach.

starrsaich,* *v.a.* Starch, stiffen.

starr-shuileach, -eiche, *a* Having the eyes distorted, squint-eyed, moon-eyed.

starr-shuilich,(MS) *v.a.* Stare.

starsach,(AC) see stairsneach.

stàt, -àit, *s.m.* Pride, haughtiness.

stàta, *s.m.* State, government.

stàtail, -e, *a.* Stately, proud, self-sufficient.

stàtalachd, *s.f.ind.* Stateliness, air of importance.

stàth,* *s.m.* Good purpose or end. 2 Use, benefit. Guothach air bheag s., *a thing worth little ;* cha'n 'eil s. an sin dhuit, *that serves no end to you ;* cha'n 'eil s. a bhi 'tighinn air sin, *to speak of that serves no good purpose ;* cha 'n 'eil s. air seo, *this is us-less ;* chu'n 'eil fios air s. an tobair gus an traigh e, *the value of the well is not realized till it dries—Arran ;* tha do mhathair fo dhùbhròn agus t' athair gun sunnd air ri stàth ! *your mother is in deep sorrow and your father takes no pleasure in doing anything useful—Duanaire, p 13.*

stath (DC) *a* Supporting.

stathail, -e, *a.* Useful, profitable, advantageous, serviceable.

stàthalachd, *s.f.ind.* Usefulness, advantageousness.

stàthmhor, -oire, *a.* see stàthail.

stathrum,** *s.* Clash, see starram.

statuid, see statuinn.

statuin, see statuinn

statuinn, -ean, *s.f.* Act, decree, statute. 2 Short distance. S. o 'n taigh, *a short distance from the house—W.H 1. 13.*

stàtuis, see statuinn.

steabhag, -aig, *s. f.* Switch. 2** Staff, stick, club. Gille-steabhaig, was a foot-messenger or letter-carrier who ran from place to place with a long staff in his hand—**.]

steach, (i.e. a steach) *adv.* In, to within, into. 2 In the house, into the house. *Steach* is used with verbs of motion See note under *staich.* Nuair a thàinig iad a s., *when they came in ;* cuir a steach e, *put him in ;* [am bheil e a staigh ? *is he in?*] *is he in the house ?* A mach 's a steach, *out and in,* implies motion to and from a place, but, a mugh 's a staign means rest in a place.

†steach, *v.n.* Enter.

Digitized by Microsoft®

steadhainn,* *s. f.* Firm or punctual mode in speech.

———, *a.* see steadhainneach.

———each,* -eiche *a.* Firm or punctual in speech. 2 Making a slight pause after every word in speaking or reading

steafag, -aig, -an, *s. f.* Little staff, cane, stick, crutch or club.

———ach †† *a.* Having canes or small staves.

steafaineachd, *s.f.ind.* Idle sauntering.

stear, see stear.

———dean,(CR) *s.m.* Sea-swallow, tern—*Skye.*

steaireadh,(AC) *s.m.* see stearadh.

steairn,(CR) *s.* Roaring fire—*Perthshire.* Tha s. air, *he is tipsy.*

stealdrach,* *s.f.* Torrent, state of being a good deal intoxicated.

steall, *pr.pt* a' stealladh, *v. a. & n.* Spout, as from a squirt or pipe, squirt, gush, pour out irregularly, plash. 2 Cause to spout.

steall, -eill & still, *s.f.* Spout of any liquid, as if from a squirt. 2 Squirt. 3 Cataract. 4 Heavy shower of rain. 5 Considerable quantity of any liquid. 6 Diarrhœa. 7 Torrent, gush, plash. Mar steall aonaich, *like a mountain torrent.*

steallach, -aiche, *a.* That squirts or spouts, spouting, squirting. 2 That causes to spout or squirt. 3 Gushing suddenly, as water. 4 Showery.

stealladair, -ean, *s.m.* Squirt, syringe. 2 Squirter. 3(AF) Spout-fish, razor-fish.

———eachd, *s.f.ind.* Squirting of any liquid as through a syringe, syringing.

stealladh, -aidh,*s.m.*Squirting, act of squirting or spouting. 2 Gushing, plashing. 3 Spout, sudden gush of water from a pipe or squirt. 4**Heavy sudden shower. 5**Pissing. A' s—, *pr.pt.*of steall. A' s. bainne an cuachan, *spouting milk into a pail.*

stealltag, -aig, -an, *s. f. dim.* of steall. Little spout, small quantity of liquid. 2 (DU) Wild mustard—*Gairloch & Lochbroom.*

———ach, -aiche, *a.* Abounding in small spouts squirting.

steallaich, *v.a.* Engrail.

steallair, -ean. *s.m.* Syringe, squirt. 2 Squirter, one who squirts. 3 Cascade. cataract. 4 Tap. 5 Clyster. 6 Piston. 7**Faucet. 8*Watering-can.

———eachd, see stealladaireachd.

steallairich,(CR) *s.f.* Sloppy food, thin drink—*W. of Ross.*

steallt, see steall.

stealuadh,(WC) -aidh, *s.m.* Ramming the shot of powder in blasting a stone.

steapach,¶ *s.m.* see snaigear.

steapag,(DMK) *s.f.* see stopag-fhraoich.

stèapan,(DMK) *s.m.* Candle-wick. A Skyeman who was eating a penny dip is alleged to have said, An ith mi an s.? *shall I eat the wick?*

stear,** *v.* Cudgel, knock.

stear,(AC) *s.m.* Pole like the butt of a salmon-rod, used for stunning birds. 2**Rude blow.

stearadh,(AC) -aidh *s. m.* The operation of stunning birds with a rod as they fly overhead, the pole-man sitting on the edge of a cliff.

stearair,(AC) (stear) *s.m.* Pole-man, one who sits on the edge of a cliff, and strikes the birds with a pole (stear) as they fly overhead, causing them to fall stunned to the ground.

steàrdal, see steàrnal.

steàrnag, *Suth'd.* for steàrnal.

steàrnal, -ail, -an, *s.m.* Inn-keeper's sign. 2 Arctic tern—*sterna arctica.* 3**Bittern. 4** Butterbump. S. taigh-osda, *an innkeeper's sign.*

stearnal beag, *s m.* Lesser tern—*sterna minuta.*

——— dubh,¶ *s.m.* Black tern—*sterna nigra*



650. Steàrnal dubh.

steàrnall,¶ -aill, *s.m.* see corra-ghràin.

steàrnan,¶ -ain, -an, *s. m.* Common tern, sea swallow—*sterna hirundo.*



651. Steàrnan.

stearr, see stear.

stéibh * *Suth'd.* for stéidh.

stéibheach,(MS) *s.m.* Base, basis.

stéibhich, see stéidhich.

steic,* *s.f.* Cow's stake or stall.

steic,(CR) *s.m.* *W. of Ross* form of Eng. *stick.* Nach b'e 'n droch s. e! *what a bad boy he is!* 2 (with *t* sounded broad) Severe blow—*Gairloch.*

steic-bhràghad, -aid, -ean-bràghaid, *s. f.* The wind-pipe, weasand.

stéidh, -e, -ean. *s. f.* Foundation, basis. 2** Ground. 3**Piling of peats. 'S i mo làmh a leag s. na talmhainn, *it is my hand that has laid the foundation of the earth.*

stéidh,* *v.a.* see stéidhich.

stéidh-dhaingnich,** *s. f.* Foundation, basis, ground. S. na firinn, *the ground of truth.*

stéidheach, -eiche, *a.* Having ground for a foundation. 2 Having a strong foundation. 3 Solid in judgment, judicious, sensible.

stéidheachadh, -aidh, *s.m.* Act of laying a foundation, grounding, establishing. 2* Piling peats. A' s—, *pr. pt.* of stéidhich. Air dhuibh bhi air bhur s., *you being grounded*

stéidheadh, *s. m.* Stay, support—*Dàn Iain Ghobha.* 2 (MS) Erection. 3 (DU) Upper built-up part of a peat-stack.

stéidhealachd, *s. f. ind.* Steadiness, solidity, stability, punctuality, firmness.

stéidheil, -e, *a.* Steady, well-grounded, well-founded. 2 Solid in judgment, judicious, sensible. 3* Decisive in character, firm. 4* Punctual.

stéidhich, *pr.pt.* a' stéidheachadh, *v.a.* Establish, found, settle, lay a foundation. 2* Pile peats.

———te, *a. & past pt.* of stéidhich. Firm, founded, established, settled, grounded, steady. An Eaglais stéidhichte, *the Established Church.*

stéidh-theagaisg, *s.f* Text. as of a sermon.

stéig, -éige, Gaelic form of *steak.*

———ach, *a.* In steaks or collops.

stéigh,‡ see stéidh.

stéigheil, see stéidheil.

stéighich, see stéidhich.

———te, see stéidhichte.

stéigich, *v.a.* Cut into steaks or collops.

stéileag,†† see stinleag.

Digitized by Microsoft®

stéill, *s.f.* Peg or pin on which to hang things, bracket. 2 Long fellow. 3(AC)Shelf. Thoir an gunna thar na stéill, *take the gun off the bracket*; cuir an cuman air an s., *put the pail upon the shelf.*

stéill, *gen.sing.* of steall.

stéille,** *s.f.* Lustiness, stoutness. 2 Ruddiness. 3 Laziness. 4 Laxativeness, looseness.

stéilleach, -eiche, *a.* Lusty, robust, stout. 2** Ruddy. 3**Lazy. 4**Loose, laxative. [also steilleach.]

steillean,** -ein, -an, *s.m.* Gantry, trestle.

steillear, -eir, -an, *s.m.* Strong and lazy fellow.
————adh, -aidh, -aidhean, *s.m.* see steillear.

steimhleag,* *s.f.* Hasp of a lock.

stéineadh, *pr. pt.* Tha iomadh cànain ann a' s. anns na Leabhar-lann—*Sgeul.nan-caol, p. 3.* see stéinneadh, 5.

steing,(DC) *s.f.* Hook for hanging things.

†steinle,† *s.f.ind.* Itch, mange. 2**Ulcer. Tha 'n s. ort, *you have the itch.*
————ach, -eiche, *a.* Itchy, mangy. 2 Purulent. 3 Ulcerated.

steinleachadh, -aidh, *s.m.* Exulcerating, state of exulcerating,exulceration. 2 Becoming mangy. 3**Itch. A' s—, *pr.pt.* of steinlich.

steinleachd,** *s.f.* State of being affected with itch, mange or ulcer.

steinlich, *v.n.* Ulcerate.
————te *past pt.* Exulcerated.

steinloch,(AF) *s.m.* Coal-fish full grown. 2 Stenlock.

steinn,* *pr.pt.* a' steinneadh, *v.n.* Disappoint. 2 Fade in colour. 3 (DMy) Explain, rehearse. S e 'nam chluais e, *he rehearsed it minutely in my ears*; s. e orm, *he disappointed me, defeated my purpose.*

steinn, *v.* Gaelic form of *stain.*
————eadh,* -eidh, *s.m.* Disappointing. 2 Disappointment. 3 Staining. 4 Stain. 5(J McF) Fading. 6 (WC) Piece of string fastening a buoy to disc.
————eil,** *a.* Keen, ardent, eager, emulous, endeavouring.

stéir, see stéic.

steirneal, see stearnal.

steoc, -a *s.m.* Any person or thing that stands upright. 2 Attendant, body-servant. 3 Idler. 4 Bayard. 5** *s.f.* Idle female, one who is fond of staring idly at persons.

steoc, *v.n.* Walk, strut.
————ach, -aich, *s.m.* see steòc.
————ach, -aiche, *a.* Standing erect. 2 Idle. 3 Standing idly.

steocair, -ean, *s.m.* see steòc.
————eachd, *s.f ind.* Habit of standing or sauntering in idleness.

steoll, see steall.

steòrn, *pr.pt.* a' steòrnadh. *v.a.* Guide, direct. 2 Manage prudently, regulate, govern. 3* Guide by the stars. 4 (DC) Strut, swagger in walking—*Argyll.*

†steorn,* *s. m.* Star.

steòrnach, -aiche, *a.* Guiding,directing. 2 Managing prudently, governing. 3 Starry.

steòrnadh, -aidh, *s m.* Directing, act of directing or guiding by the stars. 2 Managing, act of managing prudently or economically, governing. A' s—, *pr pt.* of steòrn. Fear-steòrnaidh, *steersman, ruler*; luchd-steòrnaidh nan crioch, *rulers of the land.*

steòrnaidh, *fut.aff.a.* of steòrn. 2 *gen. sing.* of steòrnadh.

steòrnail, -e, *a.* see steòrnach.

steothag,* *s.f.* see steabhag & steafag.

steothaireachd,* *s.f.* Sauntering with a switch in your hand.

steud, -a, -an, *s.f* Race. 2 Horse, steed. 3 War-horse. 4 Wave, billow, surge. 5*Stride. 6* Fine young mare. 7**Charger.
Fonn nan s 's nan ribhinn òigh, *land of steeds and virgins fair*; sgaoth eunlaith air steuda sàil, *a flight of birds on the briny billows*; thoir s., *take a run*, or *race*; chuir siod 'nan s. iad, *that set them running.*

steud, *pr.pt.* a' steudadh, *v.n.* Run, run a race. Bu luaithe steudadh e na gaoth, *he could run faster than the wind.*

steudach, -aiche, *a.* Running, that runs or races. 2 Abounding in horses. 3 Managing horses. 4 Billowy, stormy. 5**Speedy,swift.

stendadh, -aidh, *s.m.* Race, running, act of running, racing or darting forward. 2 Wave, billow, surge. A' s—, *pr.pt.* of steud.

steudag, -aig, -an, *s.f.* Tidy girl.
————ach, -aiche, *a.* Tidy, neat, trim.

steud-each,** -eich, *s.m.* Swift horse. 2 Race-horse. 3 War-horse.

steud-shruth,†† -a, -an, *s.m.* Rapid stream.
————ach, *a.* Abounding in rapid streams.

steur,** *s.* Bang.

stiall, *pr.pt.* a' stialladh, *v.a.* Streak, strip, mark with streaks or stripes. 2 Tear away in stripes or slices. 3 Scourge, beat, beat over stripes.

stiall, stéill, -an, *s.f.* Streak, strip, stripe. Stripe, lash. 3 Ray of light. 4 Slice, piece taken off, as of leather or cloth. 5 (M McD) Head-post in a byre—*Lewis.* Mar stiallan soluis, *like streams of light.* [**s.m.*]

stiallach,** -aich, *s.m.* Stripe, streak. 2 Split of a plank. 3 Chop taken from anything. An s. tana, *thin streaky cut of bacon.*
————, -aiche, *a.* Striped, streaked, brindled. 2 That scourges or inflicts lashes. 3 Tearing in shreds, pulling asunder. Sprèidh s., *streaked cattle.*
————d, *s.f.* see srianachd.

stiallaidh, -aidh, *s.m.* Streaking, colouring with stripes of various colours. 2 Scourging, flogging, act of scourging. 3 Act of tearing away in strips or slices. 4**Streak, stripe. A' s—, *pr.pt.* of stiall.

stiallag, -aig, -an, *s.f.dim.* of stiall. Small slip, streak or stripe.
————ach, -aiche,*a.* Marked with small stripes or streaks, pied. 2 Abounding in small strips or pieces.

stiallaich, *v. a.* Diaper. 2 ** Streak, stripe. 3 Rend in pieces or in strips. 4(MS) Flog. 5 (MS) Interweave.

stiallaichte, *past pt.* of stiallaich. Listed. 2 Streaked, striped.

stiallair, -ean, *s. m.* Anything large. 2(AF) Badger. 3†† Big man. 4*Long, ugly fellow. 5 Drawling f——.

stiall-chu, see stiallair 2.

stiall-cotain, *s.f.* Tape.

stic, see stéic.

stic, -ean, *s. m.* Fault, blemish. 2 Defect. 3 Pain, uneasiness of mind or body. 4 Blackguard. 5**Kiln-rafter. 6(AC) Imp, demon. 7 *in derision*, Long-legged person. 8* Stake.
Droch s., *evil imp*; s. an donais, *imp of the devil*; s. an deamhain mhòir, *imp of the great demon*; s. taighe, *house-imp*; s. stairsnich, *a doorstep-imp*—generally applied to a quarrelsome woman, occasionally to a quarrelsome man.

stic, s Inclination, leaning, peculiarity.—*Rob Donn.*

stic,** *s.f.* Stitch in sewing. 2 Slice. 3 Staff, stick, pole. 4** *in derision*, Long-legged person. Cuir s., *sew a stitch.*

Digitized by Microsoft®

stic, *v.n.* Gaelic spelling of *stick*.
sticeach,†† *a.* Painful. 2 Clammy, adhesive, glutinous.
sticeadair, *s m.* Sticker.
sticeadh,** *s.m.* Agglutination, sticking, cleaving, adherence.
sticean,** -ein, *s.m.* Little stitch in sewing. 2 Little slice. 3 Little staff. 4(DU) Small piece put on the sole of a boot.
sticeanta,** *a* Adhesive.
sticeartach, -aich, *s.m.* Long person. 2*Apparition that stalks aside houses.
sticil,†† *pr.pt.* -cleadh, *v a* Cram, stuff.
sticil mhòr,(CR) *s.f* One of the beams, of which there were three, laid across a corn-kiln to support the *stuidean beaga*. The latter were laid across the *stuidean móra* or *simidean* to support a layer of drawn straw upon which the grain was spread.—*W. of Ross-shire.*
sticleadh, -idh. *s.m.* Cramming, stuffing, *prov.*
stid,‡ *v.n.* Peep.
stideag,(DU) -eig, -an, *s.f.* Drop formed by splashing water or other liquid, e.g. drops off a revolving grindstone or a cycle-wheel.
stidean, -ein, *s. m.* Cat. 2 *int.* Call for a cat. [‡stidean.]
stididh, *Badenoch* for stidean.
stifinn, *Perthshire* for stuthaig (starch.)
stig, -ean, *s.m.* Skulking or meanly-abject look. 2††Sneaking fellow.
stigeach, -eiche, *a.* Skulking, mean, sorry, abject.
stigear, -ir, -an, *s.m.* Skulking, mean, sorry, abject fellow.
——— achd, *s.f.ind.* Mean, sorry skulking or abject manner. 2††Sneaking.
stigh. see staigh.
stigleagan, see stiligean.
stil,(CR) -ean, *s* Strain, trait, trick. [Generally used in the *pl.*] Tha droch stilean ann, *he has bad traits or tricks*,—said e.g. of an evil-disposed person, or of a refractory horse—*W. of Ross.*
stiligean, *s.m.* Small pieces of wood in kiln laid across the simidean.
still,** *s.f.* Swift motion. 2 Violent and sudden exertion. Eairbh na s. air astar, *the roe bounding swiftly afar.*
still, see steall. 2**Speed in water—*Dàin Iain Ghobha.*
still,** *v.a.* Divide. 2 Move swiftly. 3 Push suddenly and violently.
stim, -e, *pl.* -ean & -eanan. see stiom.
stinle,** *s.* Scab, see steinle.
stioleag, -eig, -an, *s.f.* Hinge of a trunk. 2 Hasp of a lock. 3 Hank of yarn. 4 Staple.
———acb, -aiche, *a.* Hinged, of or belonging to hinges hasps, or hanks of yarn. 2**Salient. 3**Having staples.
stiob, *v.a.* Gaelic form of *steep.*
——adh * *s.m.* Steeping, soaking. A' s—, *pr.pt.* of stiob.
stiobhard, see stiùbhard.
stiobull, -uill, -an, *s.m.* Steeple.
———ach, -aiche, *a.* Having a steeple or steeples.
stiocach, -aiche, *a.* Crippled, limping. 2††Weak.
stiocaiche, see stiocaireachd.
stiocail,(MS) *s.* Halt.
stiocair, -ean, *s.m.* One who limps in walking, cripple. 2††Feeble man.
———eachd, *s.f.* Halting, limping.
stiocall,* -aill. *s.m.* Buttress—*Islay.*
stiocanta,* -ainte. *a.* Adhesive.
stioda,* see stidean.
stiodach, see stidean.
stiog,* *s.f.* Stripe in cloth, &c.
stiog. *pr.pt.* a' stiogadh, *v.n.* Crouch, skulk, lie close to the ground.
stiog,** *s.m.* Steak, piece of meat.
stiog,(DU) *s.f* Crouching attitude.
stiogach,* -aich, *a* Striped, streaked. 2 Sorry
———,* -aich, *s.f.* Slim, sleeky female.
stiogadh, -aidh, *s.m.* Crouching, act of crouching, skulking or lying close to the ground.
stiol,** *s.m.* Thread, string.
stiolan,** *s.m.* Latch, little thread, little string. 2(DC) Thin dress, as a woman's.
———ach, -aiche, *a.* Stringy.
stiolpan,* -an, *s.m.* Truncheon.
stiom, -a, *pl.* -an & -annan, *s.f.* Head-band, bandlet, narrow white band of silk, satin, linen or wool worn round the head of maidens, snood. 2 Hair fillet, hair-lace. 3 Ringlet, wreath. 4 Tape, ribbon. 5 Ferret (kind of tape.) 6†† Coarse ribbon. 7 Streak, stripe, line in any texture or device. 8**Belt. 9** Brace. Stioman dh' obair shlabhraidh, *wreaths of chainwork.*
stiomach, -aiche, *a.* Having a head-band or hair-fillet. 2 Curling, in curls. 3 Ribbed. 4**Like a ribbon. 5**Like a belt. 6 Streaken, striped.
stiomadh, see stiom.
stiomag,(AF) *s.f.* Caddis-worm.
stiomag, *dim.* of stiom. *s.f.* Small head-band or hair-fillet. 2 Small curl. 3 Maiden in contradistinction to breideag (wife.)
———ach, -aiche, *a.* Having small hair-fillets. 2 In small curls. 3 Having small curls.
stiomaire. see stiom-éisg.
stiom-amhaich. *s.f.* Scarf.
stiom-bhràghaid, *pl.* -an-br-, *s.f.* Neckband.
stiom-cheangail, *pl.* -an-c-, *s f* Bandage.
stiom-éisg.(AF) *s.m.* Ribbon-fish.
stiom-oire,* *s f.* Moulding. 2 Brace.
stiopall, see stiobull.
stiopan, see stipean.
stiopas, -ais *s m.* Drowsiness.
stioradh, see tioradh.
stiorap, -aip, -an, *s.m.* Gaelic form of *stirrup.*
———ach, -aiche, *a.* Of, or belonging to, stirrups. 2 Like a stirrup.
stiorc, *v.* Stretch (at death)—*Argyll.*
stiorlach,* *s.f.* Sorry, long female.
stiorlag, -aig, -an, *s. f.* Thin, worn-out rag. 2 Slender or emaciated woman.
———ach, -aiche, *a.* Abounding in rags.
stiorlan, -ain, -an. *s.m.* Tall, slender person. 2* Any ugly long thing.
———ach, -aiche, *a.* Slender, thin, emaciated.
stiornach,* -aich, *s.m.* see stirean.
stiorrach, *s m.* Short and curly wool.
stipean, -ein. -an, *s m.* Gaelic from of *stipend.*
stipeanair,* -ean, *s.m.* Stipendiary.
stirean, -ein,*-an, *s. m.* Small, slender tail. 2 Sturgeon (fish.) 3** *in derision*, Insignificant person.
stipinn, see stipean.
———ear, see stipeanair.
stireanach,** *a.* Like a sturgeon. 2 Abounding in, or pertaining to sturgeon.
stiùbhard, -aird, -an, *s.m.* Steward, overseer.
———achd, *s.f.ind.* Stewardship, bailiwick.
stiubhart, see stiubhard.
———ach, see stiùbhard.
———achd, see stiubhartachd.
sting, *s.f.* Sleet—*Uist.*
stiubheag,(WC) -an, *s.f.* Trick in an animal or man.
stiùir, *pr.pt.* a' stiùireadh & a' stiùradh, *v.a.* Direct, steer, lead, conduct, guide. 2 Superintend, rule, manage. 3 Bridle. S. am bàta, *steer the boat*; s. dhachaidh e, *guide him home.*
stiùir, *gen.* -e & -each, *pl.* -ean & -ichean, *s. f.*

Digitized by Microsoft®

Helm, rudder, stern. 2 Rule. 3 Tail. 4 Cock's tail. 5 Lobster's tail 6 Guide. Fear na stiùireach, *the helmsman;* cha tig e an uisge na stiùireach dha, *he won't appear in his rudder's water—wouldn't hold a candle to him;* air an s., *a' the stern;* iarunn s., *helm-hinge, pivot.*

stiùireach, -eiche, *a.* Steering, guiding, directing. 2 Having a rudder. 3 Like a rudder. 4 Tailed, having a tail. 5** Having a stern.

———, *gen.sing.*, of stiùir.

stiùireadair, see stiùradair.

———— —eachd, see stiùradaireachd.

stiùireadh, see stiùradh.

———, *3rd pers.sing. & pl.imp.* of stiùir. Steer, *let him steer.*

stiùireag,‡ *s.f.* Gruel, see stiùrag.

stiup, -a, -an, *s.m.* Long tail, train. 2 Foolish person.

——ach, -aiche, *a.* Long-tailed or trained. 2 Stupid.

stiupaiche, *s.f ind.* Awkwardness of dress.

stiur, see stiùir.

stiuradair, -ean, *s.m.* Steersman, helmsman, one who steers a vessel. 2 Quartermaster of a boat 3** Pilot. 4** Director.

————eachd, *s.f.ind.* Steering, helmsman's occupation, steerage, piloting.

stiùradh, -aidh, *s.m.* Steering, act of steering, guiding or directing. 2 Managing, act of managing or superintending. 3 Management, guidance, direction. 4†† Steering, piloting. A' s—, *pr.pt.* of stiùir.

stiùrag, *s.f.* Gruel, hot oatmeal drink *—Bad-noch.*

stò,(AC) *s.m.* Pail. S. bleoghainn, *milking pail.*

stob, *v.a.* Push. 2 Stab, thrust. 3 Fix in the ground, as a stake. 4 Mark off with stakes. 5 Prick, set, as potatoes, &c., by first making a hole.

stòb, see stòp.

stob, -uib, -an, *s.m.* Stake. 2 Any pointed iron stick. 3 Prickle, thorn. 4 Remaining stump of anything broken or cut. 5 Stab, thrust. 6 Puncture. 7 Instrument used by shoemakers for perforating leather in which tacks are to be fixed. 8** Any sharp-pointed stick.

stobach, -aiche, *a.* Abounding in stumps. 2 Like a stump. 3 That pushes or thrusts. 4 Prickly, thorny. 5(DU) Crusty, short of temper, applied to a person over ready to take offence.

stobadh, -aidh, *s.m.* Pushing, act of pushing. 2 Stabbing, act of stabbing or thrusting. 3 Act of driving stakes into the ground. 4 Act of marking off with stakes. 5 Push or thrust, as with a pointed weapon. 6 Planting potatoes by first making holes. 7 Pricking. 8 Stab, lunge. A' s—, *pr.pt.* of stob.

stòban, see stòpan.

stoban, -ain, -an, *s.m.dim.* of stob. Little stump, stick or prickle.

———ach, -aiche, *a.* Abounding in small stumps, sticks or thorns. 2 Like a stump, short and thick.

———ach, -aich, *s.m.* Stout boy.

stòbh, -òibh, -an, *s.m.* Stove.

stobh, *v.a* Stow. 2 Stick to, as a person. 3 Feel affection for.

stobh, *pr. pt.* a' stòbhadh, *v.a.* Stove, stew. 2 Crop. 3 Cut.

stobhach,†† *a.* Abounding in stoves. 2** Stewing. 3** Cropping. 4** Cutting.

stòbhadh, -aidh, *s.m.* Stewing, act of stewing. 2 Cropping. 3 Cutting. 4** Stew. A' s—, *pr.pt.* of stòbh.

stòbhta, *past pt.* of stòbh. Stewed. 2 Cropped. 3 Cut. {stòbhte}

stoc, -uic, *s.m* Stock, trunk, root, stump. 2 Post, pillar. 3 Sounding horn, trumpet. 4 Family, race, progenitors. 5 Wealth, store, cattle, capital. 6* Pack of cards. 7* Cravat. 8 Cravat stiffener. 9 Stock of a rudder, see rudder 3, p. 78. 10 Principal part of any wooden structure. 11 Base of a spinning-wheel. 12 Stock of a bagpipe, p. 722 S. luinge, *the deck or gunwale of a ship;* s. bàta, *gunwale of a boat;* s. leabaidh, *bedstead or the sides of a bedstead;* ged a bhàsaicheadh an stoc, *though the trunk should perish.*

stoc,* *v.n.* Object, cast up. Tha e a' stocadh siod agus seo rium, *he objects this and that;* cha rug thu leas a bhi a' stocadh sin rium, *you need not cast that up to me.*

†stoca, -n, *s.m.* Wallet-boy. 2 Rider's foot-boy, page. 3** Stocking.

stocach, -aich, -aichean, *s. m.* Kitchen-idler, lounger.

stocach, -aiche, *a.* Having a trunk, as a tree. 2 Like a stock. 3 Having posts or pillars. 4 Having sounding horns or trumpets. 5 Like a sounding horn or trumpet. 6 Wealthy, rich, having much stock or cattle. 7†† Sounding.

stocachadh, -aidh, *s.m.* Stocking, act of stocking or furnishing with stock, as of cattle. 2 State of becoming cold, stiff or benumbed. A' s—, *pr.pt.* of stocaich.

stocadair, *s.m* Stockbroker. 2 Stock-jobber.

————eachd, *s.f.* Stockbroking.

stocadh, -aidh, *s.m.* The flourishing or sound of a trumpet or signal-horn. 2** Benumbing, growing stiff. S. nam buadh, *the flourish of victories.*

stocadh, -aidh, *s.m.* Stocking. 2 Foot-boy, wallet-boy. Stocaidh gheal' air do chalpa, *white stockings on thy legs.*

stocaich,* *s.f.* see stocainn.

stocaich, *pr.pt.* a' stocachadh, *v.a. & n.* Stock a farm. 2 Grow stiff or numb. 3†† Become rich.

————te, *past pt.* of stocaich. Stocked.

stocaidh, -e, -ean, *s.f.* see stocain.

———, *gen.sing. & n. pl.* of stocadh.

stocail, *a.* Radical, in *gram.*

stocainn, -ean, *s. f.* Stocking, hose. Dealg-stocainn, *stocking-wire, knitting-needle.* Figheadair s., *a stocking-weaver.*

stocainneach,†† *a.* Having stockings. 2 Like a stocking. 3** Wearing stockings. Bròg ach, s., *wearing shoes and stockings.*

stocainnean, *n.pl.* of stocainn.

stocainnich,* *v.a.* Season as a cask. 2 Provide with stockings. 3 Put on stockings.

stocainnis,** *s.pl* Stockings. *Perthshire.*

stocainte,** *a.* Stiff or numbed, as the legs after sitting a long while.

stocair, -ean, *s.m.* Trumpeter. 2** One who sounds a horn.

————eachd, *s.f.ind.* Continued blowing of a trumpet or horn. 2 The business or office of a trumpeter.

stoc-cuibhle, *s. m.* The stock of a spinning-wheel.

stoc-cuimhne, *s.m.* Memorandum.

stocail, see stoc.

stoc-leabaidh,** *s.m.* Bedstock, front board of a bed. 2 Bed-post.

stocnaich, see stocainnich.

stocnais, see stocainnis.

stoc-steibhinn, *s.m.* Huge log formerly procured the day after Christmas and burned for eight days. 2 Person always in the way.

stod,* stoid, *s.m.* Hurt, pet, sudden fit of peevishness. Ghabh e 'na s., *he was quite huffed at it.*

stodach,* -aiche, *a.* Huffy, pettish, peevish. 2

Digitized by Microsoft®

**Resolve.
stodalach,* -aich, *s.f.* Pet, huff.
stodalag,** -aig, -an, *s.f.* Pettish or peevish young female.
stodair,* -ean, *s.m.* Pettish fellow.
stodan,** *s. m.* Huffish person. 2 Sulky child. 3(WC) Thick built person. 4(WC)Stammerer.
———ach, *s.m.* see stodan.
———ach, -aiche, *a.* Sulky, pettish, peevish.
———achd,** *s.f.* Huffiness, sulkiness, peevishness.
stòibhte, *past pt.* of stòbh, see stòbhta.
sto-foil ! *int.* Cry to drive away a pig—*E.Perth.* (" foil " in *Argyllshire*—A H]
†stoic, -e, -ean, *s.f.* String of beads.
stoich,** *s.f.* Stink.
†stoid, -e, *s.f.* Pet, fit of passion. 2** Peevishness. 3 Restiveness.
stoideag,** -eig, -an, *s f.* Pettish or peevish girl.
stoidhil, Gaelic form of *style.* 2 Title. An s. ùr, an seann s., *bad forms for* an cunntas ùr, an seann chunntas.
stoilean,** -ein, *s.m.* Membrum mas.
———ach,** *a.* Wanton, lewd, lecherous, bawdy.
———achd,** *s.f.* Wantonness.
stoim,† *s.* Particle, whit, faintest glimpse of anything.
stoipeal, -eil, -an, *s.m.* Bung, stopple, plug.
stoipealach,** *a.* Like a stopple, having a stopple.
stoipealaich,** *v.* Bung. 2 Provide with a stopple.
†stoir, see †stoid.
stoir, see stair.
stoirean,** -ein, *s.m.* Sour, sulky fellow.
———ach,** *a.* Sulky, loorish.
stòiridh, -ean, Gaelic spelling of *story*—applied both to a tale and the story of a house.
stoirm, -e & -uirm, *pl.* -ean & -eannan, *s.f.* Tempest, storm. 2* Tingling or ringing sensation in the ear.
stoirmeach, see stoirmeil.
stoirmeachd, *s.f.* Storminess. 2 Stormy weather
stoirmealachd, *s.f ind.* Storminess, tempestuousness. 2**Manliness
stoirmeil, -e, *a.* Stormy, blowy, keen, tempestuous. 2**Manly. Gaoth s., *a stormy wind.*
stoirmich (MS) *v.a.* Bluster.
stòite, *a.* Prominent. 2 Projecting A ciochan s., *her prominent breasts ;* a ciochan geal criostail, na'm faiceadh tu s. iad, *her crystal-white breasts, if you saw them projecting—Mol. Mòraig, 86.*
stòl, -a & -òil, -an, *s.m.* Stool, seat, settle 2** Stool of repentance. S.-coise, *a footstool ;* air an s., *on the stool of repentance, doing penance, undergoing church discipline ,* s.-posaidh, *or* s.-posda, *where the bride and bridegroom stood in olden times when being married by the minister or priest.* [*gen.sing.* & *n.pl.* in *Gairloch* is stuil.]
stòl, *pr.pt.* a' stòladh, *v.a. & n.* Settle, become calm, tranquil or sedate. 2 Settle, calm, quell, as a disturbance or tumult.
stòladh, -aidh, *s.m.* State of settling, or becoming calm or tranquil. A' s—, *pr.pt.* of stòl.
stòlda, stòilde, *a. & past pt.* of stòl Steady, composed, sedate, staid. 2 Settled, quelled. 3 Tame. 4 Slow, at leisure. S. 'na chleachdaibh, *composed in his demeanour ;* thusa bu stòilde 'nad bheus, *thou who wast staid in thy manners.*
stòldachadh, -aidh, *s. m.* Contemperation. 2 Becalming. A' s—, *pr. pt.* of stòldaich.
stòldachd, *s.f.ind.* Steadiness, sedateness, staidness, quietness. 2 Tameness. 3 Slowness.
stoldaich, *pr.pt.* a' stòldachadh, *v.a.* Contemper. 2 Becalm.
stòl-lùthaidh, -an-l-, *s.m.* Joint-stool.
stoilta, see stòlda.
———ch l, see stòldachd.
stonta,** *s.* Tub, vat.
stop, -oip & -uip, -an, *s.m.* Wooden vessel used for bringing home the milk from the shielings or for carrying water The mouth is covered with a piece of sheepskin called *an cnuideal.* The stòp is narrower at the mouth than the bottom and about 18 in. in height. 2 Measure for liquors, stoup, wooden vessel like a flagon. Leasaich an s., *replenish the stoup ;* s. siolaig, *a gill pot ;* s. muisgunn, *a mutchkin.*
stop, *pr. pt.* a' stopadh, *v.a.* Stop, close up. 2* Prevent from running, bung.
stòpach, -aiche, *a.* Having flagons. 2 Like a flagon. 3 Of, or belonging to, measures for liquids. 4 Like a measure for liquids
stopadh, -aidh, *s.m.* Stopping, act of stopping or bunging A' s—, *pr.pt.* of stop.
stopag-fhraoich, (DMD) *s.f.* Single stalk of heather with the root attached—*Caithness.* [steapig—DMK.]
stoptinn,** *v.a.* Stop, restrain
stòpan, -ain, -an, *s. f. dim.* of stòp. Little flagon. 2 Small measure of liquids
stopan, -ain, -an, *s.m* see stoban & streaban.
stòpanach,† *a.* see stòpach.
stopanach, *s.m.* Four-year-old stag.
stòp-bodaich,* *s.m.* Half-quart measure.
stòp-ceathramh,* *s.m.* Gill measure.
stòp-leth-bhodaich,* *s.m.* Half-pint measure.
stòp-pinnt,* *s.m.* Half quart measure.
stòp-seipeinn * *s.m.* Quart measure.
stopta, *past pt.* of stop. Stopped, bunged.
stòr, -òir, *s.m.* Store, ammunition. 2 Treasure, 3 Hoard. 4 Quantity of goods. 5 Magazine. 6 Store-house. Taigh-stòir, *a store-house.*
stòr, -oir, *s.m.* Steep, high cliff. 2 Broken or decayed tooth
stòr ! *int.* Cry used to incite a bull towards a cow. 2 Cry to call a bull towards one—*Perthshire.* [toraidh ! toruidh ! in *Islay.*]
stòr,** *v.a.* Store, treasure, hoard up, lay by. 2 Furnish. 3 Replenish
stòrach -aiche, *a.* Having broken teeth. 2 Treasuring, hoarding, saving 2 Having treasure or hoard. 4 Rich 5 Having good manners. 6** Having goods or ammunition. 7 (WC) Having irregular or too many teeth.
stòrail, see stòrasach.
stòras, -ais, *s.m.* Store, wealth, riches treasure, money, plenty, abundance. S.-cogaidh, *ammunition.*
———ach, -aiche, *a.* Wealthy, rich, full of stores hoarding, treasuring, having goods or ammunition.
storb, (DC) *v.n.* Be filled with, as with food, be stiffened
stòrbadh, *s.m* Filling, stiffening. A' s—, *pr. pt* of storb. Gu dàna colgail, làn air s., 's àrda sgairm an t seòrs' ud, *bold, fierce, forward, stiffened hair reaches the fury of such—Donn. Bàn.—Ò an nam Fineachan, p. 134.*
stòr-fhiaclach, -aiche, *a.* Broken or distorted tooth 2(DMy) Buck-toothed.
stòr-fhiaclach, -aiche, *a.* Broken-toothed.
storr,†† *pr.pt.* a' storradh, *v.a.* Overfeed, surfeit, cloy.
storr-fhiacaill, see stòr-fhiacaill.
stot,** *v.a. & n.* Rebound, as a ball from the ground.
———ail,** *s.f.* Rebounding from the ground.
stoth,* -a, *s.m.* Steam, hot stream, vapour. 2 Stench. An s. a thàinig as [illegible] ire, *the*

Digitized by Microsoft®

stream that came out of the kettle.

stoth,*pr.pt.* a' stothadh, *v.a.* Lop off branches. 2 Cut corn high and irregularly.

stothadh, -aidh, *s.m.* Lopping, act of lopping or cutting off branches. 2 Cutting of corn leaving long stubble. A' s—, *pr.pt.* of stoth.

stoth-bhata,* *s.f.* Steamboat.

strabaid, -e, -ean, *s. f.* Strumpet, prostitute. 2 Low drab.

———each, -eiche, *a.* Whorish, like a strumpet. 2 Drabbish.

———eachd *s.f* Whorishness 2 Drabbishness

strabair,* -ean, *s.m.* Whor-monger.

strabh, see srabh.

strabhaig, *v.a.* Lay straw on a kiln, on which to dry corn.

srabhag, *s.f.* see srabhag.

———adh, *s.m.* Straw laid on a kiln. 2 Act of laying straw on a kiln to dry corn. A' s—, *pr.pt.* of strabhaig.

strabhan, see srabhan.

stra-bhuille,†† *s.m.* Staggering blow.

strac, see srac.

strac, *pr pt.* a' stracadh, *v. a.* Strike, thrust, beat violently, thrash. 2 Strike corn level with the top of a measure, by applying a rule diametrically along the brim. 3 Fill to the brim without heaping. 4** Aim at.

strac, -aic, -an, *s. m.* Ruler to measure grain, meal or salt in a vessel, by drawing it along the brim. 2 Mower's whetstone. 3 Blow, thrust or stroke. 4 Stroke of the scythe, strike or strickle. 5 Loud crashing sound. 6†† Strake or plank of a boat. 7†† Copious eruption. 8†† **Strickle. 9†† Stripe. 10** Crashing sound. 11 Thrash. 12 (DU) The fill of any vessel. Fhuair mi s. na meise, *I got the basin full, flush with the top.*

strac, -aice, -an, *s. f.* Accent. S. gheur, *or* s. bhrisg, *acute accent;* s. mhall, *grave accent.*

strac, (CR) *s. m* Quantity—*Loch Tay side.* S. math shneachdaidh, *a heavy fall of snow.*

stracach, see sracach.

stracach,** *a* Striking, thumping, thrashing. 2 **Prone to thump or thrash. 3 Like, or pertaining to, a strickle.

stracadair,* *s.m.* Strickle.

stracadh, -aidh, *s.m.* Striking, act of beating, thrashing or striking. 2 Act of adjusting a measure by drawing a rule across the brim. 3 Act of filling a vessel to the brim. 4 Aiming at. A' s. oirre, *aiming at her, bent on getting her.* A' s—, *pr.pt.* of strac.

stracadh, see sracadh.

stradair, -ean, *s.m.* Troublesome fellow. 2 Wandering or gossiping fellow. 3(CR) Vagabond. 4** Thrasher, cruiser.

———each, -eiche, *a* Troublesome. 2 Wandering. 3 Gossiping. 4** Inclined to gossip or rattle. 5 Inclined to beat, thump, bruise or thrash.

———achd, *s.f.* Troublesomeness. 2 Habit of gossiping, tattling. 3 Giving of blows. 4** Thrashing.

stracairiachd, *s f* Continued beating, frequent thrashing. 2 Hard fighting. Sùrd le sunnd air s. —*Filidh, p 64.* see sracaireachd.

stràcan,(CR) *s.m.* Tour, excursion—*Skye.*

srac-beoil, *s.m.* Saxboard of a boat, (E8, p. 73.)

strac gheur, *s.m.* Acute accent (ó.)

strach,** *s.m.* Arch, vault.

strachd, see srac.

strachd, see strac.

———ach, see strácach.

strachdach, see sracach.

strachdair, see strácair.

strac mhall, *s.m.* Grave accent (ò.)

stradadh,(MS) *s.m.* Aspersion. 2 Conspersion.

stradagaich, *v.a.* Speckle.

stradhag, *s.f. E. to* s. for srabhalg.

stradhaigeadh *Caithness* for strabhaigeadh.

stragh,** -aigh, -aighean, *s.m.* Arch, vault.

straic, -e, *s.f.* Pride, self-conceit. 2 Swell of anger or passion. 3 see striàc (roller, &c.) Ma sin a bhitheas luchd na straice, *so shall fare the proud; gun* s., *without being proud of wealth.*

straiceach, -eiche, *a.* see stràiceil.

straiceachd, *s.f.* see stràiceil.

stràicean,** -ein, *s.m.* Truncheon, baton. 2 Conceited fellow.

stràiceil, -e, *a.* Proud, haughty, conceited. 2 Hullish, pettish. 3 Arrogant, insolent. 4* Purse-proud.

straidhean, see struidhear.

straidh-imeachd, see sràid-imeachd.

straif, *s* Sloe bush, see preas-nan-àirneag.

straighil,* *v.a* Thump noisily.

straighleach, -eich, *s.f.* Fit of intoxication.

straighleadh,* *s.m.* Thumping noisily. 2 Noisy, almost harmless blow. A' s—, *pr. pt.* of straighil.

straighlear,(CR) *s.m.* Noisy fellow.—*Perthshire.*

traighlich, -e, *s.f.* Great noise, bustle. 2 Rattling. 3 (**straoilich) Rattling noise, as of metal. 4 Sparkles, flashes.

straill,** *s.* Harlot.

†straill *v.a.* Pluck, tear in pieces. 2 Thump.

sträille, -an, *s.m.* Carpet, mat, rug. 2** Delay, neglect.

sträilleach (CR) *s.m.* Sea-ware, seaweed—*Suth'd & Easter Ross.* 2 Seaweed left by the tide—*Moray Firth.*

strailleadh, -idh, -ilhean, *s. m.* Loud stroke, Thump, knock.

traiseear, *s. m.* Guest—*Rob Donn.* Gaelic form of *stranger.*

straipealair, *s.m.* Worn-out race-horse.

tramp,(CR) *v.n.* Tramp, trample, stand on, stamp with the foot. 2 Impact.

———ach, *a.* Tramping, trampling, stamping with the foot, prone to tread, tramp or trample.

strampail,** *s.f* Tramping, trampling, treading, stamping with the feet.

———adh,** *s.m.* Impression.

trampair, *s m.* Tramper.

strangach,** *a.* Plucky. 2 Twitching. 3 Quarrelsome. 4 Confused. 5 Lazy.

strangadh,** -aidh, *s m.* Pluck, plucking. 2 Twitch, twitching. 3 Quarrel, quarrelling. 4 Confusion. 4 Laziness. [now.

strangair, -ean, *s. m.* Lazy or quarrelsome fellow.

strangaireach, -eiche, *a.* Wrangling, quarrelsome.

strangaireachd,** *s.f.* Laziness. 2 Contentiousness, quarrelsomeness.

strangal,†† -ail, *s m.* Brawl.

strangach -aiche, *a.* Wrangling, quarrelsome. 2 Perverse. Gu s , *contentiously.*

———d, *s f inf.* Contention, strife, contest, skirmish. 2 Quarrelsomeness. 3** Frequent skirmishing or fighting.

strann, see srann

———achan, (for srannachan) see srannan.

strannan,(MS) *s.m.* Gig, whirligig

strannraich,** *s.f.* Whizzing noise. 2 Snorting. 3 Loud, hoarse sound. S. nan speur, *the loud noise of the heavens.*

straoi, see stri.

straoidheach, -eiche, see struigheach & strothail.

straoidhear, see struidhear.

straoidhil,** *a.* Bastinade.

Digitized by Microsoft®

straoidhil, *v.* Bang.
straoidhle, *s.f.* see straoile.
straoidhleadh, *s.m.* Bastinading.
straoidhleagan,** *s.m.* Battledoor.
straoidhlear,** *s.m.* Hammerer.
straoile,** -an & -annan, *s.f.* Rude, heavy blow, thump buffet.
———ach,** *a.* Striking rudely or heavily. 2 "Half-seas-over"
straoileach,(MS) *s.m.* Inebriation.
straoileadh, see straoile.
straoileag,** *s.f.* Slattern, slovenly female.
straoilearachd, *s.f.ind.* Verberation.
straoileid, see straoileag.
straoilich, -e, *s.f.* see straighlich.
straon, see sraon.
straon,** *v.n.* Stumble, tumble. 2 Slip, slide. 3 Go awry.
———ach,** *a.* Prone to tumble. 2 Causing to tumble. 3 Awry, oblique.
——adh, -aidh, *s.m.* Tumbling, slipping. 2 Turning.
straothag,(DC) *s.f.* Bed of straw in a kiln on which to lay corn when being dried—*Uist.*
strapadh,** -aidh *s.m.* Strap, latchet.
strapaid, see strabaid.
strapainn,** *v.a.* Strap.
straplaich,** *s.* Clash, din.
strath, see srath.
strath,** *s.m.* Stay between topmast and foremast, by which it is supported.
streabhon(AC) -oin, *s.m.* see streafon.
streachail,**pr.pt.a' streachladh, *v.a.* Lacerate.
streachladh,** -aidh, *s.m.* Laceration. A' s—, *pr.pt.* of streachail.
streachlan,** -an, *s.m.* Band, garter.
streafon(AC) -oin, *s.m.* Fringe, frill, fragment, beard, thin beard. 2 Tallow, thin tallow. 3 Pellicle, filament, film. 4 Film that covers the bone. 5 Membrane. 6 Membrane covering the calf and other animals in the womb. 7 (WC) Thin skin or membrane on tallow. 8 Carpet. S. stiallach a' ghille ruaidh, *the ragged beard of the red fellow*; s. glas na caora duibhe, *the watery tallow of the black sheep*; s. sioda fo 'dà bhonn, *a carpet of silk beneath her two soles.*
streangachadh,(MS) -aidh, *s.m.* Question.
streangaich,(MS) *v.a* Rack.
streap, *pr.pt.* a' streap & a' streapadh, *v.a. & n.* Climb, scale. 2 Labour with difficulty, strive against obstacles. struggle. 3 Scramble, clamber, mount with difficulty. 4†† Aspire vainly. Thar ròs-chrann gàraidh cha s. iad, *they shall not climb the rose-tree of the garden.*
streap, *s.m. & pr.pt.* see streapadh.
streapach,** *a.* Fond of climbing, scrambling, clambering.
streapachas,(MS) *s.m.* Arduousness.
streapadair, -ean, *s.m.* Climber. 2* Ladder.
streapadh, -aidh, *s.m.* Climbing, act of climbing or scaling. 2 Labouring, act of labouring with difficulty, or of striving against obstacles, struggle, strife, struggling. 3 Scrambling upwards. A' s—, *pr pt.* of streap. Leinn dearbhar s.nan lann, *we shall try the strife of swords.*
streapag,** *s.f.* Confusion. 2 Passionate female. 3 see streupag.
———ach,** *a.* see streupagach.
strèapaid, *s.f.* Broil.
streapaid, see streupaid.
streapaideach,** *a.* Quarrelsome. [streupaideach.]
———d, *s.f.* Quarrelsomeness, [streupaideachd.]
streapaidh, *fut.aff.a.* of streap.
streapan, -ain, -an, *s.m.* Tuft or single stalk, as of heath or fern.
streapanach, -aiche, *a.* Full of tufts or stalks, as heather or fern.
streaphon, see streafon.
streathaig, *Lewis* for srabhag.
streathainn,(MMcD) *s.f.* Membrane—*Lewis.*
streathan, see streafon.
streathlaidh, -aidh, *s.m.* Laceration. A' s—, *pr. pt.* of streachail.
streathart, -airt, -an, see sreothart.
streòdag,(CR) *s.f.* Small quantity of liquor—*Skye.*
streothart, see sreothart.
streup, -éipe, *s.f.* Strife, contention. 2 Quarrel. 3 Skirmish. 4 Insurrection. 5 (DU) Rough play, horse-play. [also streupaid.]
streupach, -aiche, *a.* Contentious, quarrelsome.
———,(AF) *s. m.* Creeper (bird.) 2 Barkspeeler.
streupag, -aig, -an, *s.f.* see streupaid.
———ach,** *a.* Fond of squabbling. 2 Of,or belonging to, a squabble.
streupaid, *s. f.* Squabble, skirmish, conflict, row, fray. 2**Passionate female.
———each, -eiche, *a.* Quarrelsome, prone to squabble. 2 Litigious.
———eachd, *s.f.* Quarrelsomeness, contentiousness.
stri, *s.f.ind.* Strife, contention. 2 Striving, endeavouring, earnest exertion. 3**Rivalry, contest. 4**Battle. Bean s., *end-avour, attempt*; s. nam fonn, *the contest of strains, musical competition*; stoith àrda, *loud-sounding battles*; is coma leam s,, *I dislike strife*; cuir s., *strive.*
stri,** *v.n.* Strive, struggle. 2 Contend, emulate.
striall,** *s.m.* Strip, as of cloth. 2 Shred.
———,** *v.a.* Cut or tear into strips or shreds, as cloth.
striall, *s.f.* see stiall.
———ach,** *a* In strips or shreds.
striam,* *s.m.* Long shred [striam—MM.]
striamalach,* -aich, *s. f.* Anything long and ugly. 2 Tall, ugly person. 3†† Long trailing appendage. [striamaiach—MM. *s.m.* in *Argyll*—DC.]
strianach,(CR) *s.m* Beam or ray as is sometimes seen radiating from the sun amongst clouds near the horizon—*Suth'd.* [from srian.]
strianachas,(MS) *s.m.* Brindle.
strianach, -aich, -aichean, *s.m.* Badger. 2‡ Badge.
———, -aiche, *a.* see srianach.
strianagach *a.* Brindled.
strianaich, see srianaich.
strideach *a.* Brindled.
stridich, *v.a.* Chamblet.
strigh, see stri.
strighmhor,** *a.* Emulative, contentious.
stri-gill, *s.f.* Emulation.
strilinn,** *s.f.* Garter.
strillean,** -ein, *s.m.* Mop.
stringlein, see sringlean.
stringleir, see sringlean.
striobh,* *v.n.* Gaelic form of *strive.*
striobh, *s.f.* Gaelic form of *strife.*
striobhail, -e, *a.* Emulous.
strioc,** *s.* see strioch.
———ach, see striochach.
strioch, *pr.pt.* a' striochadh, *v. a.* Delineate, draw lines.
strioch, *a.* Brindled.
———, -a, -an, *s.f.* Streak, line.
———ach, -aiche, *a.* Streaky, brindled.
———adh, -aidh, *s.m.* Delineating, act of de-

Digitized by Microsoft®

lineatingor drawing lines. A' s—, *pr. pt.* of striochadh.
striochd, *v.n.* Yield, submit. 2 Surrender. 3 **Bow, cringe. 4 Strike. Cha striochdainn do dhuine, *I would not yield to anyone*; b' fheudar dhaibh striochdadh, *they were compelled to yield* or *surrender*; an gaisgeach nach s., *the hero who will not yield.*
striochd,** *s.m.* Yielding, submission. 2 Obeisance, bow. Dèan s., *yield.*
striochdach, *a.* Submissive, submitting. 2 Causing to submit or yield. 3 Prone to yield.
striochdadh, -aidh, *s. m.* Surrendering, act of surrendering. 2 Submitting, yielding, submission 3 Obedience. 4 Concession. A' s—, *v.r. pt.* of striochd.
striocadail, -e, *a.* Submissive, yielding.
striochdalachd, *s.f.ind.* Buxomness. 2 Lowness.
striochdar,** *a.* Submissive. 2 Under submission.
striochdta, *a. & past part.* Yielded, submissive, compliant. [*striochdte.]
striochlan, -ain, *s.m.* Rag. 2 Any valueless thing.
striodag, -aig, -an, *s.f.* Speckle. 2 Meretriciousness.
striodaich, *v.a.* Speckle. 2 Besprinkle.
strioll,* *s.f.* Girth, girdle. [**striolla.]
striop,(DMy) *s.* The same kind of cloth as stuth (11) except that it had red stripes in it, and was used for Sundays, market-days and other occasions when the best clothes were worn.
striop,* *s.f.* see striopachas.
——ach, -aich, -aichean, *s.f.* Prostitute, strumpet, harlot, whore. Mar ri s., *as with a harlot.*
striopachail, -e, *a.* Whorish. Le mnaoi s., *by means of a whorish woman.*
striopachalachd, *s.f.* Meretriciousness.
striopachas, -ais, *s.f.* Fornication, whoredom, prostitution. Torrach le s., *with child by whoredom*; fear-striopachais, *a whoremonger.*
striopaich, *gen. sing.* of striopach.
striopair, -an, *s.m.* Whoremonger.
striopais,** *s.* Trifle.
strioplach, -aiche, *a.* Dirty, foul. 2 Mixed, confused.
strit-each,(MS) *a.* Brocaded, brindled.
strith, see stri.
stritheil, -e, *a.* Contentious, quarrelsome, causing disturbance. 2 Exerting oneself earnestly, striving emulous.
strithmhor, see strighmhor & stritheil.
striub, see srub.
striutan,(DC) *s.pl.* " Kinks " of whooping-cough —*Bentecula.* 2 see striutan.
——,(WC) *s.m.* Hurried run. Ghabh e s., *he ran quickly.*
——ach, *a.* Running quickly or hurriedly, always out of breath.
†strò, *s.m.* see stròdh.
strobaid, -ean, *s.f.* Strumpet.
——eachd, *s.f.* Whoredom, whoring.
† troda,** *s.* Strand, shore.
stròdh, -òidh, *s.m.* Prodigality, dissoluteness, extravagance.
stròdhach, see struidheil.
stròdhail, -e, *a.* see struidheil.
stròdhalachd, *s.f.* see struidhealachd.
s ròghail, see stròdh.
stròghail, -e, *a.* see struidheil.
strognair, see struidhear.
stroghalachd, see struidhealachd.
strògras, see struidheas.
stròic, *s.f.* Tatter, long rag. 2 Ragged person. 3 Long piece torn out of anything.
stroic, *v.n.* Tear asunder. 2*Lacerate. [**stroic]

(srac)
stròiceach, -eiche, *a.* Abounding in rags, shivers or fragments. 2 Cutting into rags or fragments.
stròiceadh, -idh, *s.m.* Act of tearing into rags or fragments, teasing asunder. A' s—, *pr. pt.* of stròic.
stròiceil, see straiceil.
stroidh,(CR) *South end of Arran* for rotach.
stroidh, see struidh.
stroidheal, see struidheil.
stroidhle, *s.* see straighleadh.
stroidhleagan, -ain, *s.m.* Battledoor.
stroighean, -ein, *s.m.* Mud and straw mixed for a wall.
stroill, *s.f.* Delay.
stròl, see sròl.
stropach, -aiche, *a.* Wrinkled.
stropaiche, *s.f.ind.* State of being wrinkled or becoming wrinkled.
stroth, see stròdh.
strothaich,(MS) *v.a.* Palter.
strothail, -e, *a.* see struidheil.
strothalachd, *s.f.* see struidhealachd.
stròn, see sròn.
struabanach, *s.m.* Fish that lashes the water. S. math bric, *a good-sized trout*, as the trout of Loch Struaban.
strùan,(AC) *s. m.* Cake made on St. Michael's Eve of all the cereals grown on the farm, and eaten on St. Michael's Day.
struban,(DC) *s.m.* Cockle—*Uist.*
strubladh, *s.m.* Wetting, hard experience. 'S e fhuair an s., said of one who has been out in wind and rain—*Arran*
struibhleadh, -aidh, *s.m.* see sruthladh.
struidhan, see strùan.
struidh, *pr.pt.* a' struidh & a' struidheadh, *v.a.* Squander, spend lavishly, dissipate, waste, abuse.
struidh, *s.m. & pr. pt.* of struidh, see struidheadh.
struidhe,** *s.f.* Extravagance, waste, profusion. Luchd-s, *extravagant people.*
struidheach, -eiche, see struidheil.
——d, see struidhealachd.
struidheadh, -idh, *s. m.* Squandering, act of squandering, wasting, dissipating, dissipation. A' s—, *pr.pt.* of struidh.
struidhealachd, *s.f.* Prodigality, dissoluteness, extravagance, squandering, profusion, wastefulness. 2 Chargeableness.
struidhear, -ir, -an, *s.m.* Prodigal, spendthrift, abuser.
——achd, see struidhealachd.
struidheas, -eis, *s.m.* see struidhealachd.
——ach, -aiche, *a.* see struidheil.
——achd,* *s.f.* see struidhealachd.
struidheil, -e. *a.* Profuse, lavish, squandering, consumptive, dissolute. extravagant. 2 Abusive. Gu s., *extravagantly.*
——eachd, see struidhealachd.
struidhleach,(DU) *s.f.* Wicked woman, one who acts from evil motives.
struighe, see struidhe.
——il, see struidheil.
struileag, *s.f.* An imaginary boat used in a contest of wit or singing at a marriage or other gathering. When one has sung or otherwise contributed to the amusement of the party, he says " cuiream s. seachad orm gu ——," naming some other person, who makes the same remark when he has finished his share of entertaining.
struill, -ean, *s.m.* Baton, cudgel, club.
——eadh, -eidh *s.m.* see struill.
struladh,(AC) *s.m.* Rattle. 'Nuair a sguireas an

Digitized by Microsoft®

anail d' a s., *when the breath shall cease to rattle.*

strump,* *s m.* Spout of a kettle.

strumpaid, -ean, *s.f.* Gaelic form of *strumpet.*

strup,* *s.m.* Spout, as of a kettle or teapot.

strupag, *s.f.* Little drop of spirits—*Arran.*

struth, -a, -an, *s.m. & f.* Ostrich.

———ach,** *a.* Like, of, or belonging to, an ostrich. 2 Abounding in ostriches.

———aich (MS) *v.a.* Run.

———an, see struth.

struth-chamhal, *s.m.* Ostrich.

stuaicich,* -aiche, *a.* Stupid, boorish, churlish, gruff.

———d,* *s.f.inf.* Stupidity.

stuacair,* -ean, *s.m.* Blockhead.

———eachd,* *s.f.inf.* Stupidity.

stuach, *a.* Short-tailed. An cù s., *the short-tailed,* or *tailless dog—Lewis.*

stuadh, -uaidh, *n. pl.* -an. -annan, stuaidhean & stuaidh, *dat. pl.* stuadhaibh, *s.f.* Wave, billow. 2 Summit of a mountain. 3 Pinnacle. 4 Pillar, column. 5 Gable of a house. [Gable of a house built of stone and lime, see note under binneag—JM.] 6 Wall of a house. 7 Sheet of paper 8 Scroll. 9 Flush on the face from anger. 10** Undulation. 11** *rarely,* Street. 12(DU) Weal formed by the lash. An stuadhaibh deataich, *in pillars of smoke;* s. osaig air an fheur, *the grass undulating with the breeze;* iomall nan stuadh, *the shore;* o stuaidh an t-sàil, *from the briny billow;* casan 'nan stuadhan dearga, *legs covered with red weals.*

stuadh, *v.* see stuaidh.

stuadhach, -aiche, *a.* Billowy, surgy. 2 Having huge waves. 3 Peaked, having peaks or cliffs. 4 Pinnacled. 5 Having pillars. 6 Having thick walls or gables. 7** Tempestuous. Ruith sinn o 'n chuan s., *we sailed before the tempestuous sea.*

stuadhadh,* -aidh, *s.m.* Approaching, approximating. 2 Coming near in excellence. A' s—, *pr.pt.* of stuadh.

stuadh-bheannach, -aiche, *a.* Abounding in lofty or peaked hills.

stuadh-bheinn, -bheanntan, *s.f.* Lofty and peaked mountain. 2** Stormy hill. Mullach nan stuadh-bheann, *the top of the stormy hills.*

stuagh-bhraighaideach,** *a.* Stiff-necked.

stuadh-chorrach, *a.* Having mountain-like waves *Òran nam fineachan.*

stuadh-ghlas, -aise, *a.* Having azure, or green waves, as the sea. 2 Having grey walls. ;A' mhuir s., *the green-waved sea.*

stuadh-ghreannach, -aiche, *a.* Wave-furrowed. 2** Tempestuous, as the sea.

stuadhmhor, -oire, *a.* Broad-chested (of horses.) 2* Proud, high-spirited. 3 see stuadhach. Each s., *a high-spirited horse.*

stuagh, -aigh, see stuadh.

stuaghar, see stuadhmhor.

stuaic,(CR) *s.f.* Glum or sullen look—*Suth'd.* 2 Wry neck—*Arran.* see stùic.

stuaic, -e, -ean, *s. f.* Little hill, projecting crag, cliff or hillock, small round promontory. [‡‡stuaichd.]

‡stuaidh,* *s.f.* see stuadh. 2 (AF) Flock or herd of animals. Dà uan as an s. mhóir, *two lambs from the great flock.*

stuaidh,* *v. n.* Come near, approximate. Cha stuaidh thu air, *you will not come near him; this will not approximate it;* cha stuaidh seo air a lionadh, *this will not nearly fill it.*

stuaidh, *gen.sing.* of stuadh.

stuaidh-bhunnach,** *a.* High-spirited. 2 Quick-paced. Each s., *a quick-paced horse.*

stuaigh, see stuaidh.

stuaim, -e & stuaina, *s.f.* Temperance, moderation. 2 Modesty, bashfulness. 3 Guardedness. 4 Continence. 5 *rarely,* Air, mien. A' reusonachadh mu fhìreantachd, s. agus breitheanas, *reasoning about righteousness, temperance and judgment;* s. agus macantas, *meekness and modesty;* geal làmh na stuama, *the fair, prudent (cautious) hand;* a' teagasg stuama, *teaching us to spend our lives soberly.*

stuama, -aime, *a.* Temperate, moderate, abstemious, sober. 2 Continent. 3 Modest, bashful.

stuamach, -aiche, *a* see stuama.

———d, *s.f.inf.* Temperance, sobriety, moderation. 2 Continence. 3 Modesty.

stuamag, -aig, -an, *s.f* Modest woman.

stubh,** -a, *s.m* see stuth.

stubhach, see stuach.

stubhachd,(MS) *s.f.* Substantiality.

stùc, -ùic, *pl.* -an & -annan. 2** Baluster.

s ùc, -ùic, *pl.* -an & -annan *s.f.* Little hill jutting out from a greater, steep on one side and rounded on the other. 2 Cliff 3 Pinnacle of a roof. 4 Horn. 5†† Scowl. 6 Rock. 7* Lump. 8 see stùic. 9* Conical steep rock. 10* Precipice. Aig bun na s ùic, *at the foot of the rock;* an sealgair air na stùcaibh, *the hunter on the rocks.*

———ach, -aiche, *a.* Abounding in small projecting hills. 2 Abounding in cliffs or rocky pinnacles. 3** Craggy. 4†† Scowling, surly, morose 5 Looking sideways. 6** Stiff, rigid. 7** Horned. 8 Hilly, rocky, rugged 9** Prominent. 10* Full of bare rocks. 11†† Jutting.

stucach,* *a.* Not inflammable.

———air, -ean, *s.m.* One that looks sideways. 2 Stiff, formal person. 3 Conceited fellow. 4 Churl, surly fellow.

———aireachd, *s.f.* Stiffness, coldness. 2 Looking askance. 3 Scowling. 4 Surliness.

———an, -ain, -an, *s.m.dim.* of stùc. Little jutting hill. 2 Conical hill. 3 Rick or shock of corn.

———anach, -aiche, *a.* Abounding in projecting cliffs, hillocks or rocks. 2 Abounding in ricks or shocks of corn. 3 Having little hills.

stucanach, *a.* Established.

stùchd, -ùichd, see stùc.

———ach, see stucach & stùiceach.

———air, see stucair.

———an, see stùcan.

stùc-bheinn,** *gen.pl.* -bheann, *s.f.* Rocky mountain. 2 Precipitous hill. A' siubhal nan s-bheann, *travelling over rocky mountains.*

stùc-shread,** *s.* Balustrade.

stughaig,* *v.a.* Starch.

stuib, *gen.sing. & n.pl.* of stob.

stuic, *gen.sing.& n.pl.* of stoc.

stùic, -e, -ean, *s.f.* see stuaic. 2 Angry gloomy look. 3 Surliness, lowering expression. 4** Scowling side-look of a bull or any quadruped. 4* Scowling side-look of a morose person. 6 Wry neck and sullen countenance. 7 Extreme boorishness. [* gives stuaic for 6.]

———each, -eiche, *a.* Surly, morose.

———eag, -eig, -an, *s.f.* Surly or angry-looking woman.

stùicear, see stùcair.

stùichd, see stùic.

stuidear, -an, *s.m.* Student. 2 Study.

———ra,* *a.* Contemplative, studious. 2 Composed, steady. 3†† Morose.

———rach, *a.* Studious, see stuidearra.

†———rach, -aich, *s.m.* Student

———rachd,* *s.f.inf.* Study, meditation, studiousness. 2 Composure. 3†† Moroseness.

Digitized by Microsoft®

stuig, *pr.pt.* a' stuigeadh, *v.a.* Incite, spur on, as dogs. 2* Instigate,

stùig,(CR) *a.* Projecting, jutting out.—*Perthshire.*

stuig,* see stic, *s.*

stuigeadh, -idh, *s.m.* Inciting, act of inciting or spurring on, as of dogs. A' s—, *pr.pt.* of stuig.

stuire,(DMy) see sdùc 4.

stuire hd). *s.pl.* Storks—*Dàin Iain Ghobha.*

stuird -ean, *s.m.* Vertigo. 2 Sturdy, a disease in sheep caused by water in the head. 3 Drunkenness.

stùirdean, -ein, *s.m.* see stùird.

sturichd,** *s.f.* Pinnacle.

sturrs, -e, *s.f.* Huffiness, sulkiness. 2 Pride. 3 (MS) Prudery. 4 Resolution, firmness of mind. 5 Gravity, sedateness, assumed gravity. 6††Anger.

stuirtealachd, *s.f.* Sulkiness, sullenness, moroseness. 2 Intractableness, see stuirt.

stuirteil, -e, *a.* Sullen, supercilious. 2 Resolute. 3 Steady, grave, sedate. 4 Dignified and morose but insignificant. 5††Angry. 6 (MS) Prudish. 7(DU) Sulky, huffy.

stuleach -aiche, *a.* Stubbed.

stulp,(CR) *s.m* Knob, as of a chair or bed—*Perthshire.* 2(AH) Dour, taciturn, inaffable person, more often applied to a woman than a man.

stumpach,** *a.* Stumpy.

stùr, *v.a.* Cover or obscure with dust.

stùr, -ùir, *s.m.* Dust motes. 2 see stòr. Lur gun s., *an unsullied diamond*; daoimean nach gabh s., *a diamond that catches no dust*; cuir s. riu, *disperse them, scatter them as dust.*

stùrach, -aiche, *a.* Full of dust. 2 Of, or belonging to dust, dusty.

————d, *s.f.ind* Dustiness.

stùradh, -aidh, *s.m.* Act of covering or obscuring with dirt or dust. A' s—, *pr.pt.* of stùr.

stùrd, see stùird & sturdan.

stùrdail, see stùird.

stùrdail,** *a.* Surly.

sturdan,* -ain, *s.m.* The plant darnel. 2 see stùird.

stùrr, -a, -an, *s.m.* The rugged point of a rock or hill. 2 Surliness.

stùrrach, -aiche, *a.* Rough, rugged, uneven. 2 Rough, surly in temper. 3††Rocky.

sturrag, -aig, -an, *s.f.* Turret. 2 Pinnacle. 3** Butting cliff. 4††Little hill.

————acan, -aiche, *a.* Pinnacled. 2 Turreted. 3 Like a turret or pinnacle.

sturraic, -e, -ean, *s.f.* ††Head or cap turned to one side. 2 see stùrr.

————each, -eiche, *a.* see stùrrach.

sturraicean, -ein, -an, *s.m.* Undress for a woman's head. *prov.*

sturrail, -e, *a.* Gross, thick.

sturrauta, -ainte, *a.* Gross, thick, fat.

stùrt, see stùirt & stùird.

————ail, see stùirteil.

————aileachd, see stùirtealachd.

stuth, -uith & -uithe, *pl.* -an & -uithean, *s.m.* Metal. 2 Any stuff, substance, matter or body. 3 Eatables, anything eatable. 4 Strong drink of any kind. 5 Camlet, kind of cloth made of wool and goat's hair. 6**Serge. 7‡‡Corn 8 Strength. 9**Mettle. 10*Particle. 11(DMy) Kind of cloth made in olden times for petticoats and jackets for women (còta stuth, seacaid stuth.) The worsted or thread used was spun on the distaff and the thread required to be very even and was pressed, the process being termed *lisreajadh*, and the press employed, *an "press" lisreajaidh.* Gach s. a tha' agam, *everything I possess*; droch s., *bad stuff*; cha bhi s. ort, *nothing will be wrong with you*; s. na Toiseachd, *the stuff of Ferintosh*, i.e. *whisky*; deagh s., *good stuff.*

stuthaidh,(MS) *s.m.* Afflux.

stuthaidh,(DMK) *s.f.* Large buoy usually made of the skin of a dog, and used to mark the off end of a drift of nets or long fishing-line—*W. coast of Ross, Argyllsh. & Inverness-sh.*

stuthaig, *s.f.* Starch.

stuthaig, *pr.pt.* a' stuthaigeadh, *v. a.* Stiffen, dress with starch.

————eadh, -idh, *s. m.* Starch, starching, act of starching.

————e, *past pt.* of stuthaig. Starched, dressed with starch.

stuthail,** *a.* High-mettled. 2 Of good stuff. 3 Tough, pithy, hardy. 4 Infinitive in *gram.*

suab, *s.m.* When fishing-lines are set, suab is the portion over and above the depth of the sea. Put suab, see under put.

stuth-chridhe,* *s.m.* Cordial.

stuth-curainn, *s.m.* Tammy.

†**suabus**, -uis, *s.m.* Disease in horses by which their gums grow over their teeth.

†**suabh**,** *a* Mild, gentle, mannerly.

† ——as,** *s m* Mildness, mannerliness.

suabharaich,(AC) *v.a.* Illumine, explain. S. oirnn e, *explain it to us.*

suacan, -ain, -an, *s.m.* Earthen pot, earthen furnace, crucible. 2 Croslet. 3††Awkward mixture, anything wrought together awkwardly, as clay. 4 Basket containing wood, hung in the chimney to dry; s. crè, *an earthen furnace*

suacan-leaghaidh, *s.m.* Fluing-pot.

suadh, *v.* see suath.

————,* see suardh.

————,** *a.* Prudent, discreet.

†**suadh**, -aidh, *s.m.* Advice, counsel. 2 Learned man.

suadhadh, -aidh, *s.m.* Rubbing, friction.

suag,** -aig, *s.f.* Rope, cable.

————air,** *s.m.* Rope-maker.

suaib, see suaip.

suaib-chuthaich, *s.f* Touch of madness. Is tric a bha s. air leanabh bodaich, *an old man's child has often had a touch of madness.*

suaibe,* *s.f.* Oar.

suaibhreach,** *a.* Gentle, quiet. 2 Not proud. 3 Easy.

suaicean, -ein, -an, *s.m.* Bundle of straw or hay twisted together. 2 Deformed person. 3 see sùicean. 4(AF) Pet calf or lamb.

suaicheanta, -einte, *a.* Remarkable, notable, signal. 2 Easily known by reason of dress or badge, banner or armorial bearings. 3 Emblematic. 4††Conspicuous. 5††Rare. 6 New, novel. Eididh s., *a notable dress, conspicuous dress.*

suaicheanteach, -aiche, *a.* Armorial, heraldic.

————d, *s.f.* Blazonry, heraldry.

suaicheantaich, *v.a.* Emblazon. [er.

————e, *s.m.*** Herald, standard-bear-

suaicheantas, -ais, *s.m.* Flag, streamer, ensign, standard, flag of a boat having crest or design on it, as that of a yacht-club, &c. 2 Escutcheon. 3 Any distinguishing mark. 4 Badge, crest. 5 Novelty, curiosity, rarity. 6 Portent. 7 Cockade. 8††Decoration. Cha s. còrr air cladach, *a heron on the shore is no novelty*—no sign of anything wonderful about to happen; dha 'm bu s. giubhas, *whose badge was the pine*; slat-suaicheantais, *a sceptre.*

suaicheas, see suaicheantas.

suaidh,* *v.a.* see suath.

————te,* see suathta.

suaigh,** *a.* Prosperous.

Digitized by Microsoft®

suail, -e. *a.* Small, inconsiderable, moderate, indignificant, mean.
suaile,** *a.* Weak. 2 Weary. 3 Pale. 4 Dejected.
suaill,** *s.f.* Small quantity.
———,** *a.* see suail.
suailmheasta,** *a.* Homely, ordinary.
suainn,** *s f.* Sound, tone, note, accent.
suaimh,* *s.m.* Luxurious kind of rest.
suaimhne, see suainhneas.
suaimhneach, -eiche, *a.* Quiet, calm, secure, safe, composed, gentle, tranquil. 2‡ Genial. 3*Enjoying a kind of luxury in ease and quiet, as after great danger or fatigue. Gu e., *composedly.*
suaimhneas, -eis, -an, *s.m.* Rest, quietness, security, calmness, peace, repose. 2 Luxury of ease and rest. 3* Great tranquility or quiet. Bheir mise s. dhuibh, *I will give you rest;* greim tioram is s. leis, *a dry morsel in peace.*
———ach, see suaimhneach. Is s. an ribhinn òg, *sedate is the young maiden.*
suaimhnich,** *v.n.* Take rest, be at rest, take ease.
suain,(CR) *s.f.* Cord fastening the skin of a buoy round the edge of the wooden disc—*W. of Ross-shire.*
suain, -e, *s.f.* Sleep, deep sleep. O sh. an éig, *from the sleep of death.*
suain, *v. a.* Wreathe round, envelope or twist a cord or rope round anything. [††suaineadh.]
suain-airm,** *s.m.* Dormitory.
suaineach, -eiche, *a.* Sleepy. 2 Causing sleep, narcotic. 3 Plaid. 4 Lethargic. 5* In a sound sleep.
suaineach,(DC) *s.m.* Sleepy person. 2 (DU) *s.f.* Narcotic. Is mis' a ghabh an t-s. á làimh mhic Ghillanndrais, *it was I who took the narcotic from the hand of Gillanders' son.*
suaineach, (DMy) *s. m.* Swede (i. e. a Swedish turnip.)
suaineachan, -ain, *s.m.* Sofa.
suaineachd,(MS) *s.f.* Sleepiness.
suaineadh, -idh, *s.m.* Twisting, act of twisting a rope round anything, wreathing, entwining. 2 The rope used for twisting round anything. 3 Roof of a house. A' s—, *pr.pt.* of suain.
suaineadh-muineil, *s.m.* Cravat.
suaineag,(DC) *s.f.* Girl up to three months of of age, during which period she sleeps most of her time.
suaineamh,** -eimh, *s.m.* Confluence of rivers.
suainean,(DC) *s.m.* Boy up to three months of age, during which period he sleeps most of his time.
———, -ein, -an, *s.m.* Thong, string. 2 Envelope. 3 (MS) Nap of sleep.
———ach,†† *a.* Abounding in thongs or envelopes.
suaineartach, -aiche, *a.* Sound asleep, narcotic, that sleeps soundly.
suaineas, -ais, *s. m.* Twist. Càradh suaineis gruag do chinn, *the twisted arrangement of the hair of your head—W. Ross, p. 33.*
suain-ghalar, -air, -an, *s.m.* Lethargy, habitual drowsiness.
suainich, *v.a.* see suain.
suainig,(MS) *v.a.* Swaddle. [suainich.]
suain lann, *s.* Dormitory.
suaimhor, see suaineach.
———achd, *s.f.ind.* Sleepiness.
suaint,(DMK) *adv.* High degree of excellence. Tha e s. maith, *it is exceedingly good—Caithness.*
suainte,(AH) *a.* Quiet, peaceable. 2 Circumspect. *Easter Ross.*
suaip, -e, -ean,*s. f.* Likeness, faint resemblance. 2 Exchange of commodities, bartering. Tha s. eatorra, *they somewhat resemble one another*, rinn iad s., *they have bartered commodities.* ha s. mhór aige ris, *he has a great resemblance to him.*
suaip, *v.a.* Exchange or barter commodities, swap. Sh. iad na h-eich, *they exchanged the horses.*
———each, -eiche, *a.* Exchanging, bartering. 2 Fond of bartering.
suaipeachail,(MS) *a.* Sweepy.
suaipealh,-idh, *s.m.* Exchanging act of exchanging commodities. A' s—, *pr.pt.* of suaip.
suairc, -e, *a* Civil, kind, affable, polite. 2 Meek, gentle. 3 Urbane. 4 Courtly. 5 Generous. 6 Accostable. 7**Amiable. Le gnàth an s., *with generous conduct;* s. sìobhalta, *affable and civil.*
suairceachd,* *s.f.* see suaireead.
suaireead, -eid. *s.m.* Civility, degree of civility, kindness or affability.
suaireealachd. *s.f.* Gentleness. 2 Mannerliness.
suaircean,(AC) *s.m.* Bird. 2 (DMu) Term of endearment, applied to a meek and lovable man—*Black Isle.*
suairceas, -eis, *s. m.* Urbanity, affability. 2 Kindness, gentleness. 3** Amicableness. 4 Civility, complaisance. 5*Politeness. Gun s. ri damhaich *unkind to strangers—MacCodrum.*
suaite, see suaithte.
suaiteachan, -ain. *s.m.* Shrugging of the shoulders. 2 Rubbing the body against the clothes. 3**Mixer. 4**Kneader.
suaiteachanach, -aiche, *a.* That shrugs the shoulders and rubs the body against the clothes.
†suaiteachd, *s.f.ind.* Fatigue, labour. 2 Tempering. 3 Mixing together. [Seeming.
suaitheantas, *s. m.* see suaicheantas. 2 (MS)
suaithte, *past pt.* of suath. Rubbed. 2 Kneaded. 3 Mixed. 4 Much broken, fatigued. 5** Stirred about, as posset.
sual,** -aile, *a.* Famous, renowned. [This and following word are spelt *suall* by ** in his appendix.]
——,** -ail, *s.m.* Wonder. 2 Tumours—*Sàr-Obair.*
sualach,** *a.* Famous, admirable.
suamhnas, see suaimhneas.
suan, -uain, see suain.
suanach, -aiche, -aichean, *s. f.* Hide, skin. 2 Plough-rein. 3 Covering or coarse garment. 4 Fleece. 5**Pall. 6 Plaid. 7* Mantle. Gun s., *without covering.*
suanaich, *s.pl.* Tha 'mhacraidh 'nan s. fo stéidh nam ballachan, *the race* (lit. *sons*) *are sleeping lower than the foundations of the walls—Fingal, p. 60.*
suanaran,** -ain, *s.m.* Sleeper.
suantach,** *a.* Lethargic, drowsy. 2 Narcotic.
suarach, -aiche, *a.* Insignificant, trifling, of little worth, valueless, not valuable, paltry, abject, mean. 2 Despised, contemned, of no repute. 3 Trifling. 4 Contemptible, silly. 5* Indifferent. Dealbh s., *a despised idol;* na cuir s., *do not despise;* tha mi s. uime, *I am indifferent about it;* duine no ni suarach, *a paltry person or thing;* bu shuarach dhuit ged a dheanadh tu sin, *it were a light matter though you should do that;* gnothach s., *a paltry or shabby thing;* cuir s., *despise.*
suarach,‡ *a.* Careless.
suarachan,(WC) *s.m.* Worthless person.
suarachas, -ais, *s.m.* Neglect, abjectness, indifference. 2 Insignificance. 3 Contempt. 4* Nought, trifling nature or quality. S. an ni seo, *the contemptible nature of this thing;* na cuir an s. an ni seo, *do not set this thing at nought, do not make light of it.*
suaraich, *v.a.* Derogate.
suaraiche, *s.f.* see suarachas. 2 *comp.* of *a.* suar-

Digitized by Microsoft®

ach.

suaraichead, -eid, *s.f* Meanness, degree of meanness or insignificance. 2* Contemptibleness. 3** Diminution in value. 4* Degree of indifference. A' dol an s. uime, *getting more indifferent about it.*

suaraicheas, see suarachas.

suarcas,** -ais, *s. m.* Wit, drollery.

suarrach, -aiche, see suarach.

suarrachas, see suarachas.

suarrachd,(MS) *s.f.* Baldness.

suas, (i.e. a suas) *adv.* Up, upward, (away from one.) 2 Westwards. Shuas, *above, above there, above yonder;* o seo s., *henceforth;* thoir s. ort! *up with you!* chaidh e s., *he went up;* chaidh e suas air bheinn, *he went up into (on) a mountain;* cha'n 'eil a suas air fichead anu, *there are not more than twenty* (lit. *in it*); sios is s., *eastward and westward* (on the E. coast); tog s., *rear, educate;* dean s., *make up, constitute.* Suas also conveys the idea of *resting* when completion of movement upwards is meant, as, tha e s., *he* or *it is above;* suas leis a' Ghaidhlig! *up with the Gaelic!*

†suas, -ais, *s.m* Urbanity.

suasaid, see tuasaid.

†suasmhol, *v.a.* Magnify, extol, flatter, exalt, puff up.

suath, *pr.pt.* a' suathadh, *v. a.* Rub, wipe. 2 Mix any soft substances together. 3 Stir, or move about, as porridge or any inspissated substance. 4 Mash, as potatoes. 5 Knead. 6 Tarnish out barley by rubbing it with the feet. 7** Shaw. 8** Temper. 9 Foment. 10 Fray. 11 Chafe.

suathach,†† *a.* Rubbing. 2 Afflicted.

suathadair, -ean, *s m.* Rubber.

———— —achd, †† *s.f.* Rubbing.

suathadh, -aidh, *s.m.* Rubbing, act of rubbing or wiping, friction. 2 Act of mixing any soft substances together. 3 Act of stirring or moving anything about. 4 Mode of thrashing barley by rubbing it with the feet. 5 Kneading. 6 Affliction. 7†† Wringing of the hands. Is fearr s. ri cnoc na fuaigheal ri creig, *better rub against a post than be bound to a pest;* aol-tathaidh gun s., *untempered mortar.* A' s —, *pr.pt* of suath.

suathaid,(DMy) *a.* Notable.

———— eas,(DMy) *s.m.* Mark or cut caused by a blow. Is tu a chuir an s orm, *how you have marked me!*

suathan-innseanach, *s.m.* India-rubber.

suathras,** *s.m.* Vertigo.

suaicht, *past pt.* of suaich. Rubbed. 2* Mashed.

suaicheantas,** *s.f.* Hood, kerchief. Curruc shùaig, *a sore-backed mouth.*

suaicheantach, *a.* Supple, flexible, pliant, agile, nimble, elastic. Spiorad s., *a flexible mind.*

———— achd, *s. f.* Suppleness, flexibility, nimbleness, elasticity

suaicheas,** *s.f.* Mouth.

suaimhneas,** -ais, *s.m.* Mishmash, mess of wild berries and milk

suain, -ean, *s.m.* Berry. 2(AH) see sùlh. 3††Fruit generally. 4(AH)Plait, series of plaits or an excision in a garment to tighten it—the opposite of gore.

suainean, *s.m.* Raspberry. [also suibh.]

suaineadh, *s. m.* Raspberry. 2 Fruit generally—*Argyll.*

†suaith, see sùgh.

†saltan, -a, *s.m.* Pleasure, delight, joy, mirth.

suaimhneach, -aiche, *a.* Merry, happy, cheerful. Bha iad s., *they were merry.*

———— as, -ais, *s.m.* Mirth, happiness, cheerfulness, gaiety, merriness, pleasure, joy. Is maireg a dh'eireas th s. ri dubhachas fir eile, *pity him who rejoices in another's woe;* deireadh an t-subhachais sin, *the end if that (mirth) laughter.*

subhag, -aig, -an, *s.f.* Raspberry. 2 Strawberry, see sùbh-thalmhainn. [†also sùbhag.]

———achd, -aiche, *a.* Abounding in raspberries or strawberries.

sùbhag-làir, *s.f.* Strawberry.

subhaich,(MS) *v.a.* Rejoice.

suinhaiche, *s.f.ind.* Happiness, state of being happy or joyful.

subhailc, -e, -ean *s.f.* Virtue, moral goodness, moral excellence. Bean na s., *a virtuous woman.*

subhailceach, -eiche, *a* Virtuous, of or pertaining to virtue, moral. Cò a gheibh bean sh., *who can find a virtuous woman?*

subhailceachd, *s. f.* Virtuousness, quality of possessing virtue.

subhailceal,†† *a.* Degree of virtue.

†subhailceil,** *a.* Religious.

†subhailtach, -aiche, *a.* see subhach.

†subhailtas, -ais, *s.m.* see subhachas.

subhan,** -ain, *s.m.* Juice, sap. 2 Water impregnated with the juice of corn-seeds of which a coagulated kind of food, called sowens, is made. [sùbhan—*Gairloch.*]

sùbhan-làir, see sùbh-làir.

subhar, *a.* see sùghmhor.

sùbh-chraobh, sùibh-c-, sùbhan-ch-, *s m* Raspberry-bush. 2 Any bush that yields wild berries.

sùbh-craobh, sùibh-c-, -an-c-, *s. m.* Raspberry. 2** Dewberry.

sùbh-chraoibh, see sùbh-chraobh.

subhlach,** -aich, *s. m.* Juice pressed out of apples or other fruit. 2 Liquor.

sùbh-làir, -ùibh-, -an-, *s. m.* Wood-strawberry, see sùbh-thalmhainn.

subhmhor, see sùghmhor.

sùbh-nam-ban-min, *s. m.* Stonebramble, see caora-bad-miann. 2 Bogberry.

sùbh-nam-ban-sithe,§ Stonebramble, see caora-bad-miann.

sùbh-thalmhainn,§ *s.m.* Wood-strawberry.

sùblachadh, -aidh, *s.m.* Act of making supple or flexible. A' —s, *pr.pt.* of sùblaich.

sùblaich, *pr.pt.* a' sùblachadh, *v.a. & n.* Make supple or flexible. 2 Grow supple. 3 (DC) Recede, become less in bulk, as a swelling.

sùmlaichte, *past pt.* of sùblaich. Made flexible or supple. 2 Grown flexible.

sùcan, -ain, *s. m.* Earthen pot. 2 Anything wrought awkwardly together, as clay.

sùcar, see siùcar.

sùcarach, see siùcarach.

†such, *v.a.* Suck, imbibe. 2 Saturate, fill.

such, *s.m.* Whispering noise.

sucnadh, -aidh, *s.m.* †Imbibing. †2Filling, saturating. †3 Wave. 4 Suction, evaporation. A' s—, *pr.pt.* of such.

suchan, -ain, *s.m.* Sucker.

sùcaid, *s.m* Sake, account. Air s. mhaitheis, *for goodness' sake;* air s. Chriosda, *for Christ's sake;* air s. nan achd, *for the sake of these objections.*

sùchdar, see siùcar.

sùchta, *past pt.* of such, see sùghta.

†sucrach dh, *a.* Easy.

suc! suc! (repeated several times) *int.* Call to sheep—*Islay.*

sud, see siod.

sudag,** -aig, *s.f.* Cake.

sudar, *s.m.* Currier.

sùdh-ùidh,-an, *s.m* Over'ap in planks of a boat, see nata, B, p. 73.

Digitized by Microsoft®

†sudh, *a.* Secure.
sùdh, see sùgh.
sùdhair, see sughmhor.
sùdhar, *a* see sùghmhor. 2 (MS) Alimental.
sudral,** -ail, *s.m.* Light. 2 Candle.
sùg -a, *s.m.* Cheerfulness, hilarity, mirth, happiness.
sug, *pr.p.t.* a' sùgadh, *v.a.* Suck, imbibe. 2** Soak. 3** Attract.
sùg,* *s.m.* Lamb. 2 *int.* Mode of calling a lamb —*Argyll.*
sùgach, -a che, *a.* Merry, cheerful, pleasant, festive. 2 (MS) Humorous, comical. 3(MS)Attractive.
sùgach, -aiche, *a.* Sucking, that sucks.
sùgachas, -ais, *s.m* Jocularity, mirth.
sùgadh, -aidh, *s.m* Sucking, act of sucking or imbibing, suction. 2** Attraction. A' *pr. pt.* of sùg.
sùgag, -aig, -an *s.f* Little drink or suck.
——-§ -aig, *s.f.* Red clover, see seamrag-chapnill. 2**Bloom of clover, so called from its containing a honeyed juice.
sugag, (i) *s.f.* Sheep —*Islay.*
sùgaich,(MS) *v.a.* Joy.
sùgaiche, *s.f.ind.*Cheerfulness, merriness, hilarity.
sùgaidheachd,** *s.f.* Joyousness.
sùgair, -ean, *s.m.* Droll or merry fellow, merry-andrew. 2 Sucker. 3 Mountebank.
sùgair,* *v.n.* Make merry, sport.
——eachd, *s.f.* Drollery, buffoonery.
sùgan, -ain, -an, *s.m.* Rope of twisted straw. 2 Rope of twisted heath. 3(DC)Thatch-rope—*Uist.* 4 Horse's collar—*Mull & Islay.* 5** Straw collar for cattle. Corra-shùgan, *a twisthandle*
sugan, -ain, -an, *s.m.* Pet lamb.
sùgan, *s.m.* (i. e. corra-shùgain) The reflection of the rays of light on the walls or roof of a house, from any luminous body in motion.
sùganach, -aiche, *a.* Abounding in straw-ropes 2 Like a straw-rope.
sugar,** *s.m.* Band for the neck.
sùgh, -a & -ùigh, *pl.* -an, *s.m.* Juice, sap, moisture. 2 Sense, meaning. 3 Wave, billow. 4 Substance. 5**Berry. 6†‡ Juice of meat, broth. 7†‡Motion of the waves. 8* Huge receding wave. 9* Dearest object, darling. A shùgh mo chridhe ! *my dearest ! my darling !* s. feòla, *soup ;* tha 'n s. fuar, *the moisture on the earth is cold ;* gnothach gun s., *a senseless or sapless affair ;* s. nan ubhal, *the sap of the apples ;* s. nan gràn-ubhall, *the juice of the pomegranates ;* s. am poit, *broth in a pot :* drom nan s., *the backs of the waves ;* a ceann ris na sùghaibh, *her head against the billows.* [*pl.* sùghaichean in *Sgeul.nan caol, p. 101*—Na sùghaichean lùn-corrach, sinteach a' gleannadh gu Cinn Inbhir-Àir, *the billows and their troughs rolling towards the Heads of Ayr.*]
sùgh, *v.a. & n.* Drain, dry, dry up, drink up. 2 become dry, dry up. 3 Suck in, imbibe, swallow as if by suction. 4 Absorb. 5 Evaporate. 6 Season, shrink, as wood. 7 Extract. 8(DMy) Drip.
Sh. e 'm fallus, *it absorbed the perspiration ;* sh. am fiodh *the wood seasoned ;* sh. an t-ombar an dùrachan á m' shùil, *the amber extracted the mote from my eye ;* sh. an còs an t-uisge, *the sponge absorbed the water ;* s. ort e, *suck it in ;* sh. a' phoit, *the pot dried up ;* sh. a h-uile deur, *every drop evaporated.*
sùghach, -aiche, *a.* Attractive. 2†‡Juicy. 3** Abounding in berries.
sùghachan, *s.m.* Syphon.
sughadair,(MS) *s.m.* Attracter.
sughadh, -aidh, *s.m.* Draining, act of draining, drying up or drinking up. 2 State of becoming dry. 3 Sucking, act of sucking or swallowing. 4**Absorption. 5 Seasoning, as wood. 6 Motion of the waves. 7 Leakage —*Dàn I. Ghobha.* 8*Extracting the juice. A' s—, *pr. pt.* of sùgh. S. nan tonn, *the flux and reflux of the waves ;* tha 'm fiodh air s., *the wood is seasoned ;* a' s. an smior as, *extracting the very marrow from it;* thug an s. leis e, *the receding waves carried it away.*
sùghag, see sùbhag.
sùghail, -e, *a.* see sùghmhor.
†sùghainte, -an, *s.f.* Whirlpool, gulf.
sùghair, see sùghmhor.
sùghairеachd,* *s.f.* see sùghmhorachd.
sùghalachd,(MS) *s.f.* Alimentariness.
sùchan, -ain, *s.m.* Juice of greens, or liquid from which they are made by boiling. (-ùbhan.)
ùghanach, see sùghmhor.
sùgh an daraich § *s.m.* Mistletoe, see uil'-ioc.
sùghar, see sùghmhor.
sùgh-bhrigh, see sugh-bruich.
sugh-bhrioheach, *a.* Juicy.
sùgh-bhrighear, see sùgh-bhrioghmhor.
sugh bhrioghmhor, *a.* Juicy.
sùgh-bruich, *s.m* Decoction, juice.
sùgh-cadail,‡‡ *s.m.* Opium.
sùgh-chraobh, see sùbh-chraobh.
sùgh-dharaich,** *s.m.* Mistletoe, see uil'-ioc.
sùbh-làr, see sùbh-làir.
sùghmhor, -oire, *a.* Juicy, sappy, moist. 2 Substantial, having much substance or solidity, solid, strong. 3 Sensible, intelligent. 4 Inventive. 5**Billowy. 6* Pithy. 7*Succulent.
sùghmhorachd, *s.f.ind.* Juiciness, succulency, sappiness. 2 Substantiality, solidity, strength. 3 Understanding, intelligence, acuteness of mind.
sùgh-pheuran, *s.m.* Perry.
sùghta *past pt.* of sùgh. Absorbed, dried up, evaporated. 2 Saturated, filled, tightened. 3 Seasoned, as wood. 4 Boiled in. 5 Sucked. Fiodh s., *seasoned wood.* (sùghte.)
sùgh-ubhall, *s.m.* Cider.
sùgrach, -aiche, *a.* Mirthful, sportful.
———ail, -e, see sùgrach.
sùgradh, -aidh,-*s.m.* Mirth, diversion,sport,play, sporting, joke. Cha'n 'eil thu 'nad sh., *it is no joke to deal with you ;* cha'n e an s. a chuir ris, *it is no joke to manage,* or *master him ;* dh'éirich iad suas gu s., *they rose up to play;* ri s., *in sport ;* nigheann donn an t-sugraidh, *the brown-haired sportive maiden ;* a' s. ri 'mhnaoi, *sporting with his wife ;* mu sh. *about mirth.*
sùgradh-baoth,(MS) *s.m.* Apishness.
sùibheag, -eig, -an, *s.f.* see sùbhag.
———ach, see sùbhagach.
suibhealas,** -eis, *s.m.* Sponging, sharking.
suibhealla,** -ain, *s.m* Parasite.
suic, *g.n.s.m.v. & n.pl.* of soc.
suicean, -ein, -an, *s.m.* Gag to prevent a calf from sucking.
suidh, *pr. pt.* a' suidhe, *v.a.* Sit down. 2 Incubate, sit on eggs.
suidh, ** *s.m.* Hero, champion. (saoidh.)
sùidh, see sùith.
sùidh, *v.* see such.
suidhe, *pl.* -an & -achan *s.m.* Beam or supporter of a house. 2 Seat. 3 Sitting. 4 Sédant, in *heraldry.* 5 Sederunt, session. 6‡‡Incubation. 7 Level shelf on a hill-side, where one would naturally sit. 8 see sin-the. 9* Act or state of sitting. A' s—, *pr. pt.* of suidh. Maide-

Digitized by Microsoft®

suilhe, *couple of a house; the spar to which is attached the chain or crook on which to hang pots over a fire in the middle of the floor*, also called maide slabhraidh; dean s., *sit, be seated*; 'na sh., *he sitting*; 'na s., *she sitting*; s. bidh. *a meal*.

suidheachadh, -aidh, *s.m.* Settling, arbitration, act of settling, appointing, arranging, planning. 2 Planting, act of planting. 3 Letting, act of letting for rent. 4 Setting the pattern for tartan or other cloth to be woven, formed by placing threads on a small piece of wood, according to the design proposed and kept as a key to the number of threads of each colour and the positions of the various colours in the pattern. 5‡ Specimen, pattern. 6 Set or pattern, as of tartan. 7 Order, arrangement, disposition. 8* Laying foundation, marking framework. 9* Planting, colonizing, establishing. 10* Situation, posture. 11 Betrothing, arranging terms of marriage. 12 *Plan, model. A' s—, *pr.pt.* of suidhich. Air a' cheart sn., *on the same plan or pattern, as cloth*; s. fearainn, *a letting of lands for rent*; s. inntinn, *gravity*.

suidheach ail, -e, *a.* see suidhchte.

suidheachan, -ain, -an, *s.m.* Seat, chair, stool, pew, bench to sit on, settle. 2** Rustic seat. 3 Cushion 4 Stern-seat in a boat. 5 (DC) Stook of corn (6 or 8 sheaves)—*Uist*. 6* Turf sofa.

suidheachas, *s.m.* see suidhichteachd.

sùidheag, see sùbhag.

——— ach, see sùbhagach.

———an, *dim.* of sùidheag.

suidheagan, see suidheachan.

suidhealachd,** *s.f.* Gravity.

sùidhean, *s.m.* Seam joining divided planks in a boat (see p. 77.) (sùdh.)

suidheann,** -einn, *s.m.* Ship's cable.

sùidhe-bhalach, see sùith bhalach.

suidhe-bidh, *s.m.* Meal, diet.

sùidhe-làir,* see sùbh-làir. 2* *s.m.* Framework, groundwork.

suidhich, *pr.pt.* a' suidheachadh, *v.a.* Settle, appoint, order, plan, arrange. 2 Place, plant, set. 3 Set, let for rent. 4* Betrothe, settle terms of marriage. 5 Win. 6** Pitch. 7** Repose. 8†† Lease. 9** Make an appointment, agree. Sh. e an taigh (*no* am baile) *he let the house* (or *the farm*); sh. e a nighean air, *he betrothed his daughter to him*; s. àite far an tachair sinn, *appoint a place where we shall meet*; sh. iad an stéilh, *they laid the foundation*; sh. Fionn an t-seilg, *Fearranged the hunt*; agus sh. an Tighearna gàradh, *and the Lord planted a garden*; sh. e beoshlaint oihre, *he settled an annuity on her*; sh. e a bhùth, *he pitched his tent*; sh. iad faire, *they set a watch*.

suidhichdeachd, see suidhichteachd.

suidhichear, *fut.pass.* of suidhich.

suidhichte, *a. & past pt.* of suidhich. Planned, settled, arranged, appointed, determined, fixed. 2 Placed, planted, set. 3 Let, let for rent. 4 Sedate, grave, steady. 5 Pitched, as a tent. 6 Established. 7 Composed. 8* Laid, as a foundation. 9* Pointed out. 10** Stationary. 12(DC) Married or deforis familiated (applied to the daughters of a family)—*Argyll*. Tha 'n t-àite s., *the place is appointed or determined, the property is let*; tha mi suidhichte air sin a dheanamh, *I am determined to do that*; duine s., *a sedate person*; air an là s., *on the appointed day*; is còir do na mnathaibh bhi s., *wives ought to be grave*.

suidhichteachd, *s.f.ind.* Steadiness, equanimity. 2 Consideration.

sùidhlte, see sùithte.

sui'eag, see sùbhag.

suig (AF) *s.* Pig.

sùig, *v.a. & n.* see sùg.

suigean,‡‡ -ein, *s.m.* Place made of straw-rope to contain grain in a barn The grain placed in a heap on the floor is confined from spreading by straw-ropes set round the margin. 2 Crupper.

suigeanta, (MS) *a.* Alacrious.

suigeart, -eirt, -an, *s.m.* Gladness, cheerfulness, joy, frisking of an animal for joy. 2(MS) Pith. 3* Blustering kind of expression of joy. Olamaid slainte Thearlaich le s., *letus drink Charlie's health with gladness*; a' dol le s. do 'n choille, *going frisking to the wood*.

suigeartach, -aiche, *a.* Frisking for joy, gladcheerful, blythe.

suigeartachd,** *s.f.* Blythesomeness.

sùigh, see sùith.

sùgh, *v.a. & n.* see sùgh.

sùigheach,** *a.* Absorbent.

suighean, (for suidhneau) *pl.* of suidhe.

sùighte, see sughta.

sùighteach, (MS) *a.* Attractive.

suigiomnach, -aiche, *a.* see suigeartach.


suigleadh,** -idh, *s.m.* Snot.

sùil, *gen.sing.* sùl & sùla. *dat* sùil, *voc.* a shùil! *n.pl.* sùilean, *g.n.pl.* sùl, *dat.pl.* sùilean & sùilibh, *voc.pl.* a shùla, *s.f.* Eye, the eye. 2 Look, glance, cast of the eye in any direction, sight. 3 Hope, expectation 4 Care, oversight, superintendence. 5 Orifice, opening. 6 Willow, see seileach. 7 Eye of a quern. 8** Regard, respect. 9** Loop-hole. 10** *rarely*, Tackle. 11 Eye through which the wool passes to spinning-wheel. 13 Thimble of a boat. 14** The letter S. 15(DC) Small cluster of herring in the water, less than a shoal—*Lochfyne*. 16 (AH) Hole in which the shaft of a tool like a pick-axe is fixed.

Bha mo chéud s., *my first glance or sight was*; thog e a sh., *he raised his eye*; gun s. r' a theachd, *not expecting his coming*; tha s. againn ris, *we expect him*; na bitheadh s. no dùil agad ris, *neither have expectation nor hope of him*; bitheadh s agad orra, *watch or keep your eye on them*; an cuir tobar a mach as an aon sh. uisge milis is searbh? *will a fountain send forth from the same opening sweet and bitter water*? tha 'sh. ri teachd, *he expects to come*; dh' fhalbh na sùilean geala, *the blindness has gone*; nach ann agam bha na sùilean geala! *how stupid I was!* fliuch do sh., *wet your eye*; or, fliuch do sh. mu'n lean e ritue, *wet your eye lest it sticks to it*) i.e. in case you have the evil eye, and the thing referred to becomes yours or dwindles away. The remark is usually made when relating something of an auspicious nature about a person in the hearing, who in turn would say "fliuch do shùil," meaning that the narrator was not to be envious of the prosperity of the other. The remark may be used in reference to one's property, as well as to his fame, &c. Cha'n i mo sh. is eagal duit, *there is nothing for you to fear from my eye* (another saying of the same nature as the last, only it comes from the party who has made the favourable remark about anyone, and adding, "Cha'n e mo sh. a's eagal duit;"); 's mò làn do sh. na làn do bhronn, *the full of your eye is more than the full of your belly*; s. mo thruaighe, *the eye that deserves pity*—the equivalent of a woe begone look; tha 'n s. ri lear, *their eye is towards the sea*; mòralachd 'na sh., *majesty in his aspect*; tha s. chrom aige, is said of one who looks

Digitized by Microsoft®

from the outer corner of his eye in a furtive manner; s. mu 'n t-sròn, *to his cheek*—used in this way, chaidh innsealh dha s. mu 'n t-s., *it was told him to his cheek*. Beul mu 'n fhiacail, has the same meaning, only the mouth and teeth are mentioned instead of the eye and nose; s. na bràthan, *the eye of the quern*; s. rag, *a dim eye*; s. gheur, *a sharp eye*.



652. Sùil.

PARTS OF AN EYE—
1 Malaidhean, *eyebrows*.
2 Rosgan na sùla, fabhraidhean, *eyelashes*.
4 Toiseach na sùla, *end next to nose*.
5 Deireadh na sùla, *end farthest from nose*.
6 An dubhagan, fradharc na sùla, dubh na na sùla, *pupil*.
7 Cearcall na sùla, *iris*.
8 Ball na sùla, *eyelid*.
9 Clach na sùla, rinn an ruisg, ubhal, *eyeball*.
10 Geal na sùla, gealagan na sùla, *the white*.

†suil, *conj*. Before that, ere. see ssal & sol. (sul.)

sùil-an-tòin,(AF) *s*. Cuttle-fish.

†suilbh, -e, *s.f*. Cheer, hospitality, geniality.

suil-bhalair, see suil-mhalair.

suilbhear, -a, *a*. see suilbhir.

———-———achd, *s.f*. see suilbhireachd.

sùil-bheum, -a, -an & -annan, *s.m*. Hurtful influence of the evil eye.

sùil-bheumach, -aiche, *a*. Having an evil eye. 2 Blasting with the eye.

suilbhir, -e, *a*. Cheerful, merry, joyful, hearty, pleasant. 2 *originally* Eloquent. Laoich nan gorm-shùil s., *hero of the cheerful blue eyes*.

suilbhire, *comp*. of suilbhir.

suilbhireach, -eiche, *a*. see suilbhir.

suilbhireachd, *s.f.ind*. Cheerfulness, joyfulness, gaiety, hilarity. 2 Alacrity. 3†Civility. 4 Frankness. 5 Merriness.

suilbhirich,** *v*. Animate.

sùil-charbh,(AF) *s.f*. Silver haddock.

sùil-chrich, *Arran* for suil-chritheach.

sùil-chrith, see sùil-chritheach.

sùil-chritheach, -ich, *s.f*. Quagmire, deep bog.

sùil-chruthaich, -e, see sùil-chritheach.

sùileach, -eiche, *a*. Having good eyes, sharp, quick-sighted. 2* Knowing. 3**Ocular. 4 Like an eye. 5 Eyed, having many eyes. 6 Of, or belonging to, the eye.

sùileachan,(CR) *s.m*. Warning, lesson, eye-opener. Bheir siod s. dha, *that will be a warning or lesson to him*—*W. of Ross*.

sùileachd,(AC) *s.f*. Influence of the evil eye.

sùileag, -eig, -an *s.f.d'm* of sùil. Little eye. 2 Small orifice. 3 Small bubble, bell on liquor. 4 Little circular wooden vessel. 5**Pore. 6 (MMcD) Small vessel made of clay containing one Scots pint, and used for keeping milk.—*Lewis*. 7(DC) Girl after three months of age, when she opens her eyes and looks about her. 8§ Common sallow (plant)—*salix caprea & s. aquatica*. 9 Ear-mark on sheep, see under comharradh-cluais. 10*Spot in cloth. 11 Little loop.

———-ach, -aiche, *a*. Having little eyes. 2 Full of little eyes. 3 Full of small orifices. 4 Full of small bubbles. 5* Spotted. 6 Full of loop-holes.

sùilean, *n.pl*. of sùil.

sùilean,(DC) *s.m*. Boy child after three months of age when he opens his eyes and looks about him.

suileas,** -eig, *s.f*. Osier.

sùil-fhrasachd, *s.f*. Lachrymation.

suilleach,(CR) *a*. Clear, bright—*Suth'd*.

suilleag,** -eig -an, *s.f*. Bell, bubble.

———-ach, *a* Full of bells or bubbles.

sùil-léigh, -ean, *s.m*. Oculist.

suil-leigheas,** -eis, *s.m*. Eye-salve.

sùil-leusach,** *s.f*. Wall-eye.

sùil-lighiche,* see sùil-léigh.

sùil-lionnach, -aiche, *a*. Watery-eyed.

sùil-mhalair, *s.m*. Cockatrice.

sùil-mhala-righ, see sùil-mhalair.

sùil-mhargach,** *a*. Forestaller.

sùil-mhargaidh, -ean, *s.m*. Forestaller o. the market.

suil mu'n, *adv*. Ere, before.

sùil-radharc,*, *s* Fascination. 2 Foresight. 3 Sense of sight vision 4 Fate.

———-ach,** *a*. Fascinating. 2 Having the sense of sight.

suilteach, -aiche, *a*. see sùileach.

suim, *v.a*. Sum, compute.

————ach, -eiche, *a.* Passionate. 2 Impassioned, angry, enraged, frantic.
†taoighin, *s.f.* Mill-pond.
taoim, -e, *s.f.* Bilge-water in a ship or boat. 2 **Dash of water.
taoimeach, -eiche, *a.* Having bilge-water. 2 Leaky, as a ship or boat.
taoinneadh,** -idh, *s.m.* Crispation.
taois. -e & taosa, *s.f.* Dough, leaven. T. ghoirt, *leaven.*
taois-cailc.* *s.f.* Putty.
taoiseach, -eiche, *a.* Of, or belonging to, dough, leaven or paste. 2 Abounding in dough. 3 Like dough, doughy. 4 Raw, ill-baked.
†taoiseach. -eich, *s.m.* Hero, chieftain, general, leader, commander, see toiseach. Bu lionmhor t. 'na lùighe, *many a hero was laid low.*
taoiseadair, -ean, *s.m.* Baker.
————eachd, *s.f.* Baking, bakery, business of a baker.
taoisell,** *a.* Doughy.
taoisg,* *v.n.* see taosg.
taois-ghlaodh, -aidh, *s.f.* Paste.
taoisinn, *pr.pt.* a' taoisneadh, a' taoisnich & a' taoisneachadh, *v.a.* Knead, 2 Leaven. T. tri miosairean, *knead three measures.*
taoismhor,** *a.* Doughy.
taoisneach,** *a.* Like leaven or dough. 2 Of leaven.
taoisneachadh, -aidh, *s. m.* Kneading, act of kneading. 2 Leavening. A' t—, *pr. pt.* of taoisnich.
taoisneadh, -idh, Same meanings as taoisneachadh.
taoisnich, *pr.pt.* a' taoisneachadh, *v.a.* Knead. 2 Leaven. see taoisinn.
————te, *past pt.* of taoisnich. Kneaded. Leavened.
taoisnidh, *fut.aff.a.* of taoisinn.
taoitear, -ir, -ean, *s.m.* Tutor, overman, curator. 3 Trustee—*Suth'd.*
————achd, *s.f.ind.* Office of tutor, or curator, tutorage. 2 Tuition.
taois-tathaidh, *s.f.* Putty.
taoitirich *v.a.* Tutor.
taotamach,** -aich, *s.m.* Parricide.
taom, -a, *pl.* -an & -annan, *s.m.* Plash of water or any fluid. 2 Jet, torrent. 3 Overflow. 4 Sudden illness. 5 Fit of anger or passion, frenzy. 6**Water that leaks through a vessel. Thàinig uisge 'na thaomaibh, *rain came in torrents.*
taom, *s.m.* Luff of a sail.
taom, *v a. & n.* Pour out, bale, as water from a vessel. 2 Empty. 3 Overflow. 4 Shed. 5 Throw water out of any vessel. T. am bàta, *bale the boat;* t. air e, *pour it on it;* t. a' chairt, *empty the cart* (by tipping i); tràth thaom na filidhean an ceòl, *when the bards poured forth their strains.*
taomach, -aiche, *a.* That empties or pours out, emptying. 2 Overflowing, apt to overflow. 3 By fits and starts. 4 Subject to fits.
————adh, -aidh, *s.m. & pr. pt.* of taomaich. Same meanings as taomadh.
taomadh, -aidh, *s.m.* Pouring, act of pouring. 2 Emptying, act of emptying. 3 Overflowing, act or state of overflowing, flood. 4 Effusion. 5 Fit of sickness. A' t—, *pr.pt.* of taom. 6 (DMy) Turning the borders of ridges on the top, the [practice of making "lazy-beds,"—*Lewis.* Fo th. dheòir, *under a fit of tears.*
taomaich, *v.a.* see taom, *v.*
taomaichte, *past pt.* of taomaich, see taomta.
taomair, -ean, *s. m.* Pump. 2 One who works with a pump.
————eachd, *s f.ind.* Pumping.
taoman, -ain, -an, *s. m.* Vessel by which bilge-water is thrown out of a boat, baler. 2 Vessel to lave with. 3 Purlin, in *joinery.* Gabh

Digitized by Microsoft®

an ladar no 'n t., *take the ladle or ba'er.*

taom-bolle, -ean, *s.m.* Fit of madness or frenzy, raging passion

————ach, -eiche, *a.* Frantic, furious, raging with anger or passion. 2 Uncertain. Is t. an t-iasg, is teugmhaileach an t-sealg, *fishing is uncertain and hunting risky (as means of livelihood compared with agriculture.)*

taom-fheachd, Full muster band. 2 (MMcL) Down-pouring host, on-settling host. Togaibh leibh guu airc, gun eusbhuidh, taom-fheachd seasmhach cunnbhalach, *raise a full-muster band, lacking nothing, without stint, trusty, competently arranged—Filidh, p. 65.*

taomta, *past pt.* Poured out, overflowed, emptied. [taomte.]

taosa, *gen.* of taois.

taosainn, *v.a.* see taoisinn.

taosdadh,(WC)-aidh, *s.m.* Cuddling or squeezing a girl. Dé an t. a th' ort ? *why do you cuddle so ?*

taosg, -a, -an, *s.m.* Precise full of a liquid measure. 2 Pour, jet, rush of any fluid. 3 Fit. 4††Good quantity of water in a vessel. 5* Near the full of a dish, cask, pitcher, cart, &c.

taosg, *pr.pt.* a' taosgadh, *v.a.* Pour out. 2 Pump. 3 Drain, empty. 4 Circumfuse, effuse.

taosgach, -aiche, *a.* Full to the brim. 2 Pouring, rushing. 3 Irregular, in fits, fickle, uncertain. 4 Apt to overflow. 5 Overflowing. Duine t., *a fickle man ;* ni t., *a precarious thing.*

taosgadh, -aidh, *s. m.* Pouring, act of pouring. 2 Pumping, act of pumping. 3 Draining, act of draining. 4 Overflowing, overflow. A' t—, *pr.pt.* of taosg. A' t. a duibh-neoil air na gleanntan, *pouring her dark clouds on the valleys.*

taosgaiche,** *s.m.* One who works at a pump.

taosgaid,* -e, -ean, *s.f.* Fickle female.

taosgair, -ean, *s.m.* One that pumps. 2 One who acts unsteadily or by fits and starts, fickle person.

————eachd, *s.f.ind.* Pumping, labouring at a pump. 2 Draining. 3 Unsteadiness. 4 Profusion. 5 Folly.

taosgan, -ain, *s.m.* Pump.

taosgta, *past pt.* of taosg Poured out, emptied. 2 Pumped. 3 Drained. [taosgte.]

taosnadh, see taoisneachadh.

taosnadh, *s.m.* Horse-play, playing rantipole—*Rob Donn.*

taothal, -ail, -an, see tadhal.

tap, -aip & -a, *pl.* -an & -achan, *s. m.* Tuft of wool or flax wreathed on a distaff. 2 Forelock, forelocks.

tap, *pr. pt.* a' tapadh, *v.a.* Hood or thread a fishing hook—*Islay.* [stalcadh elsewhere.]

tapach, -aiche, *a.* Bushy, having thick forelocks.

tapachd, *s.f.* Quickness, activity, alacrity, cleverness. 2 Manliness, boldness, heroism.

tapadh, -aidh, *s.m.* Clever feat or action. 2 Activity, alertness, cleverness. 3‡‡Good luck, lucky event, success. 3 Activity, manliness, manhood. 4(DC) The process of thrashing with the frosean. 5* Heroic feat, achievement. 6* Thanks. Cuimhnichear'h gach aon a th., *let each remember his manhood ;* leabhar dearg Iain, 'gan tiopadh 's gan tapadh, *Mitchell's "Red Book" snapping and checking them (the witches)—Duanaire, p. 41 ;* t. leat, *thank you.*

tapag, -aig, -an, *s.f.* Accident, casualty. 2 Blunder in speech, slip of the tongue. 3 Fall. 4 (DC) Exclamation.

tapagach, -aiche, *a.* Accidental, casual. 2 Blundering in speech. 3 Apt to blunder in speech.

tapagail,* *s.f.* Blunder.

tapaidh, -o, *a.* Clever, quick, active. 2 Manly, bold, heroic, brave. 3 Successful in business. Bi t., *be brave ; 2 be smart, be quick ;* clann t. feardha, *a manly, active clan.*

————eachd, see tapachd.

tapais,** Gaelic form of French *tapis*, carpet.

tapan,* -ain, *s.m.* Little lock of wool or flax on a distaff. 2 Tuft of flax added to a larger quantity to make up a deficiency in weight.

tapanach,†† *a.* Like tow or flax on a distaff.

tapanta, -ainto, *a.* Quick, see tapaidh. Gu t., *quickly.*

————chd, *s.f.* see tapachd.

————s, -ais, *s.m.* see tapachd.

tapar,** -air, *s.m.* Gaelic form of *taper.*

tapas, -ais, -an, *s.m.* Hit.

tap-bheist, see tar-bheist.

taplach, -aich, -aichean, *s.m.* Wallet, repository for small things.

taplaich,** *s. f.* Wallet, repository for small things.

tapputt, see tapanta.

tar,* *s.m.* see tarr.

tàr, *pr.pt.* a' tàrsainn, *v.a.* Evoke. 2**Go. 3** Send. 4**Come. 5**Descend. 6**Befall. 7 **Prepare. 8 Get time. 9 (DU) Be able. T. as, *evade ; 2 "bolt" ;* th. e mach, *he escaped out, he went out ;* gus an t. dhomh bàs is uaigh, *til death and the grave be my lot ;* chà do th. mi, *I was not able ;* an t. thu ? *will you be able ?*

tar, *prep.* see thar.

tàr, *pr.pt.* a' tàradh, *v.* see tàir.

tàr, -aire, *a.* see tàir, *a.*

tar,** *a.* Active, quick, clever.

tarabal, (a' t—,) *pr.pt.* Undulating.

taracadair,* -ean, *s.m.* Necromancer.

————eachd, *s.f,* Necromancy. Dé an t. a th' ort à *what necromancy are you practising ?*

taracantachd,* *s.f. ind.* Necromancy. Bha sin air a chur 'san t. dha, (bu dàn dha sin), *that was put in his lot*—WC.

tarachair,‡ *v.n.* Gimlet, auger. 2 Seer. [for torachair.]

tarachd,** *s.f.* Activity.

tàrachd,** *s.f.* Going. 2 Coming.

tara-dalag,(MMcD) *s.m.* see tarbh-dallaig.

taradh, *s.m.* Noise at night (premonitory.)

tarag,* -aig, -an, *s.f.* Stud.

tarag,achd,(MS) *s.f.* Bodement.

taragaich. *v.a.* Presage.

taragair,** *v.* Bode.

tara,araich,(MS) *v.n.* Vaticinate. 2 Reason.

taragarachd, see taragachd.

taraghail,** *s.* see targradh.

taragrach, -aiche, *a.* Portentous.

taragradh,** *s.m.* Bodement, portentation.

tarail, *s.f.* Truncheon, staff of authority—*Dàin I. Ghobha.*

tàraidh, *fut.aff.a.* of tàr.

tarail,** *s.f.* Visit.

taran,‡‡ -ain, *pl.* -an & -ain, *s.m.* Ghost of an unbaptized child.

taranach,** *a.* Spectral.

tarang, *pl.* -aingean, see tarrang.

tarar, see tora.

tarbh, -airbh, *s.m.* Bull. 2 The sign Taurus (♉) in the zodiac. An tarbh, *a surfeit ;* móran tharbh, *many bulls ;* craicionn tairbh, *a bull's hide.*

tarbhach, *a.* Infinitive in *grammar.*

tarbhach, -aiche, *a.* Abounding in bulls. 2 Like a bull.

————, -aiche, *a.* Profitable, beneficial, gainful. 2 Substantial. 3 Important, of consequence. 4**Effectual. 5 Fertile, productive.

Digitized by Microsoft®

Bàrr t., *a substantial crop*; bualadh (*or* builleadh) t., *an effectual (decisive) blow*, or *pull in rowing*; cainnt th., *pithy language*; t. do dhuine, *profitable to man.*

tarbhachadh, -aidh, *s.m.* State of increasing in wealth or substance. 2 Act of gaining or of profiting. A' t—, *pr.pt.* of tarbhaich.

tarbhachas, -ais, *s.m.* see tarbhachd.

tarbhachd, *s.f.ind.* Gain, profit, advantage. 2 Substantiality. 3 Importance, consequence. 4 Fertility, productiveness, fruitfulness. 5 Availableness.

tarbhaich, *pr.pt.* a' tarbhachadh, *v.a. & n.* Increase in wealth or substance. 2 Gain, profit, grow gainful, grow fruitful. 3** Reap gain, profit, or advantage.

tarbhaichead, -eid, *s.m.* Degree of profitableness. 2 Degree of importance or substantiality. 3 Degree of fertility or fruitfulness. A' dol an t., *growing more and more fruitful.*

†tarbhaidh,** *s.f.* Hinderance, impediments. 2 Misfortune.

tarbhail, -e, *a.* Bull-like, brutish. 2 Bull-faced.

tarbh-alluidh,* *s.m.* Buffalo.

tarbhan, -ain, -au, *s.m., dim.* of tarbh. Little bull. 2 Young bull.

tarbhanach,†† *a.* Abounding in little bulls. 2 Like a little bull.

tarbhanta, -ainte, *a.* Grim, stern, bull-faced. 2 Boorish. 3 Like a bull, fierce.

———-chd ‡‡ *s.f.ind.* Grimness, sternness, bull-faced(n)ess.

tarbh-aoidhre, (DMK) *Northern counties for* tarbh-boidhre.

tarbharnach, *a.* Noisy, garrulous—*Sar-Obair.*

tarbhas,** -ais, *s.m.* Surfeit.

tarbh-boidhre,(AC) *s. m.* Monster demon. 2 God capable of changing himself into many forms,—a man, a horse, a bull, &c., with supernatural powers.

tarbh-chù,* *s.m.* Bull-dog.

tarbh-coille, *s.m.* Dark cloud which when seen on New Year's Day portends a stormy season. 2 (AF) Fabulous monster.

tarbh-dallaig, *s.m.* Blue shark. It is the shape of a dog-fish, but of great size. I saw one of them in my own boat and its liver filled a barrel. Its head was hanging over the gunwale on one side and its tail over the gunwale on the other side, the total length being about 14 feet. When we took out its liver it never moved—(DMy.) The oil taken from the liver of this fish is greatly prized for medicinal purposes in the Western Isles.

tar-bheir,** *v.a.* Transfer, carry over.

tarbh-mhadadh, -aidh, -aidhean, *s.m.* Bull-dog.

tarbh-nathrach, *pl.* -airbh-nathraichean, *s. m.* Dragon-fly—*libella—Arran.* 2 (AF) Moth.

tarbh-réidh,* *s.m.* Farm-bull.

tarbh-ruagadh, -aidh, *s m.* Bull-baiting.

tarbh-shiolag,((AF) *s.m.* Weever or viper fish.

tarbh-tàna, -airbh-thàna, *s.m.* Parish-, district-, or herd-bull, bull which is the property of a district. [*tarbh-taine.]

tàrbh-truid, *s.m.* Furious bull. [truid is the *gen.* of trod (fight), in modern Gael. scolding.]

tar-bhuileachadh,** -aidh, *s.m.* Consignment, conveyance, conveyancing.

tar-bhuilichte,** *past pt.* Consigned.

tarbh-uisge, -airbh-uisge, *s.m.* Water-bull, sea-bull or -cow. (fabulous.)

†tarchean, *adv.* (i.e. thar cheann) Moreover, then, also. notwithstanding, although.

†tar-chonair,** *s.f.* Ferry.

tarcuis, -e, -ean, *s.f.* Contempt, despite, reproach, scorn. 2 Dispute. Dean t., *reproach, despise*; luchd t., *spiteful people.*

———-each, -eiche. *a.* Contemptuous, despiteful. 2 Contemptible, contumelious, despicable, reproachful, scornful. 3(MS) Deplorable. 4(MS) Poor. Gu t., *reproachfully.*

———-eachadh, -aidh, *s.m.* Despising, act of despising, reviling, showing contempt. A' t—, *pr.pt.* of tarcuiseich.

———-eachd, *s.f.* Despite, reproach. 2 Aptness to scold, contumeliousness.

tarcuisich, *pr.pt.* a' tarcuiseachadh, *v.a.* Despise, revile, contemn, scorn, affront.

———-te, *past pt.* of tarcuisich. Despised, contemned, reviled.

tarcuisneach, see tarcuiseach.

tar-dearg, *s.m.* see tarr 4.

tar éis, *prep.* After.

tar-fhradharc,‡‡ -airc, -an *s.m.* Squint, squinting look, leer, ogle.

———-ach, -aiche, *a.* Squinting, having a squint. 2 Goggle-eyed. 3 Looking askance, leering, ogling.

targach, *s.m.* Char (fish.)

targadh, -aidh, *s.m.* Governing, ruling. 2 Government, rule. 3 Assembly.

targaid, -e, -ean, *s.f.* Target, shield. 2 Rooker. 3 Skate (fish)—*Lewis.* The targ t of the Gael was oroed and made of light wood with a single covering of tough leather, or if thia, of several folds, studded with brass, iron or silver, according to the means of the owner.

———-each, -eiche, *a.* Shielded, armed with a shield. 2 Like, or of a shield.

targair, *pr.pt.* a' targradh, *v.a.* Foretell, prophesy, divine.

targairich,(MS) *v.a.* Foreshow.

targanach, *s.m.* Prognostication, prophesying—*Sar-Obair.*

targhail,** *v.* Forebode.

targhan,** -ain, *s.m.* Noise.

targrach,** *a.* Foretelling, prophetic.

targradh, -aidh, *s m.* Foretelling, act of foretelling, prophecy, divination, predicting, prediction. A' t—, *pr.pt.* of targair.

targraich, see targair.

targraiche, -an, *s.m.* Foreboder.

targraidh, *fut.aff.a.* of targair.

tàrladh, *3rd. pers. sing. & pl. imp.* of *def. v.* tàrlaidh & tarlaidh. Happen, befall, meet. 2 *past subj.* of tàrlaidh. T. e, i, iad, *let him (it), her (it), them happen*; 'nuair a th. sibh cuideachd, *when you met together.*

tarladh,* -aidh, *s.m.* Great demand or tearing from each other, as a scarce commodity. 2** Draught. 3**Leading in of corn or hay.

tàrlaid, -e (*f.*), -ean, *s.m. & f.* Slave, thrall. 2 Contemptible person. 3 Hackney. 4 Hulk of a ship. 5**Female drudge or slave.

tàrlaideach, -eiche, *a.* Slavish, drudging, drudge-like.

———-,(AF) -eich, *s.m.* Working horse.

———-d, *s.f.ind.* Drudgery.

tàrlaidh, *fut. of d-f. v.* tàrladh and tàrlaidh. Will happen, befall or meet.

tarlaidh,* *v.a.* Tear or drag away.

tarlaid-luinge, *s.f.* Hulk.

tàrlas, *fut. of d-f.v.* tàrladh, see tàrlaidh.

tarm,(AF) see torm.

tarmach,(AF) see tarmachan-lé.

tàrmach,* -aich, *s.m.* Source of disease. 2 see tàrmachan.

tàrmachadh, -aidh, *s.m.* Source, origin. 2 Act of originating or beginning. 3 Gathering, act of gathering or collecting, as a tumour. 4 Dwelling, circumstance of dwelling. 5 Producing, act of producing. 6 Extract. 7* Congregating. 8* Settling. A' t—, *pr. pt.* of tàrmaich.

Digitized by Microsoft®

tàrmachag,(DC) *s.f.* see tàrmachan.
tàrmachail, -e, *a.* Originary, constitutive.
tàrmachair, -ean, *s.m.* Propagator, incubator, breeder.



659. Tàrmachan.

tàrmachan, -ain, -an, *s. m.* Ptarmigan (bird) – *lagopus vulgaris.* T. breac na beinne, *the spotted ptarmigan of the mountain.* This is a rare species of moorfowl, seen on the tops of the highest Highland hills. The size of the ptarmigan is nearly that of the grouse, and its colour light grey, but in winter it is perfectly white. It is a very shy and timid bird; but when the sportsman comes upon it by surprise, it is daunted even to stupidity, and has not always the courage even to fly from danger.—**
———— -beinne,(AF) *s.m.* Mountain ptarmigan.
———— -dé,(AC) *s.m.* The white butterfly. 2 *rarely,* The black and white butterfly, see dearbadan-dé.
———— -tràghad,(AF) *s.m.* Dunlin, shore-ptarmigan.
tàrmach-dé, see tàrmachan-dé.
tarmadh,** -aidh, *s.m.* Dwelling.
tarmagan, see tàrmachan.
tàrmaich, *v.a. & n.* Originate, be the source of. 2 Derive. 3 Gather, collect. 4 Settle. 5 Reside, dwell, lodge. 6 Produce, beget. 7 Begin—*Duanaire.* Ceann anns an do th. gliocas *a head where wisdom dwelt* ; ann am airnibh th. mo neasgaid, *in my reins my ulcer resided.*
———— -te, *past pt.* of tàrmaich. Gathered, collected. 2 Produced, begotten. 3‡‡Fermented
tarman, see torman.
tàrmanach,¶ *s.m.* see tàrmachan.
tarman-dé, *W. of Ross* for dearbadan-dé.
tarmas,(MS) -ais, *s.m.* Affront.
———— aich (MS) *v.a.* Villainize.
tarmun,** -uin, *s.m.* Sanctuary, asylum. (tèarmunn.)
tarmunach,** *a.* Affording sanctuary or asylum. (tèarmunnach.)
tàrmus, -uis, *s. m.* Dislike of food, loathing of meat. (*tarmas.)
———— ach, -aiche, *a.* Disliked or loathed, as one's food.
tarnach,* *s.f.* Thunder-clap. 2‡‡Any loud sound. 3‡‡Blow.
tàrnadair, -ean, *s.m.* Inn-keeper, (*lit.* one who draws.)
———— eachd, *s.f.ind.* Office of an inn-keeper.
tarnaid,** *s.f.* Tavern.
tàrnaidh, *fut.aff.a.* of tarruing.
tarnochd,** *s.f.* Nakedness. 2 The secret parts.
————,** *a.* Naked.
tarp, -a, -an, *s.m.* Clod, lump of earth or clay.
———— ach, -aiche, *a.* Full of clumps or clods, cloddy. 2**Bulky. 3**Weighty.
tarpachd,** *s.f.ind.* Bulkiness.
tarpan,* -ain, *s.m.* Cluster. 2 Crab, see partan. 3 *dim.* of tarp. Little clod.
tarpanach,** *a.* Cloddy.
tàrr, -a, -an, *s.m.* Lower part of the belly. 2 Tail. 3 Breast. 4**Extremity. 5 (AF) Char (fish.) 6(DC) Ability, capability. Cùl cinn (druim—WC) an sgadain is tàrr a' bhradain, *the back of a herring's head and a salmon's breast*—the best parts ; breac tàrrgheal, *a white-bellied trout.*
tàrr, for tarruing—*Dàn I. Ghobha.* 2 for tàr or tàir. Cha tàrr (tàir) mi an seinn—*Duanaire, p. 102.*
tàrr as, *v.* Petake.
tàrr,(MS) *v.a.* Befall.
tàrrach, -aich, *s f.* Girth of a pack-saddle. 2 Belly-thong. 3**Crupper.
tarrach,** *a.* Fearful, timid. 2 Horrible.
tarrach,(AF) *s.m.* Kittiwake.
tarrachan,** -ain, -an, *s.m.* Glutton.
tarradh, -aidh, *s.* see tarragh.
tàrradh, Gach fear ag obair mar a thàrradh, *everyone doing his best—Duanaire p, 131.*
tarralh,(CR) *s.m.* see tarragh.
tar radharc, see tar-fhradharc.
———— -ach, see tar-fhradharcach.
tarrag,** *s.f.* see tarrang.
tarrag (*for* tarrang)-a'-chroinn-sparraidh, see under crann-nan-gad.
tarrag (*for* tarrang)-maide-a'-chroinn-sparraidh, see under crann-nan-gad.
tarragach, see tairgneach.
tarragan, -ain, *s.m.* Char (fish.)
tarragh,** -aigh, *s.m.* see tarradh. Conveying of corn to the barn or yard. 2 Drawing, leading. 3 Frequent going to and from a place. Féis l an tarraigh, *feast of the in-gathering.*
tarragh,** *v.a.* Convey corn from the field to the yard.
tarraghail,** *s.* Auspice.
tarra-gheal, -ghile, *a.* see tarr-gheal.
tarragheal, *s.m.* Alpine char—*salmo alpinus.*
tarraid, see earraid.
tarraigheal, see tàrr-gheal.
tarrail, *s.* Subsidy.
tarraire,(MS) *s.m.* Pavilion.
tarraisgein, *s.f.* see toirsgian.
tarranach, -aiche, *a.* Loud.
tarraig, *gen.sing.* of tarrag (for tarrang.)
tarran,(DC) *s.m.* Frame of network to hold grain over a slow fire for drying. 2(DMy) The straw which was below the grain on the kiln, and of no use. When it was put on the kiln it was called *straighaig* and after the "tioradh" is finished it is *tarran.*
tarrang, -aing, & -airnge *pl.* -airngean -àirnnean, -airngean & **tarraingean,*s.f.* Nail, boss stud. T. 'na leithcheann, *a nail in his temple* ; t.-chuibhle, *or* t.-aisil, *lynch-pin of a cart.* [also tàirng.]
tarranuach, see tairngeach.
tarrangaich, *v.a.* Nail, peg.
tarrang-aisil, *s.f.* Lynch-pin of a cart.
tarrang-art, -airt, *s.f.* Loadstone. 2 Magnet. 3 Compass-needle.
tarrann, see tarrang.
tàrr-thionn, -a, *a.* Having white buttocks. 2 White-bellied. 3 White-tailed.
tàrr-gheal, -ghile, *a.* White-bellied. 2 White-tailed.
————,* *s.f.* White-bellied cow.
tarroch, see tarrach.
tarruigeadh, *a.* Abluent.
tarr-phcang, -aing, -an, *s.m.* Mortice in *joinery.*
tarrsanan, see tarsanan.
tarrsuinn, see tarsuinn.
———— eachd, see tarsuinneachd.
tarruing, *pr.pt.* a' tarruinn. *v.a. & n.* Draw, pull. 2 Draw, attract, allure, lead. 3 Take the li-

Digitized by Microsoft®

quor from a cask. 4 Haul, pull along. 5 Draw near, approach, advance. 6 Extract, distil, as strong drink. 7 Aim. 8**Teaze.

Bi t. *off with you, away !—Perthshire* ; an t. thu mach leibhiathan le dubhan ? *can't thou draw leviathan with a hook ?* th. e 'n t-iongar, *it extracted the matter from the tumour* ; tn. mi air, *I assaulted him;* le d' chlarsaich dhuth, *draw near with thy harp* ; tha 'n laoch a' tarruing a bhuille, *the hero aims his blow* ; tairnigidh mi e, *I will draw it.*

t. air t' ais, draw back.

t. a mach, protract, lengthen.

t. am fagus, draw near.

t. as a chéile, pull asunder.

t. claidheamh, draw a sword.

t. dealbh, draw a picture.

t. fodar, draw straw for thatching. The ends of threshed straw are drawn asunder and placed in one hand, and the process is repeated until all the broken straw is dropped and what remains is long, smooth and even. Drawn straw in some districts was used only for placing under the corn on the kiln when the grain was hardened at home, and in consequence, some of the terms for it are defined as though they applied only when it was used for this purpose. Other materials, as rushes, a species of grass, &c., were used for thatch—GR.

t. fuil, draw blood, let blood.

t. gu crich, draw to a conclusion.

t. suas, draw up.

t. suas ris, address, speak to him, cultivate his acquaintance.

t. t' anail, draw your breath.

tarruing, -e & tairgue *pl.* -ean & tairgnean, *s.f.* Drawing, act of drawing or pulling, act of dragging or hauling along. 2**Draught, pull, drag. 3 Act of attracting. 4 Alluring or enticing. 5 Distilling, act of distilling. 6 Act of drawing liquor from a cask. 7 Act of drawing, painting or delineating. 8 Taking a photograph. 9 Drawing near. 10 Any weight or bulk that is drawn. 11 Extracting plaster. 12 *Demand. 13 Halyard. 14(MMcN) Peak-halyard-sheets, No. 2, p. 75. 15 Carriage-trace. —*W. of Ross.* 16‡Season of time, while, turn. 17 (DU) Low, distant thunder (*pl.* tarruingean. [‡*pl.* tairngean.]

Cuir t. air, *put an extracting plaster on it;* a dh' aon t., *at once, at one time* ; t. cnailleach, *drawing in a slovenly manner* (t. chailleach is to take load No. 1 say, a quarter-of-a-mile, turn back for load No. 2 and drop it with No. 1 ; then take up the latter and advance with it another quarter-of-a-mile ; then go back for No. 2, and so on till both are at destination; thus a person may fetch two loads simultaneously, (although there is no saving in time or labour, with the additional disadvantage of one load being left unguarded by the roadside most of the time) ; air a' cheud t., *at the first time, at once* ; t. éisg, *a draught of fishes* ; t. dùbailt, *double-distilled liquor* ; 's e seo mo th.-sa, *this is my turn.* A' t—, *pr.pt.* of tarruing.

tarruing-air-éiginn, *s. f.* Heath-rush—*Colonsay.*

tarruing-an-uisge-bheatha (DMK) *s.f.* Distilling of low wines, the product being whisky—*W. of Ross.*

tarrung-art, see tarrang-art.

tarrung as *v.a.* Chaff. Bha e 'tarruing asda, *he was chaffing them.*

tarruing-dhealain, *s.* Electro-magnetism.

tarruingeach, -eiche, *a.* Drawing, that draws. 2 Alluring, attractive.

tarruingeachd, *s.f.* Tractability.

tarruingeach-dealain, *a.* Electro-magnetic.

tarruingeadair, -ean, *s.m.* Artist.

tarruing-gun-taing, *s.f.* Heath-rush—*Colonsay.*

tarruing mhòr, (MMcN) Main halyard, see bàta, H4, p. 73.

tarruingte, *past pt.* of tarruing. Drawn. 2 Pulled. 3 Enticed. 4 Extracted. 5 Distilled.

tarruing-uisge, (AH) *s.* Draw water (on an oar.) 2 (DC) Draught of a boat or ship. 3(DU) Act of micturition.

tarrunaich, see tarrangaich.

tarruinn, see tarrang.

tarsainn †† -e, *a.* see tarsuinn.

tarsananachd, see tarsuinneachd. [& G2. p. 73.

tarsann, *s.* Breast-hook of a boat, see bàta, E5

tarsannain, *s.pl.* Cross-bars of a plough.

tarsannan, -ain, -an, *s.m.* Any beam extending across, cross-beam. 2 Transom of a boat. 3 Cross-bar. 4**Diameter. 5 Spoke of a wheel. 6 (MMcL) Rung of a ladder.

tar-griobh,** *v.* Post.

tarsnain, *gen.sing. & n.pl.* of tarsnan.

tar-shoillsir,** *a.* Transparent

tar-shoillseach, ** *a.* Transparent.

tar-shoillsean,** *s.m.* Transparency.

tar-sholus,** -uis, *s.m.* Transparentness.

tarsnan, -ain, see tarsannan.

tarsnan-iomail, *s.m.* Tangent-spoke.

tarspurlanaiche, (tarspurlach) Fear-tarspurlanaiche, *a witling.*

tarsuing, -e, *a.* see tarsuinn.

tarsuinn, -e, *a.* Transverse, that crosses. 2 Oblique, lateral. 3 Cross, perverse, ill-humoured.

tarsuinn, *adv. & prep.* Across, transversely, obliquely. 2 Over, from side to side. Cuir t e, *put it obliquely* ; dhirich sinn am bruthach air a th., *we ascended the hill obliquely.* In some parts *bruthach* is *fem.* which would give "dhirich sinn a' bhruaich air a t.," *or* "air a fiaradh."

tarsuinneach, *s.f.ind.* Transverseness, obliquity. 2 Crossness, peevishness.

——·——d, *s. f.* Crossness, peevishness. 2 Transverseness, obliquity.

tarsuinnich, *v.a.* Cut. 2‡‡Cross.

tarsunnanachd, *s.f.ind.* Species of poetry, lampooning, sarcastic language, satirizing. 2* Bickering.

†tart *prep.pron.* (tar + thu) see tharta.

tart, -airt, *s.m.* Thirst. 2 Drought, parchedness, want of rain. 3 (AH) Costiveness in cattle. Trid fearaiun tairt, *through a thirsty land* ; tha t. orm, *I am thirsty.*

tartach, -aiche, *a.* Thirsty. 2 Causing thirst. 3 Droughty, dry.

†tartan,** -ain, *s.m.* Tartan. 2 Hillock. 3 Clod.

†——ach,** *a.* Hilly. 2 Cloddy. 3 Of tartan.

tartar, see tartmhor.

tartar, -air, -an, *s.m.* Noise, any great swelling sound. 2 Clamour. 3 Hurry, bustle, confusion. 4* Noise of tramping. A th. mar thuinn a' slachdadh sgeire, *his noise like waves buffeting a rock.*

—— ach, -aiche, *a.* Noisy, making a great noise. 2 Clamorous, vociferous, loud, having a swelling sound. 3 Hurried, bustling, creatin ; confusion. 4 Magnanimous, forward. 5*Noisy in stamping. Da 'm bu t. piob, *whose pipe sounded loudly.*

——achd, see tartaraich

——aich, *s.f ind.* Noisiness. 2 Noise of footsteps, tramping. 3 Bustle, confusion. 4 Forwardness. 5 Magnanimity.

tar-thabhairt,** *s.* Conveyancing.

tar-thabhairtear,** *s.m* Conveyancer.

tarthail,** *s.f.* Help, assistance.

Digitized by Microsoft®

tar-thoir,** *v.* Alienate. 2 Convey.
tar-thoirt,** *s.* Alienation. 2*Conveyance.
tar-tholl,** *s.* & *v.* Countermine, conveyance.
tartmhor, -oire, *a.* Thirsty. 2 Drought, dry, parched. Ma bhios e t., *if he be thirsty.*
————achd, *s.f.ind.* Thirst. 2 Drought, parchedness, droughtiness. 3*Great drought. 4* Dry or drought weather.
tar-uinneag, -an see far-uinneag.
tarung, see tarrang.
tarunn, see tarrang.
tàs,** *s.m.* Cat-o'-nine tails, taws.
tàsan, -ain, -an, *s.m.* Slow, tedious, plaintive discourse, plaintive harangue, whining sermon. 2 Person who speaks in a drawling manner. 3* Bickering, scolding, fretting, discontented person. 4††Wrangling, grumbling, discontent. 5 Sloven. 6** Plaintive or tedious haranguer.
————ach, -aiche, *a.* Slow, tedious. 2 Plaintive, querulous, grumbling, discontented,‖ bickering. 3 Slow or tedious in speaking, monotonous.
————achd, *s.f.ind.* Habit of slow wrangling, bickering, fretfulness, fretful disposition, fault-finding. 2 Slowness or tediousness in discourse, monotony. 3**Presbyterian cant.
tàsanaich, see tàsanachd.
tàsanaiche,** *s.f.* Tedious whining orator, *in ridicule.*
tasart,** -airt, *s.m.* Reproach, rebuke, calumny. Fo th., *under reproach.*
tasd,(AF) *s.* Reindeer.
tasdail,** *s.f.* Trial.
tasdan, -ain, -an, *s.m.* Shilling. 2**Groat.
————ach, -aiche, *a.* Having many shillings.
‡tasg, -aisg, -an, *s.m.* Report, rumour, news, knowledge. 2 Character. 3 Gaelic spelling of *task.* Ann an taisg, *in store.*
tàsg, -àisg, -an, *s.m.* Ghost, apparition—*W. of Ross, Inverness-shire & Argyll.* [*pl.* tàisg in *Gairloch.*—DU.]
tasg, -aisg, -an, *s.m.* Larva of insects.
tàsgadh, (a') *pr pt.* of taisg.
tasgaidh,-e, -ean,*s.f.* Depository,thing laid by or preserved, store, treasure,hoard. 2 Treasurer. 3 Laying up, act of laying up. 4‡‡Darling. 5 Hoarding bureau. Tha, a thasgaidh ! *yes, darling !* A' t—, *pr.pt.* of taisg.
‡tasgail,** *a.* Renowned.
tasgair,** *s.m.* One who assigns a job or task, taskmaster. 2**Slave.
tasgal, -ail,*s.m.* Money offered for the discovery of cattle lifted by Highland freebooters There have often been instances of vassals, and even clans, taking an oath on the dirk never to receive such money and to put to death every person that should receive it. They took this oath in a solemn manner over a drawn dirk which they kissed, saying, "if we break this our oath, may we perish by this weapon or any other."
tasgal,** -ail, *s m.* Great wave.
tasgaiachd,** *s.f.ind.* Rolling of the sea.
tasgar,** -air, *s.m.* Cavalcade.
tasg-thaigh,‡‡ *s.m.* Storehouse.
taslach, *s. m.* Supernatural premonition and ghost of living person—JGC., W.
tasp,* *s.m.* Severe sarcasm.
taspair(e).* -ean *s.m.* Satirist.
taspannach,* -aiche, see taspullach.
taspullach, -aiche, *a.* Witty. 2 Sarcastic. 3 Petulant.
————d,** *s.f.* Wit, witticism. 2 Sarcasm.
taspurladh,(MS) *s.m.* Invective, retort.
‡tast,** *s.m.* see tasd.
tastar, for tartar—*Rob Donn.*
tatadh,(MS) *s.m.* Caress.
tatag, -aig, -an, *s.f.* Clash.
tàtag,(MMcL) *s.f.* Stab. Also used metaphorically, as, thug e t. dha, *he gave him a stab (in speech.)*
tataidh * *v.a.* see tàlaidh. 2(MS) Account.
tatar, *W. of Ross* for tartar.
tà h. *s.m.* Rebate in *joinery.* 2 Pitch. 3 Cement. 4 Strength. Leann tàth. *pith ;* duine gun t., *a man devoid of energy and spirit.*
tàth. *pr.pt.* a' tàthadh,*v.a.* Cement, join together, glue, solder, weld.
†tath, *s.m.* Lord. 2 Ruler. 3 Anger.
tath.(AF) *s.m.* Unpressed cheese made of sour milk curds.
tath.** *s.m.* Slaughter. 2 Bail, security.
tathabal,(AH) *a.* In possession of one's faculties, of sound mind. Am bheil e t. ? *is he all there ?* tha e t. gu leòir, *he is sane enough.*
tàthach, -aiche, *a.* Cementing, that cements or solders, having the quality of soldering.
tathach, -aich, *s. m.* Guest, visitor, stranger. Bu tric tathaich o Thuath. *visitors from the North were frequent ;* m' aoidheachd ag iarraidh tathaich, *my hospitality in quest of a guest.*
†tathad, for tha iad, (they are.)
tà'hadair,** *s.m.* Cementer. 2‡‡Adjunctive.
tàthadh. -aidh, *s.m.* Joining, cementing, act of joining or soldering. 2 Welding. 3 Leading. 4 Splicing, in *joinery.* 5* Joint, seam. A' t—, *pr.pt.* of tàth.
tathag. *s.f.* Small in-field—*Gairloch.*
tathaich, -e, *s.f.* Frequenting, act of frequenting or often visiting. 2 Resort. 3 Craving. 4 **Claim. 5 Investing. 6 Tendency to vomit or come back again. 7 Inclination to nausea, which follows on intoxication. 8 (MMcL) *s.f. & s.m.* Ghost, apparition. 9 see tighich. A' t—, *pr.pt.* of tathaich. T. na daoraich, *cravers of intoxication—Dàin I. Ghobha.*
tathaich,(DC) *s.m.* Supernatural knowledge of the absent.
————, *gen.sing. & n.pl.* of tathach.
————, *pr.vt.* a' tathaich,*v.a.* Visit often, resort to. 2**Claim. 3 Dun. 4 Invest. 5 Crave, exact. 6 Profit. Is tric a th. thu i, *often did you resort to her* ; a' t. bhailtean, *visiting cities.*
————e, -an, *s.m.* One who visits often. 2 Acquaintance. 3 Guest.
————each, -eiche, *a.* Conversant, acquainted with, frequently visiting.
————eadh, -eidh, *s. m.* Frequently visiting. 2 Craving.
————ear,** *s.m.* Craver. 2 Dun.
tataidh,‡ *pr.pt.* a' tatadh, *v.a.* Attract, attach to one's self.
tàthaidh, *fut.aff.a.* of tàth.
tàthair,** *s.m.*Cementer, joiner. 2 Sluggish fellow.
tàthan, -ain, *s.m.* Hyphen (-).
tathanag,(MS) *s.f.* Shade, spirit. Is dlùth t. na màthar d' a dilleachdain, *near is the mother's spirit to her orphans.* There was a beautiful idea among the Gael that orphan children are specially protected by the spirit of their departed mother, and many of the most pathetic Gaelic lullabies are said to have been composed by such spirits while watching over some little cot or cradle. 2(MS) Demon.
tath-bh-uim, -bhéim, -annan, *s.m.* Mortal blow. 2 Casting of darts or stones from the crann-tabhuill.
tath-bhuille, *s.m.* Mortal blow.
†tathfhann, -ainn, *s.m.* see tabhann.
tathlach, see talach.
tathlan,** -ain, *s.m.* Reproach, calumny.

Digitized by Microsoft®

tàthta, *past pt.* of tàth. Soldered, cemented, joined. [tàthte.]
tàth-thaois, *s.f.* Putty.
tathuich, see tathaich.
tathuinn, see tathainn.
tathunn, see tabhann.
————ach, -aiche, *a.* Latrant.
————aich, see tabhannaich.
————aiche, see tabhannaiche.
té, *s.f.ind.* Woman, female one. 2 Used of any object or thing of the feminine gender. An té seo, *this one*—said of any object of the feminine gender; an té a b' òige, *the youngest woman.*
†te, see teth.
tè, *a.* Insipid, slightly fermented. When fish, milk, preserves, &c. take the bitter or sharp taste caused by fermentation, they are said to be *tè.*
tè,(CR) *a.* Thick, as soup, gruel, &c—*Arran.*
†tea, see teth.
teab, *s.* Flippant person's mouth.
teabad, -aid, *s.m.* Stammerer. 2‡‡Accident. 3 *Stammer.
teabadach, -aiche, *a.* Stammering. 2 Accidental.
teabadaich, *a.* Lisping, faltering. 2 ‡‡Hesitation, delay.
————, *s.f.* Demur.
teabaid,‡ *s.f.* Taunt, repartee.
teabais,* *s.f.* Flippancy of speech.
————each,* -eiche, *a.* Flippant.
teabanta,* -ainte, *a.* Carping, captious.
————chd,* *s.f.* Captiousness, flippancy of speech, captious notice. 2‡‡Habit of carping.
teabarsnaich, -e, see teabadaich.
teabh,** *s.* Quid of tobacco.
teabhach,** -aiche, *a.* Renowned, brave. Gu t., *bravely.*
————d,** *s.f.* Fame, glory, exploit. 2 Bravery. Can anns an dàn an t., *sing their bravery in song.*
teabhachd, see tàbhachd.
teacair, see teachdair.
teach,*s.m.ind.* House, dwelling-place, also taigh. 'Na t. diamhair, *in her lonely dwelling.*
teach, *pr.pt.* see teachd. 2(CR) *s.m.* Pass, event, issue, occurence. Cha d' thàinig e teach, *it did not come to pass;* tighinn gu teach, *happening;* thàinig e fo theach, *it came to pass—Lewis & W. of Ross,* but, thàinig e mu'n teach, in *Arran & Perthshire.*
teachd, *s.m.ind.* Accession. 2 Arrival, coming, act of coming, approach, approaching. A' t—, *pr.pt.* of thig. Air dha t., *he having arrived;* t. mu'n cuairt na bliadhna, *expiration of the year;* air t., *come;* a' t., *coming;* tha 'n raineach uaine air t. thairis oirre, *the green fern has grown over her.*
teachd,(DU) *v.a.* Dry up. Th. mi leis a' phathadh, *I dried up with thirst.*
teachd, *v.n.* Fit in to, have space or room for. Cha t. e 'n seo, *it has not sufficient room here;* an t. mi ann? *can it contain me?* an t. e 'san leapa? *has he room in the bed?* an t. e anns an t-seòmar seo? *can this room contain it?*
teachd, *a.* Legal, lawful, right, just. 2 Belonging to. 3†Fitting.
tèacnd,†† *s.f.* Silly boasting.
teachdadh,** -aidh, *s.m.* Closing.
teachdaiche,** *s.m.* Customer.
teachdail, -e, *a.* Future, in *grammar.*
teachdair(e), -ean, *s.m.* Messenger, courier, ambassador, anyone bearing, or that is sent, or that comes with a message, envoy, delegate, missionary. 2 Despatch, intelligence, news. Bhuail t. a' bhàis thu, *death's messenger has struck you;* t.-coise, *foot messenger.*
teachdaireach, -eiche, *a.* Of, or belonging to, a messenger, courier, or ambassador. 2 Like a messenger, courier, or ambassador.
————eachd, *s.f.ind.* Message, embassy, legation. 2 Tidings, news, intelligence. 3 Commission, errand, deputation. Air th., *on an embassy;* t. a chuir móran gu truaighe, *information that caused sorrow to many.*
————-litrichean, *s.m.* Letter-carrier,
teachd-a-mach,*s.m ind.* Product, increase. 2 Expenditure. 3 Coming out, egress.
teachd-a-steaigh, see teachd-a-steach.
teachd-a-steach,** *s. m.* Income, revenue. 2 Coming in.
teachd-an-tir, *s.m.ind.* Subsistence, livelihood 2 Diet. 3 Food. Gun t. gun bhiadh, *without diet or food;* a theachd-an-tir, *his food.*
teachd-fodha,(DMK) *s.m.* Water oozing through the wall of a house at the foundation in wet weather—*W. coast of Ross.* [tighinn-fodha in *Argyll.*]
teacuinnail,** *s.f.* Affliction, sickness.
tead, see teud.
teadalach, -aiche, *a.* Slow, inactive, dilatory. 2 Sickly.
————d, *s.f.ind.* Slowness, inactivity, dilatoriness. 2 Sickliness.
teadalta,* -ais, *s.m.* see teadalachd.
teadarnach,** *a.* Revengeful.
teadh, *a.* High-tasted.
teadhair, -dhrach, -dhraichean, *s.f.* Tether. 2 ††Rope. 3(DMK) Rope stretched across the kitchen having the ends attached to the couple, and used for hanging articles of clothing on to dry, also as a repository for such articles—*Caithness & Suth'd.* 4**Cart-rope. Dheanadh e t. de roinnean, *he would make a tether with a hair.*
teadhair, *v.a* see teadhraich.
teadh-bhais,** *a.* Phantasm, see taibhs.
teadharadh, *s. m.* Drawing out, spinning out. A' t—, *pr.pt.* of teadhair. Tha e a' t. na side, *he is spinning out the time.*
teadhrachadh, -aidh, *s.m.* Tethering, act of tethering or confining by a tether. A' t—, *pr, pt.* of teadhraich.
teadhraich, *pr.pt.* a' teadhrachadh, *v.a.* Tether, confine by a tether, tie.
teadhraichean, *n.pl.* of teadhair.
teadhr'dichte, *past pt.* of teadhraich. Tethered.
teadhran,(DC) *s.m.* Royal stag. This word was used by a forester who had spent his life in the Blackmount.
teagail,** *s.f.* House, habitation.
teagair, *pr. pt.* a' teagar, [a' teagaradh—*W. of Ross,*] *v.a.* Collect, provide, furnish, supply. 2 Thatch, cover. 3 Shelter, protect. 4 Economise, gather milk for butter by stinting the allowance of the family.
teagaisg, *pr.pt.* a' teagasg, *v a.* Teach, instruct, educate by lecturing, teach by precepts.
————, *gen.sing.* of teagasg.
————each,** *a.* Didactic, instructive.
————ear, *fut.pass.* of teagaisg.
————te, *past pt.* of teagaisg. Taught, lectured.
teagaisgteach, -eiche, *a.* Docile, teachable.
teagamh, -aimh, -an, *s.m.* Doubt, uncertainty, hesitation. 2 Suspense, perplexity. 3 Doubtful case. 4 Difficulty. Fear-réitich gach teagaimh, *the solver of all difficulties;* th., *perhaps;* gun t., *without doubt;* an t., *in doubt.*
————ach, -aiche, *a.* Doubtful. 2 Doubting. 3 Uncertain. 4 Causing a doubt. 5 In suspense. 6 Suspicious, distrustful, sceptical. 7 **Perplexed.
———— -achd, *s.f.* Contingentness, doubtfulness.

Digitized by Microsoft®

doubt, uncertainty. 2 Scepticism.
teagamhach, *a.* Mistrust
teagamhaiche ** *s.m.* Doubter, sceptic.
————, *comp.* of teagamhach.
teagar, -air, *s.m.* Provision. 2**Purchase. 3** Warmth. A' t—, *pr.pt.* of teagair.
teagarach, -aich, *s.m.* Purchaser.
————, -aiche, *a.* Warm, snug.
teagasg, -aisg, *s.m.* Teaching, instruction, act of teaching, instructing. 2 Doctrine. 3* Teaching by lectures, lecturing. 5 Preaching, text. 4** Druidism, sorcery. A' t—, *pr. pt.* of teagaisg. Le gach uile ghaoth teagaisg, *with every wind of doctrine*; fear-teagaisg (*pl.* luchd-teagaisg), *a lecturer.*
teagasgach,** *a.* Admonitory, instructive.
teagasgachd, *s.f.* Instructiveness.
teagasgail,** *a.* Admonitory. 2 Doctrinal.
teagasgair, -ean, *s. m.* Teacher, admonisher, preacher.
————eachd,** *s.f.ind.* Employment of a teacher.
teagasg-dhruidheachd, *s.m.* Sorcery, druidism.
†teagh, see taigh.
————as,** -ais, *s.m.* Small room, closet.
teaghlach, -aich, -aichean, *s.m.* Family, household, house in genealogy. 2†† House, dwelling. 3** Clan, tribe, race, progeny. Uile theaghlaichean na talmhainn, *all the families of the earth.*
teaghlachail, -e, *a.* Of, or belonging to a family, domestic.
teaghlachan,** -ain, *s.m.* Domestic.
teaglach,* -aiche, *a.* see teagamhach.
————d,* *s.f.* see teagamh.
teagmhach, -aiche, *a.* Conditional in *grammar.* 2**Apocryphal. 3**Ambiguous.
————d,**s.f.* Ambiguity. 2 Apocryphalness.
teagmhaiche, *s.m.* Boggler. 2 Sceptic.
teagmhail, -e, -ean, *s.f.* Occurrence, recounter, contingency. 2 Meddling, interference, expostulation. 3 Strife, battle. 4 Revenge, retribution. 5 Fall. 6**Meeting.
†teagmhail-each, *a.* Contentious, striving, contending.
teagmhaileachd,** *s.f.* State of being liable to chance or accident.
teagmhais, -e, -ean, *s.f.* Accident, guess, venture, anything done at venture or random. 2 **Contingency. 3**Fall.
teagmhaiseach,** *a.* Adventurous, accidental, at a venture, at random, liable to chance or accident.
teagmhaladh, *s.m.* Meddling. Air chumha gun ghnè dh., *without any kind of meddling*—R.21.
teagmhas, see teagmhais.
————air, *s.m.* Adventurer.
teagmhuil, see teagmhail.
teagmhus, see teagmhais.
teagnach,** -aiche, *a.* Using force or violence. 2 Making an exertion. 3 Difficult.
teagnadh, -aidh, -ean, *s.m.* Squeezing of anything through another. 2**Acquest. 3** Striving. 4**Forcing. 5 Violent exertion. 6 Tenements, applied particularly to a han, and sometimes to persons. [* says *properly* teagmhail.]
teagradh, -aidh, *s.m.* Providing, act of providing, collecting. 2 Acquisition. 3 Defending, act of defending. 4 Gathering of milk economically. 5 Milk or butter so gathered. A' t., *pr.pt.* of teagair.
teagraidh, *3rd. p. sing & pl. imp.* of teagair.
teagraidh, *fut aff.a.* of teagair.
teagram, *1st. sing.imp.* of teagair.
teagraisg, see teagaisg.
†eairt,(OB) *s.f.* Grazing before morning milking—*W. of Ross.* Tha 'n crodh air an t., *the cows go out before being milked*; sguir iad de 'n t., *they have ceased to go out before being milked.* 2 (DMK) Morning milking time, [also tràth teairt.] Tha tim teairt ann, *it is time to take the cows in to milk them*—about 11 a.m in summer—*Northern Counties.*
tealbh,(AC) *s.m.* Corn. Gach tàn is tealbh, *all flocks and corn.*
teall,‡ *s.m.* Sudden attack.
†tealla, *s.m.* The earth.
teallach, -aich, -aichean, *s.m.*Hearth, fire-place. 2 Smith's forge. 3**Anvil. 4**Furnace. Leac an teallaich, *the hearth-stone*; cluch ceann an teallaich, is the large flag which stands behind a fire in Highland cottages; de luaith theallaich, *or the ashes of a furnace*; air cruaidh th., *on a hard anvil.* [*s.f.* in *Poolewe*—WC.]
teallachag, -eig, -an, *s.f.* Concubine. 2**Master's favourite servant maid.
teallaich, *gen.sing.* of teallach.
teallaid, -e, -ean, *s.f.* Lusty or bunchy woman. 2**Drab.
teallaideach,** *a.* Drabbish, sluttish.
teallrach,** *a.* Profuse.
teallsan,** -ain, *s.m.* Philosophy, erudition. 2 Philosopher, learned man.
teallsanach,* -aich, *s.m.* Sceptic. 2 Philosopher, sage, learned man. 3 Astronomer—*Sàr-Obair.* Cha'n 'eil cràbhach, t., no sagart ann, *there is neither hypocrite, philosopher nor priest (in it) there.*
————ail,** *a.* Philosophical, erudite.
————d,* *s. f.* Scepticism. 2 Philosophy, erudition.
teallsanair,** -ean, *s. m.* Learned man, philosopher.
tealtrachd,** *s.f.ind.* Profusion, extravagance.
tealtachd,** *s.f.ind.* Simplicity.
tealtaidh, *a.* Silly, cowardly.
tèamhachd, *s. f.* Pleasantness, delightfulness, quietness.
tèamhaidh, -e, *a.* Pleasant, agreeable, delightful, quiet.
teamhair, -e, *a.* see tèamhaidh.
————, *s.f.* Time, season, in season—*Suth'd & N. Coast.* 2**Covered or shaded walk on a hill. Teamhair fhuar, *cold weather.*
————eachd, see teamhachd.
teamhall,* -aill, *s.m.* Slight swoon or stun.
teamharra,* *a.* Pertly eloquent, eloquent and flippant, as a young person.
teamhra,(MS) *s.m.* Hall.
teamhrachail,(MS) *a.* Palatial.
teamhrachd,* *s.f.* Flippancy, impertinent prattle of a young person.
teampull, -uill, *s.m.* Temple, church.
————ach, -aich, *s.m.* Church-officer, churchman, templar.
————ach, -aiche, *a.* Of, or belonging to a temple or church. 2 Like a temple or church.
teanacadh, *s.m.* Deliverance, succour.
teanacaiste, see teanacas.
teanacas,* *s.* Healing, remedy, mercy, deliverance, salvation, saving power, coming to one's assistance—*W. Isles—Dain I. Ghoshka.* 2 Defence. C'ò is urrainn t, *? who can be a defence?*
teanachair, see teanchair. 'S gu'm faigh iad gu buannlitheach ri t. gharg an leòmhainn—*Fiddn. p. 68*; t. a' ghobhainn, *smith's tongs.*
teanachd,* *v. a.* Save, avert, ward away. T. gorta, *avert famine*; t. dosgainn, *ward away misfortune from cattle*, protect from danger, distress or difficulty.
teanachdadh, -aidh, *s.m.* Saving, act of saving, protecting or recovering from instant peril. A' t—, *pr.pt.* of teanachd.

Digitized by Microsoft®

teanachdas, see teanacas.
teanachdsa,* -ais, see teanacas.
teanacsa,(AC) see teanacas.
teanacsadh, see teannacas.
teanail, *v.* see tionail.
teanal, *s.* see tional.
teanalach, see tionalach.
teanaladh,** *s.m.* Treasuring.
teanalaiche, see tionalaiche.
teancas, see teanacas.
teanchair, -ean, *s.m.* Pincers, tongs. 2 Smith's vice or tongs
teanga, *gen. & dat.* teangaidh, *pl.* -n & -nnan, *s.f.* Tongue, 2 Speech, dialect. 3* Hold of a buckle. 4(AC)Oratory. T. Chaluim Chille, *the oratory of St. Columba;* bun na teangaidh, *the root of the tongue;* bàrr na teangaidh, *the tip of the tongue.*
teangach, -aiche, *a.* Loquacious. 2 Speaking many languages. 3 Langued, *in heraldry.* 4 *Having many tongues. Gu t., *loquaciously.*
teangachd, see teangaireachd.
teang'-a' choin,‡ *s.f.* Hound's tongue (plant)—*cynoglossum officinale.*



660. Teang'-a'-choin.

teangadh, -aidh, *pl.* -aidh, -aidhean & teangan, nan, *s.f.* see teanga.
teangaiche, -an, *s.m.* Linguist.
teangaidh, -e, -ean, *s.f.* see teanga.
teangair, -ean, *s.m.* Linguist. 2 Interpreter. 3 Orator. 4 Philologist. 5(WC) Smith's tongs.
———eachd, *s.f.ind.* Office of a linguist. 2 Interpreting, interpretation, skill in languages. 3 Philology. 4 Oratory. 5 Loquaciousness.



661. Teanga-mhin. *662. Teanga-na nathrach.*

teanga-mhin,§ *s.f.* White dead-nettle, archangel. —*lamium album.* 2§ White goose-foot, see praiseach fhiadhain.
teangan,** *s.m.* Tongue. 2 Language.
teanga-na-nathrach,§ *s.f.* Adder's tongue fern—*ophiglossum vulgatum.*
teang'-an-fhéidh, *s.f.* Hart's-tongue fern, burnt weed, Christ's hair—*scolopendrium vulgare.* [illust. under creamh-na-muice-fia (haich.]
teangas ** -ais, *s.m.* Pair of pincers.
teann, teinne, *a.* Strait, tense, tight. 2 Rigid, stiff, firm. 3 Fixed, firmly fixed. 4 Closely packed. 5 (t. air) Near to. 6 Narrow, miserly. 7 Eager, keen. 8 In straitened circumstances. 9 Pumped tight. 10**Strict. 11**Besieged. 12* Severe. Tha 'n t-sreang t., *the string is tight;* t. air mlos, *nearly a month;* duine t., *a severe person;* bheas ainnir teann air, *a virgin stood near him;* gu t., *tightly, straitly, closely, stiffly, miserly, firmly.*
teann, *pr.pt.* a' teannadh, *v.a. & n.* Move, stir, proceed, go, approach, come. 2 Fall to, begin. 3 Approximate. 4**Tighten, straiten. 5**Pressing together. 6 see teannaich. T. as a sin, *away with you;* th. iad ri falbh, *they began to move off;* t. as mo rathad, *get out of my way;* t. a nios, *come hither;* teannaibh r' a chéile, *sit close;* th. iad ri treabhadh, *they commenced ploughing;* th. i ri lasadh a' chrùi-gein, *she proceeded to light the lamp;* th. i an lomradh, *she pressed the fleece together.*
t. a bhos, come near.
t. a mach, turn out.
t. a nall, come hither.
t. a nunn, get away from me, go over hither.
t. ris, begin it.
t. suas, go up, proceed westward.
t. uam, get from me.
teann ! teann ! *int.* Hold ! hold !
teanna,** *s.m.* Enough, sufficiency. 2 Abounding. 3 Sufficit. Tha mo th. agam, *I have enough;* is mairg a rachadh air bhannaig is a th. aige fhéin, *it is pitiful to ask when one has enough of his own.* [teannan in *Feolewe*—Ol do theannan, *drink your fill*—WC.]
teann-abaich, 'S e 'n fùdar tioram teann-abaich air chùl an asgaire ghreannaich, *it is the hard, dry powder below the rough tow*—*Beinn Doran.*
teannacas, see teannachaidh.
teannach,** -aich, *s.m.* Guiltless person.
teannachadh, -aidh, *s. m.* Straitening, act of straitening. 2 Squeezing, act of squeezing or crushing. 3 Oppressing, act of oppressing. 4 Clasping, act of clasping or embracing. 5 Besieging, act of besieging, siege. 6 Straits, difficulty. 7 Energy, force. 8 Screwing. 9 Constipation. 10 Tightening by pumping into. 11 Crowding, act of crowding. 12†† Rescuing. 13**Binding. 14**Tightening. A' t—, *pr. pt.* of teannaich. [†† gives teannachdadh.]
teannachail,†† -e, *a.* Constringent.
teannachair,** -ean, *s. m.* Binder. 2 Pair of pincers. 3 Tongs. 4 Vice.
teannachan,** -ain, *s.m.* Press. 2 Pair of pincers. 3 Vice.
teannachdadh,†† see teannachadh.
teannadach, -aiche, *a.* Ricketty.
teannadair,(MS) *s.m.* Girder.
teannadan, -ain, *s.m.* Bracer, brace.
teannadh, -aidh, *s.m.* Moving, act of moving, stirring, going or coming. 2 Tightening, straitening, pressing. 3 Stiffness, rigidity. 4 Proceeding towards anything. 5 Sufficiency, enough. see teannachadh. A' t—, *pr.pt.* of teanu.
teannaich, *pr.pt.* a' teannachadh, *v.a.* Straiten, tighten. 2 Squeeze, crush. 3 Crowd, crowd together. 4 Oppress, besiege. 5 Tighten by

Digitized by Microsoft®

pumping. 6 Clasp, embrace. 7 Bind, clench. 8**Afflict. 9**Grasp. 10**Confine. Th iad e, *they besieged it;* cha teannaichear do cheumanna, *thy steps shall not be straitened.*

————te, *past pt.* of teannaich. Straitened, tightened. 2 Squeezed. 3 Crowded together. 4 Oppressed. 5 Besieged. 6 Clasped. 7 Adacted.

teannaidh,** *a.* Astringent.

teannair, -eàn, *s.m.* Squeezer, any instrument to squeeze with. 2 Air-pump. 3 The noise of the sea in a cave. 4**Tightener, oppressor.

teannal,(AC) *s.m.* Keeping, protection. Biodh a shìth air do th. féin, *be its peace in thine own keeping.*

teannan, *Poolewe* for teanna.

teannas, -ais, *s.m.* Austerity.

teannasach, -aiche, *a.* Austere, severe. 2 Aluminous.

teannath, see teanna & teann-shàth.

teann-bhreitheach, -eiche, *a.* Critical.

teannchair, see teanchair.

teanndach, -aiche, *a.* Pressing, that presses. 2 Oppressive. 3 Afflictive. 4 (MS) Astrictive.

teanndachadh, see teannachadh.

teanndachan, -ain, *s.m.* Woman's stays.

teanndachd, see teanntachd.

teanndaich, see teannaich.

————te, see teannaichte.

teann-dheoch ‡‡ *s.f.* Fill-draught, large drink.

teann-dhruid,** *v.n.* Grasp, clench, hold fast. 2 Confine closely. 3 Besiege.

teann-fhàisg,** *v.a.* Squeeze hard, wring.

togsard, -e, -ean, *s.f.* Hogshead.
togte, *past pt.* of tog. Lifted, raised. [togte.] Tha speura a chinn togta, *he is quite in a frenzy.*
†toi, *a.* Silent, mute. 2 Gentle.
toibheimeach, -eiche, *a.* see toibheumach.
toibheum -eim, -an, *s.m.* Reproach, aspersion. 2 Blemish, stain. 3 Blasphemy. 4 Scandal, slander. [*gen.sing.* also toibheuma.]
———ach, -aiche, *a.* Reproachful, reproaching. 2 Blaspheming, blasphemous. 3 *Offensive, profane. 4 Slanderous, scandalous, railing. Casaid th., *a railing accusation;* duine t., *a blasphemous man;* gu t., *blasphemously.*
toibhre,** *s.f.* Fancy, illusion.
tòic, -e, -ean, *s.f.* Swelling of the face or body from good living.
toic, -e, *s.f.* Wealth, riches, fortune. 2**Substance. 3 Support, prop. 4††Gluttony, luxury. 5* Wealth that puffs up.
toice,** *s. f.* Opprobious name for a worthless female.
toiceach, -eiche, *a.* Rich, wealthy. 2 Substantial, propping. 3‡‡Swelled up with arrogance or conceit.
toicealachd,* *s.f.ind.* Purse-pride. 2‡‡Wealth, good circumstances.
tòicean, *s.* Little swelling. Gun mheiliche gun tòicean, *without sound or motion—Beinn Doran.*
toiceann, *s.m.* Disease.
toicear,* -eir, -an, *s.m* Purse-proud man.
———achd,* *s.f.* see toicealachd.
tòiceil, -e, *a.* Purse-proud. 2 Wealthy, substantial. 3 Swelled up with pride of riches. T. de chrodh 's de chaoraich, *wealthy in cattle and sheep.*
tòiceil,* *s.f.* Disdain.
toichd, *s f.* Bed-tick, ticken.
toiche, *s.f.* Fate, destiny.
†toiche, *a.* Wall-eyed.
†toichead,** -eid, *s.m.* Arrest.
†toicheall, -ill, *s.m.* Journey, departure.
toicheasdal, see toichiosdal.
toicheum,** *s.f.* Slow pace
———ach,** *a.* Gradual, pace by pace
toichiosdal, -ail, *s.m.* Arrogance presumption. 2 Opinionativeness. 3 Party, faction, cause. 4 Army.
———ach, -aiche, *a.* Arrogant, presuming, self-sufficient, arrogant, opinionated.
†toichneadh, -idh, *s.m.* Fast, vigil.
†toid, *a* Whole, entire, enough.
†toid, *s.f.* The whole.
†toideadh,** *a.* Thankful.
toidhchd, see toichd
toidhearnadh, -aidh, *s.m.* Punishment.
togh, *comp.* -e & docha, *a.* Agreeable, pleasant. 2 Dear, loved. Is t. leam, *I like I am fond of;* is t. leam thu, *I like you*, ma 's t. leat mise, is t. leam thu, is mar t. na taobh mi, *if you love me, I love you, otherwise do not come near me;* is t leam thusa, ach is annsa leam ise, *I like you, yet she is dearer to me;* an ni nach t. leat earb ri fear eile, *entrust the work you don't like to another*—a man who dislikes his work will not do it so well as one who likes it.
toighe, *s.f.and* Notice, attention, care. 2** (oigh**) Love, fondness. Thoir t., *take care, take heed.*
toigheach, -eiche, *a* Loving, that loves, fond of, cherishing a fondness, susceptible of fondness. 2 Attentive, watchful 3 Careful. 4†† Beloved. Cha'n 'eil nn t. ar (*or* uime), *I am not fond of it*
toigheachd,** *s.f.* Concession, yielding 2 Noting. 3 Illustrating. 4 Coming. 5 Mindfulness.
toil, -e, -ean,* *s.f.* Will, the will, inclination, desire, wish. 2 Pleasure, delight. 3 Love. An ti a ni t. Dhé, *he that does God's will;* tha t. agam sin a dheanamh, *I wish to do that*, ma 's e do thoil e, *if you please*, deagh th., *good-will*, tha mo th. agam, *I have enough;* bithidh do th. ri dheanamh, *you will have enough to do;* a thoil fein *it does not matter*—DU.
toileach, -eiche, *a.* Willing, voluntary. 2 Desirous. 3**Glad. Cridhe t., *a willing heart;* tha mi t., *I am willing, I agree, I assent;* gach ni is t. le Dia, *everything God pleases.*
toileachadh, -aidh, *s.m.* Pleasure, satisfaction, 2 Pleasing, gratification, act of pleasing, or giving pleasure. 3‡‡Assent, agreement. A' t—, *pr.pt.* of toilich.
toileachas, -ais *s.m.* Contentment. 2**Alacrity. 3**Gladness, willingness. T.-inntinn, *mental pleasure* or *satisfaction, peace of mind, contentment.*
toileachas-inntinn,** *s.f* Comfort, mental pleasure, satisfaction, peace of mind, contentment.
toileachd,* *s.f.ind.* Willingness.
toilealachd, *s.f.ind.* Wilfulness, obstinacy. 2* Eagerness, extreme willingness or readiness.
toileas,** -eis, *s.m.* The will. 2 Willingness.
toileil, -e, *a.* Wilful, obstinate. 2 Vain, proud. 3 Willing, voluntary. Le iriosiachd th., *with voluntary humility.* Gu t., *wilfully.*
toilich, *pr.pt.* a' to leachadh, *v.a. & n.* Please, satisfy, be willing, will, wish. 2 Indulge, gratify. 3 Agree, assent to, content. Ma thoilicheas tu, *if you will* or *wish;* th. mi e, *I satisfied him.*
———te, *a. & past pt.* of toilich. Pleased. 2 Satisfied, contented, gratified. Tha mi t., *I am contented.*
toil-inntinn, *s.f.* Satisfaction, gratification, contentment, inward pleasure, mental enjoyment.
toill, *pr.pt.* a' toilltinn, *v.a.* Deserve, merit. 2 Habilitate. Th. thu sin, *you deserved that;*

Digitized by Microsoft®

gu'n seachnadh e am bàs a th. e, *that he might avert the death he merited.*
toill, see teachd.
toillidh, *fut.aff.a.* of toill.
toillteach,** -eiche, *a.* Meritorious,deserving. 2 Voluntary, willing.
toillteannach, -aiche, *a.* Deserving, meriting Duine t. air bas, *a man meriting death.*
toillteannachd, see toillteannas.
toillteannas, -ais, -an, *s.m.* Desert, merit, whether good or ill. A réir ur toillteanais, *according to your merit* or *desert.*
toilltinn, *s.m.* Meriting, deserving, demerit. A' t—, *pr.pt.*of toill. 'Dé 'tha thu a' toilltinn? *what do you deserve?*
———each,* see toillteannach.
toilteach, see toillteach.
toiltealachd,** *s.f.* Willingness.
toilteil,** *a.* Willing. 2 Obstinate.
†toimhil, *s.f.* Eating.
†toimhn-eamh, -nimh, *s.f.* Womb.
toimhseach,** -aich, *s.m.* Farm.
———an, -ain, -an, *s.m.* Riddle, enigma, puzzle. 2 Parable. 3‡ see toimhsean.
———anach, -aiche, *a.* Of, or pertaining to, riddles, enigmatical. 2 Skilled in riddles. 3 Fond of riddles.
toimhseagan, see toimhseachan.
toimhsean,* *pl.* of toimhseas. Weights, scales, balances, measures. 2 Faculties of the mind, judgment, understanding, discretion. Chaill e 'thoimhsean, *he lost his judgment ; t.* firiuneach, *just weights.*
toimhseil,* -e, *a.* Sensible, judicious, prudent, frugal.
†toin, *s.f.* Tone, accent.
tòin, see tòn.
toin-chlodhach,**,-aich, *s.m.* Turn-coat.
tòin-chruaidh,** *s.f.* Method of inflicting punishment, by which a person was raised a little from the ground, and suffered to fall on his breech.
toineadh, -idh, *s.m.* Thaw, thawing
toineag, *s.f.* Little drop of spirits—*Arran.*
toineal, ** -eil, *s.m.* Trance, astonishment
toineamh,** -imh, *s.m.* Salmon. 2 Monument.
toinisg, -e, *s.f* Sense, understanding, capacity, discretion, comprehension, judgment, conceit, common sense. Fear gun t., *a man without judgment.*
———each, -eiche, *a* see toinisgeil.
———eachd,(MS) *s.f.* Sense.
toinisgeil, -e, *a.* Sensible, understanding, judicious, bright, intelligent. 2 (MS)Mental. 3** Having a sound judgment.
tòinleagain, see toinleaganaich.
toinleagan, -ain,*s.m.* Moving on the hams, as infants, sliding on the breech. A' t—, *pr pt.* of toinleaganaich
tòinleaganachadh, -aidh, *s.m.*' *& pr.pt.* of tòinleaganaich.
tòinleaganaich, *pr pt.* a' tòinleagan & a' tòinleaganachadh, *v. a.* Slide or move on the breech or hams.
toinn, *pr.pt.* a' toinneamh & a' toinneadh, *v. a.* Twist, twine, spin, wreathe, plait. 2 Writhe 3 Wrench.
toinneadh, -eidh, *s. m. & pr. pt.* of toinn, see toinneamh.
toinneamh, -eimh, *s.m.* Twisting, act of twisting, twining or spinning. 2 Twine, twist. 3 Arrangement, train. 4**rarely*, Death. A' t—, *pr.pt.* of toinn. Chuir thu as mo th. mi, *you disappointed me, disarranged my plans.*
toinneamh, -eimh, *s.m.* Multure, miller's share of meal for grinding the corn.—*S. Argyll.*‡ 2 (Ar)Salmon.
toinneamh, *a.* see toinn.
toinneamhaiche,** *s.m.* Twister. 2 Instrument that twists or twines
toinnear, -eir, -an, *s.m.* Spanner, wrench.
toinneolaiche,** *s m* Prosodian
toinneolas,** *s.m.* Prosody
toinnte, *a. & past pt.* of toinn. Twisted,twined, spun. 2 (CR) *metaphorically*, Wreathed, plaited.
†toinnte, see toinn.
toinnte,** *s.f.* Thread of yarn.
toinnte, *s.f.* Single thread in spinning.
toinnte, *a.* In possession of one's faculties. Cha 'n 'eil e t. gu leòir, *he is half-witted, "not all there"—Skye; also,* cha'n 'eil e teann gu leoir, —DMy.
toinntean, -ein, -an, *s. m.* Long thread in spinning. 2 Filament. T. snàth-fhuaighell, *a sewing-thread ;* t. cloimhe, *a tuft of wool*—DMy.
———-ach,a. Abounding in, or pertaining to, long threads, filaceous.
toinnte-lìn, *s.* Spindle.
toipean, see toban.
toir, see theoir. {Unaspirated in *Suth'd*, but aspirated everywhere else. Toir dha e, *give it to him.*]
tòir, -e, tòrach & -each. *pl.* -ean & -ichean, *s.f.* Pursuit, chase. 2 Pursuers. 3 Diligent search. 4** Persecution. 5††Inquiry. 6**Help. 7* Enough. An t. air, *in pursuit of him ;* air feachd air th., 's an tuasaid, *in the ranks. in the pursuit and in battle ;* teichidh sibh 'nuair nach bi an t. oirbh, *you shall flee when you are not pursued ;* tha e air t., *he is making a search for ;* tha n t. 'nad dhéigh, *you are pursued* ; is t. e féin air sin, *he is quite enough for that himself.*
†toir, *s.f.* Churchyard.
†toirb, *s.f.* Fuel.
toirbeart, see tairbheart.
toirbheairtich,(MS) *v.a* Minister.
toirbheart, see tairbheart.
———ach, see tairbheartach.
———achd, see tairbheartachd.
———as, see tairbheartas.
toirbheir,** *v.a.* see tabhair.
toirbhir, see tabhair.
toirbheirt, see tabhairt.
———each, see tabhairteach.
toirbhleasgadh,** -aidh, *s.m* Rumbling.
toirbhreith, see tairbheart
toircheas, -is, -an, *s.m.* Increase, plenty, see torrachas.
toirchim,** *s.f.* Numbness, deadness. T. suain, *a dead sleep.*
———each,** *a.* Stupid 2 Benumbed.
———eachd,** *s.f.* Stupidity 2 Numbness. 3 Confinement in a tower.
toirchios,** *s.* Conception, fœtus. 2 Increase. 3 Plenty.
toirdeas,** -eis, *s.m.* Dotage.
toireach, see torrach.
tòireach,** *a.* Prone to pursue or persecute. 2 Of, like, or belonging to, pursuit or persecution.
tòireach,** -eich, *s. m.* Pursuit. 2 Diligent search. 3 Persecutor.
———, *gen. sng.* of tòir.
tòireachd, see tòrachd.
tòireadair,(MS) *s.m.* Pursuer.
toireamh,** -eimh, *s.m.* Elegy. 2 Ploughman.
toireann, -inn, -an. *s m.* Thunder.
toireannach,** *a.* Impetuous, boisterous.
———adh, *s.m.* Detonation.
———d,** *s.f.ind.* Impetuosity, precipitation.
toireannaich, *v.a.* Detonize.

Digitized by Microsoft®

toireas, -cis, *s.m.* see tabhartas.
toireasg,* *s.m.* see tuireasg.
toireim,** *s.f.* Stately gait.
tòireis,** *s.f.* Keen enquiry. 2 **Anxiety.**
———each,** *a.* Anxious.
toirghill,** *s.f.* Sufficient pledge.
tòrich,** *v.a.* Pursue, chase. 2 Persecute. 3 Search after.
———e,** -an, *s.m.* Pursuer. 2 Persecutor.
———te,** *past pt* of torich.
toirinn, *subj.past* of *irreg.v* tabhair.
toirioag, -isg, -an, *s.m.* see tuireasg
toirleum, -a, -annan & -an, *s.m.* Mighty leap. 2 Somersault.
tòir-leum, *pr. pt* a' tòirleumadh, *v. a.* Make a mighty leap or jump. 2 Turn a somersault.
toirlinn,* *v.* see tùirling.
toirm, -e, -ean, *s.f.* Noise,sound,loud murmuring sound 2 Storm. 3**Thunder. 4*Rustling noise, as of people going through a wood T. chogaidh, *the noise of battle* ; t. seillean an aonaich,*the humming of the mountain bee.*
toirmeach, -eiche, *a.* Noisy, sounding.
toirmeachan-dé, (for tarmachan-dé) *s.* White butterfly—*Arran*
toirmeasg, -isg, *s.m.* Forbidding, prohibition, hinderance. 2 Act of forbidding. 3 Impediment. A' t—, *pr.pt.* of tormisg.
tòrmeasgach,** *a.* Apt to hinder or forbid, interdictive.
———d,** *s.f.* Habit or practice of forbidding.
toirmeasgadh, see toirmeasg.
toirmeil, see toirmeach.
toirmisg, *pr.pt.* a' toirmeasg, *v. a.* Forbid, prohibit. 2 Hinder, obstruct.
———te, *past pt.* of toirmisg. Forbidden, prohibited. 2 Obstructed.
toirmrich, -e, *s.f.* Noise of thunder, of water, or of the march of an army. 2 Murmuring sound. 3 Clangour. T. gharbh nan cuairteagan, *the brawling noise of the eddying streams.*
torm-shlige, -an, *s.f.* Bomb, bomb-shell.
toirn,** *s.* Fiery oven, fiery furnace. 2 see toirm.
toirne, see toirn.
tòirneach, see tairneach.
toirneadh,** -idh, *s.m.* Respect, deference. 2 Raising, constructing.
toirneamh,** -neimh, *s.m.* Punishment.
toirnich,†† *v.a.* see tàrmaich.
toirnich,** *v.a.* Season, as a cask. 2 Rumble, make a noise.
toirmichte,†† *a.* Fermented.
toirp,* -e, *s.f.* Sod, divot. 2 Thick person.
toirpeanta,* -ainte, *a.* Squat, thick.
toirp-sgian, *s.f.* see toirsgian.
toirricheas, -eis, *s.m.* see torraicheas.
toirrichead, see torraichead.
toirricheas, see torraicheas.
toirrs ·,** *s.f.* Lump. 2 Torch.
toirsgian, -sgéin, *s.f.* Peat-spade, peat-cutter or peat-knife.

PARTS OF A PEAT-SPADE :— (DMy)

1 Cas, *handle.*
2 Smeachan, *step for the foot.*
3 A' chro, *the heel.*
4 Sgian, *knife* or *blade.*
5 Barr na sgéine, *point of the blade.*
6 Na h-ailean, *socket in blade-iron, in which the handle and step are inserted.*
7 Faobhar, *edge of blade.*

toirt, -e, *s. f.* Respect, value, importance. 2 Bulk, quantity. 3*Taste in matters. 4 Decency, decorum. 5††Esteem. 6**Strength. 7 **Harm. 8**Reluctance. 9**Sadness. 10** Cáke. 11 Due regard, attention. Duine gun t., *a person destitute of taste*, or *regardless of decorum* ; is beag t. a bhitheas air do ghnothach, *your business must be done very awkwardly* ; dh' imich e mu 'n ordugh le t., *he obeyed the summons reluctantly*, or *with due regard to decorum* ; is beag an t., *it matters not.*
toirt, *s f* Giving, granting, bestowing, grant. A' t—, *pr. pt.* of *irr v.* tabhair. Fhuair i rioghachd nam beann gorma 'thoirt a mach, *she managed to reach the kingdom of the blue mountains—W.S.2.154* ; cha b' urrainn da e-féin a thoirt as air cho luath 's a bha 'n gille a' coiseachd, *he could not get out of his way on account of the speed with which the lad was walking.*
toirtealach, see toirteil
toirtealachd,* *s.f ind.* Decency, tastefulness, excellent order or arrangement. 2‡‡Respectfulness. 3‡‡ Stoutness, strength. 4‡‡Fruitfulness. 5‡‡Bulkiness,largeness, considerableness. Mór-churaidh an t., *a hero in strength.*
toirtean,** -ein, *s.m.* Thin cake.
†toirtean,** *a* Useful, serviceable.
toirteil, -e, *a.* Respectful. 2 Stout, strong. 3 Generous. 4 Fruitful 5 Bulky, large, considerable 6 Decent, tasteful. 7 Destructive. 8 (MS) Essential. Gu 'm a làn a bhitheas an lamh th., *may the giving hand be full* ; am meadhon a' chath th. thruim, *in the midst of the destructive heavy strife.*
toirtheach,** *a.* Fruitful.
toirthealachd,** *s f* Fruitfulness.
toirtheann, see toireann.
toirtheannach,(MS) see toireannach.
toirtis,(AF) *s.* Gaelic spelling of *tortoise.* 2 Turtle
toirt-muidhe,(DMK) *s.f.* Act of churning or butter-making.
toirt-thairis,** *s f.* Surrender, giving up through despair or fatigue. 2 Despair, extreme fatigue.
†toisc, *s.f.* Goodwill.
†toiscidh, *s.f.* Will, desire.
toiseach, -sich, -sichean, *s. m.* Beginning, the beginning, origin, source. 2 Front, van. 3 Precedence, precedency. 4 Advantage. 5 Bow or prow of a ship. 6 Front of a cart. [Note tòisich *v.* (accent), but toiseach *s.* (no duration mark although accented in speech.)]
Anns an t. bha 'm Facal, *in the beginning was the Word* ; t. a' ghnothaich, *the origin of the thing* ; t. an airm, *the van of the army* ; a' dol an t. a' bhatailt, *going in the van*—McL. 62, 14 ; fhuair e air th. orra (*or* an t. orra), *he got the precedence of them, before them* ; air th., *first, foremost* ; t. is deireadh na luinge,*the bow and stern of the ship* ; air th. air, *before him* ; an t., *first, in the first place* ; 's fheairrde sinn an t. e, *we are the better of it to begin with—McL. 140. 17* ; a' toirt toisich, *giving precedence.*
toiseach, -ich, -ichean, *s.m.* Chief of a clan or tribe.
tòiseachadh, -aidh, *s.m.* Beginning, act of beginning or commencing, commencement. A' t—, *pr. pt.* of toisich.
toiseachail, -e, *a.* Primitive. 2**Fond of precedence.
tòiseachair,** *s.m.* Beginner.
tòiseachd,** *s.f.* Commencement, priority, precedence.
†toiseadaireachd, *s.f.* Beginning, leading, command.
†toiseadrach,* -aich, *s.m.* Crowner.
toiseagan, see toimhseachan.
toisg, -e, -ean, *s.f.* Occasion, fit season, proper

Digitized by Microsoft®

time, opportunity. [*s.m.**]

†toisg *s.f.* Thing, object. 2 Errand, expedition, embassy. 3**Circumstance. 4**Business. 5 **Wholesome administration.

toisg,(AC) *a.* Left. Togam mo làmh th. an suas, *I will raise my left hand on high.* ["An suas" is uncommon but correct.]

toisg, *n.pl.* of tosg. Back-teeth, grinders, tusks.

toisgeal, -eil, an, *s.m.* Finding of a thing that was lost. 2 Reward Luach toisgeil, *the reward for finding a thing that was lost*

toisgeal, -a, *a* Left 2 Unlucky, unpropitious 3 Sinister, *in heraldry* Gluin t., *a left knee*, an lamh th., *the left hand*

———,†† *s.m.* The unlucky hand

———ach, -aiche, *a* Left-handed

———achas,(MS) *s.m* Left-handedness.

toisgealta,** *a* Left, sinister.

toisgeil, -eil, *a.* see toisgeal

———each, *a.* see toisgealach

tòisich, *pr. pt.* a' tòiseachadh, *v.a. & n.* Begin, commence, fall to, assay. Th iad air cuid de 'n t-sluagh a bhualadh agus a mharbhadh, *they began to smite and kill some of the people.* [Note tòisich *v* (with accent), but toiseach *s.* (no duration mark although accented in speech.)]

toisiche,** *s.m.* Leader, chief, prince. 2 Primate 3 Nobleman.

toisichear, *fut.pass.* of tòisich Shall be begun

toisichte, *past pt.* of toisich. Begun, commenced.

†toisidh, *s.pl.* Shoes.

toisneadh,** *s.m*, Leavening.

toit, *pr.pt.* a' toiteadh, *v.a. & n.* †Smoke, fume 2 Boil quickly, steam 3 Perfume

toit, -e, -ean, *s. f.* Smoke, vapour, fume. 2‡‡ Piece, fragment, (*rarely***) 3‡‖leap 4‡‡ Small rick of corn, (temporary in *Uist.*)

†toit, *a.* Whole, entire

†toite, *a.* Alce ta 'chroileag is toite (" tight " in current edition) 's an Eorp, *she has the trimmest (lit.* tightest) *figure in Europe—Moladh Morag 84.*

toiteach, -eiche, *a.* Smoky, vapoury, fumy.

toiteach, -eich, *s.m.* Steamboat, packet.

toiteachan,** -ain, *s.m.* Vent, chimney.

toiteadh,** *s.m.* Assation. 2 Roasting. 3 Fumigation.

toiteal, *s.m.* Attack in battle 2 Warlike movement. 3 Flock of water-fowl—*Sar-Obair*

toitean,** -ein, *s.m.* Flame, conflagration

toitean, -ein, -an, *s.m.* Piece of flesh of any kind. 2 Collop, steak, chop. 3** Piece of flesh roasted on embers. 4 Little heap

———ach, -aiche, *a* Abounding in pieces of flesh 2 Like a collop. 3 Abounding in little heaps

toitear,** *a.* Lumpy.

toitearlach,* -aich, *s.m.* Smother dense column of smoke 2 Thick gigantic man—*Sar-Obair.*

toiteil, see toiteach.

toith, see toth.

toitobheum, see toibheum.

toitheastal, see toichiostal.

toitshleannan,** -ain, *s.m.* Paramour, concubine.

toitsinn,* *s.f.* see toit.

toitsinneach,* -eiche, *s.m* see toiteach.

toitreach,** -ich, *s.m* Conflagration.

tòl, *s.m.* Churchyard.

†tola,** *s.m.* Church-officer. 2 Superfluity. 3 Sleep.

†tolladh,** -aidh, *s.m.* Destruction. 2 Sleep.

tolair, -ean, *s.m.* Foxhound, beagle. 2 Mastiff J.G.C.W, 89. Bheir e leis a' chréig sibh, mar a thug an sionnach na tolairean, *he will lead you over the precipice, as the fox did the hounds.*

tòlair-mhigheach, *s.m.* Harrier.

tolg, tuilg, -an, *s.m.* Hollow induced upon a smooth surface. 2**Bruise, as on the surface of laminated metal vessels. 3**Sinkings of any undulating surface. 4**Wave. 5**Crevice. 6 **Prade. 7**rarely, Bed. 8 Colour. 9* Hollow, as in a kettle. [**s.f.*]

tolg *v a.* Sputter, vomit, as a mountain torrent. 2 Dint, pit or dent especially of metals. 3 Colour 4* Make hollows, as in a kettle or cauldron.

tolgach, -aiche, *a.* Hollowed. 2 Having many hollows. 3 Of many colours. 4 Gaudy, showy. 5 Inconstant 6**Proud haughty 7**Full of bruises, as a plate of metal 8* Freakish. A bhiorrard th., *his dented helm.*

tolgachadh,‡‡ -aidh, *s m. & pr pt* of tolgaich. see tolgadh

tolgadh *s.m* Sputtering, vomiting, as a mountain torrent 2 Dinting. 3 Bending, as grass.

tolgaich, *v* see tolg.

toll, *pr pt.* a' tolladh, *v.a.* Bore, perforate. 2 Make a hole, dig a hole or pit. 3*Exhale, emit vapours

toll, tuill, *pl.* tuill & tollan, *s. m.* Hole, bore, perforation. 2 Hollow, cavity. 3 Crevice. 4 Wicket 5 Ear-mark on sheep, see comh-arradh-cluaise. 6 **Pit, cave, den 7**rarely Head T. domhain, *a deep hole*

tollach, -aiche, *a.* Full of holes. 2 Perforating, boring 3 That perforates.

tollachan,** -ain, *s.m.* Piercer

tolladair, -ean, *s.m.* Borer, piercer. 2**Wimble. 3 Stone-borer. 4 (MS) Poser.

———eachd, *s.f.ind.* Boring.

tolladh, -aidh, *s.m.* Boring, act of boring, piercing or perforating. 2 Digging of holes or pits. 3* Edging in. A' t—, *pr.p'.* of toll. Tha e a' tolladh fodham, *he is undermining me.*

tolladh-fàsair, *s.m.* Plug-hole of a boat.

tollag,(AF) *s.f.* Crab-louse.

tollaiun,* *s f.* Exhalation, vapour in damp places in summer. 2 Steam, gas.

tollair,** -ean, *s.m* Borer, piercer. 2 Foxhound.

tollaire,* -an, *s.f.* One that edges his way. 2 Genteel intruder.

toll-alpaidh, *s.m.* Mortice.

tollan, -ain, -an, *s.m., dim.* of toll. Little hole or orifice

———ach, -aiche, *a.* Full of little holes.

toll-an-t-sil,(DMK) *s.m.* Vent of a fish.

toll-an-tuc, *s.m.* Plug-hole of a boat—*Lewis.*

tollaran, -ain, -an, *s.m.* Glutton.

toll-butha, -uill-bhutha, *s.m.* Gaol, tolbooth.

toll-cartaidh,(DMK) *s.m.* Square opening in the wall of a byre through which the muck is thrown out to the dunghill.—*Caithness.*

toll-choinein, *s.m* Rabbit-burrow.

toll-cluaise, -uill-chluaise, *s.m.* Touch-hole of a gun.

toll-cluaisean, see toll-cluaise.

toll-cnaig, *s.m.* Plug hole of a boat.

toll-cnaip, *s.m.* Button-hole.

tolldach,(MS) -aiche, *a.* Full of holes.

tolldair,†† -ean, *s.m.* Borer

———eachd, *s f.* Boring.

toll-dubh,- uill-dhubha, *s.m.* Prison, gaol.

toll-gaineimh, *s.m* Sand-pit.

toll-gaoithe,* -uill-ghaothe, *s.m.* Air-hole.

toll-guail, *s.m.* Coal-pit.

toll-na-stiùireach, *s.m.* Rudder-hand, see rudder No. 4, p. 78. There are two rudder-bands, one attached to a hole and one to a pin—this is the former.

toll-prine,(AC) *s.m.* Plug-hole in a boat—*Argyll.*

toll-putain,* -uill-phutain, *s.m.* Button-hole.

toll-silidh, see toll-siolaidh.

toll-siolaidh, *s.m.* Plug-hole of a boat.

tollta, *past pt.* of toll. Bored, perforated, pierced.

Digitized by Microsoft®

toll-tach, -aiche, *a.* Full of holes. 2 Full of pits. 3 Piercing perforating, causing holes. Cho t. ris an rideal, *as full of holes as a sieve.*

toll-tora, *s.m.* Wimble-hole.

toll-torain, *s.m.* Wicket. 2(AH) Hole about 30 inches square that can be closed or opened in back wall of barn and directly opposite the door. It is opened when winnowing is to be engaged in.

tolm, -uilm -an, *s.m.* Hillock of a round form, mound, knoll. 2 Bush, thicket. 2*High hillock.

———ach, -aiche, *a.* Abounding in hillocks, knolly.

tolmag, -aig, -an, *s.f., dim.* of toll. Little knoll.

———ach, -aiche, *a* Full of small hillocks.

tolman, -ain, *s.m.* Little knoll hill or mound.

———ach, -aiche, *a.* Knolly, full of knolls or mounds.

tom, tuim, *pl.* -an & -annan, *s.m.* Round hillock or knoll, rising ground, swell, green eminence. 2 Any round heap. 3 Tuft of anything 3*Bush, thicket. 5 Ant-hill. 6* Stool—*Islay.* 7 *Volume of a book 8**Bank, 9**Grave 10** *rarely* The plague 11**Conical knoll. *Tom* is applied in many parts of the *North*, especially *Arran* to a bush that grows wild, as, t. fraoich, *a tuft of heather*, t. airnean, *a sloe-bush—preas* is not used there.

T.-ghroiseid, *a gooseberry-bush*, tha e air a th., *he is at stool*; thug e car mu th. asam, *he jilted me, cheated me*; 'am bun an tuim, *sheltered by the thicket*; tha t 'sa bhealach, *there is a bush in the gateway*—gateways were formerly closed by a bush instead of a gate; dosain is tuim nan ruadhag, *the thickets and hillocks of roes.*

tom, *v.* see tùm.

tom-ach, -aiche, *a.* Full of knolls or tufts, tufty. 2 Bushy.

tomad, -aid, -an, see tomult.

———ach, -aiche, *a.* see tomultach.

———achd, see tomultachd.

tomadh,** *s.m.* Rasure. 2 see tùmadh.

tomaidh, see tumaidh.

tomair, *s.m.* Protection. 2 Protector. 3 see tumair

tomaid, see tomult.

tomalt, see tomult.

———-ach, see tomultach.

———achd, see tomultachd.

toman, -ain, -an, *s m.dim.* of tom. Hillock, any small heap or tuft. 2‡‡Small thicket or bush.

tomanach, -aiche, *a.* Full of little knolls, small heaps or tufts. 2 Of small thickets, bushy, tufty.

tom-an-ionghnaidh,(AF) *s.m.* The wonder-tuft or -clump In some parts of the North the name hedgehog was given to a mysterious animal, which when met with among the corn, had only the appearance of a grey stone, but could change its shape. When thus met, a quantity of the corn was left standing around it and only the ears of grain cut. Such a clump has been seen by A.F., and above was given as the cause of its existence, which, as few knew, almost every one who saw it wondered why it was there.

tomanta,* *a.* Rude.

tomataisean,(DMK) *s.m.* Hypochondria—*West coast of Ross.*

tombaca, *s.m.ind.* Tobacco—*nicotiana tobacum.* 2**Snuff T. seabh. t. cagnaidh, *tobacco;* feuch t., *give me some tobacco or snuff.*

tom-famhla, *s.m.* Mole-hill.

tomh, *pr. pt.* a' tomhaidh, *v.a. & n.* Offer, attempt, 2 Threaten. 3 Aim. 4* Point with the finger. 5**Remark. 6††Present.

tomhadh, -aidh. *s.m.* Offering, act of offering or attempting. 2 Threatening, act of threatening, threat. 3 Act of aiming 4 Pointing with the finger. 5 Frown. A' t—, *pr. pt.* of tomh.

tomhail,** *s.f.* Terror, fright.

———,** *a.* Vast, terrible.

———each,** *a.* Vast, terrible, frightful.

———eachd, *s.f.ind.* Vastness, terribleness-frightfulness.

†tomhailt, *v.a.* Eat.

tomhais, *pr.pt.* a' tomhas, *v.a.* Measure, survey, compute the length, breadth, height, depth, quantity, distance or weight, balance, fathom, sound. 2 Guess unriddle, solve an enigma. T. am fiodh, *measure the wood*; t. am fearann. *survey the land*, t. co a chunnaic mi, *guess whom I saw*, also *guess who saw me.*

———ean, *s.pl.* Weights, scales, balances.

———te, *past pt.* of tomhais. Measured, fathomed, weighed. 2 Guessed, solved as a riddle.

tomhartaich, *s. f.* Twittering. 2 Suspense, uncertainty, hesitation, hesitancy, pendency. Tha mi san t., *I am hesitating.*

tomhas, -ais, *pl* -an & tomhsean, *s.m.* Measure, measurement, dimension. 2 Weight. 3 Balance, scale. 4 Survey. 5 Mensuration. 6 Measuring, act of measuring. 7 Guessing, act of guessing or solving, as a riddle. 8** Riddle. 9 **Hint. 15** Mode in *music.* 11 Moderation. 12 Weighing 13 Surveying. A' t—, *pr. pt.* of tomhais. Gabh mo th., *take my measure;* dè 'n t. a th' ann ? *what is its measurement ?* slat-thomhais, *a measuring-wand*; thar tomha s, *beyond measure or moderation*; soitheach-tomhais, *a measuring vessel*; t.-dùbailt, *a double-measure*; t. cruithneach t, *a measure of wheat.* There is a feat still practised by boys in the Highlands in climbing a tree—standing on tip-toe, they touch a certain branch with their caman, and then spring up to get a grip of the place so marked out. This is *a' tomhas leuma.*

tomhasach, -aiche, *a.* Mensural.

tomhasail, -e, *a.* Mensural.

tomhasair,** *s.m.* Balancer.

tomhas-iuil, *s.pl.* Mathematics. *prov.*

tomhas-riaghlair,** *s.m.* Assizer.

tomhas-taise, *s.m.* Hygrometer

tomhas-troidh,(DMK) *s.m.* Foot-rule.

tomhas-uine, *s.m.* Metronome. *prov*

tomhlachd,* *s.f.ind.* Thick milk. 2**Curds.

†tomhlaidh, aidh. (AF) *s.m.* Cow's milk.

†tomhradh.-aidh, *s.m.* Protection.

†tomhraiche, *s.m.* Protector, patron.

tomnach,** -aich, *s.m.* Testator.

tomradh,** -aidh. *s.m.* Fustian, bombast.

tom-sheangan, *s.m.* Ant-hill.

tomudach, see tomultach.

tomult, -uilt, -an, *s.m.* Bulk, largeness. 2 Burliness. 3 Size, dimension, magnitude, amplitude. 4 Influence, authority. 5 Respectability.

tomultach, -aiche, *a.* Bulky, large, gigantic, big, sizeable. 2 Fleshy, brawny. 3 Influential. 4 Respectable.

———d,** *s. f.* Bulkiness, ampleness, sizeableness.

tòn, -one & -a, *pl.* -an, *s. f.* The fundament breech, anus.

tòna, see tòn.

tonach, -aiche, *a* Of, or belonging to, the breech 2 Broad-breeched. 3 Large-hipped.

———,* -aich, *s.f.* Broad-bottomed woman.

tonach, -aich, *s.m.* Shirt, garment. 2 Bath.

tòn-ag, -aig, -an, ‡‡*s.f.* Clew of yarn. 2**Tern

Digitized by Microsoft®

of ridicule for a squat waddling female. 3 (Fionn) Small squat measure used for measuring and holding liquids (also tunnag.)

tònagach, -aiche, *a.* Abounding in claws of yarn.

tònag-a'-chladaich ‡‡ *s f.* Thrift, sea-gillyflower.

tòntir,* -ean, *s.m.* Broad bottomed man.

tonalas,** *s.m.* Cringing, adulation.

tonasg,** *s.f.* Ball of yarn.

†tonc,** *s.m.* Chain

ton-chlodhach, see toin-chlodhach.

ton-chruaidh, see tòm-chruaidh.

†tonda, *a.* Stubborn.

tòn-dhearg,¶ *s.f.* Redstart, see ceann-dearg.

tòn-dubh, (an) *s.f.* Crane, see corra-thòn-dubh.

tòn-lagain, *pr.pt.* a' tònlagan, *v.n.* Hobble, slide on the breech.

tònlagan,* -ain, *s. m.* Sliding on the breech, hobbling. 2‡‡Cringing, fawning. A' t—, *pr. pt.* of tonlagain.

tòn-lodanach,** -aiche, *a.* Having a fawning or cringing spirit.

tòn-lodanadh, -aidh, *s.m.* Fawning, cringing, mean soliciting

tonn, tuinn & tuinne, *pl.* tuinn, tonna & tonnan, *s.m.* Wave, surge, billow 2 *Splash. 3 Any quantity of liquid—*Arran*

Thog tuinn an cinn, *waves reared their heads;* an t. baistidh, *sacred baptism water*, t. air tràigh leis fhéin, *a solitary wave on the shore;* nuallan nan t-nn, *the ragmu noise of the waves;* tha t. math uisge 's a' chuinneig fhathast, *there is a good drop of water in the pail yet.* [*s.f*]

tonn,* *v.n.* Splash, pour out irregularly. 2** Undulate. 'Gà thonnadh mi a cheann, *splashing it about his head.*

†t-nn, *s.* Skin, hide.

tonnach, -aiche, *a.* Waved, undulated. 2**Wavy, billowy, tempestuous. An fhairge ghlas th., *the blue billowy ocean.*

———,** -aich, *s.m.* Mound, rampart.



663. *Tonn-a'-chladaich.*

tonn-a'-chladaich,§ *s.m.* Thrift, sea pink—*armeria maritima*

tonnadair, see tunnadair.

tonnadh,** -aidh, *s.m* Vomiting 2 Death by poison

tonnag, -aig, -an, *s.f* Small square of tartan or of any coarse woollen material, used as a loose covering for the shoulders by women. 2 Mantle

tonnag, -aig, -an, *s.f, dim.* of tonn. Little wave.

———ach, -aiche *a* Plaided, wearing a plaid over the shoulder

tonnan,** -ain, *s.m, dim.* of tonn. 2 *n. pl.* of tonn.

tonn-ghluasad,** -aid, *s.m.* Undulation.

tonn-luaisg, *pr pt* a tonn-luasgadh, *v.n.* Toss or rock by waves, or as if by waves, pitch or reel, as a vessel.

tonn-luasgach, -aiche, *a.* Rocking or reeling, as the waves. 2**Causing a reeling motion, as of a ship at sea.

tonn-luasgadh, -aidh, *s.m.* Act or state of tossing, as on the waves, pitching or keeling of a ship. A' t—, *pr.pt.* of tonn-luaisg.

tonn-luaisgte, *past pt.* of tonn-luaisg. Wave-tossed.

tonnmhor,‡‡ -mhoire, *a.* Billowy.

top,** *s.m.* Hop, see lus-an-leanna.

top, -a, *pl.* -an & -annan, *s.m.* Top, tuft. T. circe, *the tuft on the head of a hen.*

topach, -aiche, *a.* Having a top or tuft, topped, tufted. Cearc th., *a tufted hen.*

topag, *s.f.* Lark (bird)—*Lewis.* Isean na topaig, *the lark's young.*

topainn,** *s.f.* Teasing pulling by the hair.

topan, -ain *s.m.* Tuft, top-knot. 2 Tuft of wool on the distaff.

topanach,‡‡ -aiche, *a.* Having a small top or tuft.

topar,** -air, *s.m.* Taper.

topas, Gaelic form of *topaz.*

tor,* *s.f.* Heavy shower. 2 Bush, shrub. 3 (AF) Bull.

†tor, *a.* Heavy

tor, -oir, -an, see tùr.

†tor, tuir, *s.m.* Answer, reply. 2 Bull. 3 Pursuer. 4 Fear, dread. 5 Tear. 6 Sovereign, lord, noble. 7 Weariness. 8 Crest.

tòra ! *int.* Cry to enrage a bull—*Arran.*

tora, toraichean & torachan *s.m* Auger wimble, iron for boring holes.

torach, -aiche, *a.* Having augers. 2 Like an auger. 3 Fertile, fruitful, productive. 4 Efficient. 5 Substantial. 6 R nk. 7**see torrach. Stol t., *productive* or *rank corn;* talamh t., *fertile land;* buailean t., *efficient* or *energetic strokes, as in rowing.*

torach, *gen. sing.* of tòir.

torachas biadhain,‡ *s.m.* Celery-leaved crowfoot —*ranunculus sceleratus.*

torachd, *s.f.* Pursuit, chase, pursuing with hostile intention. 2 Inquiring, asking, strict inquiry or search. 3 Craving. 4 Retaliation. 5 Persecution. 6†† Restitution. Cha d' rinn iad t., *they did not pursue;* tha e a' t., *he is making strict inquiry;* a' t. chaorach, *searching for sheep*, luchd-t., *persecutors, pursuers;* air eagal gu 'n cuinnich an luchd-t. sibh, *lest the pursuers meet you;* fuileachdach 'san t., *bloody in the chase;* tha e a' t. orm, *he craves* or *insinuates his claim to such;* tha t. orm, *I am pursued*

toradh, -aidh, -aidhean, *s.m* Fruit, produce. 2 **Fruitfulness. 3 Profit, advantage. 4 Consequence, effect, result. 5**Answer 6(AF) Milking 7 Taking. 8 Supply. Thug Cain de th. an fhearainn, *Cain brought of the produce of the ground;* t. do ghniomharan, *the natural effects* or *consequence of your deeds.*

toradh, -aidh, -ean, *s.m.* see tora 2 Answer. 3** see torradh. Toll toradh, *an auger-hole.*

toradhadair, *s.m.* Fruiterer.

toradhair,(AF) *s.m.* Monster. 2**Dwarf.

toradhan, see torunn.

torag,** -aig, *s.f.* Wench.

toraich,(MS) *v.a.* Beget.

toraicheas, -eis, see torraicheas.

toraicinn, s. Peat-knife. *Arran* for toirsgian.

toraidh ! *int.* Cry to excite a bull.

torail, see torrail.

toraileachd,** *s.f.* Fruitfulness.

torain, *s.pl.* Insects, worm, grub, a certain vermin in corn Mar lus is torain 'ga reubadh, *like a herb that worms devour.*

toralachd, see torralachd.

torair,* -ean, *s.m.* see torranach & **torain.

Digitized by Microsoft®

toran,(AF) see toranach.



664. Toran.

toran, -ain, *s.m.* Balistraria, loop-hole. An t. 'san t-sabhal, *the loop-hole in the barn.—Sg.-nan-caol. 141.*
toran, -ain, see torrail.
toranach,‡ -aich, *s.m.* Grub-worm, borer-worm.
toranan,(DC) *s.m.* see torranan.
torann, -ainn, *s.m.* see torunn.
toras, -ais. *s.m.* Weariness. 2 Journey. 3 Lord.
torathair, see toradhair.
torb,** *s.m.* Throng. 2 Rout.
torc, -uirc, *s.m.* Hog, boar. 2 (AF) Brawn. 3 Castrated boar—*Islay.* 4* Whale—*Ossian.* 5 (AC)Cleft, notch, indentation, scollop. 6(AC) Three-cornered hole made in the ground if hard, to assist in pulling the carrots on Domhnach Curran—*carrot Sunday* in the *W. Isles.* 7(AC) Monarch's necklace. A' tomhas an tuirc, *measuring the boar;* t. nimhe, *a wild boar;* t. alluidh, *a wild boar;* lorg nan t., *the track of the whales.*
torc,(DC)*s.m.* Sod. A special use of it was the sod turned up as a mark to indicate divisions of arable land, during the run-rig system of cultivation. In *Argyll* it is *durc,*—a mark in land, a piece of anything.
†torc, *s.m.* Sovereign, lord. 2 Heart. 3 Face. 4 Collar.
torcach,** -aiche, *a.* Like a boar or hog.
torc-chluasach,(AC) *a.* Notch-eared.
torcan, *s.m. dim.* of torc. Little cleft. 2 Species of biforcated carrot—*cardionis benedictus.*
torcan, *s.m.* Fattening pig, porker.
†torchair, *past pass.* of torchuir. He fell, died, was killed. 2 It happened.
torchair, see torchuir.
torchair,** *s.m.* Leveller.
torchair, *gen.sing.* of torchar.
torchar, -air, -an, *s.m.* Fall. 2 Killing, death. 3 Hurt by a fall.
torchanach, *v.n.* Prosper.
tor-chathair, -chathrach, -chathraichean, *s. f.* Throne. see torr-chathair.
torchos,(AF) *s.f.* Calf
torchos-bréige,(AF) *s.m* Moon-calf (fabulous.)
torchradh, -aidh, *s.m.* Transfixing act of transfixing, piercing, wounding. 2 Killing. A' t—, *pr.pt.* of torchuir.
torchraidh, *fut.aff.a.* of torchuir.
————,‡‡ *s.* Bars in music. 2 Elegy.
torchuir, *pr.pt* a' torchradh, *v.a. & n* Transfix, wound, pierce. 2 Kill. 3 Kill by knocking or throwing down. 4**Perish, happen.
torc-mhuineal,-eil, *s.m.* Hog's neck, boar's neck.
torc-nimhe,(AF) *s.m.* Fierce or wild boar. 2 (AF) Reptile.
tordhan,** -ain, *s.m.* Elegy.
torgan,** see torghan.
torghan,‡ -ain, -an, *s.m.* Purling sound, musical sound. 2**Din, noise, rattle, hoot.
torghanach,** *a.* Rattling.
torghantion,** *s.f.* Rattling.
torlais,** *s.* Person who talks at random.
torluinn, see tuirling.
torm,(AC) *s.m.* Murmur.
tormach, see tarmachan.
tormach,** -aich, *s.m.* Increase. 2 Feeding of cows a short time before and after calving.
tormachadh,** -aidh, *s.m.* Increasing.
tormachag, *s.f.* see tarmachan.
tormachan, see tarmachan.
tormachan an t-sléibhe, (CR) *s. m.* Ptarmigan —*W. of Ross.*
tormachan-dé, *W. of Ross* for dearbadan-dé.
tormachan-tuinne,(CR) *s. m.* Small sea-bird—*W. of Ross.*
tormadh,** *a.* Pregnant, growing big.
tormagan-dé, *s.f.* see dearbadan-dé.
†tormaich,** *v.a.* Magnify, increase, enlarge.



665. Torman.

torman,§ -ain, *s.m.* Wild clary, vervain sage—*salvia verbenacea.*
torman, -ain, -an, *s.m.* Noise, sound, rumbling. 2 Music. 3 Musical sound, murmur, sound of the drone of a bagpipe. 4** Drone of a bagpipe 5 Stringed musical instrument. 6** Harp T.-ciuil, *a harp.*
tormanach, -aiche, *a.* Noisy, loud, murmuring, rumbling, making a musical murmur.
tormanaich, *v.n.* Bubble.
tormanaich-bruidhinn. *s.f.* Broken, inarticulate speech—JGC., W. 133
torman-ciuil, *s.m.* Stringed instrument. 2 Harp
torman-dé, *W. of Ross* for dearbadan-dé.
torm-fheadan,** *s* Bassoon.
torm-fhiodhull,** s. Bass-viol.
†torn, *s.m.* Kiln, furnace, oven. 2 Lord.
tornail, *s.f.* Knocking one thing against another.
tornair,** *s.m.* Turner
tornamh,** -aimh, *s.m* Humiliation. 2 Descent.
toroisg,** *s.f.* Hand-saw. 2 File.
torpan, see tarpan
torr, -a, an, *s.m.* Hill, mountain of an abrupt or conical form, lofty hill 2 Eminence. 3 Mound, large heap. 4** Rock. 5 Grave, tomb 6 Tower. 7 Heap of ruins. 8 Castle. 9 Body of men, congregation, crowd. 10* Womb—*Ossian.* †11 Belly 12 (DU) Large quantity of anything. T gainneimh, *a heap of sand;* t.-coirce, *a quantity of oats built in little cocks on the rigs or ground—Lewis*—(DMy . o thórr-thir an t-sneachd, *from the hilly land of snow;* mo chlann 'san torr, *my children in the tomb.*
torr, *pr. pt.* a' torradh, *v. a.* Heap up, pile up. hoard. 2 Form into heaps. 3 Teem. 4 Bury. 5 Come alive.
torrach, -aiche, *a.* Pregnant (of women only.) 2 Fruitful.

Digitized by Microsoft®

tòrrach**-aiche, *a.* Towery. 2 Full of eminences.
torrachas, see torraicheas.
tòrradair,** *s.m* Burier.
tòrradh, -aidh, -aidhean, *s.m.* Heaping, act of piling together. 2 Heap. 3 Burial, interment, act of burying. 4 Burial solemnities or procession 5 Watching or waking of the dead. 6*Embankment of a dam. 7 Payment for keeping up a mill-dam 8 see tora & torradh A' t—, *pr. pt* of tòrr A' t airgid, *heaping or hoarding money ;* air a t. le miallan, *teeming with lice ;* air a t le gràisg, *teeming with rabble.*
torraghan,** -ain, *s.m.* Murmur, purling noise, gurgle.
————ach,** *a.* Murmuring, purling.
————aich, *v.a* Gurgle.
torraich, *pr.pt.* a' torrachadh, *v.a & n.* Make pregnant, impregnate. 2**Conceive, become fruitful or pregnant 3 Teem.
torraiche, *comp.* of torrach.
torraicheas, -eis, *s.f* Conception, pregnancy 2 Fertility, fruitfulness Meudaichidh mi do th., *I will increase thy conception.*
————— anabuich, *s.* Embryo, fœtus. 2 Untimely birth.
torrail,** *a.* Fertile, productive, prolific.
————eachd,** *s.f.* Fertility, productiveness.
torraisgil, (AG) *s.f. Reay country* for toirsgian.
torramh,** *s.m.* Pilgrimage.
torran, -ain, -an, *s.m., dim.* of tòrr. Little hill, rising ground, mound or knoll. 2‡‡Knob. 3 **Grave. 4 (CR) Dunghill—*Arran.* 5 see torrunn.
torranach, -aiche, *a.* Knolled, abounding in hillocks.
torranach, *s.m.* Figwort, see lus-nan-cnapan.
torranan, *s.m.* Figwort, see lus-nan-cnapan.
torr-chathair, -chathrach, -chathraichean, *s.f.* Citadel, fortress. 2 Throne.
torr-leus, -leòis, -an, *s.m* Torch.
torroichim, *s.* Deep snoring. 2 Sleep.—*Mac Mh. Alasdair.*
torr-sgian, *s.f.* Peat-spade.
torrthair, see toradhair.
torrunn, -uinn, *s. m.* Loud or murmuring noise, murmur. 2 Thunder.
torrunnach, -aiche, *a.* Thunderous. 2 Making a loud or murmuring noise, noisy. 3**Sounding like thunder. Le buille th., *with a thundering blow.*
tor-stol,** *s.m.* Chair of state.
tort,* *s.m.* Little loaf or cake.
tort, *Shiskine, Arran* for tobhta.
tortail,** *a.* Strong, stout. 2 Tight, firm.
tortaileachd,** *s.f* Strength, stoutness. 2 Tightness, firmness
tortaoch,** *s.* Confidence.
torthair,** *s.m.* Monster. 2 Dwarf.
————each,** *a.* Monstrous.
————eachd, *s.f.* Monstrousness.
torunn, see torrunn.
tòs, see tùs.
tos, an, for air thùs, *at first.*
tosach, *s.m. Suth'd.* for toiseach, 2 (DMu) Used to express satisfaction on hearing of one's welfare. Cia mar tha sibh ? tha gu slàn, O is maith an tosach, *how do you do ? I am in good health, Oh that's well.—Black Isle.*
tòsan, for tàsan—*Wm. Ross, p. 16.*
tòsan, *s.m.* Onset. 2 Beginning, prelude—*Sàr-Obair.*
tosd, *s.m.ind.* Silence, quietness, stillness. Bi 'nad th., *be silent ;* t. na h oidhche, *the silence of the night.*
tosd,* *a.* see tosdach.
tosd,* *v.a. & n.* see tosdaich.
tosdach, -aiche, *a.* Silent, peaceful, quiet, still. 2 Causing silence or stillness. Talla t. na dì chuimhne, *the silent hall of forgetfulness;* gu t., *silently, quietly.*
tosdachadh,‡‡ -aidh, *s.m.* Putting to silence. 2 Act or state of becoming silent. A' t—, *pr. pt.* of tosdaich.
tosdachd, *s.f.ind.* Silence, quietness, peacefulness.
tosdaich, *pr.pt.* a' tosdachadh, *v.a & n.* Confute, put to silence,—make quiet 2 Become quiet. Tosdaicheam, *I will put to silence,*
————ear, *fut pass.* of tosdaich.
tòsdal, see tòstal
————ach, see tòstalach.
tosdalachd,‡‡ *s.f.* Sedateness
tosg, tuisg, *s.m.* Journey. 2 Embassy 3 Report.
tosg, -oisg & -uisg, *pl* tuisg & -an, *s.m.* Tusk 2 Peat-cutter, see torsgian. 3(AF) Tusk (fish.) 4**Back-tooth, fang, grinder. 5** Gash, cut. [††*s.f.*]
——, *pr.pt.* a' tosgadh, *v.a.* Cut irregularly.
tosgach, -aiche, *a.* Tusky, like a tusk. 2 Cut in an uneven way
tosgaid, see togsaid.
tosgair, -ean, *s.m.* Ambassador. 2 Post 3 One who goes on a message, messenger, harbinger. 4 One who cuts irregularly, or who botches in cutting. [*tosgaire.]
————eachd, *s.f.ind.* Going on an errand. 2* Embassy 3 Journeying, jaunting.
tosgal, -ail, *s.m.* Arrogance.
tosgan, *n.pl.* of tosg.
tòstal, see toichiosdal
tòstal, -ail, *s.m.* Arrogance, presumption.
————ach, -aiche, *a.* Presumptuous, arrogant.
tot,* *v.a.* Roast or toast hurriedly on the embers. 2 Boil hurriedly.
†tot, -oit, *s.m.* Wave. 2 Sod, turf 3 Woman.
tota, *pl.* totan & totaichean, see tobhta.
tota-bràghad, see tobhta-braghaid.
tota-deireadh, see tobhta-deiridh.
totadh, -aidh, *s.m.* Puff.
total,* -ail, *s.m.* see tòstal.
total-eun,* -ail, *s.m.* Bevy.
totarnachd,** *s.f.* Stuttering, stammering.
tòth, *s.* Eagerness, inclination Arran form of (*in*) *tow* (*with.*) Ann au t. dol ann, *eager to go ;* ann an t. leis, *greatly attached to* or *taken up by it* or *him.*
toth, -a,†-an *s.m.* Foul blast of vapour, stench. 2**Fume. 3**Puff of smoke.
†toth, -a, *s.m.* Female. 2 Pudenda muliebria.
totha, see todha.
tothach, -aiche, *a.* Vapoury.
tothachd,** *s.f.* Validity 2 Substance.
tothadh,** *s.m.* Effluvia. [sers.
tothag,* -aig, -an, *s f* Wonderfully short trou-
tothair,* *v.a.* see todhair
tothair,** *s.m.* Freebooter.
†tothbhall, -bhuill, *s.* Pudenda muliebria.
toth-grod, *s.m* Miasma.
tot-tilgte, see tobhta-tilgte.
tra, -than, see tràth.
trabail, (CR) *s.* Slightly bedraggled—*W. of Ross.*
trabalach, (CR) *a.* Bedraggled—*W. of Ross.*
trabhach,* see trabhach
trabhach, -aich, *s.f.* Rubbish of any kind cast ashore by the flood on the bank of a river, or on the sea-shore. 2 Florin grass. 3 In *Lewis* pronounced " tràthoch," and =rabhann.
trabhaint,* -e, -ean, *s.f.* see treabhailt.
trabhsdan, †† see trasdan.
————ach, †† -aiche, *a.* see trasdanach.

Digitized by Microsoft®

trach,(DC) -a, *s.m.* Ditch.
tràchd,* s e dràchd. †2 Tract, treatise, history, narration, report.
tràchd, *v.a.* Negotiate, traffic, treat, handle. 2 ††Propose.
trachdach,** *a.* Negotiating. trafficing.
tràchdadh, -aidh, -ean, *s.m.* Negotiating, negotiation. 2 Proposal,*purposing. 3 Traffic.
†tràchdadh, -aidh, -aidhean, *s.m.* Tradition. 2 Treatise.
tràchdail,** *s.f.* Negotiation.
tràchdair, -ean, *s.m* Historian, recorder, one who writes treatises.
trachdaireachd,** *s.f.* Business of a historian, history, writing of tracts.
trachdalachd,‡‡ *s.f.and.* History, negotiation.
trachlach,** *a.* Fatiguing, laborious
trachladh, -aidh, *s.m.* Loosening 2 see treachladh
trachlaiche,** *s.m.* Drudge, one employed at dirty laborious work. 2 Squanderer.
tradan,** -ain, *s.m.* Scolding person. 2 Quarrelsome person.
———ach,** *a.* Scolding, quarrelsome,litigious.
tradh, aidh, -an, *s.f.* Lance 2 Fishing-spear.
trag,(AF) *s.f.* Snipe—*Ross-shire.*
tragh, *v.n.* see traogh
tràgha, *gen.sing.* of traigh.
traghadair,** *s.m.* Appeaser.
tràghadh, -aidh, *s.m.* Ebbing,*act or state of ebbing or subsiding A' t—, *pr.pt.* of tràgh.
traghadh-asbhuinneach, (DC) *s.m.* " Flooding " of women—*Uist.*
traghaid,(MS) *s.f.* see treaghaid.
traghais,(CR) *s.f.* Commotion, stir. 2 Lumber. *W. of Ross.*
traghna, *s* Landrail, see trean-ri-tréan.
traibeal, see trabail.
traideach,** -dich, *s.m.* Warrior.
traidh. see troidh.
traidhtear,* -eir, -an, *s.m.* Rogue. 2(MS) Betrayer.
traidhtearach, -eiche, *a.* Traitorous, disloyal.
———————d, *s f.* Treason, perfidy,disloyalty.
tràigh, *pr pt* a' traghadh. *v.a.* & *n.* see traogh.
traigh, -e, tragna & traghad, *pl.* -ean [tràinnean in *Skye,*] *s.f.* Sea-shore. 2 Beach exposed at low water. 3** Shore of a lake or river. 4** Reflux or ebbing of the tide. 5* Sand-beach, strand Ghlos (dh' ionnsuidh) na tràgha, *to the shore;* mar th fhualmear a' chuain,*like the raging reflux of the sea* , a dh' ionnsuidh na tràgha, *towards the shore;* onfhadh na tràighe, *the raging billows of the shore* , 'san t. mhuirach, *in the ebb for shell fish* , 'san t. shiolag, *in the ebb for sand-eels* , ged bheirear t. dhinn cha toirear tìmchioll, *we may lose the ford but not the road*—at high-water the short cut across a bay is closed to one,but the round-about way is always open
tràigh,(AC) *s.f.* Basement of a house.
traigh,** *s.m.* Strength. 2 Lazy person.
tràigh-cheum, -éim, -an, *s. m.* Path along the shore of the sea or a lake.
traighach, -eich, *s.f* Refuse left by a high or flood tide on the bank of a river.
traigheach,‡‡ -eiche, *a.* Beachy.
traigheanach,** -aich, *s.m.* Lazy person.
tràigh-gheadh,* *s.m.* Stock-gannet. 2 (AF)Tame or shore goose.
traigaideach,** *a.* Tragical.
traighlachan, *s.m.* Bird that nests on the shore above high-water mark—*Arran.*
tràigh-mara,** *s.f.* Sea-shore. 2 Ebbing of the sea.
traighte, *past pt.* of tràigh, see traoighte. An talamh t., *the dry land.*
tràightear, see traidhtear.
traill,** *s.f.* Kneading-trough. 2 Tray.
tràill, (-e.) -ean, *s. m. & f.* Slave, bondman or bondwoman. 2 Drudge. 3 Slovenly person. 4 Hard-wrought person. 5 see traille. 6** Labourer.
traille, -achan, *s.f.* Tusk (fish.)
trailleach,§ *s.m.*Seaware of all kinds—*alga.*
tràilleach, -eiche, *a.* see tràilleil.
tràilleachd, *s.f.* Bondage, slavery. 2 Slavishness, abjectness, servility. 3 Drudgery. 4 Slovenliness, 5**Captivity.
trailleadh,(DC) *s.m* Halibut—*Uist.*
traillealachd, see traillealachd. 2*Utmost degradation.
†traillear, -eir, *s.m.* Baker.
tràill-eas,** -eis, *s.m.* Slavery. [*s.f.***]
traillеil, -e, *a.* Servile, slavish. 2 Enslaved. Obair th., *servile work.*
traille-manach, see traille (fish.)
traillidh, see trailleil.
———eachd, see tràilleachd.
tràill-luingeas, -eis, *s.f.* Galley, convict-ship.
traineach, Landrail, see trean-ri-tréan.
traineadh, -idh, *s.m.* Culling, choosing.
trainge,* *s.f.* Thronguess, pressure of business. 2 Crowding.
trainge, *comp.* of trang. Busier, busiest.
trainnse, *s.f.* Trench, drain.
———ar, -eir, *s.m.* Plate, trencher.
traisg,* *v.a.* Parch with thirst. Th mo chridhe, *my very heart parched.*
traisg, *pr.pt.* a' trasgadh & a' trasg, *v.a.* Fast, abstain from food. 2 Observe a fast. 3** Be hungry. Th. e trì làithean, *he fasted three days;* c' ar son a th. sibh ? *why did ye fast ?*
traisg, *s.f.* see trasg.
traisgeach, -eiche, *a.* see trasgach.
traisgidh, *fut.aff.a.* of traisg.
tràisgte, *past pt.* of tràisg. Parched of thirst.
traisgte,** *a.* Cross, cross-grained.
trait, -e, -ean, *s.f.* Cataplasm, poultice. 2 Rags, bandages.
traiteach,** *a.* Of, or belonging to a cataplasm, 2 Like a cataplasm.
traith, see tràigh.
traithnin,‡ *s.* see machal-coille.
trall,** *s.f.* Drab, trull.
tramailt,* -e, -ean, *s.f.* Most unaccountable whim or freak. [freakish.
———each,* -eiche, *a.* Whimsical, capricious,
tramasgal, *s.m.* Trash.
trang,* -ainge, *a.* Throng, very busy. 2 On good terms. 3 Very intimate.
trannsa, *s.f.* Entry, lobby, passage.
traochlaiche,** *s.* Tilt, tournament.
traodh, see traogh.
———adh, see traoghadh.
———ta, see traoighte.
traogh, *pr.pt.* a' traoghadh, *v.a. & n.* Ebb. 2 Subside, sink down,settle,as a disturbed fluid. 3 Abate. 4 Exhaust, drain, empty, pour out. 5 Pacify, appease, assuage. Th. e, it *ebbed;* th. na h-uisgeachan, *the waters abated.*
traogh,** *a.* Empty. 2 Ebbed.
traoghach,** *a.* Assuasive, subsiding soon, tending to ebb or abate.
traoghadair,** *s.m.* Assuager.
traoghadh, -aidh, *s.m.* Ebbing, act or state of ebbing. 2 Subsiding, act of subsiding. 3 Settling, as an agitated fluid. 4 Exhausting, act of exhausting or emptying. 5 Assuaging, assuagement. 6* Abating, abatement, as of a swelling 7* Draining. A' t—, *pr.pt.* of traogh.
traoighte, see traoighte.
traoidhte,** *s.f.* Treachery, treason, practice of treason, deceitfulness.
traoidhtear,** -an, *s.m.* Gaelic form of *traitor.*
———achd,** *s.m.* Faithlessness

Digitized by Microsoft®

traoidhteil,** *a.* Bewraying, faithless
traoighte, *past pt.* of traogh. Ebbed. 2 Subsided, settled, as any agitated fluid. 3 Exhausted, emptied, drained. 4 Abated
traoill,** *s.f* Cant.
traoit, see trait.
traon,** -oin, *s.m.* see traona—*Skye.*
traona, -n, *s.m* Land-rail, see trèan-ri-trèan.
traonair,** *s.m.* Idler.
turtur, -uir,†† -an, *s.f.* Turtle. 2 Turtle-dove —*columba turtur.* A thabhartas de thurturaibh, *his offering of turtles.*
turturach, *a.* Of, or pertaining to, turtles or turtle-doves.
tu-ruidh ! *int.* Call to a cow or calf—*W. of Ross.*
tururaich, see turaraich.
turus, -uis, -an, *s.m. & f.* Journey, voyage, expedition, travel, course, occasion. Tha 'n t. mór, *the journey is great;* chriochnaich mi mo th., *I have finished my journey;* t. mhath leat, *a good journey to you;* t. shoirbheasach, *a prosperous journey.*
turusach, -aiche, *a.* Making frequent journeys. 2 Of, or pertaining to, a journey. 3 Travelling much.
————, -aich, *s.m.* see turusaiche.
————d, *s.f.ind.* Travelling, pilgrimage. 2 Pedestrianism.
turusaiche, -an, *s.m.* Traveller, pilgrim, pedestrian. 2(MS) Vagabond.
turu-san, -ain *s.m.* Traveller, pilgrim.
turus-cuain (AH) *s.m.* Voyage.
turusgar, *s.m.* Giblets, equipage.
tùrusgar,§ -air, *s.m.* The seaweed grapes—*sargassum vulgare* or *baccifer um.*
tùs, -ùis, *s m.* Beginning, the beginning, commencement, origin. 2 Front, van, as of an army. Eilidh, t. ar cràidh, *Helen, the source of our severe affliction;* air t. an airm, *in the van of the army;* air a th. is air a thoiseach, *first and foremost;* 's e t. a' ghliocais eagal Dhé, *the fear of God is the beginning of wisdom;* air t. m' aimsir bha mi baoth, *in the beginning of my life I was foolish.*
tusa, *emphatic* of tu
tùsach, -aiche, *a.* Precedent.
tùsachd, *s.f.* Previousness.
tùsail,** -e, *a.* Primal, originary, original, radical.
tùs-ainm, -ean, *s.m.* Patronymic.
tùs-ainmeach,** *a.* Patronymic.

Digitized by Microsoft®

tùsair, *s.m.* Beginner.
tùsalachd *s.f.* Originality.
tùsanach, -aich, *s.m.* Native.
tùsanaich,(MS) *s.pl.* Aborigines.
†tusarnach,** -aich, *s.m.* Parricide.
tusbailteach, see susbailteach.
tusg, -uisg, see tosg.
——ach, see tosgach.
tusgairn, *s.f.* Fiction. [** says †.]
tusgarnach, -aich. *s.m.* Libeller. 2 Story-teller.
†tusgarnadh, -aidh, *s.m.* Fiction.
tùs-ghnothach, -aich,-aichean, *s.f.* Preliminary.
t(h)usgus ! *int.* Dairymaid's call to an unruly cow—*Suth'd.*
tùs-imeachd,**s.f.* Ante-ambulation,antecedence.
tùs-ionad, -aid, -an, *s.m.* Anteriority.
tuslang, -aing, *s.m.* Wrestling.
†tuslog, -oig, -an, *s.f.* Heap, little jump.
†tusmet,‖ *s.* Parturition.
tùs-mhuinntir,* *s.pl.* Aborigines.
tusornachd,** *s.f.* Whispering.
tut ! *int* Expressive of cold. 2 Indicating impatience.
tùt, -ùit, -an, *s. m.* Stink, stench. 2 Crepitus vix audibilis.
tùt, *v.n.* Stink, stench.
tùtach, -aiche, *a.* Stinking. 2 Breaking wind silently.
tùtach, -aich, see dùdach.
tutag,** -an, *s.* Suds.
tutag ! *int.* Expressive of cold.
tutagaidh ! *int.* Expressive of cold.
tutagan,** *s.* Suds.
tùtaiche, *comp.* of tùtach.
tùtair,* *s.m.* Stinker. 2 Dunghill. 3 (MS) Badger
tuthag, -aig, -an, *s.f.* Patch, clout.
———ach, -aiche, *a.* Clouted, patched.
———achadh, -aidh, *s.m.* Patching.
———achd, *s.f.* Patchedness.
———aich, *v.a.* Patch, piece, cobble. 2 Vamp.
tuthadair, see tughadair.
tuthadh, see tughadh.
tuthagaich, see tuathagaich.
tùthan,(DMK) *s.pl.* Long rafters laid across the couples in the roof of a house—*Caithness.* see taobhan.
tuthan, -ain, *s.f.* Slut.
tu ht, see tùt.
——ach, see tùtach.

U u

u, the 18th. letter of the Gaelic alphabet now in use, called ur, *yew-tree*.
It has three sounds—(1) long, like *oo* in *moon*. as. tùr, *a tower*; stùr, *dust*. (2) short, like *u* in *push*, as, ur, *a child*; urram, *honour*. (3) short and obscure, like *u* in *rut*, as, mur, *if not*.
u ! *int.* Expressive of surprise, disappointment, &c.
ua, *prep.* From, out of. For its use see o, *prep.*
†ua, *s.m.* & *f.* now ogha.
uabairt, -e, -ean *s.f.* Expulsion, *prov.*
———each, -eiche, *a* Expelling.
uabhais, *gen.sing.* of uabhas (uamhas)
uabhann, see uamhann.
uabhasach, see uamhasach
uabhar, -air, *s.m.* Pride, insolence bluster, vain-glory. 2**Pomp. 3**Heat. 4* Extreme pride. Air son an uabhair, *for their pride*; luchd-uabhair mhallaichte, *the cursed proud.*
uabharach, -aiche, *a.* see uaibhreach.
uabharr,** *a.* Proud, haughty, insolent. 2 Raging. 3 Terrible. Stoirm u., *a raging storm.*
uabhas, see uamhas,
———ach, see uamhasach.
uabheist,* see uadh-bheist.
uacar, *Arran* for uachdar.
†uacha, *prep.* (ua+iad) see uapa.
uachdair, *s.* Farm-stock. Fo u., *under stock—Sar-Obair.*
uachdar, -air, -an, *s.m.* Top, surface. 2 Summit or upper part. 3 Cream. 4 Upper leather of a shoe. 5 Woof of cloth, *prov.* Air u., *on the surface*; u. is iochdar, *top and bottom*; grugh is u., *curds and cream*; fhuair e lamh an u., *he got the mastery*; a' tighinn an u., *coming to the surface, budding, as lint, potatoes. &c.*; an u. mu seach, *alternately up and down*; an u., *above, aboard.*
uachdar,§ -air. -an, *s.m.* Bog-violet, see mòthan.
2**Mountain sanicle. [pers of sheep.
uachdarach, -aich, *s.f.* Leather suitable for upuachdarach, -aiche, *a.* Upper, higher, uppermost, highest. 2 Abounding in cream. 3* Producing cream. 4* Superficial. A' Bhealltuinn u., *cream-producing May.*
uachdaranachd, *s.f.* State of being superior or higher, supremacy, superiority. O 'n u. gus an iochdaranachd, *from top to bottom.* 2* Surface, top.
uachdaraiche, *comp.* of uachdarach.
uachdaran, -ain, -an, *s.m.* Governor, ruler,chief, superior, prince. Ni mi e 'na u., *I will make him a prince.*
uachdaranachd, *s.f.* Government, sovereignty, principality, supremacy,dominion, rule. Bitheadh u. aca, *let them have dominion*; bithidh u. agad air, *thou shalt have dominion over him.*
uachdar-na-troidhe, *s.m.* Instep.
uachdrach, see uachdarach.
uachdraiche, see uachdaraiche.
uachdran, see uachdaran.
———achd, see uachdaranachd.
uadh-, (†uath) *prefix* signifying Dread.
uadh, -aidh, see uagh.
uadha, see uaimh.
uadhach, see uaghach.
uadhaidh, see uaghaidh.
uadhag,(Arll) *s.l.* Sheep-louse—*Argyll.*
uadhaiche, *s.m.* Subduer.
uadhaidh, see uaimh.
uadh-bheist, -ean, *s.m.* Monster (fabulous.)
uadh-chrith, -e, *s.f.* Dread, horror, terror.
uagh, *s.m.* **Terror, dread. 2 see uaigh. 3 see uamh-bheist.
uaghach, -aiche, *a.* Full of graves. 2 Full of caves. 3**Dreadful, terrible.
uaghaich, *v.a.* Grave, bury.
uaghaidh,** -ean, *s.f.* Cave, cavern, den.
———each.** *a.* Full of caves or dens.
uaghan, see uamh.
uagh-bheist, see uadh-bheist.
uaibh, *prep.pron.* (ua+sibh) From you. 2 Wanted by you. 3 From among you. 4 Being your duty.
Tha u. falbh, *you had better be gone*; fada u., *far from you*; cuiribh u. na diathan coimheach, *put away the strange gods*; ciod tha u. ? *what do you want ?* th gibh u., *come forward* —expression of defiance.
uaibhreach, -eiche, *a.* Proud, haughty, vainglorious, arrogant. 2 Spirited. 3** Airy, superb, gorgeous. 4* Extremely proud. Gu h-u.,*proudly*; pinthar u. reul na maidne, *the gorgeous sister of the stars*—the moon; Alasdair u., *Alexander the great.* 5**Insolent.
———, -eich, *s.m.* Proud, haughty,arrogant

Digitized by Microsoft®

person. Tha Dia a' cur an aghaidh nan u., *God resisteth the proud.*

uaibhreachas, -ais, *s.m.* Pride, pomp, vain-glory, haughtiness, arrogance. 2 Insolence. 3** Great haughtiness, extreme degree of pride or vain-glory. Làn uaibhreachais 'nad shaothair, *full of pride in thy work.*

uaibhreachd, *s f.* see uaibhreachas.

uaibhreas, -eis, *s.m.* see uaibhreachas.

uaibh-se, *emphatic* of uaibh.

uaidean, *s.m.* Plough-handle or stilt.

uaidh, see uaith.

uaidne, -an, *s.f.* Stilt of a plough.

uaigealta, *a.* Weird, eerie, lonesome.

uaigealtachd, *s.f.* Loneliness, eeriness.

uaigealtas, -ais, *s.m.* Loneliness, eeriness.

uaigh, -e & uaghach, *pl.* uaighean & uaghaichean, *s.f.* Grave, tomb, sepulchre, 2 Den, cave, cavern. Gus an càrar mi 'san u., *till I am interred.*

uaigneach, -eiche, *a.* Lonesome, solitary, retired. 2 Secret, private. 3 Deserted, retired. 4 Dull, melancholy. Duine u., *a reserved person;* àite u., *a solitary* or *remote place;* gnothach u., *private business, a private message;* bile nan sruthan u., *the banks of the lonely streamlets.*

uaigneachd,* see uaigneas. 2* Retired, morose disposition.

uaigneas, -eis, *s.m.* Secrecy, privacy, solitariness, lonesomeness. 2* Retired manners or habits. Thug e air u. e., *he took him aside* (into a private place); tha 'n t-aran a dh' ithear an u. taitneach, *bread eaten in secret is pleasant;* 'uaigneas-san, *his retired manner* or *disposition;* an u., *in secret, in a retired place;* mar thonn an u., *like a lonely wave.*

uaignidh, *a.* see uaigneach.

———eachd, see uaigneachd.

———eas, see uaigneas.

†uaigh-reir,** *a.* Having arbitrary sway.

†uaigh-reirs,** *s.* Arbitrary sway.

†uail, *s.f.* Wail, howl, lament.

uailean, (DMK) *s.pl.* Stilts or handles of a plough —*Caithness.*

uaill, -e, *s.f.* Vanity, pride, vain-glory. 2 Dignity, conceit, foppery, fame, pomp. 3 Boasting, 4** Howl. 5†† Nobility. Na dean u. as an là màireach, *boast not of to-morrow;* c'àit' am bheil aobhar uaille? *where is there cause for boasting?* a dh' àrdaich an t-ionnsachadh chun u., *whom learning has raised to dignity.*

uaill, *a.* Proud, famous.

uaille,** *s.* Crest.

uailleach, -eiche, *a.* see uallach.

uailleag, -eig, -an, *s.f.* Conceited female.

uailleagach,†† *a.* Like a conceited female.

uailleagan,†† *s.m.* Dandy

uaillealachd, *s.f.* Loftiness.

uaillean, -ein, *s.m.* Fop, coxcomb.

uailleanachd, *s.f.* Foppery.

uaillear,* -eir, -ean, *s.m.* Fop, spark. [* gives *nom.* -eir, *gen.* -e.]

uailleart,** -eirt, see ulfhart.

———ach,** *a.* see ulfhartach.

uailleil, -e, *a.* Haughty, vain.

uaill-fheart, -eirt, -an, *s.m.* Illustrious deed. 2 see ulfhart.

———-ach, -aiche, *a*, Of noble virtues or achievements. 2 Ostentatious. 3 see ulfhartach.

———achd, *s.f* see uaill-fheartaich.

uaill-fheartaich, *s.f.* Howling, yelling.

uaillich,** *v a.* Elevate. 2 Make proud or vain. 3 Roar, howl.

uaillire, see uaillear

uaill-mhiann, -a, *s.m.* Ambition, fondness for rank or distinction.

uaill-mhiannach, -aiche, *a.* Ambitious, fond of rank or distinction.

uaillmhanach, MS. *a.* Aristocratical.

uaillse, see uaisle.

uaillseachadh, see uaisleachadh.

uaillsean, see uaislean.

uaillsich,** see uaislich.

———ean, see uaislean.

uaillsichte, see uaislichte.

uailse, *Lapman* for uaisle.

uaim,** *s.f.* Embroidery. 2 see fuaim. 3 Weaver's harness. 4 Union

uaimeach,** -iche, *a.* Solitary.

uaimh, uamha & -e, *pl.* uamhan & -ean, *s. f.* Den, cave. 2 Hollow. 3 Grave. 4 Grotto. Ma 's carraig no u. do chòmhnuidh, *whether a rock or a cave be thy dwelling.*

uaimheach, *a.* Full of caves. 2 Like a cave.

uaimhgealta, see uaigealta

———chd, see uaigealtachd.

uainhrealtas, see uaigealtas.

uaimhinn, -e *s.f.* see uamhann.

uaimhneach, -eiche, *a.* Dreadful, terrible, horrid.

uaimhneachd,* *s. f.* Horridness. 2 Horrifying nature or quality.

uaimhnich,** *v.a.* Terrify.

uain, *gen. sing. & n.pl.* of uan.

uain,** *s.f.* Loan. 2 Pin, peg.

uainceann, see uainicionn.

uain'-chnotal, *s.m.* Crotal sage, (colour.)

uainicionn, -inn, -ean, see uainicionn.

uaine, *comp.* uaine, *a.* Green. 2 Pale, wan, pallid. 3 Livid. Ogain nam breacan uaine, *the green-plaided youths.*

uaine, *s.f.* Green (colour.) 2 Greenness, lividness. 3 The green sickness. 4 Menstrual courses. 5 Safety. 6 Wooden pin.

uaine, *comp.* of uaine.

uaineach, (DU) *a.* Tedious. Fad an là u., *through the tedious day.*

uaineachadh, -aidh, *s.m.* State of turning green. 2 State of becoming pale or ghastly. Ag u—, *pr.pt.* of uainich.

uaineachail, (MS) *a.* Porraceous.

uaineachan,* -ain, *s.m.* see uainealach.

uainead, -id, *s.m.* Degree of greenness, or of Paleness, pallidness or wanness. A' dol an u., *growing greener and greener.*

uainealach, -aiche, *a.* Greenish, verdant. 2 Pale.

———,* -aich, *s.m.* Wan, pallid person.

uainealachd,** *s.f.* Verdure, greeness.

uanean, -ein, -an, *s.m.dim.* of uan. Little lamb.

uaine-donn, *s.m.* Bronze-green (colour.)

uaine dorcha, *s.m.* Olive (colour.)

uainein, see uanan.

———each, see uananach.

uainfheoil, -fheola, *s.f.* Lamb (i.e. lamb's flesh.)

uainiceag, -eig, -an, *s.f.* see uainicionn.

uainich,* *v.n.* Become green. 2 Become pale. 3 (MS) Mould.

uainicionn, *s.f.* Lamb's skin.

———ach, *a.* Of, or belonging to, lamb's skins.

uainn, *prep.pron.* (ua+sinn) From us. 2 From amongst us. 3 Wanted by us. 4 Missing by us. 5 Necessary for us, our duty. Tha tri u., *we want three, we miss three;* tha u. falbh, *it is our duty to go;* cha'n 'eil u. ach an ceartas, *we only want justice;* ciod tha u.? *what do we want?*

uainne, *emphat.* form of uainn.

†uainnearach, -eiche, see uaigneach.

†uainnearas, -ais, see uaigneas.

uainneart,‡ *s.m.* Bustle. 2 Wallowing. *Badenoch.*

uaip,* *v.a.* Bungle, botch.

uaipe, *prep.pron.* (ua+i) From her, off her. 2

Digitized by Microsoft®

Wanted by her. 3 Missing by her. Ciod tha u. ? *what does she want ?*

ua pear, -eir, -an, *s.m.* see uipear.

uaipe-sa'm, *emphat.* form of uaipe.

†uair, *adv.* see oir.

uair, -e & uarach, *pl.* -ean & -eannan, *s.f.* Hour, any given space of time. 2 Time of day or night. a time. 3 Life, one's life-time. 4 Allotted hour of one's death. 5 Weather. 6 Opportunity, on a time, at another time, one time, once, once on a time, occasion. 7 Season. 8 Rotation.

Aon uair, *one o'clock, one hour ;* mu u. an uaire dar, *about an hour* ; leth-uair an déidh u. (*not* an déidh aon u.,) *half-past one ;* 'dé 'n u a tha e ? *what time is it ?* mu dhà u., *about two o' clock ;* eadar a h-aon 's a dhà, *between one and two ;* u. sam bith, *any time ;* na h-uile u., *at all times ;* an u. mu dheireadh, *the last time ;* a' cheud u., *at first, the first time ;* 's e seo m' u.-sa, *this is my turn (or rotation) ;* tha u. air, *he is subject to fits of good humour* or *generosity ;* air uairibh, *sometimes ;* an ceart u. *the very time. immediately ;* gach u., *at all times ;* u. eile, *at another time ;* u. éiridh iad gu nèamh. u. théid iad gu doimhne slos, *one time they mount to the skies, another they sink to the abyss;* thug mi i an uaigneas u., *I brought her apart once ;* u. a rinn mi sin, *once I did that ;* rinn e sin u is u., *he did that repeatedly ;* cia lion u. a tuig e ? *how many times will he come ?* 'na uaireannan, *sometimes ;* ni mi e u. air an u., *I will do it immediately ;* u. mu seach, *alternately, in rotation ;* an uair gabhaidh, *in time of danger ;* an u. òir, *aurora ;* an uair, *when ;* 's fhearr u. de bhea an taighe na obair-là an-òglaich, *better an hour of the mistress than a day's work of the servant* —the difficulty of getting good domestic servants thus seems to have been as great in the Highlands as elsewhere, even in Nicolson's time.

uaire-ag,(MS) *s.f.* Budge.

ua reineach. *Gairloch* for uaigneach.

uairceas,** -eis, *s.m,* Cock-boat.

uairgneach, *Perth, Strathspey, W.* of *Ross, Skye & Lewis* for uaigneach.

uaireach,(MS) *a.* Horal, hourly. 2**Needless, useless, insignificant, unimportant, unnecessary. 3 Capricious. Is u. dhuit, *it is needless for you ;* ni mó is beau u. mise, *neither am I a woman of no importance ;* imrich u., *a capricious flitting* -leaving a place for no sufficient reason—*Inverness district*—DC.

uaireachan,** -ain, *s.m.* Time piece

uaireadair, -eau,*s.m.*Watch, time-keeper of any kind. Clag-uaireadair, *or* u.-cluig, *clock;* u.-gainnemh *or* u.-gloine, *sand-glass ;* u.-laimhe *or* u.-pòca, *watch ;* u.-gealaich** *or* u.-gréine, *sun-dial ;* u.-gaineamhain, *sand-glass.*

————each, *a.* Abounding in, or pertaining to, time-pieces.

————iche, -an, *s.m.* Watch-maker, clock-maker.

ua reigion,* *adv* Sometime, once. Uair no u., *sometime or other.*

uaireil, -e, *a.* Hourly, by the hour, horary.

ua rgeach, *N. Uist* (*Gairloch*—DU) for uaigneach.

uairibh, (air) *adv.* Sometimes, at times.

uair là,** -áin, *s.m.* Sun-dial.

uair òir,** *s f.* Aurora, morning.

†uais see uasal.

uaisach,** -ich, -ichean, *s.m.* Hero.

uaisle, *s.f.ind.* Nobility, as of descent, gentility, pride, genteel extraction, high birth, gentlemanly manners. 2 Liberality, generosity.

uaisle, *comp.* of uasal.

————, *contr.* for uaislean.

uaisleachladh, -aidh,*s.m.* Ennobling, act of ennobling or dignifying. Ag u—, *pr. pt.* of uaislich.

uaisleachd,* *s.f.* Nobility, gentility. 2 Pride. 3 Dignity of port or mind.

uaislead, -eid, *s.m.* Degree of nobility or gentility.

uaislean, *s.pl.* Nobles. gentry.

uaislich, *pr. pt.* ag uaisleachadh, *v a.* Ennoble, exalt, dignify.

————te, *past pt.* of uaislaich. Ennobled, exalted, dignified.

uait, see uat.

uaith, *prep.pron.* From him, from it. Ciod tha u. ? *what does he want?* thigeadh e u., *let him come forward*—said in defiance ; ciod a bheir là uaith, *what a day may bring forth ;* mur 's tu a th' ann, is tu chaith u., *if it is you, how you have shrunk*—NGP gives " chaidh u. "

uaithe, see uaipe.

uaitheantach, -aiche, *a.* Ablative

†uaithne,‖ *s.* Puerperium.

†uaithne,* *s.m.* Pillar, post.

uaith-san, *emphat.* form of uaith.

uallach, -aiche, *a.* Cheerful, airy, gay, giddy. 2 Conceited proud, vain, vain-glorious. 3 Freakish, fantastic. 4 Proud, stately, noble. 5 Sportive, playful, lively, ostentatious, gallant. 6 Light, indifferent as to weight. 7**Ostentatious. 8**Gallant. 9 Light-headed.

Thog e gu h-u. e, *he raised it so lively ;* duine u., *a light headed person.*

uallach, -aich, *pl.* -an & -aichean, *s.m.* Burden, load. 2 Charge, assigned task, responsibility. 3 Oppressive weight.

U. an ni sin ormsa, *the charge of that thing to me ;* a' giùlan uallaich taighe Iosaiph, *bearing the charge of the house of Joseph ;* cha'n u. sin air, *that is no hard task to him ;* u. a' ghnothaich, *the responsibility of that affair ;* is aotrom an t-u. mo ghràdh, *my love is a light burden ;* fo u. le misg, *overcome with drunkenness ;* is trom an t-u. an aois, *age is a heavy burden ;* ro-uallach, *an overcharge.*

uallach, -aich, *s.m.* Conceited fellow, fop.

————adh, -aidh, *s.m.* Loading, act of loading or burdening. 2 Encumbering. 3 Making conceited or arrogant. 4 Becoming conceited, arrogant or airy. Ag u—, *pr. pt.* of uallaich.

uallachag, -aig, -an, *s.f.* Coquette, airy, conceited girl.

uallachan, -ain, -an, *s. m.* Little load. 2**Showy stripling. 3**Gallant. 4**Coxcomb, fop, swaggerer. 5‡‡Infant. 6 *dim.* of uallach

uallachas, -ais, *s.m.* Cheerfulness, gaiety, airiness. 2 Conceit, vanity, pride, stateliness, foppery. 3 Freakishness. 4 Sportiveness. 5‡‡ Liveliness. 6 *rarely,* Lewdness. 7**Gallantry.

uallachd,* *s.f.* Extreme conceit, vanity, airiness or ostentation.

uallaich, *pr. pt.* ag uallachadh, *v.a. & n.* Load, burden. 2 Encumber. 3 Daub. 4 Make conceited. 5 Become conceited.

————te, *past pt.* of uallaich. Loaded, burdened. 2 Encumbered.

uallair,* -ean, *s.m.* Coxcomb

uam, *prep. pron.* (ua+mi) From me. 2 Wanted by me. 3 At a distance from me. Fan u., *keep at a distance from me ;* gu 'm bu fada sin bhuam, *be that far from me ;* tha sin u., *I want that.*

uamh, -aimh, -annan, *s.f.* see uaimh. 2**Savage, terrible fellow. Cha'n 'eil ann ach u. dhuine, *he is only a savage of a fellow.*

Digitized by Microsoft®

uamh,** -aimh, *s.m.* Ornament.
uamha, see uaimh.
uamhach, see uaimheach.
uamhag,‡ *s.f.* Sheep-house, sheep-ked, tick—*metaphagus ovinus—North* *
————ach. -aich, *a.* Full of sheep-lice.
uamhaich,(MS) *v.a.* Encave.
uamhaidh, see uaimh.
————each, see uaimheach.
†uamhain, -e, -ean, *s.f* Bake-house. (Eng. *oven.*)
uamhainn, *gen. sing.* of uamhann.
————each, see uamhannach.
uamhais, *gen. sing.* of uamhas.
uamhal, *s m.* Sheep-ked.
uamhalt, -a, *a.* Lonely, solitary.
uamhaltachd, *s.f.* Loneliness, solitariness.
uamhann, -ainn, *s.m.* Dread, terror, dismay, horror, amazement. Righ nan u., *the king of terrors* ; u. a' bhlàir, *the terror of battle* ; tuitidh u. orra, *amazement shall fall on them.*
————, *a.* see uamhannach.
————ach, *a.* Terrible. 2 Horrible. 3 Astounding. 4 Shocking. Le tartar u. na mara, *with the dreadful noise of the sea.*
————achadh,(MS) *s.m.* Astonishingness, affrightment.
————achd,** *s.f.* Amazedness.
————aich,(MS) *v.a.* Astonish, astound.
uamhanta,* -ainte, *a.* see uamhasach.
uamharr, -a, *a.* Dreadful, terrible, horrible, direful. 2 Shocking, loathsome, abominable, repulsive. 3 Atrocious, heinous. 4 Morose, gloomy. 5 Proud, arrogant. 6 Excessive. [†† says uamharra.]
uamharrach, see uamharr.
————d, *s.f.* Frightfulness, horror. 2 Loathsomeness, abominableness. 3 Atrocity, 4 Moroseness, gloominess. 5 *Heinousness. 6 Excessiveness, direness. 7** Pride, arrogance.
uamharraidh, -e, *a.* see uamharr.
uamhas, -ais, -an, *s.m.* Monster. 2 Spectre, apparition. 3 Dread, horror, fright, terror. 4 Great quantity, prodigy. 5 Dismay, astonishment. 6* Horrid deed. atrocity. 7*Deed done in a cave. Fhuair iad u. éisg, *they got a great quantity of fish* ; chunnaic iad u., *they saw an apparition* ; u. dhaoine, *a large number of people.*
uamhasach, -aiche, *a.* Terrible, horrible, awful, dreadful. shocking. 2 Wonderful, astonishing, prodigious.
————d, *s.f.ind.* Terribleness, awfulness, dreadfulness. 2 Horribleness, abominableness, loathsomeness. 3** Admirability. 4* Extreme atrocity. 5**Astonishment.
uamhasaich, *v.a.* Affright.
uamh-bheist, -ean, *s.m.* see uadh-bheist.
uamh-chreadha,**s. Brick-kiln.
uamh-chrith, -e, *s.f.* see uadh-chrith.
uamhlach, s.m Monster.
uamhlaidh, (DMK) *intensitive particle*, used to qualify the *adj.* maith. U. maith, *exceedingly good.* In *W. of Ross, &c.* the term is restricted to *maith*—uamhasach is the term used to qualify *dona.*
uamhraith -e, *a.* Full of caves or dens. 2†† Gloomy, fearful.
————, *adv.* Excessively, awfully.
uamh-rod (rathad),** *s.m.* Adit.
uamh-sheòmar,** *s.* Cell.
uamhunn, see uamhann.
———— ——ach, see uamhannach.
———— ——achadh, see uamhannachadh.
————aich, see uamhannaich.
uam-sa, *emphat.* of uam.
uan, -ain, *s.m.* Lamb.
uanach, -aiche, *a.* Abounding in lambs. 2 Like a lamb. 3** Lamb-producing.
uanachan, -ain, *s.m.* Lamb, lambkin.
uanachd,** *s.f.* Yeaning, earning.
uanalach,* -aich, *s.m.* Lamb's wool.
uanan, -ain, -an, *s.m.*,*dim.* of uan Little lamb. 2 Young lamb. 3 Milk coming from a cow for several times after calving.
uananach, *a.* Abounding in little lambs.
uan-Càisge,* *s.m.* Pascal lamb.
uan-fheòil, -fheòla, *s.f.* Lamb (flesh.)
uan leth-aon, *s.m.* Twin-lamb.
uapa, *prep. pron.* (ua+iad) From them, away from them, from amongst them. 2 Distant from them. 3 Wanted by them. 'Dé tha u. ? *what do they want ?* tha u. a bhi falbh, *they had better be gone ;* thigeadh iad u., *let them come forward*—said in defiance.
uapa-san, *emphat.* form of uapa.
uar,‡ *s.m.* Waterfall. 2 Heavy shower.
uarach, -aiche, *a.* Hourly. 2 Temporary.
uarach-mullaich, see odharach-mhullach.
uaraich,(MS) *v.a.* Quench.
uaran,** -ain, *s.m.* Fresh water, (fuaran)
uarraidh, see uamharr.
uas * *s.m.* College cap used when graduating. 2 **Crown or ornament of silver worn by the order of poets next to ollamh
uasal, uaisle, *a.* Noble, gentle, well-born. 2 Genteel, polite. 3 Proud. 4 Elegant, fine. 5 Precious, valuable. 6* Novel, new. 7 Fastidious. Duin' u., *a gentleman* ; bean u., *a lady* ; tha e tuille 's u. uime, *he is too fastidious about it* ; rinn thu do ghnuothach gu h-u., *you did your business like a gentleman*; a chàr uasail ! *thou noble ally;* os cionn chlach uasal, *above precious stones* ; is annu u. tha an iriochlachd, *'tis humility that is noble.*
uasal, -ail, *pl.* uaislean, *s. m.* Gentleman. 2** Nobleman. Uasail ! *sir !* uasail ionmhuinn ! *dear sir !*
uasalach, -aiche, *a.* Genteel, graceful in behaviour.
uasal-ghniomhach, -aiche, *a.* Acting genteelly.
uaslaid,** *s.f.* Gentleness. 2 Redemption.
uat, *prep.pron.* (ua+thu) From thee 2 Wanted by thee. 3 At a distance from thee. Tha u. a bhi falbh, *you had better be gone ;* tha u. a dheanamh, *you had better do it ;* 'dé tha u. ? *what do you want ?*
uat ! *int.* Away with it !
†uath, *s.m.* Dread, terror.
uath,‡ *s.* Old Gaelic name for hawthorn (sgitheach geal.) 2 Earth. 3 Small number. 4 Retirement.
†uath,** *a.* Solitary, alone, single, lonesome. 2 Terrible.
uatha, *prep. pron.* (ua+iad) From them. 2 Wanted by them. 3 Retirement from them. Uatha-san ceannaichidh sibh, *from them ye shall buy ;* 'dé tha u.? *what do they want ?*
uathail,** *a.* Solitary, single.
uatha-san, *emphat.* form of uatha.
uathbhas, see uamhas.
————ach, see uamhasach.
uathmhorachd,(MS) *s.f.* Abominableness.
uathrais,(DU) *s.f.* Violent restlessness.
uathrais air tharais, Helter-skelter.
ub ! ub ! ubub ! *int.* Expression of aversion or contempt.
ub,(AC) *gen.* uib & uibe, *pl.*uibe, uibean, *s.* Spell, charm, incantation, superstitious ceremony. (also òb)
uba, see ub.
ubag,* -aig, -an, *s.f.*,*dim.* of ub. Enchantment, incantation. 2 Charm, spell, superstitious ceremony.

Digitized by Microsoft®

ubagach, -aiche, *a.* Skilled in charms, enchantments or incantations. 2** Enchanting. 3 Superstitious. 4** Like a charm. Cuach u., *a charmed cup*

ubagaich, ** *v.a.* Subdue by charms or spells, enchant.

ubagaiche, ** *s.m.* One who subdues by charms or philtre.

ubagail,* *pr.pt.* of ubaig. Enchanting.

ubaid, *s.f.* Pulpit.

ubaidh, *s.f.* see ubag

ubaig, *pr.pt.* ag nbagail, *v.a.* Enchant.

ùbairt (CR) *s.f.* Moving heavy articles. 2 Bustle.

ubarrail,* see ùbraid.

——————each, see ùbraideach.

ubh, uibhe, uibhean, *s.m.* Egg. 2** *rarely*, Point of a weapon see ugh.

ubh ! ubh ! *int.* Expression of surprise, disappointment or incredulity.

ùbh ! ùbh ! ùbhau ! *int* Alas ! alas ! expression of grief or disgust Oh dear !

ubhach, -aiche, *a.* see ughach.

ubhagan,* -ain *s.m.* see ugheagan.

ubhaidh, see ubag.

ubhail, -e, *a.* Oval, elliptical, oviform.

ubhal,-ail, *pl.* ùbhlan, *s.m.* Apple—*pyrus malus.*

——————ach, -aiche, *a.* Apple-bearing,

—————— a' chruachain, *s.m.* The knot-like bone at the hip-joint. Chaidh a' bhò á ubhal a cruachain, *the cow dislocated her hip-joint.*

—————— an sgùrnain *s.m.* The ball of the throttle.

—————— bhrigh, *s.* Cider.

—————— fiadhain, *s.m.* Wild apple, wilding.

—————— -ghort, -oirt, -oirtean, *s.m.* Orchard, garden.

—————— -ghortach,** *a.* Abounding in orchards. 2 Of, or belonging to an orchard.

—————— -gnuthais, *s.m.* Pine-apple.

—————— na coise, *s.m.* Ankle.

—————— na leise, *s.m.* Hip-bone.

—————— na sùla, *s.m.* Apple of the eye.

ubh-bhreitheach, -eiche, *a.* Oviparous.

ubh-bhuidheagan, -ain, -an, *s.m.* Egg-yolk.

ubh-chearcall, ** *s.* Ellipsis.

ubh-chlach, *s.f* Oolite.

ubh-chruth, -ainn, *s.pl.* Spawn.

ubh-chumpach, -aich, *s.f.* Oblong spheroid.

——————————, -aiche, *a.* Oval, elliptical.

ubhla, see ùbhladh. 2 *cont.* of ùbhlan.

ùbhlach, -aiche, *a.* Abounding in apples 2 Of, or belonging to, apples. 3 Apt to impose a fine. 4 Relating to a fine.

ùbhladh, -aidhean, *s.m.* Fine, penalty, tribute, tax, impost. 2*Fine in church courts, ecclesiastical fine. Currear u. air, *he shall be fined.*

ùbhlan, *n.pl.* of ubhal.

ubh-mhial,(AF) *s.* Nit.

ubhtraid,(DC) *s.f.* Service road in a township, especially one branching off a main-road—*Uist.* see ùdrathad.

ùbraid, -e, -ean, *s.f.* Dispute, confusion.

ùbraideach, -eiche, *a.* Confused.

ùcadair, see fùcadair.

——————eachd, see fùcadaireachd.

ucaid, ** *s.f.* Occasion.

ucain, ** *s.f.* Harshness.

ùcair, see fùcadair.

——eachd, see fùcadaireachd.

ucas, -ais, *s.m.* Coal-fish—*gadus virens.*

uch ! *int.* Expression of complaint, Oh ! alas !

uchanaich, ** *s.f.* Sobbing, groaning, sighing.

uchd, *s.m.ind.* Breast, bosom, 2 Lap. 3 Brow, side of a hill. 4 *Point, or very time. 5 Humanity, clemency, mercy. 6** Intercession. U. mo ghaoil, *the breast of my love ;* ri u. (*or* ri beul) bàis, *at the point of death*—(aig roinn a' bhàis -*Perthsh.*) ; fàg gu u. a Mhorair e, *leave it to his lordship's clemency* ; a' togail au u., *ascending the face of the hill* ; ri u. cruadail, *braving difficulties* ; na h-uchdan, *the breasts ;* u. na troi-lhe, *the instep ;* beul ri beul is uchd ri uchd, *mouth to mouth and breast to breast.*



671. Ucas fiadhain.

ucas fiadhain,§ *s.m.* Common mallow—*malva sylvestris.*



672. Ucas Frangach.

ucas Frangach,§ *s.m.* Dwarf mallow—*malva rotundiflora.*

uchdach, -aich, *s.f.* Ascent, brae, steep, steepness. 2 Stomacher. 3 Breast-plate. 4 Extension of voice. 5 Clef, in *music.* 6 Sine of an angle. 7* Delivery in speech 8* Pith, energy. 9 Steep portion of a high-road, short steep ascent. 10 Up-hill road. 11**Meadow. 12(CR)Panting, breathing hard—*W. of Ross.* 13(CR) Breast-band, to keep the saddle from slipping backwards. 14 Shoulder-band of a creel—*Lewis.*

A' togail na h-uchdaich, *ascending the acclivity* ; 's ann aige tha 'n u., *how grand his delivery !* cha'n 'eil u. aige dha, *he has not energy to encounter such a difficulty* ; gun u. a dhireadh, *without climbing an ascent* ; sgaill i an u phriseil, *she split the precious breastplate.*

uchdach, -aich, *a.* Prominent. 2 Steep, precipitous. 3 Pectoral, thoracic.

uchdag,(DU) *s.f.* Panting.

——————ail,** *a.* Acclivious. 2 Convex.

uchdail, -e, *a.* Stout-breasted. 2 Erect, high-headed.

Digitized by Microsoft®

uchdall, ** *a.* High, erect.
uchdan, -ain. *pl.* -ain & -an. *s.m.* Hillock acclivity. 2 Instep of a foot or shoe. 3 Child's bib or pinafore. †† Raised bank, terrace, embankment. 5** Short steep ascent. 6** Steep portion of road, up-hill road. 7** Sob. U na troidha, *the instep.*
————ach *a.* Abounding in hillocks or steep ascents. 2** Steep or uneven, as a highway. 3** Sobbing.
uchdanachaih, -aidh, *s.m.* Sobbing, sighing, groaning.
uchdanaich.** *v.n.* Sob, sigh, groan.
————.*s.f.* Frequent sobbing, groaning.
uchd-aodach, -aich. *s.m.* Breast-plate, armour for the breast, breast-clothes.
uchdardach,* *a.* High-crested. 2 Bold, brave. 3 Presumptuous. 4 High-breasted.
————d, *s.f.* Pomposity, presumptuousness, pomp.
uchdas-fiadhain. see ucas-fiadhain.
uchdas-Frangach, see ucas-Frangach.
uchd-bhàn.** *a.* Fair-breasted.
uchd-bheart, *s.f.* Cuirass.
uchd-chrios, -a, -an, *s.m.* Stomacher, breastband.
uchd-crochta, *s.m.* Hanging-back (of loom.)
uchd-eudach, see uchd-aodach.
uchd-éideadh -idh, -idhean, see uchd-aodach.
uchd-gheal, *a.* White-breasted.
uchd-làr, s. The floor of a kiln round about the eye.
uchd-mhac, -mhic, *s.m.* Adopted son.
————ach, *a.* Of, or belonging to adoption.
————achadh, -aidh, *s.m.* Adopting, act of adopting or affiliating. 2 Circumstance of adopting. Ag u —, *pr.pt.* a' uchd-mhacaich
————achd, *s.f.* Adoption, affiliation. 2 Frequent adopting. A' feitheamh ris an uchd-mhacachd, *waiting for the adoption.*
————aich, *pr.pt.* ag uchd-mhacachadh, *v. a.* Adopt as son and heir.
————aichte, *past pt.* Adopted.
uchd-mhacair,** *s m.* Adopter.
uchd ri uchd, Abreast.
uchd-riomhadh,** *s m.* Breast-knot.
uchd-ruadh,** *a.* Red-breasted, brown-breasted. Am bannal u., *the red-breasted covey.*
uchd-suidhichte, *s.m.* Standing back (of loom.)
fuchtard,‖ *s.* Strumosus,
ucsa, see ucas.
ucsach, *a.* Abounding in coal-fish.
ud, *demon.adj.* That, yon, yonder. Thall ud, *over there;* am baile ud thall, *that town yonder.*
udabac,* -baic, *s.m.* Porch, out-house. 2 Buttress or support, usually of stone, built against a wall. 3 Wall about 6 ft. high and 7 ft. or 8 ft. long, built in front of a main door at a distance of about 4 ft. from it to break the force of the wind. They were common in the north of Skye till quite recently and may still be seen in some parts. 4 Backhouse. [ùdabac—*Uist.*]
udacag, -aig, -an. *s.f.* see coileach-coille.
udacag-crom-nan-duilleag, see coileach-coille.
udag,¶ -aig, -an, *s.f.* Woodcock, see coileach-coille.
udag.(AH) *s.f.* Fluster, flutter, stew—*Argyll.*
——ach, *a.* Excitable.
udagoc, see coileach-coille.
udail, *pr.pt.* ag udal, *v.a.* Cause to totter or shake. 3 Remove, cause to remove. 4 Float. 5 Dangle, shake, toss. 6 **Oscillate. 7** Flounder.
udail, -e, *a.* Inhospitable, churlish. 2 Gloomy.
udail,* *s.m.* Churl.
udail, see udal.
udlil, ** *a.* Wavering. 2 Pottering. 3 Tossing. 4 Slow. 5 Inhospitable. 6* Gloomy. Cha b' u. thu am measg chàich, *thou wert not slow among the rest.*
udal, -ail, *s.m.* Distress. 2 Jeopardy. 3 Tossing. 4 Floating. 5 Moving dangling, wavering, oscillating, fluctuating, moving to and fro, as any light substance in an eddy. U cuitin, *distress at sea, tossing on the ocean;* cha bhi thu air u., *you shall not be unheard for;* cha'n fhaic mis' air u thu, *I will not see you a dependant.* 6 State of being ejected. 7* State of being tossed from place to place, as a person ejected. 8 State of being absent. 9 Pensioner on the bounty of others, as a person once in good circumstances. Ag u —, *pr.pt.* of udail.
udalach, -aiche, *a.* Wavering, tossing, tossed. 2 Removing. 3 Undulating. 4 Causing distress or jeopardy. 5* Tossed from place to place, as a person.
udalaich, see udal.
udala'aich.(MS) *v.a.* Curl.
udalan, -ain, -an, *s.m.* Swivel. 2 Swivel of a tether. 3 Runner of a cart. 4 (Mv) Hinge, wooden hinge of a door. Cha chinn còinneach air cloich an udalain, *moss grows not on the oft-turned stone.*—NGP.
udalanach, -aiche, *a.* Pendulous, swinging. 2 Glib.
————d, *s.f.* See-saw.
udarag, -aig, *s.m.* Woodcock, see coilleach-coille.
udan, see udal.
udhail.(MS) *s.m.* Dregs, dross.
udhboil,* see udal.
————each, -iche, *a.* see udalach.
udhachd,** *s.f.* Will, testament. 2 Confession.
ùdhar, see odhar.
udhar, -air, -an, *s.m.* Boil, ulcer, sore. 2 Wound.
——ach, -aiche *a.* Afflicted with sores, ulcerous sore. 2 Wounded.
udlaiche, -an, *s.m.* Stag. 2 (AF) Old hart. 3 (AF) Ass in its 4th. year.
ùdlaidh, -e, *a.* Gloomy, dark, churlish, morose, unsociable, lonely.
udlan, see udalan.
——achd,** *s.f.* Trough of the sea.
ùdrathad, -aid, -ail ean, *s.f.* Free egress and regress to common pasture. 2 Common road to common grazing, peats, &c. Ù.-mòine, *common road to a peat-moss.*
————ach, *a.* Having a road for cattle. 2 Of, or belonging to, a cattle-road.
ud ! ud ! *int.* No ! no ! it cannot be, pity, pity.
uga,(DU) *Gairloch* for ugan. Cuaimh an uga, *the collar-bone.*
ugaidh,** -aidh, *s.m.* Birth.
ugan, -ain, -annan, *s.m.* [*c f*] Upper part of the breast, fore part of the neck, throat. 3 Collar-bone—*Lewis.* Slag (for lag) na h-ugain, *hollow of the collar bone;* crith-chiùil air m' u., *warbling in my throat.*
ùgh, ùigh, -an, *s.m.* see ùth.
ugh. uigh, uighean, *s.m.* Egg. U. eireig, *a mullet's egg;* u.-nid, *a nest-egg;* gealagan uighe, *the white of an egg;* buidheagan uighe, *the yolk of an egg;* u.-cliath-feannaig, an egg that is much under the hen's usual standard of size, as though she had taken up with a hooded crow !—*W. of Ross-shire;* u.-maola feannaig, is a little egg sometimes laid by a hen, at one time popularly supposed to be laid once in seven years by the cock (cockatrice's ory); u. air Inid eun air Càisg, mur b' e aig an fhitheach bithidh ann bàs—not *feannaig* as is sometimes given, for the latter is not very early in nesting but the former is. [McL &

Digitized by Microsoft®

D and ‡ give ubh.]

ughach, -aiche, *a.* Oviform, oval. 2 Like an egg. 3 Full of eggs. 4 Egg-producing. 5 Pointed.

ughaim, -e, -ean, *s.f.* see uidheam.

ughagan,** -ain, *s.m.* Custard, pancake.

ughdam, *s.m.* Knuckle. [Given as " vulgar " by MS] (for rudan.)

ùghdar, see ùghdar.

ughdaireachadh,(MS) *s.m.* Authorization.

ùghdar, -air, -airean, *s.m.* Author. Oir cha'n e Dia u. na mi-riaghailt, *for God is not the author of confusion.*

————ach, -aiche, *a.* Of, or belonging to, an author. 2 Authentic, having an author. 3 Authoritative.

————achd, *s.f.* Authorship, authority, authenticity.

ùghdarachadh, -aidh, *s.m.* Authorizing, act of authorizing. Ag u., *pr.pt.* of ùghdaraich.

ùghdaraich, *pr.pt* ag ùgdarachadh, *v.a.* Authorize, empower. 2 **Own, as an anthor

————, -te, *past pt.* of ùghdaraich. Authorized, empowered, authentic. 2 Owned, as a book by its author.

ùghdarail, -e *a.* Authentic.

ùghdaraileachd,** *s.f.* Authenticity.

ùghdaralas,** -ais, *s.m.* Authenticity.

ùghdarra,* see ùghdar.

ùghdarrach,** *a.* Authoritative.

ùghdarrachd, see ùghdarachd.

ùghdarrais, *s.f.* Lumber, stuff in one's way. 2 Struggle. (ùtrais)

ùghdarras, -ais, *s.m* Authority, power, command. A' teagaisg mar neach aig am bheil u., *teaching as one having authority.*

ùghdarrasach, -aiche, *a* Authentic, authoritative.

ughdlmhail,(MS) *s.* Offal.

ughpag,(MS) *s.f.* Protrusion.

ùghdrathad, see ùdrathad.

ùghtarrais, see ùghlarrais. (ùtrais)

ughtraid,(DC) *s.m.* Side-road off a high-road. 2 see ùlrathad.

ugsa, *pl.* -n & -ichean, *s.m.* see ucas.

ugsach, see ucsach.

uibe, -achan, *s.m.* Mass, lump, commonly of dough. 2 Block of anything, as marble. 3 Lump of a person. (also ioba)

uibeach, -aiche, *a.* Lumpish, massive. 2 Round, globular, rotund, circular.

————an, -ain, -an, *s.m.* Little mass or lump.

uibeachd,** *s.f.* Roundness, circularity, globularity, rotundity.

uibeag, *s.f.*, *dim.* of ub.

uibh, see uigh.

uibheagan, -ain, *s.m.* see nigheagan.

uibhir, *s.f.ind.* Number, quantity, sum. 2** Account, Tha u. is u. aca *they have share and share alike*; u. eile, *as much again*; 'dé 'n u. a th' ann? *what quantity is there?* u. 's a th' ann, *as much as there are*; u. na circe. *the equivalent (value) of a hen*; na h-uibhir, *a great number* or *quantity*; na h-u. de dhaoine, *a great number of men*; u. ri càch, *as much as the rest*; 'se na h-u., *it is so much*; mi fhéin a dh' fhaotainn na h-u. de dhragh, *my getting so much trouble*—W.H. 1.18.

uibhireach, *s.m.* Arithmetician.

uibhireach, -eiche, *a.* Numerous. 2†† Equal, alike. 3(MS) Arithmetical.

uibhireachd, *s.f.* Computing, casting up of sums, tale, arithmetic.

uibhir-fhaisneachd,(MS) *s.f.* Arithmancy.

uibhreachail, -e, *a.* Arithmetical, numerous, numerical.

uibhreachan,‡‡ *s.m.* Abacist, numerator, arithmetitian.

uibhreachan-bhine, *s.m.* Almanac.

uibhseann, see uinnseann.

————ach, see uinnseannach.

uideal, *s.* Fail.

uideal,** *s.m.* Unsteadiness, tossing about, wavering, tottering, moving to and fro. 2** Jeopardy. Gun sibh bhi fo u., *without your being moved or shaken.*

uidealach,** *a.* Wavering, tottering. 2 Causing to wave or totter 3 In jeopardy.

ùidh, -e, -ean, *s.f.* Ford. 2 Part of a stream which leaves a lake before breaking into a current, slow running water between two lochs. 3 Desire, wish 4 Partiality, fondness, affection. 5 Hope, expectation. 6 Care, heed. 7** Attention, hearing. 8* Intention, hope. 9 (DMv) Isthmus.

Gun ù. ri sòlas, *without hope of consolation*; an obair anns an do chuir mi m' ù, *the work on which I set my intentions.*

uidh, -e, *s.f.* Degree, step, stair, space. 2 Way. 3 Journey. U. air 'n u, *gradually*; 's ann u. air 'n u. a thogar an caisteal, *the castle is built little by little*; ceann uidhe, *destination*; aig ceann ar n-uidhe, *at our journey's end.*

uidh,** *v.a.* & *n.* Favour, countenance. 2 Take part. Cha'n u. thu leis, *thou shalt not favour him.*

uidhe see uidh.

uidhearachd (MS) *s.f.* Gradation.

uidheam, -eim, -an, *s.f.* Furniture. 2 Equipage, regimentals, uniform, accoutrements. 3 Dress, clothes, habiliments. 4 Decoration. 5**Harness. 6 Order, arrangement. 7 Preparation. 8 Use, need. 9 Instruments 10 Rigging. 11 (All) Set of sails. 12* Materials, apparatus. Fo làn u, *in full dress*; fo làn u. Ghàidhealach, *in full Highland dress*; dh'eanainn sin 'nam bitheadh an u. agam, *I would do that if I had the materials*; u. ghreusachd, *shoemaking tools*; u. shaoirsneachd, *joinery tools*; u. thogalach, *distilling apparatus.*

uidheamach, -aiche, *a.* Well-furnished, accoutred or dressed. 2 Provided with materials or apparatus.

————adh, -aidh, *s.m.* Furnishing, act of furnishing with necessary implements, apparatus or dress. 2 Arranging, act of arranging. 3 Preparing, arranging matters. Ag u—, *pr.pt.* of uidheamaich.

uidheamachd,(MS) *s.f.* Qualification.

uidheamaich, *pr. pt.* ag uidheamachadh, *v. a.* Equip, furnish with instruments or dress. 2 Arrange. 3 Prepare. 4 Address. U. thuféin, *equip thyself.*

uidheamaichidh, *fut.aff.a.* of uidheamaich.

uidheamaichte, *past pt.* of uidheamaich. Equipped, furnished. 2 Arranged. 3 Prepared.

uidheam-cho aidh,‡‡ *s.f.* Military accoutrements.

————-eich,‡‡ *s.f.* Horse-trappings.

————-gunnaireachd, *s.f.* Ammunition.

————-leapa, *s.f.* Bedding.

uidhear, -ir, -an, *s.m.* Traveller, pilgrim.

uidh-ghille, *s.m.* Footman. 2 Errand-boy.

uidhis,** *v.* Adhibit.

————,** *s.* Adhibition.

uidhsealachd, see ùisealachd.

uidhseil, -e, *a.* see ùiseil.

uidhsinn,** *v.a.* Employ.


ùig, -e, *pl.* -ean & -eachan, *s.f.* Nook, retired or solitary hollow, cave or den. 2* Steep, conical rock.

†uige, *s.f.* Jewel, precious stone, pebble 2 Web. 3 Carded wool for spinning, - hence 4 The spinning out of a story or poem. 5 *rarely*, Knowledge, skill, ingenuity, understanding 6 Poem.

ùigeach, -eiche, *a.* Abounding in nooks or soli-

Digitized by Microsoft®

tary hollows.
uigeach,** *a.* Abounding in jewels or precious stones. 2 Like a jewel or precious stone.
ùigean, -ein, -ean, *s.m.* Fugitive, lonely wanderer. 2 see uigeann.
ùigeanach, -aiche, *a.* Of, or belonging to fugitives. 2 Like a fugitive.
uigeann,** -einn, *s.m.* Forepart of the neck.
ùigeanta, -einte, *a.* Of a retired or unsociable disposition. 2 see ùigeach.
ùigeantachd, *s.f.* Gloominess. 2 Unsociableness.
uighe, see uidh.
uighe, *gen.sing.* of ugh.
uigheach,** -ich, *s.m.* Traveller.
uigheagan, *s.m.* Custard. 2 Ovary.
ùigealachd, *s.f.* Quality of giving pleasure. 2 Careheed. see aoigheachd.
uigheam, see uidheam.
———ach, see uidheamach.
———achadh, see uidheamachadh.
———aich, see uidheamaich.
———aichidh, see uidheamaichidh.
———aichte, see uidheamaichte.
uighean, *n.pl.* of ugh.
uighean-sithein, *s. pl.* Fairy egg, (beans, nuts and seeds borne across the Atlantic by the Gulf Stream with the weed tùrusgar.)
ùigheil, -e, *a.* Giving pleasure. 2 Careful, heedful. 3 (DMy) Pleasant to the taste, palatable.
nigh air 'n uigh, for uilh air 'n uilh.
uighimich, see uigheamaich.
uighpear,(MS) *s.m* Dabbler.
uilbh,(AF) *s.f.* Wolf—*Suthd.*
uile, *g n.sing. & n.pl.* of ole.
uild, *gen.sing. & n.pl.* of ald. (for allt.)
uile, *a.* All. the whole, altogether, quite, every, wholly. Tha iad mar sin u., *they are all so* ; thàinig iad u., *they have all come* ; tha mi u. thoileach, *I am quite willing* ; a h-u. uair, *always* ; u. air chaochladh, *all changed* ; u. gu léir, *altogether, completely, wholly* ; a' choille gu h-u. làn duilleach, *the wood quite full of foliage* ; na h-uile, *everyone, all, the whole*; cha'n ann am Bòid u. 'tha 'n t-olc, *the mischief is not all in Bute*—NGP.
uileach,** *a.* Universal. 2 General.
uileachd, *s.f.ind.* Universality, generality. 2 Totality.
uileadh,†† -idh, *s. m.* Entirety, completeness.
uilidh, *a.* All. Gu h-uilidh, *entirely, totally.*
uileann,-inn,uille,uillne & uilne, *pl.* -au, *s.f.* Elbow. 2 Corner,angle. U. na beinne, *the angle* or *corner of the mountain* , air u. nan leac, *on the corner of the flags* ; 'nuair a bha e air u., *when he was embarrassed, on the eve of failing;* thug i u. gu tuiteam, *she bent to fall.*
———ach, -aiche, *a.* Angular, angled. 2** Elbowed. 3 Cornered.
———ach, -aich, *s. m.* Antler. 2 Lowest branch of a deer's antler.,
uilear, *a.* see fuilear.
uile-bheist, -ean, *s.m.* Monster. 2 Wild beast. 3 Lamprey. 4 Hideous wild beast. Mar u. mi-chiallach, *like a mad monster*
uile-bheist a' chuain,(AF) *s.m.* Sea-serpent.
uile-bheisteil, *a.* Monstrous.
uile-bheannaichte, *a.* Truly blessed, all-blessed. 2††All-holy.
uile-bheothachail,** *a.* All-cheering.
uile-bhreitheach, -aiche, *a.* All-judging.
uile-bhuadhach, -aiche, *a.* All-victorious, all-triumphant.
uile-chaithteach,‡‡ *a.* All-consuming.
uile-chaochlaideach, *a.* All-changing.
uile-chinnteach, -eiche, *a.* All-certain, unerring. 2 All-sufficient.
uile-chliùiteach,‡‡ *a.* All-praised.
uile-choitchionn, a. Universal.
uile-choitchionnachd, *s.f.* Universality.
uile-chomh-ach, -aiche *a.* All-powerful.
———-dl.** *s.f.* All-sufficiency.
uile-chruthach, -aiche, *a.* Omniform.
uile-chumhachd, *s.f.* Omnipotence.
———ach, -aiche, *a.* Almighty, omnipotant, all-powerful.
uile-chuthaichte, *a.* All-enraged.
uile-dhìongmhalta, *a.* All-sufficient.
uile-fhaicsinneach,** *a.* All-seeing, omniscient.
uile-fhaicsinneachd,** *s.f.* Infinite vision, omniscience.
uile-fhiosrach, *a.* All-knowing, omniscient.
uile-fhiosrachd, *s.f.* Omniscience.
uile-fhoillseachail,‡‡ *a.* All-discovering.
uile-fhradharcach, *a.* Omniscient, all-seeing.
uile-fhuathach ‡‡ *a.* All-abhorred.
uile-ghlic, *a.* All-wise.
uile-ghlìocas,** -ais, *a.* Infinite wisdom.
uile-ghlòrmhor, *a.* All-glorious.
uile-ghràsmhor, *a.* All-gracious.
uile-iomlanachd,** *s.f.* All-sufficiency.
uile-làthaireach, *a.* Omnipresent.
uile-làthaireachd, *s.f.* Omnipresence.
uile-léirsineach, *a.* Omniscient.
uile-léirsinneachd,** *s.f.* Divine perfection of seeing all things, omniscience.
uile-mhaitheasach, *a.* All-good.
uile-mhì-shlaicht-,‡‡ *a.* All-disgraced.
uile-mhath,†† *a.* All-good.
uile-mhathasach, see uile-mhaitheasach.
uile-mhillteach,** *a.* All-consuming, all-devouring.
uile-naomh, *a.* All-holy. [MeL & D gives uile-naomha.]
uile-neartmhor, *a.* All-powerful.
uile-riaghlach, *a.* All-ruling.
uile-sgriosach,†† *a.* All-destroying. 2 All-devouring.
uile-shlugach, *a.* All-devouring.
uile-shoillseachail, *a.* All-lightening.
uile-thoireach, see uile-thorach.
uile-thorach, *a.* All-bearing.
uile-thrèigte, *a* All-abandoned.
uile-thròcaireach, *a.* All-merciful.
uile-thuigsinneach,‡‡ *a.* All-comprehensible.
uil'-fhaicsinneach, *a.* Omniscient.
uil'-fhiosrach, *a.* All-knowing, omniscient.
uil'-fhiosrachd, *s.* Omniscience.
uil'-fhoghainteach, *a* All-sufficient.
uil'-fhoghainteachd, *s.f* All-sufficiency.
uil'-fhoghainteas, see uil'-fhoghainteachd.
ùil'lic, see uil'-ioc.
uilidh,** *s.f.* Lake.
uilidh, *a.* All, total. Gu h-u., *totally, universally.*
uilim, see uilm.
uilinne, see uileann.
uilinneachd,** *s.f* Elbowing. 2 Side by side.
uil'-inntinneach, *a.* With all the mind, without mental reservation.



673. Uil'-ioc.

Digitized by Microsoft®

uil'-loc, *s.* Mistletoe—*viscum album.* [Said by some to be the badge of the Hays, but it does not grow wild in Scotland.] [March. The Druids gathered the mistletoe on 10th. Pliny, in the 16th. book of his Nat. Hist., says "The Druids hold nothing in such sacred respect as the mistletoe, and the tree on which it grows, provided it be an oak. They select certain woods of oak, and they do not perform any sacred rite without the leaf of that tree; so that hence it is likely they have been called Druids, explaining the name from the Greek *drus*, an oak; Druidæ, *oakites*. Whatever grows on that tree, more than its natural growth, they think has been sent from heaven, and is a proof that the tree has been chosen by God himself. However that [species of mistletoe] is very rarely found, and when found it is sought after with great devotion, and especially at the sixth moon, which is the beginning of their months and years, and when the tree has passed its thirtieth year, because it has already abundant vigour, though not half-grown. They call it by a word signifying in their own language, "all-heal"; and having prepared sacrifices and feasts under the tree, they bring up two white bulls, whose horns are then first bound; the priest in a white robe ascends the tree, and cuts it off with a golden knife; it is received in a white sheet. Then, and not till then, they sacrifice the victims, praying that God would render his gift prosperous to those on whom he had bestowed it. When mistletoe is given as a potion, they are of opinion that it can remove animal barrenness, and that it is a remedy against all poisons.

uil'-iomlaineachd, *s. f.* All-sufficiency, full perfection or completeness.

uil'-iomlan, *a.* All-perfect.

uil'-iomlanachd, see uil'-iomlaineachd.

uil'-ionadach, *a.* Omnipresent.

uil'-ionadachd, *s.f.* Omnipresence.

uil'-itheach,** *a.* All-devouring.

uilleann, see uileann. [oil, grease.

ùill, *pr.pt.* ag ùilleadh, *v.a.* Oil, besmear with

uille, *gen.sing.* of uileann. 2 *g-n. sing.* of nillidh.

ùilleadh, -idh, *s.m.* Oil for lamps, &c. Ag ù—, *pr.pt.* of ùill. Oiling, smearing with oil.

ùilleadh-cuidhleach, *s. m.* Oil for a spinning-wheel. [wool.)

ùilleadh-na-h-ola, *s m.* Sweet oil (*lit.* oil of the

uilleag (MMcL) *s.f.* Oily surface on water, &c.

uilleag,* -eig, -an, *s.f.* Jostle, elbowing.

uilleagaich,* *v.a. & n.* Jostle, elbow.

uillean, (DMy) *s.pl.* The beads of oil on the surface of the bree of meat or fish.

uilleann, -inn, *s.f.* Honeysuckle, woodbine—*lonicera periclymenum.* 2 Elecampane, see aillean.

ùillich, *v.a.* see ùill.

uillichd, (AF) *s.f.* Frog.

ùillidh, uille, *s.m.* Oil.

———, -e, *a.* Oily, greasy.

ùillidheach,** *a.* Greasy.

———————d, *s.f.* Oiliness.

uillinnich, *v.* see uill.

uilne, *gen.sing.* of uileann.

uilnean, *n.pl.* of uileann.

uillnich,* *v.a.* Jostle, elbow.

uillt, *gen. sing. & n.pl.* of allt.

ùillte, *past pt.* of ùill. Oiled.

uilm, (AC) *s.* Sacred bag for alms, coffer, treasury, offertory.

uilne, *gen.sing.* of uileann.

uilneag,†‡ -eig, *s.f.* Push, shove, elbowing.

————a'ch, (MS) *v.a.* Hitch.

uilp, (AF) *s.* Fox.



674. Uilleann.

uilpean, (AF) *s.m.* Fox.

uilt, *gen.sing. & n. pl.* of alt. U. an droma, *ba kbone joints.*

tuim, *prep.* Form used in conjunction with personal pronouns.

tuim, *s.f.* Earth. 2 Country. 3 Brass, copper.

uim'-astar,** *s.* Circumference.

uim-cheallach,** -aich, *s.m.* Any close private place.

uime, *prep.pron.* (mu+e) About him, around him or it. 2 Of, concerning, respecting or regarding him or it. Agus chuir iad u. aodach purpur, *and they put on (about) him a purple robe;* cia uime *about whom?*

uime, *s.* Harness Chuir e an làir 'na h-u., *he harnessed the mare;* cuir na h-eich 'nan u. 'sa chrann, *yoke the horses to the plough.* (uidheam.)

uimeach,** -ich, *s.m.* Brazier.

uimeachd,†† *s.f.* Boundary, circuit, see imeachd.

uim'-chlodh,** *s.* Dizziness.

uim'-dhòrtach, see ioma-dhòirteach.

uim'-dhòrtadh, see ioma-dhòrtadh.

uime-bhal ach,** *a.* see ioma-bhallach.

uime-chladh, see ioma-chladh.

uime-chladhach, see ioma-chladhach.

uime-chladhaich, see ioma-chladhaich.

uime-chrith, see ioma-chrith.

uime-dhruidte, see ioma-dhruidte.

uime-dhruideadh, see ioma-dhruideadh.

uime-fhilleadh, see ioma-fhilleadh.

uime-itealaiche, see iom'-itealaiche.

uime-labhairt, see ioma-labhairt.

uime-labhradh, see iom-labhradh.

uime-lionach, see ioma-lionach.

uime-ròl, see ioma-ròl.

uime-ròladh, see ioma-ròladh.

uime-sheòl, see ioma-sheòl.

uime-sheoladh, see ioma-sheòladh.

uime-sheoladair, see ioma-sheòladair.

uime-shruth, see ioma-shruth.

uime-shruthach, *a.* see ioma-shruthach.

uime-shruthachadh, *s.m.* see ioma-shruthachadh.

uime-shuidheachadh, *s.m.* Circumposition.

uime sin, *adv.* Therefore, on that account, concerning that, on that head.

uim'-ghlac, see ioma-ghlac.

uimhir, see uibhir.

uimhireach, see uibhireach.

uimhreach, see uibhireach.

uimhreachail, see uibhreachail.

uimhreachan, -ain, see uibhreachan.

uimhseag, -eig, -an, *s.f* Jerk.

uimhseann, see uimnseann.

uimhleac, -ic, -an, see imleag

uimhridheachd, (MS) *s.f.* Tale.

uimite,** *a.* Corpulent.

uimpe, *prep.pron.* (mu+i) Around or about her

Digitized by Microsoft®

or it. 2 Of, or concerning her or it.

ùin, see ùine.

ùine, *s.f.ind.* Time, a time, season. 2 Life, lifetime. 3 Interval, leisure. Ù. thri làithean, *the space of three days*: caith t' ù., *pass your time, mis-spend your time*; ar u-ù. a' ruith air sgiathaibh, *our time fleeting on wings*; 'nuair a bhitheas ù agam, *when I have time.*

ùineachd,** *s.f.* Leisure, vacation.

ùineadaireachd,** *s.f.* Chronology.

uinemaileamh,** *s.* Balsam.

ùinneamh,** *s.m.* Strength.

ùine-chùuntas,** *s.m.* Chronology.

uine-shaor, *s.f.* Leisure, vacation.

uinge, *s.f.* Ounce.

ùinich, -e, *s.f.* Bustle, hurry. 2*Fumbling. 3** Contending. 4**Confusion, disturbance.

uinicionn, see uainicionn.

ùinilh, see ùinich.

uinigneach. *Suth'd* for uaigneach.

uinneag, -eig, -an, *s.f.* Window. 2(DMK) Recess in the wall of the kitchen used as a repository for miscellaneous articles—*Suth'd.* Uinneagan nèimh, *the windows of heaven*; a' gearradh a mach uinneagan, *cutting out windows.*

uinneagach, -aiche, *a.* Windowed, having windows, of or belonging to, a window.

uinneagachadh, -aidh, *s.m.* Dawn, dawning. 2 Making windows, cutting out windows. Ag u—, *pr.pt.* of uinneagaich. 'Nuair a bha 'n là ag u., *when the day began to dawn.*

uinneagaich.*pr.pt.*ag uinneagachadh,*v.n.*Dawn, begin to dawn. 2 Make windows, insert windows, provide with windows.

uinneagaichte, *past pt.* Windowed.

uinn an, -ein, -an, *s.m.* Onion—*allium cepa.* 2 (DMK)Ball of the ankle—*Lochaber.* 3 (CR) Anvil—*W. of Ross.* 4 Bunion on the foot.

uinneanach, -aiche, *a.* Abounding in onions. 2 Like an onion. 3 Producing onions.

uinneanaich,** *v.a.* Provide with onions.

uinnein, see ninnean.

uinnle, *gen.* of uileann.

uinnleag, -eig, -an, *s.f.* Thrust with the elbow.

uinnlean, see uileann.

uinnse, see uinnseann.

uinnseachadh, -aidh, *s.m.* Managing. Ag u—, *pr.pt.* of uinnsich.

uinnseann,§ -inn, *s.m.* Ash, ash-tree. 2 Wood or timber of the ash-tree.

uinnsean,* *a.* Ashen.

————ach, *a.* Ashen.

uinnsich,* *pr.pt.* ag uinnseachadh, *v.a.* Manage, sway

uinseann, see uinnseann.

uipear, -ir, -an, *s.m.* Unhandy craftsman, bungler, botcher. 2 Clown, churl, surly fellow, boor. 3††Idiot.

uipearach, -aiche, *a.* Unhandy, awkward, unskilful. 2 Clownish, churlish, boorish, surly 3 Inhospitable.

uipearachd,** *s.f.* Bungling. 2 Churlishness, surliness. 3 Inhospitality. 4 Clownishness, boorishness.

uipinn, -e, -ean, *s.f.* Treasure, hoard.

uir, for air. Fir na h-uir thalmhanta,—this is not *ùir*, as given in *W.H.Tales*, but the intensitive particle *air*

ùir, -e & ùireach, *s.f.* Mould, dust, earth, soil. 2 Body. 3** Mound. 4**Fire. 5**Grave. An ù. thioram, *the dry land*; thogas an ù tharta, *the earth was raised over them*, tog-sa m'ùir, *raise thou my grave*; fo 'n ù., *in the grave*; cairibh 'san ù., *bury, inter.*

†uir, -e, *s.* Name of the letter U.

uircean, -ein, -an, *s.m.* Pig. 2 Grice, young pig, sucking-pig. 3 Cetacean.

uirceanach, -aiche, *a.* Abounding in pigs. 2 Like a pig. 3 Cetaceous.

uirceann-garaidh.(AF) *s.m.* Hedgehog.

uirceann-sona (AF) *s.m.* Hedgehog.

uirceineach, see uirceanach.

uirchar,(AF) *s.* Cricket, fen-cricket, chir-worm.

ùir-chlàr,(MS) *s.m.* Earth-board of a plough.

uir-chòmhnuidh,** *s.m.* Dwelling of clay, grave, tomb. Thogadh u. do 'n laoch, *a tomb was raised to the hero.*

uir-chuil',(AF) *s.* Cricket. 2 Grasshopper. 3 Salamander.

ùird, *gen.sing. & n.pl.* of òrd.

uir-dhireachadh,** *s.m.* Delineation.

ùire, *s.f.* see ùrachd.

ùire, *comp.* of ùr.

ùireach, *gen. sing.* of ùir. A' bùrach na h-ù., *stirring up the mould.*

ùireach.(AF) *s.m.* Mole.

————, see urach

uiread, *s.m ind* So much as much, equal quantity U. is uiread, *equal shares*; u. eile, *as much again*; u. a bhuidhich, *as much as a meal (of food)*; tha u agam 's a th' agad-sa, *I have as much as you have*; leth u., *half as much*; a dha u. arain, *twice as much bread.* [The possessive pronoun, which is understood, appears when sentence is made more emphatic by introducing *cuid*, as, tha a cheart uiread, &c. *Uiread* is never met with in company with *an*—cha'n 'eil u. (*not* [an u.) sin agam, *I have not as much as that*; na h-u. cheannais oirnne, *so much superiority over us.*

uiread,* -eid, *s.f.* see ùrad.

uiread, *adv.* see uthard

uireagal,** -ail, *s.m.* Dread, terror.

uireagalach, *a.* Terribly afraid.

uireal, *Suth'd* for uilear.

uirealachd, *s.f.* Earthliness.

uireall,* *s.m.* Ferule, ring.

uireallach,* -aich, *s.m.* Dagger, dirk.

uireas,* -an, *s.f.* Want, necessary, family or domestic necessary. 2 Mann. 3**Bail, security, warrant. A' dol air tòir uireasan, *going for little family necessaries.*

uireas, *adv.* see ioras.

uireasach, see uireasbhach.

uireasaich,* *s.f.* Want, necessary. U. sam bith a th' ort, *any necessary you want*; 'dé a tha 'd u.? *what do you want?* 'dé iad na h-uireasbhuidhean a tha dhìth ort? *what art the necessaries you want?* am fear air am bi an u biodh an t-saothair, *he that wants must take the trouble*—NGP

uireasbhach, -aich, *s.m.* Needy person. 2 Want, indigence, lack, poverty, abjectness, deficiency.

uireasbhach, aiche, *a.* Very much wanted, defective. 2 Bare. 3 Aidless. 4 Maimed, lame. 5 Indigent, needy, destitute. Ni u., *a thing very much wanted*; duine u., *a maimed person*; làmh u., *a maimed hand.*

uireasbhuidh, -e, -ean, *s.f.* Want, indigence, poverty. 2 Defect, maim, deficiency.

uireasbhuidheach, see uireasbhach.

————,** *s.m.* Indigent man, beggar.

uireasuidh, see uireasbhuidh.

ùire'l,** *a.* Earthen.

ùir-fhamh,(AF) *s.m.* Mole. Ducan ùir-fhaimh, *a mole-hill.*

ùir-fhamha, *s.f.* Mole-hill.

uirghioll, -ill, *s.m.* Faculty of speech, delivery, utterance. 2 Speech, oration. 3 History, narration. 4 Eloquence. 5 Command. Cha 'n 'eil cainnt no u. ann am bheul, *there is neither language nor speech in my lips*; u. cruaidh, *difficult utterance.*

Digitized by Microsoft®

uirghiollach, -aiche, *a.* Eloquent.
uirgreanan, *s.m.* Puberty.
uirgreanuach,** *a.* Adolescent, at the age of puberty.
uirgreanuachd,‡‡ *s.f.* Puberty, ripeness of age.
uirich, see uirigh.
uiridh, *s.* (an uiridh,) Last year. Mu 'n àm seo an u., *about this time last year;* am bliadhna 's an u., *this year and last year.*
uiridh,(AF) *s.* Monster.
uiridh ach,** *a.* Thoral.
uirigh, -e, -ean, *s.f.* Couch, bed, pallet. 'Na luighe air u., *stretched on a pallet.*
uirigh-làir,* *s.f.* Couch.
uirigh-creige, *s.f.* Shelf of rock—JGC. W. 32.
uirgioll, see uirghioll.
uirigleach,(MS) *a.* Eloquent.
uir gleadh (MS) *s.m.* Speech, utterance.
uiriollach, -aich, *s.m.* Precipice.
uriosa', see iriosal.
——achd, see irioslachd.
uiriste,** *s.f.* Meanness. 2 Lowliness.
uirislich,** *v.a.* Debase, humble, cast down. 2 Disparage.
——te, *past pt.* of uirislich.
ùirleach (CR) *s.m.* Live ashes, red embers—*W. of Ross.*
ùirle-thruis, *s.f.ind.* Hurly-burly, confusion.
ùirlios, -is -an, *s.m.* Garden, walled garden.
ùir-luch,(DC) *s.f.* Mole.
uirm, for fuirm. (seut), Gaelic spelling of *form.*
ùirneas, -eis, *s.m.* Furnace. [‡ gives *nom.* -eis.]
ùirneasach, see àirneiseach.
ùirneis, *s.coll.* see àirneis.
——each, see àirneiseach.
uirneisich, see àirneisich.
†u rre, see oirre.
uir-reathadh,‡‡ -aidh, -an, *s.m.* Mole.
ùir-reothadh, see ùir-reathadh.
uirsg il,‡ *s.* (air + sgaoil) Spreading, as of dung or hay.
uirsgeul,(DU) *v a.* Spread dung—*Gairloch.*
ùirsgeul, -sgeòil. -an, *s. m.* Fable, novel. 2 *News, intelligence. 3* Blarney. 4 Spreading, as of hay or dung to dry (for air-sgaoil) —*Ballenoch.*
ùirsgeulach, -aiche, *a.* Fabulous.
uir-geu'adh,(DU) *s.m.* Act of spreading dung—*Gairloch.*
ùirsgeulaiche, -an, *s.m.* Teller of stories, novelist, fabulist.
ùirthilleach, part of a plough, see p. 263.
ùis, -e, *s.f.* Use, utility, service. 2 Courteous reception, hospitality 3* Hospitality carried almost to excess, unnecessary hurry-burry at one's reception 'S ann rompa bha 'n u., *they met with a most courteous reception,* tha mi 'deanamh u. dheth, *I am making use of it.*
uisdealachd,** *s.f.* Supplication
uiseag, -eig, -an, *s f* Lark, sky-lark. Guth na faoin uiseig, *the voice of the lonely lark.*
u a' chàth, chaffinch.
u bhreac na mara. see u. mhara.
u chabach, tufted lark
u. choille, wood lark—*alauda arborea.*
u. dubh, black shore lark.
u. mhara, sea-coot.
u. Moire, crested lark.
u na tràighe, sea-piet.
u. oidhche, sedge warbler, see glas-eun.
u. riasgach, mountain plover.
u. Sheachda, fieldfare.
u. thapaidh, quick or clerk bird. 2 Lark.
u. thopach, tufted lark.
——ach, aiche, *a.* Of, or belonging to, larks. 2 Like a lark.
ùisealachd,* *s f.* Courtesy, courteousness. 2 Utility, usefulness. 3 Advantageousness. 4* Highest degree of hospitality. 5* Snugness, comfort.
ùiseil, -e, *a.* Useful, comfortable, advantageous, serviceable. 2 Dignified, high-born, respected. 3 *Courteous, hospitable in the highest degree imaginable. 4*Snug. 5††Worthy. Gu h-ù., *entertained with the utmost hospitality;* ù. aca, *entertained in the politest manner by them.*
uisg, see uisge.
uisge, -an & -achan, *s.m.* Water. 2 Shower, rain. 3 Billow, wave. 4 River, stream. 5§ Waterarens, see machall-uisge.
Fo 'n u.,*under water*; dh' éirich uisge, *a billow arose*; mar u. balbh a' ghlinne, *like the smooth stream of the valley*; u. an easain air a dhios—a charm to preserve one from danger, especially at sea: u. beatha, *whisky*; U. na Beatha, *the Water of Life*; air an aon u., *in each other's wake* (as boats); fior-u., *a running stream*; loch fior u.. *a fresh-water loch*; uisgeachan na Dile, *the waters of the Flood*; sior-u., *constant rain*; tha 'n t-u. ann, *it is raining* In *Arran* u. is applied to both rain and water.
uisge, *v.n.* Rain. Tha e ag u., *it is raining.*—*Suth'd, &c.*
uisgeach, -eiche, *a.* Aquatic, hydraulic, watery, pluvial, causing rain. 2 Lymphatic.
uisgeacha, *cont.* of uisgeachan.
uisgeachan, *pl.* of uisge.
uisgeachadh, -aidh, *s.m.* Watering, act of watering or moistening. Ag u—, *pr pt.*of uisgich. Ag u. na talmhainn, *watering the earth.*
uisgeachail,(MS) *a.* Aquatic.
uisgeachd, see uisgidheachd.
uisgealach l, see uisgidheachd.
uisgeanta,(MS) *a.* Aquatile.
uisgearradh,** *a.* Aquatic.
uisge-beatha, *s.m.* Whisky. U. baoghal, *whisky four times distilled.*
uisge-baoghal,** *s.m.* Alcohol.
uisge-coisrigte, *s.m.* Holy water.
uisge-coisreachd,** *s.m.* Kind of holy water, formerly drunk by the Gael at Christmas, and believed to be a preservative against the machinations of evil spirits and witchcraft till the next anniversary.
uisgeil, -e, *a.* Watering, irrigating. 2 Swampy, aqueous, fenny, moorish.
uisge-fuarain, *s.m.* Spring-well water.
uisge-leighiseach, *a.* Hydropathic.
uisge-mhil, *s.f.* Hydromel.
uisge-nimhe, *s.m.* Aquafortis, sulphuric or vitriolic acid.
uisge-oillt,** *s f.* Hydrophobia.
uisg'-eòlas, *s.m.* Hydraulics.
uisge-ruithe, *s.m.* Running water, stream. Os cionn nan uisge-ruithe, *above the running waters.*
uisge-thombas,** *s.m.* Hydrometry.
uisgeul, see ùr-sgeul.
——aiche, see ùr-sgeulaiche.
uisgich, *pr.pt.* ag uisgeachadh.*v.a.* Water, moisten, wet.
——te, *past pt.* of uisgich. Watered, irrigated.
uisgidh, *s.pl.* Waters. 2 Rivers. Na h-uisgidh dorcha, *the dark waters.*
——, *a.* Watery, waterish. 2 Faint-hearted. 3 Fluid, clammy, greasy, moist. 4 (MS) Rainy.
uisgidheachd, *s. f.* Wateriness, aqueousness, moistness, clamminess, greasiness. 2 Swampiness.
uisgrian,** -ein, *s.m.* Aqueduct.
uisg'-phìobachadh, *s.coll.* Hydraulics.

Digitized by Microsoft®

uisg'-thomhais, *s.coll* Hydrostatics.
uisearach,** aich, *s.m.* Petitioner.
ùisinneachadh, -aidh, *s.m* Using, act of using. 2 Treatment. Ag ù—, *pr pt.* of ùisinnich
ùisinnich, *pr. pt.* ag ùisinneachadh, *v.a.* Use, treat.
———te, *past pt.* of ùisinnich. Used
uisir, see eisir
uislean,(DC) *s.m.* Child whose father is not apparent or is unknown.
ùslig,(DU) *s.f.* Object of terror. Bu tu an u. ! *what an awe-inspiring object you are !*
uisligeann, -e, *s. f.* Disturbance, confusion. 2 Rage, fury.
uisligin, -e, -ean, *s.f.* Sport, diversion, wantonness.
uist ! *int.* Silence ! hist ! hush ! hold your peace ! you don't say so !
uitbhlean,(DC) *s.m* Orphan—*Skye.*
ula, -chan, *s.f.* Beard. 2 Rank or long grass. 3 Branches of trees. 4*Heavy, curled hair. 5 ††Clothes. Ri fead an u na h-uamha, *whistling in the long grass of the cavern ;* 'u. aosda air 'uchd, *his aged beard on his breast.*
†ulabhard, -aird, *s.m,* Dwarf elder.
ulabur, *s.m.* Tail—*Arran.*
ulacan,(AF) *s.* Screech owl.
ulach,** -aich, *s.m.* Beard.
ulach,** *a.* Bearded.
uladh, *s.m.* Jerk. 2 see ula. 3 see ubhladh.
ulag, -aig, -an, *s.f.* Block, pulley. 2 Thick mixture of oatmeal and cold water, see ullag. 3 (DC) Swivel—*Uist.* 4††Snowball.
——ach, -aiche, *a.* Furnished with, of, or belonging to, blocks or pulleys. 2 Like a block or pulley.
ulaidh, -e, *pl.* -ean & -nean, *s.f.* Treasure. 2 Treasure-trove. 3 Pack-saddle. 4 Darling. 5 Waif. M' u. ! *my treasure ;* chaill sinn an t-sàr u., *we have lost the precious treasure.*
ulainn,* *s.m.* Charnel-house.
ulaith-faol, *s.m.* Wolf.
ulartaich, see nil'artaich.
ulathach, see ullach.
ulbh ! *int.* You brute !
ulbhach,‡ -aich, *s.m.* Ashes—*Rudenech.*
ulbhag,(CR) *s.f.* Stone or boulder larger than one man can handle—*W. of Ross.* [Bulbhag in *Argyll.*]
ulc, see olc.
ulchadh,** -aidh, *s.m.* Beard.
ulfhart, -airt, *s.m.* Cry, roar, yell, howl of a dog.
——aich, *s.f.ind.* Howling, roaring. Làn ulfhairt, *full of howling.*
ulfhartair,** *s.m.* Sniveller.
ullabheist,* -e, -ean, *s.f* see uile-bheist.
———eil,* see uile-bheisteil.
ullachadh, -aidh, *s.m.* Preparing, act of preparing. 2 Preparation, provision. 3 Accommodation. 4*Dressing, making ready. Ag u—, *pr pt.* of ullaich.
ullag, -aig, -an, *s.f.* Mouthful of meal. 2**Pugil. 3**Multure. 4 As much of meal or any pulverized substance as can be lifted between the thumb and two fingers. 5 Freshly-bruised oatmeal worked into a handful with water, milk or whisky and eaten unbaked—*Caithness, Suth'd & Lewis ;* handful of oatmeal eaten dry in other parts. 6 (DMy) U. was made of barley grain as soon as reaped, dried in a pot till brown, then ground on the quern and mixed with hot water and a little salt, when it was very palatable—*Ness, Lewis.* In *Argyll,* ullag-shneachd is *a snowball ;* and, a' tilleil ullagan, *throwing snowballs.*
ullaich, *pr. t.* ag ullachadh, *v.a.* Prepare make ready. 2 Procure, provide. 3 Appoint. 4 Adjust, put in order Ullaichibh 'ur cridhe chum an Tighearn, *prepare your hearts unto the Lord.*
———te, *past pt.* Prepared. 2 Provided. 3 Appointed, made ready, adjusted.
ullaiche, see ullaiche.
ullaid sgriach,(AF) *s* Screech-owl.
ullaidh,(AF) *v.* Owl.
——— adharcach,(AF) *s.* Horned owl.
ullain, for ollainn—*L. na F 89. a. 3.*
ullamh, see ollamh.
ullamh, -aimhe, *a.* Ready, prepared, finished, done, over, in readiness 2 Ready, prone to. U. ealamh, *ready and handy*—applied to persons having a smart bearing ; is u. le neach sin a dheanamh, *one is prone to do that ;* airgiod u., *ready money ;* am bheil thu u.? *are you ready ?*
———achd, *s.f.ind.* Readiness, proneness. aptitude, aptness. 2 Completion, completeness. 3 Preparedness. 4 Promptness. 5 Facility.
———aich,* see ullaich.
———aichte, see ullaichte.
ullchabharan,** *s.m.* Long-eared owl, horned owl. see conhachag-adharcaiche.
ulldach, see ultach.
———ail,(MS) *a.* Solitary.
ulldaich, *s.m.* Night stalker—*Suth'd.*
ulluchadh, see ullachadh.
ulluich, see ullaich.
ulmhach,(AF) *s.* Wolf.
———adh, see ullachadh.
ultach, -aich, -aichean, *s. m.* Burden carried within the fold or grasp of the arms, armful. 2 Lapful. 3 Load. 4(CR) Burden on the back—*Arran.* 5‡‡Bosom. 6 Lap. 7* Bundle, faggot or truss, fit to be carried on the back—*Perthshire.* U. a dhroma, *as much as he can carry on his back ;* u. feòir, *an armful of grass;* rinn i 'adhart de 'n u. bu tioraime, *she made his pillow of the driest bundle (of grass.)*
ultag,(AF) *s.f.* Whincat.
ultamaich,(CR) *s.f.* Slender, wiry-looking grass, the earliest that grows on the moors, called from its appearance, deer's-hair grass—*Suthd.*
ùltan,(CR) *Bran country* for annlan.
ultan alltan,(MS) *s.m.* Children's game "hot cockles."
tum, *prep,* see uim & nime.
umad, *prep.pron.* (mu+thu) About thee, upon thee. 2 Concerning thee, in reference to thee. 3 On thy account. Tilg t' fhalluinn u., *cast thy mantle about thee ;* a' labhairt u., *speaking about thee.*
ùmadail, -e, *a.* Sottish, boorish. 2 Unsocial.
umadh,** -aidh. *s.m.* Withe used to fasten the door of a cow-house.
umaibh, *prep.pron.* (mu+sibh) About you, regarding you. 2 Concerning you, in reference to you. 3 On your account. Cuiribh u., *cast about you ;* a' labhairt u., *speaking in reference to you ;* fo amharus u., *in doubt about you.*
ùmaidh, -ean, *s.m.* see ùmpadail.
———, -e. *a.* see ùmpadail.
ùmaidheach, see ùmpadail.
———d, *s.f.* Blockishness.
ùmaillt,*s.f.* Degrading submission of one's judgment to curry favour, obsequiousness.
——each,* -eiche, *a.* Meanly submissive to curry favour, fawning.
umainn, *prep.pron.* (mu+sinn) About us, around us. 2 Concerning us. 3 On our account. Dh' iadh iad u., *they surrounded us ;* ag radh u., *saying in reference to us.*
umairt,(AC) see iomairt.
umam, *prep. pron.* (mu+mi) About me. 2 Con-

Digitized by Microsoft®

cerning me. 3 On my account. An ann umam-sa ? *is it with reference to me?*
ùmanta,(MS) *a.* Animal. 2 Absurd.
umar, -air, see amar.
umarlaid, *s.f.* Rouion, vulgar bulky female.
umastar, -air, *s.m.* Circumference.
umbadail,* -e, *a.* see ùmpadail.
umbaidh, see ùmpaidh.
umbaidhreadh, see iomadhreadh.
umbaidhreadhlac, see iomadhlac.
umha, *s.m vid.* Brass. 2 Copper. [umh*.]
———ch,** *a.* Brassy, brazen. 2 Of copper.
umhadair, -ean, *s.m.* Brazier.
———-eachd,** *s.f* Braziery, business of a copper-smith.
umha-ghràbhair,** *s.m.* Chalcographer.
umhail, *s.f.m.l.* Heed, attention, care,consideration, advertence. 2 Doubt, suspicion 2 Feeling. Na biodh u. agad da, *never mind him*; gun u. do 'n lot 'na chliabh féin, *regardless of the wound in his own side*; chuir mi an u., *I half suspected*; 'dé 'n u. a th' agadsa ? *what business is it of yours?* cha'n 'eil u., *there is no matter* or *business*; cha do chuir mi u. air dad a bha tuathal, *I did not notice anything wrong.*
umhaill, see umhail.
———each, -eiche, *a.* Suspicious. 2 Advertent, scrupulous, careful, heedful, attentive.
———eachd, *s.f.* Suspiciousness. 2 Heedfulness, attentiveness, habit of attention.
umhailt, see ùmhal.
———eachd, *s.f.* see ùmhailteas.
ùmhailteas, -eis, *s.m.* Humility, obedience, tractability
ùmhal, -aile, *a.* Submissive, obedient. 2 Humble, lowly, meek. 3 Obsequious fawning Cho ù. ri luch fo spòg a' chait, *as submissive as a mouse under the cat's paw*; u. au criidhe, *lowly in spirit*; u. do 'n lagh, *obedient to the law.*
umh-ghràbhaladh,** *s.m.* Chalcography.
umhla, see ubhladh.
umhlach, see ubhlach.
———adh, see ubhladh.
ùmhlachadh, -aidh, *s.m.* Humbling, act of humbling. 2 Humiliation, submission. 3 Obeying, act of obeying. 4 (MS) Chastisement. 5 Homage. Ag ù—, *pr.pt.* of ùmhlaich.
umhlachail,** *a.* Liable to penalty or fine,penal.
ùmhlachd, *s.f.* Obedience. 2 Humility, obsequiousness. 3 Meekness. 4 Obeisance, salutation, homage. 5** Submission, submissiveness. 6** Practice of imposing penalties. 7** Taxation. Dean t' ù., *make your obeisance*; u. a' chreidimh, *the obedience of faith*; rinn e ù. dha, *he made obeisance to him, saluted him.*
ùmhladair,** *s.m.* Inflicter.
umhladh, see ubhladh.
ùmhladh, *s.m.* Forfeiture, fine. 2 see ùmhlachadh & umhlachd.
ùmhlagh, *s.m.* Fine—*Argyll.* (ùnlagh)
umhlaich, *pr.pt.* ag ùmhlachadh, *v.a. & n.* Humble, subdue, conquer. 2 Obey, submit. 3** Amerce. 4 Humiliate. 5 Chastise.
———te, *past pt.* of ùmhlaich. Humbled, subdued.
umhraisg, -ean, *s.m.* see ùruisg.
———-——each, see ùruisgeach.
umpa, *prep.pron.* (mu+iad) About them. 2 Of, or concerning them, respecting them. Labhair e u., *he spoke about them.*
ùmpadail, -e, *a.* Humdrum, doltish, clownish, boorish. 2 Vulgar, ignorant. 3 Foggy. 4 Cowardly. 5* Very stupid.
ùmpaladachd, *s.f.* Grossness, boorishness.
ùmpaidh, -ean, *s.m.* Dunce, lout, clown, rude idiot, dolt, blockhead, fool, hum-drum, fellow of vulgar manners. 2 Coward. 'San duine chòir cha bhiach ù., *the worthy man shall be deemed a boor.*
umpair, -ean, *s.m.* Umpire, arbiter, judge. 2 Moderator.
———each, *a.* Like, of, or belonging to an umpire or arbiter.
———eachd, *s.f* Office of an umpire, arbitration.
urmadh, *N.Argyll* for iomradh.
umurlaid,** *s.f.* Vulgar, bulky female.
un, *Skye & Perth* for chun.
unach,**-aich, *s.m.* Bleaching. 2 Washing.
ùnach,** *s.f.* Hurry, bustle, confusion, disturbance. 2 Struggle, rivalry. Le mòran ù., *with much bustle.*
unaman,** *s.f.* Ointment, salve.
unndais,** *s* Winch, windlass.
unfairt,** *v.n.* Toss, wallow, tumble.
———,** *s.f.* Tossing, wallowing, tumbling.
ung, *pr.pt.* ag ungadh, *v.a.* Anoint, oil. 2 Besmear, daub. Dh' u. thu mo cheann, *thou hast anointed my head.*
unga,(CR) *s.m.* Ounce-land, 20-penny-land, or one-eighth of a mark-land.
unga,** *s.m.* Brass, copper. 2 Ingot.
———, *prov.* for ungta.
ungach, *a.* Brassy.
ungadh, -aidh, *s.m.* Anointing, act of anointing. 2 Unction, ointment, unguent. Ag u —, *pr.pt.* of ung. U. deireannach, *or* u.-bàis, *extreme unction.*
ungaidh, *fut.aff.a.* of ung.
ungaidh,(CR) *a.* Mouldy, rusty—*Suth'd.*
ungail,** *a.* Balsamic.
ungar, *fut. pass.* of ung.
ungta, *pas' pt.* of ung. Anointed. 2 Besmeared, bedaubed.
unlagh,†† *s.m.* Fine, penalty.
unnan, *s. Creich, Suth'd* for aon.
unndais, *s.f.* Winch, windlass.
———each, *a.* Of, or belonging to, a windlass.
unnlar,* see ùrlar.
unnsa, -idhean & ùnnsachan, *s.m.* Ounce.
ùnradh, -aidh, *s.m.* Adversity.
ùnsa, see ùnnsa.
untas, -ais, see unndais.
——ach, see unndaiseach.
ùp, *pr.pt.* ag ùpadh, *v.a.* Push, jostle, push out.
ùpadh, -aidh, *s.m.* Pushing, act of pushing or jostling. 2 Push, thrust. Ag ù—, *pr.pt.* of ùp.
upag, *s. f.* Trifling superstitious observance—JGC. S. 229.
ùpag, -aig, -an, *s.f.* Slight push, shove, thrust.
——ach, -aiche, *a.* That pusheth or thrusteth away, shoving, pushing, thrusting.
——aich,** *s. f.* Pushing, shoving, thrusting, jostling.
——aich,** *v.a.* Push, shove, thrust, jostle. 2 Jolt.
ùpaidh, see ùmpaidh.
upaig,(DMK) *s.m. & f.* Old and useless person, one regarded as being in the way. Tha e 'na u. anns an rathad, *he is a lumber in the way*—*Caithness.*
upainn, -e, -ean, *s.f.* see uipinn.
ùpairneach, -eiche, *a.* Bustling excessively.
———d,** Bustle, noise. 2 Continued or frequent bustle or noise.
ùprait, see ùbrait.
———each, see ùbraideach.
ùr, ùire, *a.* Fresh, new, recent. 2 Flourishing, vigorous. 3 Young, youthful. 4 Beautiful, fair. 5 *Novel, curious.
A' ghealach ùr, *the new moon*; sgadan ùr, *a fresh herring*; im ùr, *fresh butter*; ni sam bith ùr, *anything novel or curious*; as ùr, *a*

Digitized by Microsoft®

second time, afresh ; thòi ich iad as ùr, *they commenced anew ;* trusgan ùr, *a new suit of clothes ;* oiteag ùr nan sliabh, *the fresh breeze of the mountains ;* ùr rodha, *quite new ;* sgaoil cuirm as ùr, *the feast was spread a second time;* righ ùr, *a new king.*

ur, -achan, *s.f.* Child. 2 Person. Ur bheag, *an infant.*

ur, *s.m.* Tail. 2 Harm. 3 Border, brink.

ùr,* *adv.* Newly. Dh' ùr-thòisich iad, *they have newly begun.*

ur, *poss. pron.* see bhur.

ur,§ *s.* Heath—*Fortingall,* not common elsewhere. 2 Gaelic name of the letter U. (also nir.)

†ur, *s.m.* Fire. 2 Mould. 3 Beginning.



675. Ura bhallach.

ura bhallach, -aich, *s. f.* Devil's-bit scabious blue bonnets. blue buttons—*scabiosa succisa.*

uracag,(AH)-aig.-an,*s.f.* Thole-pin—*N. Lochaber,* see bàta, No. 39*b*, p. 76. 2 Belaying-pin.

uracagan, *s.pl.* Thole-pins, see bàta,No 39*b*,p.76.

†ùrach, -aich, *s.m.* Earth. 2 Beginning. 3 Contention. 4 Bottle. 5 Pail. 6 Small tub. 7 (CR) Change, alteration.—used as " atharr-achadh " is sometimes. but with the sense of newness rather than mere change. Chuir e air ù. dhòighe, *he put it in a new way—Perthsh.*

ùrach,* see ùireach.

ùrach, -aiche. *a.* Earthy, dusty.

ùrachadh. -aidh, *s.m.* Renewing, act of renewing. 2 Refreshing, act of refreshing. 3 Refreshment, freshening,renewal,recommencing, recommencement. Ag ù—, *pr.pt.* of ùraich.

urachair, see furachair.

ùrach-bhallach,§ -aich, -aichean, *s.f.* Spotted orchis—*orchis maculata.*

ùrachd, *s.f.ind.* Newness, novelty. 2 Freshness. 3 Strangeness. Am bheil ù. naidheachd agad ? *have you any news ?*

urachdagan, for uracagan, *s.f.* Thole-pins.

ùrach-mhullaich, see ura-bhallach.

ùrad, -aid, *s.m.* Newness. degree of newness. 2 Greenness. A' dol an ù., *increasing in greenness*

urad. see uthard & uiread.

ùradh,(MMcL) *s. m.* Oil or grease put in wool. Ag ù. na cloimbe, *oiling the wool*

uradh,(DMK) *s.m.* Stale urine used for washing on account of the ammonia it contains—*Caithness.* 2(DU) Water in which clothes have been washed. 3 (DU) Dirty water wrung out of wool.

ùrag, -aige, *a.* Nice, bland.

——, -aig, -an, *s.f.* Nice, bland young woman. 2 Little chi'd.

uraghusach,** *a.* Haughty.

†uraiceachd, *s.f.* Accidence, primer, rudiments of education.

ùraich, *pr.pt.* ag ùrachadh, *v.a. & n.* Renew. 2 Be renewed. 3 Refresh, recreate. 4 Become fresh or green. 5** Strive. 6 Invigorate. Dh' ù. e mo chràdh. *he renewed my torment ;* ach cha'n ù. mo gheug, *but my branch shall never become green ;* dh' ù. an deoch e, *the potion refreshed him ;* 'nuair a dh' ùraicheas an sìrì, *when the battle renews.*

——te, *past pt.* Renewed, made fresh, refreshed.

uraidh, see uiridh.

urail, -e, *a.* Flourishing, young, gay, see ùrar.

ùrair, see ùrar.

·——eachd, see ùrarachd.

ùraisg, see ùruisg.

uralachd, see ùraireachd.

ural,** *s.m.* Proposal.

uran, -ain, *s.m.* Cold bath. see 2 furan.

——ach, see furanach.

†ùranach, *a.* Ignoble. 2 Conversant.

ùranach,** *s m.* Novice (in religion.)

ùranach, -aich, *s.m.* Upstart.

ùranachd,** *s f.* Condition of an upstart. 2 Cold bathing. 3 Conversation.

uranta, see urranta.

ùrar, *a.* Flourishing, young, gay, blooming. 2 Fresh. 3 Green. 4 Juicy. 'San iarmailt ù., *in the fresh firmament ;* a' choillteach ù., *the green woodland.*

·——achd, *s. f.* Freshness, newness. 2 Greenness. verdure. 3 Juiciness. 4 Coolness. 5 Vividness.

·—— achd-na-bà, (AF) *s. f.* Fat of the cow. 2 Milk, cream, butter. 3 Neat foot oil.

urard,** *a.* Very high.*

——,** *s.m.* High place, high ground.

urball, see earball.

ur-bhallach, -aich, see ura-bhallach.

ùr bhaitail,(MS) *s.* After-thought.

ùr-bhar,(MS) *s.* After-math.

ùr-bharrach,** -aich, *s.* Green branches. green foliage.

ùr-bheachd, -an, *s.m.* New view, second thought or view, after-thought.

ùr-bheist,(AF) *s.* Monster.

ùr-bhlàith,**a. Fruitful,abounding in blossoms.

ùr-bhlàth, -aith, -an, *s. m.* Blossom flower. 2 Fresh blossom.

ùr-bhreith, -e, -ean, *s.f.*New birth,regeneration. 2 Recent birth.

ùr-bhuidh, -e, -ean, *s.f.* Rustling noise, tumbling, tossing.

urc,(AF) *s.* Sow. 2 Whale. 3 *s.m.* Enclosure, fold.

urcag, see uracag.

urchaid, -e, -ean, *s.f.* Evilness, evil, damage. 2 Venereal disease—*MacMhaigh. Alasdair.*

urchail, *s.pl.* Fetters, chains.

urchaill, -e, -ean, *s.f.* Furrow-board or mould board of a plough.

urchoilte, *a.* Fettered, chained.

urchair, -e & -each, *pl.* urchraichean, *s.f.* Shot. 2 Cast, throw, push. 3 **Report of a gun. 4 Sudden sally or movement. 5 Cartridge.

U. cloiche, *a stone cast, throw with a stone or hammer ;* beul ri u. gunna air falbh, *about a gun-shot off ;* thug e u. dha, *he gave him a violent push or throw ;* leig u., *fire, shoot at.*

urchair,* *s.f* Mould-board of a plough—*West.*

urchaireach, -eiche. *a.* Shooting. that shoots. 2 Pushing, that pushes or throws.

————d, *s.f.* Shooting, throwing, casting, as of a stone, pushing, amusement of shooting or firing.

urchall, -aill, -an, *s. m.* Shackles, fetters. 2 Chain, 3 Hinderance. 4**Spaniel.

—— ach, -aich, *s.f.* Heifer 1½ years old.

—— ach, -aich·. *a.* Having on fetters or shackles. 2 Like a fetter or shackle.

Digitized by Microsoft®

urchallachadh, -aidh, *s.m.* Fettering, act of binding with fetters. Ag u—, *pr.pt.* of urchallaich.

urchallaich, *pr.pt.* ag urchallachadh, *v.a.* Bind with fetters or manacles.

————te, *past pt.* Bound with fetters or manacles.

urchasg, -aisg, -an, *s.m.* Physic. 2 Preservative against evil. 3 Antidote.

urchasgach,** *a.* Antidotal.

urcheann,(MMcL) *s.* Wooden hinge on a chest, &c.

ùr-chleas, -a, -an, *s.m.* Feat, deed. 2 Ludicrous or strange deed. 3 Clever action.

————ach, -aiche, *a.* Nimble, active, quick at feats. 2 Performing ludicrous or strange actions.

————achd, *s.f.* Nimbleness, activity. 2 Performing of strange or ludicrous actions. 3 Legerdemain, juggling.

————aiche,** *s. m.* Adept in legerdemain, juggler, conjurer.

urchoid, -e, *s.f.* Hurt, harm, detriment, mischief. 2 Calamity, loss, accident. 3 Adversity. 4 Violence. 5** Complaint. 6†† Bustle. An là t' u., *in the day of thy calamity ;* le u., *with violence.* [* says †.]

urchoideach, -eiche, *a.* Injurious, hurtful. 2 Calamitous. 3 Adverse, detrimental, mischievous.

————d,** *s.f.* Noxiousness.

ùr-choille, -lltean, *s.f.* Green wood.

ùr-choillteach, -eiche, *a.* Abounding in green woods.

urchoir, see urchair.

————each, see urchaireach.

————eachd, see urchaireachd.

ur-chosg, *s.m.* see ur-chasg.

————ach, see ur-chasgach.

———— ais,(MS) *s.* After-cost.

ùr-chràdh, -aidh, *s.m.* Recent distress.

————ach, -aiche, *a.* Wretched, keenly grieved.

ùr-chrann, -ainn, *s.f.* Blooming or fresh tree, green tree. 2 Fresh branch, green branch. 3 Flourishing tree. Mar ù. uaine, *like a flourishing green tree.*

————ach, -aiche, *a.* Abounding in blooming trees.

ùr-chriosdaidh,** *s.* Catechumen.

urchuid, see urchoid.

————each, see urchoideach.

urchuir, see urchair.

ur-chullach, see ur-challach.

urchur, -uir, -an, see urchair.

urcuil, see ur-chuil.

†urdail, *s.f.* Collection, large share.

ùr-dharag ** *s. f.* Young oak, flourishing oak. Sgaoilidh do chliù-sa mar ù., *thy fame shall spread like a young oak.* [**ùr-dharaig.]

ùr-dhathaichte, *a.* New-coloured.

ùr-dhubhadh, -aidh, -ean, *s.m.* Eclipse, darkening. Ù. na gréine, *an eclipse of the sun.*

ùr-fhàilteach, *a.* Anecdotal, jocular, cheerful in conversation—*Sàr-Obair.*

ùr-fhallain, -e, *a.* Fresh and healthy.

ùr-fhallunn,** *s.f.* New robe or garment.

ùr-fhàs, -ais, *s.m.* Bloom, sprout, shoot. 2 Offspring. 3 New growth, fresh growth. 4 Bud.

————, *v.a.* Grow again, bud forth, sprout, shoot. Ùr-fhàsaidh i, *it (the tree) will grow again.*

————, *s.m.* After-math, growing again. 2 State of growing again. Ag ù—, *pr. pt.* of ùr-fhàs.

————ach, *a.* Casting sprouts or buds. 2 Producing sprouts, buds or shoots.

ùr-fhiachan, *s.* After-cost.

ùr-fhoghar, *s.m.* Autumn.

ùr-ghàirdeachas, -ais, *s.m.* Rejoicing, great or sincere rejoicing or joy. 2 Congratulation.

us ghairdich,(MS) *v.n.* Overjoy.

urgais,** *s.f.* Exchange. 2 Alteration.

furghais, see urgais.

urg-art, -airt, *s.m.* Bad luck. 2 Misfortune. 3 Victory.

ur-ghlaine,(MS) *s.* Maidenhead.

ur-ghorm,** *a.* Freshly-green. Ag ionaltradh air an fhàsach ù., *grazing on the freshly vivid field.*

ùr-ghreannachd,** *s.f.* Puberty.

urgra,** *s.m.* Battle. 2 Loss.

ùrla, *s.m. ind.* Face, front, forehead. 2 Countenance, visage. 3 Hair, lock of hair. 4 Breast, chest. 5 Aspect. 6 Bottom. 7 Place lying low among hills. M' ù. ag éirigh àrd, *my breast rising high.* [* says †.]

ùrla, see ùrlar.

ùr-labhair, *pr.pt.* ag ùr-labhairt, *v.n.* Speak eloquently.

————t, *s.f.* Act of speaking eloquence, rhetoric, oratory. Ag ù—, *pr. pt.* of ùr-labhair.

————ach,‡‡ -eiche, *a.* Eloquent, oratorical, rhetorical.

————teachd, *s.f.ind.* Eloquence, rhetoric, oratory.

————tear, -ir, -an, *s.m.* Orator, rhetorician, graceful speaker.

ùr-labhrach, -aiche, see ùr-làbhairteach.

ùr-labhraidh, see ùr-labhair.

ùr-labhraiche, -an, see ùr-labhairtear.

urlach,** *a.* Having long hair. 2, Having ringlets or curls. Cas-u., *curled.*

urladh, -aidh, -ean, see urla.

ùrlaich, *pr.pt.* ag ùrlachadh, *v.a. & n.* Nauseate, hate, detest, turn from in disgust.

†urlaidh, *s.f.* Skirmish.

ùrlaigh, *v.a.* Turn (disgustfully)—*Argyll.*

ùrlainn, -e, *s.f.* Readiness, preparation.

ùr-laimh, -e, *a.* Neat, quick, expert, ready-handed. 2 Quick in reading.

————,** *s.f.* Readiness, preparation.

————eachd, *s.f.* Quickness, expertness, readyhandedness.

urlainn,(AH) *s.f.* Fore-part of a ship. 2 Staff of a spear. 3 The countenance. 4 Beauty. *Sàr-Obair.*

urlamaich,** *v.a.* Prepare, make ready.

ùr-làmhachadh, -aidh, *s.m.* Act of making ready, preparing. Ag ù—, *pr.pt.* of ùr-làmhaich.

ùr-làmhachas, -ais, see ùr-làmhas.

ùr-làmhaich, *pr.pt.* ag ùr-làmhachadh, *v.a.* Make ready, prepare.

————e,** *s.* Possessor.

ùrlamhas, -ais, *s.m.* Possession. 2 Authority, supreme power. 3 Captivity.

ùr-lòn,** *a.* Very full.

ùrlann, -ainn, -an, *s.m.* Staff. 2 Spear.

ùrlar, -air, -an, *s.m.* The lowest part. 2 Floor of a house. 3 Ground-floor. 4 Earth. 5 Floor of earth or clay. 6* Layer, course, vein, as in a mine. 7 Theme or groundwork of a bagpipe tune. 8 Low place or bottom among hills. 9 Bottom (inside) of a cart. 10** Pavement. Ù. arbhair, *a corn-floor ;* cuir ù. mu seach 'san dùnain, *put course about in the dunghill ;* air an ù., *on the floor ;* ù. chlach, *a pavement of stones.* [Not used in the sense of *floor* in *W. of Ross*, except as ùrlar-bualaidh, *a threshing-floor.* If the floor is of earth, clay, or stone, *làr* is used, if of wood either upstairs or downstairs, it is called *lobht*—CR. At Loch Ewe *ùrlar* is used for floor to a limited extent, as, chuir e car dheth air an ùr-

Digitized by Microsoft®

lar. Ù. a' bhaile, is the lower part of a township next the sea—DU.]

ùrlarach †† *a.* Floored.

ùrlarach, ** -aich, *s.m.* Close housekeeper.

ùrlarachadh, ** -aidh, *s.m.* Act of flooring or laying a floor. Ag ù—, *pr.pt.* of ùrlaraich.

ùrlaraich, *v.a.* Floor, lay a floor, pave.

———-e,** *s.m.* One who lays a floor, one who mines or prepares earth or clay for a floor.

———-te,** *past pt.* Floored.

urlatach, ** -aich, *s.m.* Tumbler, stage-player.

urlataidh, ** *a.* Agility. Fear u., *a tumbler.*

ùr-loisgeach, -eiche, *a.* Keen, zealous, fervent, causing or promoting zeal.

ur-losgadh, -aidh, *s.m.* Fervour, zeal, keenness.

ùr-luachair,† *s.f.* Soft rush. see luachair bhog. 2 Green rushes, young rushes.

ùrluinn, -e, -ean, *s.f.* Beauty. 2 Fore-part of a ship. 3 see ùrla.

urmach, ** -aich, *s.m.* Armoury.

ùr-mhaiseach, -eiche, *a.* Beautiful, graceful handsome.

ùr-mhoirceadh, see ùralachd.

ùr-mheangan, ** -ain, *s.m.* Young branch, twig. Ùr-mheangain nan càrn, *the young branches of the rocks.*

ùrmhor, -oire, *a.* see ùrail & ùrar.

ùrnuich, see ùrnuigh.

ùrnuigh, -e, -ean, *s.f.* Prayer, prayers, petition. Ag ù., *or* ri ù., *praying;* miltean u. 'gad leanachd, *thousands of prayers following thee;* dean ù., *pray.*

†urphaisin, *s.* Cancer.

urr, *contr.* for urradh.

urr, see ùr.

urr,* for urra.

urra, see oirre.

urra, see urrainn.

urra, ** *a.* Able, capable.

urra, -idhean, *s.f.* Person. 2 Infant. 3 **Urchin. 4 Surety. 5** Power, strength. 6** Good author. 7**Authority. 8** Defendant at law. 9** Chieftain. 10 Body. 11 see urradh. [†† gives *pl.* also -achan.]

Ù. a chuireas leam, *a person who will aid me.* [It has various meanings in *W.Isles.* An e seo an u. bheag? *is this the little one?* phòs e nighean u. mhóir, *he married the daughter of a nobleman;* feumaidh tu an u. a dh' innis sin dhuit a thoirt dhòmh-sa, *you must give me the authority who told you that;* 's e a bha 'n u. an crodh a chumail as an arbhar, *he was the one responsible for keeping the cattle out of the corn.* In these last two examples it must be connected with "urras" or "urrainn."

urracag,* -aig, -an, *s.f.* see uracag.

urrach,* -aidh, *s.m.* Pull, haul, pulling. 2 see urrainn.

ùrrachail,(MS) *a.* Authentical.

urrachd,* *s.f.* Dependence, reliance. Cha rulg thu leas u. a dheanamh as a sin, *you need not put any reliance on that;* an u. riut-sa, *relying on you;* an u. a chosnaidh, *depending on his industry;* am u.-sa, *in dependence on me;* cha'n 'eil mi 'nam u., *I am not able.*

urrachdag, see urracag.

urrad, see uthard & uiread.

urradh, -aidh, -ean, *s.m.* Author, authority, promoter or beginner of anything. 2 Power, ability. 3 Defendant at law. 4* Owner, proprietor. Ann an taigh urraidh mhòir, *in a great person's house;* có is u. dhuit? *who is your authority?* cha'n 'eil sgeul gun u. agam, *my version is not without authority?* có is u. dha seo? *who is the owner of this?* cha robh caora riamh gun u., *a sheep never was without an owner.*

urradh, for urrainn. Cha'n urradh dhomh, *I cannot.*

urrag †† -aig, -an, *s.f.* Infant, see urag. 2(AF) Urchin, hedgehog.

urraichd, *a.* Excellent, notably good—*Rob Donn.*

urrail, -e, *a.* Forward, impudent, bold, confident, self sufficient.

urraim, *gen.sing.* of urram.

urrainn, *a.* Able, capable. Na'm b' u. mi, *if I were able;* ma's u. mi, *if I can;* an u. iad? *are they able?* an u. sin a bhi? *can that be?*

———, *s.f.* Author. 2 Authority. 3 Ability, power. 4 Stay, support. Sgeul gun u., *a tale without an author;* na bi 'nad u. anns a' bhréig, *be not the author of a lie;* cha'n u. dhuit éirigh, *you cannot rise;* cha'n 'eil mi am u., *I am not able, I am not fit.*

———eann,(MS) *a.* Adequate.

———eachd,** *s.f.* Ableness, efficacy.

urraisge, -an, see ùruisg.

———an, *s. pl.* Inundations, overflowings, spates *Sàr-Obair.*

urralach,†† *a.* Forward, impudent.

urralachd. *s. f.* Forwardness, boldness, impudence, confidence, self-sufficiency.

urram, -aim, *s.m.* Respect, reverence deference, worship. 2 Honour, dignity. 3*Precedence, preference. 4 Significance, signification.

'Nam meadhon bha u. do 'n righ, *in their midst was reverence for the king;* air son urraim do t' fhacal-sa, *out of deference to your word;* uat-sa tha 'teachd saoibhreas agus u., *from thee proceed riches and honour;* bheir mi an t-u. dhuit air na chunnaic mi riamh, *I will give you the preference over all I ever saw;* an t-u. do 'n laoch! *precedence to the hero!* a, toirt urraim, *giving honour.*

———ach, -aiche, *a.* Noble, honourable. 2 Reverend, venerable, worthy of respect, distinguished, worshipful. 3 Honorary. 4 Principal. 5 Respectful, submissive. Ball u., *an honorary member;* sibh-se a's urramaiche de 'n treud, *you, the principal of the flock;* tha 'ainm u., *his name is revered;* rinn e gu h-u., *he did it masterly;* tri nitheau u., urram na Trianaid, urram na cléire is urram na h-aoise, *three noble things, reverence for the Trinity, reverence for the clergy and reverance for the aged.*

urramachadh, -aidh, *s. m.* Honouring, act of honouring, reverencing. 2 Obeying. 3 Homage. Ag u—, *pr.p.* of urramaich.

urramachd, *s.f.* Nobility, nobleness, honourableness. 2* Reverence, respectfulness. 3 Respectability. 4 Homage, submission.

urramaich, *pr.pt.* ag urramachadh, *v.a.* Honour, revere, reverence, respect. 2 Worship, adore. 3 Distinguish.

———e, *comp.* of urramach. Bha e na b' u., *he was more honourable.*

———te, *past pt.* of urramaich. Honoured, revered, respected.

urramail, ** *a.* Excellent.

urramair, ** *s.m.* Admirer.

urranta, -ainte, *a.* Bold, daring, dauntless, intrepid, audacious. 2 Powerful, capable. 3 Self-sufficient, confident in one's own strength or capacity. Fir mheanmnach u., *high-spirited and powerful men;* gu h-u., *adequately.*

———chd, *s.f.* Boldness, daring, intrepidity, dauntlessness. 2 *Audacity, presumption. 3 Confidence in one's own strength or capacity, self-sufficiency.

urras, -ais, -an, *s.m.* Surety, security. 2 Cautioner, one who becomes bail for another. 3 Bond, insurance, warrant, bail, caution. 4 Boldness, assurance. 5 Bondsman, bondswo

Digitized by Microsoft®

man. Cò a théid an u. ort? *who will become security for you?* théid mis' anu. ort-sa, *I will warrant you;* ma tha thusan u., *if you are surety;* cha'n fhèarr an t. na 'n t-earras, *the bail is not better than the principal;* cha'n 'eil u. a dhìth orm, *I want no security;* théid mis' an u. air do shon, *I will go bail for you.*

urrasach, -aiche, *a.* Trustworthy, secure, sure. 2 Bold, daring, self-confident. 3 Requiring bail or security.

———d, *s.f.* Trustworthiness. 2 Practice of becoming bail. 3 Insurance. 4 Boldness, intrepidity. 5 Self-confidence, assumption.

urrasaich,* *v.a.* Insure, bail.

urrasail, -e, *a.* Confident, secure. 2**Bailable. Cionta u., *a bailable offence.*

urrasair, -ean, *s.m.* Insurer.

urrasanta (MS) *a.* Bailable.

urr'eigin, *s.m.* Somebody.

urras-teine, *s.m.* Fire-insurance, fire-policy. Oifig-urras-teine, *fire-office.*

urrlach,** *a.* Having thick or bushy hair.

urs', see ursag.

ursa, -nnan, *s.m.* see ursainn.

ursa,†† *s.m.* Bear—*Lhuyd.*

ursach,** *a.* Bearish. 2 Full of bears.

———d,** *s.f.* Bearishness. 2 Bearish temper.

ursag,(AF) *s.f.* She-bear. 2 Little bear, young bear.

ursan,(AF) -ain, *s.m.* He-bear. 2 Defender.

ursainn, *gen.sing.* of ursann.

ursainn, -ean, *s.m.* Door-post, side of a door. 2 Pillar of a gate. 3 Jamb. 4‡‡Ruler of a battle. 5‡‡Ranks of a battle. 6 Support, prop.

ursainn-chatha,** *s.m.* Support in time of war. 2 Bulwark in battle. 3 Chief, champion. 4 Ranks of an army in battle-order. Chì mi tri ursainna-chatha, *I see three champions;* bris ear leis ursainna-chatha, *the ranks of battle shall be broken by him.*

ursan,** -ain, *s.m.* Defender.

ursann, -ainn, -an. see ursainn.

———ach, *a.* Having door-posts.

ursgar,** -air, *s.m.* Loud bawl.

urs,artach,** *a.* Sweeping cleanly.

ursgartadh, -aidh, *s.m.* Sweeping clean. 2 Driving away, as of cattle from grass or corn. 3 **Sweepstakes.

ùr-sgeul, -sgeòil, -an, *s.m.* Tale, romance, novel, 2 Recent account. 3 Tale of recent times, modern tale.

ùr-sgeulach, -aiche, *a.* Tale-telling, fabulous, romantic, rehearsing tales. 2 Bringing recent intelligence.

———d, *s.f.* see ùr-sgeul.

ùr-sgeulaiche, -an, *s.m.* Fabulist, novelist, one who relates tales of modern times, romancer.

ùr-sgeulail,** *a.* Fabulous.

ursluig,** *v.* Disgorge.

ursnaidhim,** *s.m.* Pin or jack to fasten the cords of a harp.

ùr-sneachd, *s.m.* Fresh snow, new-laid snow. Mar ù. air barraibh gheug, *like new-laid snow on the branches.*

ùr-speal, *v.a.* Cut or mow down quickly.

———ach,‡‡ -aiche, *a.* New-scythed or -mowed. 2**Cutting or mowing down quickly.

———achd,** *s.f.* Process of cutting or mowing down quickly.

———adh, -aidh, *s.m.* Act of mowing or cutting down quickly. Ag ù—, *pr.pt.* of ùr-speal.

———aiche,** *s.m.* One who cuts or mows down. 2 Destroyer.

ursuan,(MMcL) *s.m.* Feast when a child is born —*Lewis.*

ursuinn, see ursainn.

tursul, -uil, *s.m.* Pair of tongs.

ùr-thalmhainn,§ *s.* Black-spleenwort, see dubhcuach 2§ *Asplenium viride.*

ùr-thoiseach, -ich, *s.m.* The very beginning. 2 Novices.

ùr-uaine,§ *s.* Laurel, bay-tree, see labhras. The *ùr-bhraobh uaine* mentioned in Psalm xxxvii, is supposed to be the rose-bay (*nerium oleander*), being very common in Palestine, while the common laurel is very scarce there.

uruis-bacan,(DC) *s.m.* Top of house-walls inside —*Harris & Uist.* (another in most places.)

ùruisg, -ean, *s.m.* Being supposed to haunt lonely and sequestered places, water-god. 2 Brownie. 3 Diviner, one who foretells future events. 4*Savage ugly-looking fellow. 5(AF) Bear. 6(MMcL) Sloven, slut.

The ùruisg had the qualities of man and spirit curiously commingled. He had a peculiar fondness for solitude at certain seasons of the year. About the end of harvest he became more sociable, and hovered about farmyards, stables and cattle-houses. He had a particular fondness for the products of the dairy, and was a fearful intruder on milkmaids, who made regular libations of milk or cream to charm him off, or to procure his favour He could be seen only by those who had the second sight; yet I have heard of instances where he made himself visible to persons not so gifted. He is said to have been a jolly personable being, with a broad blue bonnet, flowing yellow hair,and a long walking-staff. Every manor-house had its ùruisg, and in the kitchen, close by the fire, was a seat which was left unoccupied for him. The house of a proprietor on the banks of the Tay is, even to this day, believed to have been haunted by this sprite, and a particular apartment therein has been for centuries called Seòmar Bhrùnaidh (Brownie's room.) When irritated through neglect or disrespectful treatment, he would not hesitate to become wantonly mischievous. He was notwithstanding, rather gainly and good-natured than formidable. Though, on the whole, a lazy,lounging hobgoblin, he would often busir himself on behalf of those who understood his humours, and suited themselves thereto. When in this mood, he was known to perform many arduous exploits in kitchen, barn and stable, with marvellous precision and rapidity. These kind turns were done without bribe, fee or reward, for the offer of any one of these would banish him for ever. Kind treatment was all that he wished for, and it never failed to procure his favour. In the northern parts of Scotland the ùruisg's disposition was more mercenary. Brand, in his description of Zetland, observes, "that not above forty or fifty years ago almost every family had a brownie, or evil spirit, so called, which served them, to which they gave a sacrifice for his service; as when they churned their milk, they took a part thereof, and sprinkled every corner of the house with it for Brownie's use; likewise, when they brewed, they had a stone which they called Brownie's stane, wherein there was a little hole, into which they poured some wort for a sacrifice to Brownie. They also had stacks of corn which they called Brownie's stacks, which, though they were not bound with straw ropes, or in any way fenced as other stacks used to be,yet the greatest storm of wind was not able to blow away a straw off them." The brownies seldom discoursed with man, but they held frequent and affectionate converse with one another. They had

Digitized by Microsoft®

their general assemblies too, and on these occasions they commonly selected for their rendezvous the rocky recesses of some remote torrent, whence their loud voices, mingling with the water's roar, carried to the ears of wondering superstition detached parts of their unearthly colloquies. In a certain district of the Highlands, Peallaidh an spùit, Slochdaill a' chuirt, and Brùnaidh an easain, were names of note at those congresses, and they still live in legends which continue to amuse old age and infancy.—**

ùruiseach,** *a.* Like a brownie. 2 Haunted by brownies.

'us, see agus.

us,* *s.m.* Impudence, presumption. Na bitheadh a dh' us agad, *presume not, dare not.*

†us, *s.m.* News. 2 Story.

usa, (fhusa) *comp.* of furasda. Easier, easiest. Is u. ràdh na chur an gniomh, *it is easier said than done.*

usachd, *s.f.* see fusachd.

usad, -aid, *s.m.* see fusad.

usadh, see usa.

usaid,* -e, -ean, *s.f.* Querulousness, aptness to complain with any or a very slight reason. 2 **Use.

———each,* -eiche, *a.* Querulous, too apt to complain.

usaideachd,* *s.f.* Querulousness, aptness to complain or weep for little or no reason.

usca, see ucas.

usg ! usg ! *int.* Call to a dog to drive away cattle—*Perthshire.*

usga,(AC) *a.* Holy, sacred. 2 *s.* see usgar.

usgadh,** -aidh, *s.m.* Goose-grease.

usgaidh ! (CR) *int.* Call to a dog to drive away cattle—*Perthshire.*

usgaidh, see uisgidh.

———eachd, see uisgidheachd.

ùsgaireach,(MS) *a.* Armillary.

usgar, -air & usgrach, *pl.* -an & usgraichean,*s.m.* Jewel, any ornament. 2 Bracelet. 3 Pearl. 4 Necklace. 5 Square. 6 Present. 7 Bell on liquor. U. de 'n òr, *an ornament of gold;* thug e leis usgraichean, *he took jewels with him;* le usgraichibh, *with jewels.*

u.-bhràghad, necklace. 2 Jewel for the neck.

u.-làimhe, bracelet, jewel for the hand or wrist.

u.-mheur, jewelled ring.

usgarach,** -aichean, *s.m.* Separation. 2 Jewellery.

usgarach, -aiche, *a.* Ornamented with laces or jewels.

usgaraiche, -an, *s.m.* Jeweller.

usgaraidh,** *s.f.* Jewellery.

usgartadh,(CR) *s.m.* Act of driving away cattle, &c., as from hay or corn.

